

Ri Linn nan Linntean

Taghadh de Rosg Gàidhlig



Ri Linn nan Linntean

Taghadh de Rosg Gàidhlig

air a dheasachadh le

Richard A.V. Cox

is

Colm Ó Baoill

Clann Tuirc
Ceann Drochaid 2005

Air fhoillseachadh airson na ciad uarach an Albainn an 2005 le
Clann Tuirc, Tigh a' Mhaide, Ceann Drochaid, Siorrachd Pheairt FK17 8HT
Air a chlò-bhualadh sa Chuimrigh le Gwasg Gomer, Llandysul

ISBN 0-9549733-0-5 còmhdaich cruaidh
ISBN 0-9549733-1-3 còmhdaich bog

© Clann Tuirc

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith
den leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith, no
air dòigh sam bith, gun chead ro làimh bhon fhoillsichear

Thug Comhairle nan Leabhairchean cuideachadh
don fhoillsichear le cosgais an leabhair seo

Clàr-innse

An Ro-ràdh	ix
An taghadh	ix
An deasachadh	xii
An litreachadh	xii
Buidheachas	xiii
Aitheantas	xiii
Giorrachaidhean is Samhlaidhean	xviii
Na Sgrìobhaidhean	
1. Am Bàrd agus Ire an Ollaimh, c. 775	1
2. Eilean Beairteach, c. 900	1
3. Mineachadh Seanchas Fir na h-Albann, c. 950	3
4. Ath-dhùsgadh agus Bàs Bhruidhe, c. 960	5
5. A' Daingneachadh Ire na h-Abaid ann an Dèar, c. 1130	6
6. Còir-fhearrainn Ileach, 1408	7
7. Riaghait na Slàinte, c. 1500	10
8. Cùmhnant eadar Iarla Earra-Ghaidheal agus an Calbhach Ó Domhnaill, 1560	11
9. Foirm nan Urnaigh, 1567	15
10. Litir o Lachlann Mac Mhic Gille Eòin gu a Dhotair, c. 1583–96	17
11. Litir às a' Phrìosan, 1604	19
12. Còig Osnaidhean a Rinn Dia san t-Saoghal, 1636	20
13. Stiùireadh Aithghearr nan Ceist, 1659	21
14. Somhairle Mac Gille Bhrìde agus na Lochlannaich, c. 1710	22
15. Tighearnas nan Eilean air a Chur an Seilbh, c. 1710	24
16. Alasdair Mac Colla, c. 1710	25

17. Còmhdaich Lachlainn Mhic Mhuirich, 1800	29
18. Litir Èòghainn MhicLachlainn gu Athair, 1811	33
19. Long Mhòr nan Eilthireach, 1828	37
20. An Cogadh Ruisceanach–Turcach, agus na Morairean Dearnag, 1829	41
21. An Cor sa bheil Ceàird agus Cosnadh air a' Ghalldachd, 1829	41
22. Eachdraidh Sgeir na Ban-tighearna, 1829	42
23. Litir o Fhionnlagh Piobaire a chum a Mhnatha, 1829	44
24. Mu Charbad na Smùide, 1829	45
25. Comharraidhean air Caochlaidhean na Sìde, 1830	47
26. Mu Bhuidhean Sùgh Feòir ann am Beathachadh Sprèidhe, 1831	49
27. Litir à Canada, 1834	50
28. Mu Chuideachd nan Sgoilean Gàidhealach, 1834	55
29. Oidhrip air a' Bhàrnigh a Mhurtadh, 1840	58
30. Sgaoileadh na Pàrlamaid, agus Louis Bonaparte, 1840	58
31. Litir on Ollamh Leòdach ann an Glaschu, 1841	60
32. Mu Dhèanamh an t-Siùcair, 1841	63
33. Sgiorradh Muladach, 1841	64
34. Tecumsheh, 1841	65
35. Air Sean Chleachd Sgiathanach, 1842	67
36. Facal san Dealachadh, 1842	69
37. Margadh Clòimh is Chaorach Inbhir Nis, 1842	70
38. Na h-Eileanan Falcland, 1842	71
39. Aiseag an-asgaidh do Astràilia, 1848	72
40. Mun <i>Cholera</i> , 1848	74
41. Leigheas air Bochdainn na Gaidhealtachd, 1849	75
42. Litir à New Zealand, 1871	77
43. Adhbharan Misnic do Luchd-imrich, 1872	78
44. Mun Ghàidhlig a bhith air a Teagastg sna Sgoiltean, 1875	79
45. Am Piobair Aosda agus a Phìob, 1876	81
46. Leabaidh an Euslaintich agus Nàdar Fiabhras an	

Gearrloch, 1877	84
47. Am Mòd Gaidhealach, 1892	86
48. An Cogadh Mòr air Fàire, 1892	87
49. Annasan ann an New York, 1892	87
50. Fèin-riaghlaigh na h-Eireann, 1893	88
51. Ròidean Ura do Leòdhais, 1893	88
52. Sgeulachd Sgìre ma Cheallaig, 1898	89
53. Cor na Feadhnach a Chaidh Fhàgail aig an Taigh, 1904	91
54. An t-Arm Dearn agus an Dearn Amadan, 1905	92
55. Cuid nam Fineachan, 1906	93
56. Am Fearann, 1907	95
57. Cuid nam Fineachan, 1907	97
58. Lagh nam Bochd, 1910	97
59. Am Fearann agus Cisean, 1911	99
60. Cor na Gàidhlig, 1912	100
61. A' Ghàidhlig agus na Pàipearan-naidheachd, 1913	102
62. An t-Each an Albainn, 1913	105
63. Cleachdaidhean nan Airighean Gaidhealach, 1914	107
64. Togail Shaighdearan air a' Ghaidhealtachd, 1914	110
65. Càirdean Sleamhainn, 1919	111
66. Cò a Thogas na Taighean Ura? 1919	113
67. Fortain à Faraidhean, 1919	114
68. Na Croitearan agus an Taighean, 1919	115
69. Cladh Bhaile na Cille, 1923	116
70. A' Ghàidhlig anns a' Chùbaid, 1924	119
71. An Ceann ag Ithe na Maraig, 1925	120
72. An Ceàrd agus an Tuil, ro 1926	123
73. Na b' Aithne dha, 1928	124
74. Adhartas nan Innseanach an Ceap Bhreatainn, 1928	125
75. Buaidh leis a' Chomunn, 1929	125
76. Na h-Orduighean, 1944	126
77. Feill Cheann a' Ghiùthsairch, 1952	128
78. Mana an Nisich, 1953	129

79. An Duine agus na Creutairean, 1954	132
80. Air an Spiris, 1955	135
81. Na Rocaidean, 1955	136
82. Eachdraidh Chreag Goraidh, 1956	137
83. A' Togail Uisce-bheatha, 1963	140
84. Aig an Uisce-bheatha, 1967	141
85. An Dà Shealladh, 1968	143
86. Pathadh an Treabhaiche, 1968	144
87. Na Trainnsichean (1915), 1970	145
88. Struan Mhìcheil, 1970	147
89. Daoine Eibhinn san Sgìre, 1973	148
90. Latha Bàthadh Bhaile Phuill, 1974	149
91. Mar Phriòsanach aig Deireadh an Dàrna Cogaidh, 1974	150
92. Am Mùn is an t-Ionnsachadh, 1976	153
93. Cleachdadadh na Gàidhlig, 1976	153
94. Ar-a-mach am Beàrnaraigh (1874), 1980	155
95. Both Mhurchaidh, 1985	158
96. Aig an Sgoil, 1987	159
97. Clann-nighean an Sgadain, 1987	160
98. Ann an Taigh Thughaidh, 1992	162
99. A' Bhreac ann an Hiort (1730), 1995	164
100. Cùirt Dhùn Eideann, 1997	167
 Eàrr-sgrìobhadh	171
Clàr Ainmean nan Aite is nan Daoine	175
Clàr nan Cuspair	183

* * *

An Ro-ràdh

Is e cruinneachadh de rosg Gàidhlig a tha anns an leabhar seo, sgrìobhaidhean à deifir linn, a bheir dhuinn sealladh air an t-saoghal mar a bha e. Tro litreachas agus tro sheanchas, tron lagh agus tro smuaintean nan daoine fhèin, gheibh sinn dealbh air am beatha, air na bha iad a' dùnanamh, a' smaoineachadh no a' creidsinn ann an iomadach cuspair, beag is mòr.

*

AN TAGHADH

Chaidh an taghadh a dhèanamh a rèir na bha ann de dh'ùidh ann an sgrìobh tro leabhrachaean, irisean is eile agus chan eil e a' gabhail air a bhith a' riochdachadh sreath àraidh de sgrìobhadairean no seòrsa àraidh de sgrìobhadh.

Cha deach mòran roisg a sgrìobhadh sa chànan Ghàidhlig, air neo a ghlèidheadh, seach an Albais no am Beurla, mus deach a' chiad leabhar a chlò-bhualadh sa Ghàidhlig an 1567. Is e an earrann roisg as tràithe à Albainn a tha againn na notaichean a chaidh a sgrìobhadh eadar na teagsaichean ann an Leabhar Dhèir (*A' Daingneachadh Ire na h-Abaid ann an Dèar, c. 1130*); air sgàth seo, tha ceithir earranan tràth à Eirinn a tha ceangailte ri Albainn nan cuspair air an cur rithe. Nochdaidh an dà chuid *Còir-fhearainn Ileach, 1408* agus *Cùmhnant eadar Iarla Earra-Ghaidheal agus an Calbhach Ó Domhnaill, 1560* an nàdar dàimh a bhiodh eadar uachdaran agus iochdaran; agus tha *Riaghait na Slàinte, c. 1500* na eisimpleir den t-seòrsa rud a dh'fhaodadh a bhith fo bheachd luchd-lèigh.

Is e comharra-crìche a bha ann am *Foirm na n-Urrnuidheadh*, an t-eadar-theangachadh a rinn Seon Carsuel air *The Book of Common Order (Foirm nan Urnaigh, 1567)* agus sin a' chiad uair a chaidh leabhar Gàidhlig an clò; ach às an sin suas gu toiseach na naoidheamh linn deug, is e glè bheag de rosg a chaidh a chlò-bhualadh nach do bhuin ri creideamh no ri eaglais. Is ann a chionn sin gu ìre a tha *Litir o Lachlann Mac Mhic Gille Eòin gu a Dhotair, c. 1583–96*, *Litir às a' Phriosan, 1604* (le Sir Seumas mac Aonghais à Ille) agus *Còig Osnaidhean a Rinn Dia san t-Saoghal, 1636* (à làmh-sgrìobhainn Chathail MhicMhuirich) cho prìseil agus sinne an dlùth-làimh ris an fheadhainn a bha am fianais aig an àm agus a' coimhead na bha tachairt tro an sùilean fhèin; mar an ceudna an treas earrann à Leabhar Chloinn Raghnaill (*Alasdair Mac Colla, c. 1710*) is an cunntas air iomairt Alasdair agus esan a' cumail taic ri Iarla Mhontròis. Tha an dà earrainn eile às an leabhar ud (*Somhairle Mac Gille Bhrìde agus na Lochlannaich agus Tighearnas nan Eilean air a Chur an Seilbh*) sònraichte ann am beul-aithris agus eachdraidh na dùthcha; mar a tha còmhdaidh Lachlainn (*Còmhdaidh Lachlainn Mhic Mhuirich, 1800*) agus an cunntas a tha aige air a shinnsearan agus teaghlach MhicMhuirich a bhiodh a' leanmhainn Chloinn Raghnaill 'mar bhàrdaibh'.

Cha do nochd an nobhail Ghàidhlig gu an dèidh toiseach na ficeadhamh linn agus cha robh an sgeul goirid mòran na bu tràithe. Is ann a bha an sgeulachd agus an seanchas aig muinntir na Gàidhlig is cha robh uiread feum ris a' chlò. An dèidh sin, bha ionnsachadh sgrìobhaidh is leughaidh na Gàidhlig air a bhith ri fhaighinn ann an caochladh sgoiltean air a' Ghaidhealtachd bho dhàrna leth na h-ochdamh linn deug agus, ann an 1807, thug foillseachadh a' Bhòbaill fon aon chòmhdaidh agus air chruth beag brosnachadh mòr do leughadh a' chàin. Mar thoradh air an seo, air adhbharan fòghlaim agus soisgeulach, nochd an iris, no an ràitheachan, sa chriadh leth den naoidheamh linn deug agus ghabh i oirre fhèin a bhith sgaoileadh seanchas, sgeulachdan, beachdachadh no mìneachadh air gnothaichean cudthromach

agus naidheachdan an latha. Bhuaithe sin, eadar am fearann agus an eilthireachd, am bàrd is an eaglais, am poileataics agus an t-slàinte, an tinneas agus am bàs, an eaonamaidh agus carbadan-smùide, tha cothlamadh dha-rìribh ann bhon Teachdaire Ghàelach (*An Cogadh Ruiseanach-Turcach, agus na Morairean Dearg, 1829*) suas gu Gairm (*Cùirt Dhùn Eideann, 1997*).

Mar eisimplear air an t-seòrsa rud a chuireadh am follais air sgàth na sgoile, tha *Mu Chuideachd nan Sgoilean Gàidhealach, 1834* agus *Long Mhòr nan Eilthireach, 1828*. Mar a bhiodh dùil, is tric a thèid an eilthireachd ainmeachadh agus luaidh a dhèanamh air a' bhochdainn is air an dìth chosnaidh mar mhàthair-adhbhair dhith (m.e. *Litir on Ollamh Leòdach ann an Glaschu, 1841*); agus tarraingidh *Litir à Canada, 1834* dealbh air a' chruadalachd a dh'fhaodadh a bhith a' feitheamh ris an fheadhainn a rinn an turas. Nochdaidh taobh eile a' ghnothaich cuideachd, le *Aiseag an-asgaidh do Astràilia, 1848*, *Litir à New Zealand, 1871* agus *Adhbharan Misnic do Luchd-imrich, 1872* a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh imrich gu dùthchannan cène; agus gheibhear sealladh eile air a' bheatha thall thairis ann am *Mu Dhèanamh an t-Siùcair, 1841* agus *Adhartas nan Innseanach an Ceap Bhreatainn, 1928*.

Mar a bhiodh dùil cuideachd, thèid iomradh a dhèanamh air a' Ghàidhlig (m.e. *Cor na Gàidhlig, 1912*, *A' Ghàidhlig agus na Pàipearan-naidheachd, 1913* agus *A' Ghàidhlig anns a' Chùbaid, 1924*), agus tha e follaiseach gu bheil cuid de na cùisean agus de na h-argamaidean mu a deidhinn air a bhith a' ruith car greis.

A thuilleadh orra sin, tha earrannan à caochladh leabhar a chaidh fhoillseachadh eadar 1970–1995: nam measg, feedhainn a chlàraicheas tachartas no àm àraidih ann am beatha an neach-aithris, leithid a bhith ri obair an sgadain (*Clann-nighean an Sgadain, 1987*), a' tòiseachadh san sgoil is a' tachairt ris a' Bheurla airson na ciad uarach (*Aig an Sgoil, 1987*) agus a bhith a' fuireach san taigh-dhubh (*Anns an Taigh Thughaidh, 1992*); feedhainn eile a bheir sùil na b' fhaide air falbh, leithid air a' Chogadh Mhòr (*Na Trainnsichean (1915), 1970*), air aimhreit an fhearrainn (*Ar-a-mach*

am Beàrnaraigh (1874), 1980) agus air sgrios an t-sluaigh le tinneas (A' Bhreac ann an Hiort (1730), 1995).

*

AN DEASACHADH

Chaidh an rosg a dheasachadh gu ìre bhig airson mearachdan clòdha agus soilleireachd a' phuingeachaidh ach, mar a trice, dh'fhàgadh mar a bha e; air sgàth sin, molar gun toirear sùil air a' bhun-theags ma bhios deimhinneachd an teagsa sa cheist. Bheir fo-notaichean beagan cuideachaidh le brìgh nam falal a dh'fhaodas a bhith às an àbhaist agus, ri taobh nan sgrìobhaidhean as sine, tha eagran ann an cànan an latha an-diugh.

*

AN LITREACHADH

Thèid freumhaichean litreachadh na Gàidhlig air ais cho fada ris an t-Sean Ghàidhlig ach, gu ìre mhòir, is ann mu thoisearch na naoidheamh linn deug a chaidh modh-litreachaidh Gàidhlig an latha an-diugh a stèidheachadh. Bha an Tiomnadh Nuadh Gàidhlig air a chlò-bhualadh mu thràth ann an 1767 agus chaidh a ath-dheasachadh ann an 1796 mun àm a nochd leabhraichean an t-Seann Tiomnaidh sa Ghàidhlig (1783–1801), agus bha buaidh mhòr aige seo air litreachadh na Gàidhlig am bitheantas.

Mar sin, saor bho stoidhlichean pearsanta (agus sin an crochadh gu ìre air dòigh labhairt nan ùghdar) agus neochunbhalachd cuid de na sgrìobhadairean, chan fhaighear cus duilgheadais an-diugh a bhith a' leughadh na chaidh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig am feadh an dà cheud bliadhna a dh'fhalbh.

An dèidh sin, thathas air a bhith a' sgioblachadh modh-litreachaidh na Gàidhlig mean air mhean bhon uair sin: a' leigeil às do na h-asgairean (*de'n > den*), a' tàthadh fhacal a tha ceangailte a rèir brìgh (*an diugh > an-diugh*), a' cleachdadadh *a* an àite *u* agus *o*

ann an lidean boga (*dorus > doras, airgiod > airgead*), agus mar sin air adhart; agus, seach gu bheil litreachadh nan sgriobhaidhean air fhàgail gun atharrachadh, tha cunntas aithghearr air na prìomh eadar-dhealachaidhean a bhios rim faighinn san èarr-sgriobhadh aig deireadh an leabhair sa.

*

BUIDHEACHAS

Tha sinn a' toirt taing do na leanas airson an cuideachaidh: an Dr Sharon Arbuthnot, David Hetherington, Kate Lockhart, Hamish Mac an t-Sagairt, an Dr Cathlin MacAulay, Aonghas MacCoinnich, Iain MacDhòmhnaill, an Dr Nancy R. McGuire, an t-Oll. Ken Nilsen, an Dr Dòmhnull Uilleam Stiùbhart agus Elizabeth Weir.

*

AITHEANTAS

Tha na fir-dheasachaiddh fada an comain na leanas airson cead na h-earrannan seo a chleachdadadh (tha ainmean nan earrann a chleachdar san leabhar sa ann an camagan shìos):

Acair Earranta airson earrannan à Ealasaid Chaimbeul, *Air mo Chuairt*, Steòrnabhagh 1987: 4–5 (Aig an Sgoil, 1987); Tormod Calum Domhnallach, *Clann-nighean an Sgadain*, Steòrnabhagh 1987: 103–04 (Clann-nighean an Sgadain, 1987); Calum MacFhearghuis, *Hiort: far na laigh a' ghrian*, Steòrnabhagh 1995: 42–43 (A' Bhreac ann an Hiort (1730), 1995).

Cambridge University Press airson earrainn à K.H. Jackson, *The Gaelic Notes in the Book of Deer*, Cambridge 1972: 30 (A' Daingneachadh Ire na h-Abaid ann an Dèar, c. 1130).

Comann Gàidhlig Ghlaschu airson earrainn à Angus Matheson, 'Documents connected with the trial of Sir James MacDonald of Islay', *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow* 5, 1958: 211–12 (*Litir às a' Phrìosan*, 1604).

Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba airson earrannan à R.L. Thomson, *Adtimchiol an Chreidimh: The Gaelic Version of John Calvin's Catechismus Ecclesiae Genevensis*, air fhoillseachadh le Oliver & Boyd airson Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, Dùn Eideann 1963: 232 (Stiùireadh Aithghearr nan Ceist, 1659); R.L. Thomson, *Foirm na n-Urrnuidheadh: John Carswell's Gaelic translation of the Book of Common Order*, Oliver & Boyd airson Comann Litreachas Gàidhlig na h-Alba, Dùn Eideann 1970: 10–11 (Foirm nan Urnaigh, 1567).

An Comunn Gaidhealach airson earrannan às *An Deo-gréine X*, Aireamh 3, 1914: 33 (Togail Shaighdearan air a' Ghaidhealtachd, 1914); W.J. Watson, 'Còir-fhearainn Bhriain Mac Aoidh', *Rosg Gàidhlig*, Inbhir Nis 1915: 182–83 (Còir-fhearainn Ileach, 1408); *An Gaidheal XIX*, Aireamh 3, 1923: 38–39 (Cladh Bhaile na Cille, 1923); *An Gaidheal XIX*, Aireamh 6, 1924: 81–82 (A' Ghàidhlig anns a' Chùbaid, 1924); *An Gaidheal XX*, Aireamh 11, 1925: 161–62 (An Ceann ag Ithe na Maraig, 1925); *An Gaidheal XXXIX*, Aireamh 12, 1944: 133–34 (Na h-Orduighean, 1944).

Cumann na Sgríbhéann nGaedhilge airson earrainn à Máire Herbert is Pádraig Ó Riain, *Betha Adamnáin – The Irish Life of Adamnán*, Baile Atha Cliath 1988: 56–58 (Ath-dhùsgadh agus Bás Bhruidhe, c. 960).

Gairm Publications airson earrannan à Murchadh Moireach, *Luach na Saorsa*, 1970: 17–18 (Na Trainnsichean (1915), 1970); Aonghas Caimbeul, *A' Suathadh ri Iomadh Rubha*, Glaschu 1973: 71–72 (Daoine Eibhinn san Sgire, 1973); Domhnall Iain MacDhomhnaill, *Fo Sgàil a' Swastika 1940–45*, Glaschu 1974: 60–62 (Mar Phriosanach aig Deireadh an Dàrna Cogaidh, 1974); Dòmhnull Iain MacLeòid, 'A' Ghàidhlig am Beatha Fhollaiseach an t-Sluaigh', *Gàidhlig ann an Albainn*, air a dheasachadh le Ruaraidh MacThòmais, Glaschu 1976: 13–14 (Cleachdadh na Gàidhlig, 1976); Catriona NicNéill, *Mo Bhrògan Ura*, Glaschu 1992: 30–31 (Anns an Taigh Thughaidh, 1992); 'Mana an Nisich', *Gairm* 2, an t-Earrach 1953: 15–18 (Mana an Nisich, 1953); 'An Duine agus na Creatairean', *Gairm* 9, am Foghar

1954: 17–18 (An Duine agus na Creutairean, 1954); ‘Air an Spiris’, *Gairm* 13, am Foghar 1955: 11 (Air an Spiris, 1955); ‘Na Rocaidean’, *Gairm* 14, an Geamhradh 1955: 125 (Na Rocaidean, 1955); ‘Creag Gorraidh’, *Gairm* 18, an Geamhradh 1956: 132–33 (Eachdraidh Chreag Goraidh, 1956); ‘Cùirt Dhùn Eidinn’, *Gairm* 180, am Foghar 1997: 373–77 (Cùirt Dhùn Eideann, 1997).

Iarla Bhuchain airson earrannan à *Guth na Bliadhna I*, Aireamh 3, 1904: 238–39 (Cor na Feadhnach a Chaithd Fhàgail aig an Taigh, 1904); *Guth na Bliadhna II*, Aireamh 4, 1905: 328–29 (An t-Arm Dearg agus an Dearg Amadan, 1905); *Guth na Bliadhna III*, Aireamh 4, 1906: 307, 314–15 (Cuid nam Fineachan, 1906); *Guth na Bliadhna IV*, Aireamh 2, 1907: 183–85 (Am Fearann, 1907); *Guth na Bliadhna IV*, Aireamh 1, 1907: 86–87 (Cuid nam Fineachan, 1907); *Guth na Bliadhna VII*, Aireamh 2, 1910: 107–09 (Lagh nam Bochd, 1910); *Guth na Bliadhna VIII*, Aireamh 1, 1911: 15–16 (Am Fearann agus Cìsean, 1911); *Guth na Bliadhna IX*, Aireamh 1, 1912: 24–27 (Cor na Gàidhlig, 1912); *Guth na Bliadhna X*, Aireamh 2, 1913: 133–34, 136–39 (A’ Ghàidhlig agus na Pàipearan-naidheachd, 1913); *Guth na Bliadhna X*, Aireamh 1, 1913: 27–33 (An t-Each an Albainn, 1913); *Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 3, 1919: 302–03 (Cairdean Sleamhainn, 1919); *Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 4, 1919: 392 (Cò a Thogas na Taighean Ura? 1919); *Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 1, 1919: 104–05 (Fortain à Faraidhean, 1919); *Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 4, 1919: 392–93 (Na Croitearan agus an Taighean, 1919).

Roinn na Ceiltis, Oilthigh Obar Dheathain, airson earrannan à John Mackechnie, ‘Treaty between Argyll and O’Donnell’, *Scottish Gaelic Studies* VII, Earrann I, 1951, 94–102: 97–99 (Cùmhant eadar Iarla Earra-Ghaidheal agus an Calbhach Ó Domhnaill, 1560); Derick S. Thomson, ‘Unpublished Letters by the Poet Ewen MacLachlan’, *Scottish Gaelic Studies* XI, Earrann II, 1968: 210–12 (Litir Eòghainn MhicLachlainn gu Athair, 1811); John M. Bannerman agus Ronald Black, ‘A Sixteenth-century Gaelic Letter’, *Scottish Gaelic Studies* XIII, Earrann I, 1978: 56 (Litir o Lachlann Mac Mhic Gille Eòin gu a Dhotair, c. 1583–

96); Dòmhnull MacAmhlaigh, ‘“Aramach am Beàrnaraigh...” 1874’, *Oighreachd agus Gabhaltas*, air a dheasachadh le Dòmhnull MacAmhlaigh, Obar Dheathain 1980: 3–5 (Ar-a-mach am Beàrnaraigh (1874), 1980); David N. Dumville, ‘Ireland and North Britain in the Earlier Middle Ages: Contexts for *Míniugud Senchasa Fher nAlban*’, *Rannsachadh na Gàidhlig* 2000, air a dheasachadh le Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire, Obar Dheathain 2002: 201–03 (Mìneachadh Seanchas Fir na h-Albann, c. 950).

Roinn nan Cruinnneachaidhean Sònraichte, Leabharlann Oilthigh Ghlaschu airson earrainn à H. Cameron Gillies, *Regimen Sanitatis: The rule of health, A Gaelic Medical Manuscript of the Early Sixteenth Century or perhaps earlier, from the Vade Mecum of the famous MacBeaths, physicians to the Lords of the Isles and the Kings of Scotland for several centuries*, Glasgow 1911: 19 (Riaghait na Slàinte).

Scoil an Léinn Cheiltigh, Institiúid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath, airson earrannan à D.A. Binchy, *Scéla Cano Meic Garntáin*, Baile Atha Cliath 1975: 1 (Eilean Beairteach, c. 900); Ronald Black, ‘A Manuscript of Cathal Mac Muireadhaigh’, *Celtica* 10, 1973: 201 (Còig Osnaidhean a Rinn Dia san t-Saoghal, 1636); Liam Breathnach, *Uraicecht na Ríar: The Poetic Grades in Early Irish Law*, Baile Atha Cliath 1987: 102 (Am Bàrd agus Ire an Ollaimh, c. 775); Richard A.V. Cox, *The Gaelic Place-names of Carloway: Their Structure and Significance*, Baile Atha Cliath 2002: 187–88 (Both Mhurchaidh, 1985).

Sgoil Eòlais na h-Alba, foillsichear *Tocher* is buidheann glèidhidh na leanas, airson earrannan à *Tocher* 33, 1980: 206 (An Ceàrd agus an Tuil, ro 1926); ‘Kingussie Fair’ [Notebook I.iii.1, d. 1191], *Tocher* 40, 1986: 246, 233 (Fèill Cheann a’ Ghiùthsaich, 1952); ‘Pàdruiig Mac a’ Phearsain a’ togail Uisge-beatha’ [SA 1963/55 A4], *Tocher* 48/49, 1994: 427–29 (A’ Togail Uisge-beatha, 1963); ‘Cutters and Gaugers’ [SA 1967/53 A2], *Tocher* 2, 1971: 62 (Aig an Uisge-bheatha, 1967); ‘Second Sight’ [SA 1968/59/B2], *Tocher* 6, 1972: 192, 194 (An Dà Shealladh, 1968); ‘Paghadh an Treobhaiche’ [SA 1968/183/A5], *Tocher* 20, 1975:

132, 134 (Pathadh an Treabhaiche, 1968); ‘Struan Micheil’ [SA 1970/351/A5], *Tocher* 7, 1972: 232 (Struan Mhìcheil, 1970); ‘Latha Bàthadh Bhaile Phuill’ [SA 1974/142 B2b], *Tocher* 32, 1979/80: 90 (Latha Bàthadh Bhaile Phuill, 1974); [MacLagan MSS, dd. 5003–5], *Tocher* 22, 1976: 242 (Am Mùn is an t-Ionnsachadh, 1976).

Sgoil Eòlais na h-Alba, mar fhoillsichear *Scottish Studies*, airson earrainn à Ronald I. M. Black, ‘An Emigrant’s Letter in Arran Gaelic, 1834’, *Scottish Studies* 31, 1993: 72–74 (Litir à Canada, 1834).

John M. Bannerman, Ronald I. M. Black, David N. Dumville, Dòmhnull MacAmhlaigh agus Derick S. Thomson, cuideachd, a bhuilich gu fialaidh oirnn an cuid obrach a chleachdadadh.

Rinneadh a h-uile h-oidhirlp air lorg fhaighinn air an fheadhainn aig a bheil càraichean nan sgrìobhaidhean a nochdas san leabhar seo. Ma bhios beàrn no mearachd sam bith ann, bheir sinn ar leisgeul; agus bhitheamaid fior thoilichte fiosrachadh sam bith a chuirte thugainn a chur ri ath dheasachadh den leabhar.

Richard A.V. Cox
Ceann Drochaid

Colm Ó Baoill
Obar Dheathain



Giorrachaidhean agus Samhlaidhean

[]	air a chur ris
...	air fhàgail às
.i.	eadhon
7	agus
gin.	ginideach
iol.	iolra
sg.	singilte
tabh.	tabhartach

* * *

Na Sgrìobhaidhean

1. AM BÀRD AGUS IRE AN OLLAIMH, c. 775

Atá ... ollam and do-renar secht cumalaib, *ut dicit* fínechas: Cí a fili ar secht cumala -dlig ara dínsium, ara díguin, ar thothlu a shét i téol 7 táidiu, ar thlenamain dia chiunn a chétmuintire, ar dídin a fhír meschétlaig muintire for drochbésu? Fili ón at óga firiana folad, óná ainces berar inna dána dlúim, tria nath, tria laíd, tria eícsí, tria idnai for úaisli -osnai, os é mac filed 7 aue araili.

(Liam Breathnach, *Uraicecht na Ríar: The Poetic Grades in Early Irish Law*, Baile Atha Cliath 1987: 102)

Tha ollamh ann a dhìolar le seachd cumhal¹, mar a chanas feineachas²: Cò am filidh³ as còir leis seachd cumhal air a thàmailt, air briseadh a thèarmainn, air goid a sheud⁴ os àird no os ìosal, air toirt air falbh a mhathana an dímeas air fhèin, air toirt gu droch bheusan ball a theaghlaich a tha comasach air aithris? Filidh sin a tha a uidheamachadh slàn fiòr, nach cuir duine an imcheist⁵ am mòr-chuid a bhàrdachd; tro a dhàin, tro a laoidh, tro a èisge⁶, tro a threibhdhireas cuiridh e solas air uaislean, agus is mac filidh e agus ogha filidh eile.

*

2. EILEAN BEAIRTEACH, c. 900

Baí imchosnom im rígi n-Alban iter Oedán mac Gabráin 7 Gartnán mac Æda maic Gabráin, co torchair leth fer n-Alban

¹ *cumhal*, aonad air luach trì bà bainne. ² lagh nan Gaidheal.

³ bàrd.

⁴ maoin a ghabhas gluasad.

⁵ Gu litireil, o nach beirear imcheist.

⁶ tro a ealain.

etarru hi cathaib 7 imargalaib. A n-Inis moccu Chéin ro-baí in Gartnán; is sí insi is dech con-rótacht i níartha domain, .i. stíall ar chapar do dencibar cach teach baí isinn indsi la Gartnán ó fhéic co féic imonn indsi uili connici in fialtech; ba do dencór a indsi uili la Gartnán. Seacht seisrecha leis for indair; secht n-áirge leis, .uii. fichit bó cacha háirge. .l. lín fri haige altai, .l. lín fria híascach esti amach. in .l. lín éisc, súainemain estib for senistrib na cuchtrach, cluicine for cind cacha súainemna forind aireanach ar bélaib ind rechtaire; cethrur oc téluch na n-iach céitshnáma dó súas. Éiseum co léic ic ól meda fora cholcaig.

(D.A. Binchy, *Scéla Cano Meic Gartnáin*, Baile Atha Cliath 1975: 1)

Bha connspaid mu rioghachd na h-Albann eadar Aodhan mac Ghabhraín agus Gartnan mac Aodha mhic Ghabhraín, gun do thuit leth chuid de dh'fhir na h-Albann eatarra ann an cathannan agus còmhragan. Is ann an Inis moccu Chéin¹ a bha an Gartnan sin; is i an innis² a b' fheàrr a chuireadh ri chèile san domhan siar; eadhon is ann à stíall cabair de dhearg-iubhar a bha gach taigh a bha san innis aig Gartnan o mhaide-droma gu maide-droma mun cuairt na h-innse uile gu ruige an taigh-beag; is ann à dearg-òr a bha an innis uile aig Gartnan. Bha seachd seisrichean³ aige air talamh àitich; seachd àirighean⁴ aige, seachd fishead bò air gach àirigh. Lethcheud liòn airson beathaichean fiadhaich, lethcheud liòn airson iasgaich aiste a-mach; an lethcheud liòn eisg, siomanan bhuapa air uinneagan na cidsin, clag beag air ceann gach siomain air an ùrlar air beulaibh an reachdair⁵; ceathrar a' tilgeil nam bradan ciad-shnàmhna suas dha, agus esan ag òl meadh air a' chuibhrig aige.

*

¹ Dh'fhaodadh gur h-e seo an t-ainm a bha air Eilean Ratharsair ro àm nan Lochlannach (Colm Ó Baoill, ‘Inis Moccu Chéin’, *Scottish Gaelic Studies* XII, Earrann II, 1976, 267–70).

² eilean.

³ *seisreach* ‘sgioba each-treabhaidh’.

⁴ B’ e ‘àite bleoghain’ a bu chiall do àirigh aig an àm seo.

⁵ stiùbhard.

3. MINEACHADH SEANCHAS FIR NA H-ALBANN, C. 950

Incipit míniugud senchasa fher nAlban. Dá mac Echdach munremair, .i. Erc ocus Ólchú. Dá mac deac immorra la Erc: .i. a sé díb gabsat Albain – .i. dá Loarnd, .i. Loarnd bec ocus Loarnd móir, dá Mac Nisse, .i. Mac Nisse becc ocus Mac Nisse móir, dá Fergus, .i. Fergus bec ocus Fergus móir; a sé ali i nHérind – .i. Mac Decill, Oengus *cuius tamen semen in Albania est*, Énna, Bresal, Fiachra, Dubthach ...

Fergus móir mac Eirc ainm aile do Mac Nisse móir. *Unum filium habuit*, .i. Domangart. Dá mac immorra la Domangart, .i. Gabrán ocus Comgell, dá mac Fhedlimthe ingine Briúin meic Echach mugmedóin. Oenmac la Comgell, .i. Conall. Secht meic immorra la Conall, .i. Loingsech, Nechtan, Artán, Tuatán, Tuto, Corpri, ... Cúic meic immorra la Gabrán, .i. Aedán, Eoganán, Cuildach, Domnall, Domangart ...

Cét treb i nÍle: Oideich .xx. tech; Freg .cxx. tech; Caladrois .lx. tech; Rois Deorand .xxx. tech; Aird Hes .xxx. tech; Loich Rois .xxx. tech; Átha Cassil .xxx. ... in sin. ...Cenúil Oengusa .xxx tech Caillnae ... Acht it beca inna feranna tige Cenúil Oengusa, oen ferann tríchot. Fecht áirmi Cenúil Oengusa, .i. cóic cét fher. Fecht áirmi Cenúil Gabráin, .i. .ccc. fher. Mad fecht immorra for imram, dá shechtshess uadib i fecht. It é téora trenai Dáil Riatai, .i. Cenél nGabráin, Cenél nOengusa, Cenél Loairnd Móir ...

Trí chaícait fher, ind longas, do-lotar la macu Erc as; is hé in tres coíca Corpri cona muntir. Cenél nGabráin in so: trí .xx. taige ar chóic cétaib; Cend Tíre ocus Crích Comgaill cona insib; dá shechtshess cach .xx. taige i fecht mara. Cenél nOengusa, .xxx. taige ar .cccc. leo; dá shechtshess cach .xx. tech i fecht mara. Cenél Loairnd .xx. tech ar .cccc.^{aib} leo; dá shechtshess cach .xx. tech i fecht mara. Is amluid fo théora trenai Dáil Riaddai.

(David N. Dumville, ‘Ireland and North Britain in the Earlier Middle Ages: Contexts for *Míniugud Senchasa Fher nAlban*’, *Rannsachadh na Gàidhlig* 2000, air a dheasachadh le Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire, Obar Dheathain 2002: 201–03)

Tòisichidh mìneachadh seachas fir na h-Albann an seo. Bha dithis mhac aig Eochaидh Munreamhar, eadhon Earc agus Olchu. Agus bha dithis mhac deug aig Earc: eadhon sianar dhiubh a ghabh Alba – eadhon an dà Latharn, eadhon Latharn Beag agus Latharn Mòr, an dithis Mhac Nise, eadhon Mac Nise Beag agus Mac Nise Mòr, an dà Fhearghas, eadhon Fearghas Beag agus Fearghas Mòr; bha sianar eile ann an Eirinn – eadhon Mac Deicill, Aonghas a tha a shìol an Albainn ged-ta, Eunna, Breasal, Fiachra agus Dubhthach.

Is e Fearghas Mòr mac Eirc ainm eile do Mhac Nise Mòr. Bha an aon mhac aige, eadhon Domhanghart. Agus bha dithis mhac aig Domhanghart, eadhon Gabhran agus Coimhgheall, dithis mhac Fheidheilm, nighean Bhriùin mhic Eachach Mughmheadhain. Bha aon mhac aig Coimhgheall, eadhon Conall. Agus bha seachdnar mhac aig Conall, eadhon Loingeach, Neachdan, Artan, Tuatan, Tuitio, Cairbre agus ... Agus bha còignear mhac aig Gabhran, eadhon Aodhan, Eòghanan, Cuildeach, Dòmhnull agus Domhanghart.

Is e seo an sgìre ann an Ile: Oidheich, 20 taigh; Freagh, 120 taigh; Caladh Rois, 60 taigh; Ros Dearann, 30 taigh; Aird Eas, 30 taigh; Loch Rois, 30 taigh; Ath Chaiseil, 30 ... an sin. ... Cineal¹ Aonghais, 30 taigh Caillne ... Ach is beag na fearainn aig taighean Chineil Aonghais, aon shearrann is trìtheid². Is e seo àireamh feachd Chineil Aonghais, eadhon 500 fear. Is e seo àireamh feachd Chineil Ghabhraein, eadhon 300 fear. Agus nam bu fheachd airson iomraimh³ e, bha dà sheachd-tobhta⁴ uapa ann am feachd. Is iad seo trì trian Dhàil Riada, eadhon Cineal Ghabhraein, Cineal Aonghais, Cineal Lathairn Mhòir.

Is e trì caogad fear⁵ an loingeas a thàinig a-mach le mic Eirc; is e an treas caogad, Cairbre le a muinntir. Cineal Ghabhraein an seo: 560 taigh; Cinn-tìre agus Crìoch Chomhghaill le a innseachan⁶; agus dà sheachd-tobhta gach 20 taigh ann am feachd mara. Cineal Aonghais: 430 taigh leotha; agus dà sheachd-tobhta gach 20 taigh ann am feachd mara. Cineal Lathairn: 420

¹ clann.

² fearann is deich air flhichead.

³ turais cuain (gin.).

⁴ dà eathar sa bheil seachd tobhtaichean.

⁵ ceud fear gu leth.

⁶ eileanan.

taigh leotha; agus dà sheachd-tobhta gach 20 taigh ann am feachd mara. Is amhlaidh¹ fo thri trian Dhàil Riada e.

*

4. ATH-DHÙSGADH AGUS BÀS BHRUIDHE, C. 960

Fecht do-breth corp Bruide meic Bile, ríg Cruithneach, dochum níae. Ocus ba sáeth ocus ingar la hAdamnán a écc. Ocus asbert ara tabharthae corp Brude cuccae hi teach ind oidchi-sin. Frithairidh Adhamnán ocin corp co matain isin tech-sin. Isin matain arabhárach an tan ro gabh an corp gluasacht ocus a shúile d'ersluccadh, is ann tainic araile cráibhdhech dochonnergil co dorus an tighe, 7 as-bert: ‘Másá dóig todiúscad marbh di Adhamnán, at-berim co ná dingentar appaidh do nach clérech do-rega ina inad mina todiúscra marbu.’ ‘Atá ní do dligudh ann’, ol Adamnán. ‘Másá chórá didiu, tabhram bennachtain forsin corp-sa ocus i n-anmain Bruidi.’ Ro faíd doridhisi Bruidi a spiorat dochum nimhe co mbennachtain Adamnáin 7 sámhtha Íae. Is and as-bert Adhamnán:

Mór do ingantu do-gní
in rí génair ó Muire,
betha Scuabán i mMuili,
écc do Bruide mac Bile.

Is annamh,
iar mbeith i rríge thuaithe,
ceppán caue crínn dara
im mac rígh Ala Cluaithi.

(Máire Herbert is Pádraig Ó Riain, *Betha Adamnáin – The Irish Life of Adamnán*, Baile Atha Cliath 1988: 56, 58)

Uair a bha ann, chaidh corp Bhruidhe mac Bhile, righ nan Cruithneach, a bhreith a chum Idhe. Agus bu truagh agus searbh le Adhamhnán a eug

¹ coltach, mar an ceudna.

Agus dh’iarr e gun tabhairte corp Bhruidhe thuige a-steach an oidhche sin. Fhrithealaich Adhamhnan aig a’ chorpa gu madainn san taigh sin. Sa mhadainn làirne-mhàireach nuair a ghabh an corp gluasad agus a shùilean fosgladh, is ann a thàinig fear cràbhaidh àraidh a bha gun truas gu doras an taighe, agus thuirt e, ‘Mas e is gu bheil na mairbh gan dùsgadh le Adhamhnan, their mise nach dèanar aba de chlèireach sam bith a thig na ionad mura dùisg e na mairbh.’ ‘Tha ceist dlighe ann,’ arsa Adhamhnan. ‘Mas coire e a-reist, tabhairream¹ beannachd air a’ chorpa sa airson anam Bhruidhe.’ Thug Bruidhe a spiorad suas a chum nèimh a-rithist le beannachd Adhamhnain agus coithional Idhe. Is ann a thuirt Adhamhnan:

*Is mòr de iongantas a nì
an rìgh a rugadh o Mhuire:
beatha do Sguaban am Muile,
eug do Bhruidhe mac Bhile.*

*Is ainneamh,
air do fhlaitheanas rioghachd a bhith aige,
ceapan còsach cròn daraich
a bhith mu mhac rìgh Ail Chluaidh².*

*

5. A’ DAINGNEACHADH IRE NA H-ABAID ANN AN DÈAR, C. 1130

Colum Cille 7 Drostán mac Cosgreg a dalta tángator a hÍ mar ro falseg Dia doib gonic’ Abbordoboír; 7 Bede cruthnec robo mormær Buchan ar a ginn; 7 ess é ro thidnaig doib in gathraig-sain in saere go bráith ó mormaer 7 ó thosec. Tángator as a athlesen in cathraig ele, 7 do-raten ri Colum Cille sí, iar fa llán do rath Dé. Acus do-rodloeg ar in mormær i. Bede go-ndas tabrad dó, 7 ní tharat. Acus ro gab mac dó galar, iar n-ére na glérec, 7 robo marb act mad bec. Iar sen do-chuid in mormaer d’ attac na glérec go ndéndaes ernacde lesin mac go ndíasad slánte dó;

¹ thoiream, bheiream.

² Is co-ionann Ail Chluaidh agus Dùn Breatann.

7 do-rat i n-edbairt doib ua Cloic in Tiprat gonice Chloic Pette Mec-Garnait. Do-rónsat in n-ernacde, 7 táníc slánte dó. Iar sen do-rat Collum Cille do Drostán in chadraig-sen, 7 ro-s benact, 7 fo-rácaib in mbréther, ge bé tísad ris, ná bad blienech buadacc. Tágator déara Drostán ar scarthain fri Collum Cille. Ro laboir Colum Cille, ‘Bed Déar a anim ó shunn imacc.’

(K.H. Jackson, *The Gaelic Notes in the Book of Deer*, Cambridge 1972: 30)

Calum Cille agus Drostan mac Cosgraich, a dhalta, thàinig iad à I, mar a dh’fhoillsich Dia dhaibh, gu ruige Obar Dhobhair¹, agus Beide Cruithneach, a bu mhorair Bhuchain, air an ceann²; agus is è a thiodhlaic dhaibh a’ chathair³ sin an saorsa gu bràth o mhorair agus o thòiseach. Thàinig iad às a aithle sin⁴ don chathair eile [i. Dèar], agus chòrd i ri Calum Cille, oir bu làn de rath Dhè i. Agus ghuaidh e air a’ mhorair, eadhon Beide, gun toireadh e dha i, agus cha toireadh. Agus ghabh mac dha galar, air euradh⁵ nan cléireach, agus bu mharbh ach beag e. Air sin chaidh am morair a dh’atagh⁶ nan cléireach gun déanadh iad ùrnaigh leis a’ mhac⁷ gun tigeadh slàinte dha; agus thug e an iòbairt⁸ dhaibh o Chlach an Tiobrad gu ruige Clach Peite Mhic Garnaid. Rinn iad an ùrnaigh, agus thàinig slàinte dha. Air sin thug Calum Cille do Drostan a’ chathair sin, agus bheannaich e i, agus dh’fhág e am briathar, ge b’ e thigeadh ris⁹, nach biodh e bliadhnaich¹⁰ buadhach. Thàinig dèara¹¹ Dhostain air sgaradh ri Calum Cille. Labhair Calum Cille, ‘Bitheadh Dèar oirre mar ainm o seo a-mach.’

*

6. CÒIR-FHEARAINN ILEACH, 1408

Atáimse Mac Domhnaill ag bronnagh 7 tabhairt én mhaírg dég go leith dfearann uaim pshéin agas om oighribh do Bhrian

¹ Dà mhile dheug air fhichead a tuath air Obar Dheathain.

² nan coinneimh. ³ i. manachainn. ⁴ na dhéidh sin.

⁵ diùltadh. ⁶ a ghuidhe. ⁷ air sgàth a' mhic.

⁸ mar thabbartas, mar thiodhlaic. ⁹ na aghaidh-

Volume 18 No. 1

¹¹ i. *deòir = déara* san t-seann chànan

Bhicaire Mhagaodh agas da oighribh na dhiaigh go siorthuighe suthain ar son a sheirbhise...damh pféin agas dom athair romham, agas so air chunnrag agas air chonghioll go tteobhraidh sé féin agas iadsan damhsa agas dom oighribh am dhiaigh go bliadhnamhail ceithre bá ionmharbhtha chum mo thighe, agas acás nach biadh na báth soin ar faghail bhearradh an Brian huas agas oighriogh dhomhsa agas dom oighribh am dhiaigh dá mharg agas dá fhiclit marg ar son na mbó cceadna huas.

Agas ar na habharuibh ccéadna atáimse dom cheangal féin 7 ag ceanghal moighriogh um dhiaigh go deiriodh an bheatha na fearainn soin moille re na dtoruuibh mara agas téire do sheasamh agas do chonghbhail don mBhriain Bhiocaire Mhagaodh huas agas da oighribh go siorthuighe na dhiaigh mar an ccéadna, agas as iad so na fearainn thugas dhó féin agas da oighribh go brách, iadhon Baile bhicare, Machaire learga riabhoige, Ciontraghá, Graftol, Tocamol, Wgasgog, Dá ghleann Astol, Cracobus, Cornubus, agus Baile Neaghtoin.

Agas ionnas go mbiaidh brígh neart agas láidireacht ag an mbrontanas so bheirim uaim ceanglam arís me féin agas moighriogh go siorthuighe fo ccunrag so do sheasaibh agas chonghbhail don mBhrian reimhráite agas do oighribh na dhiaigh go deiriogh an bheatha le cuir mo láimhe agas mo shéala sios an so a laithair na bfhiaghain so sios, agas an séiseamh lá do míis na bealtuine agas an bhliadhan so do bhreith Chríosta míle ceithre céd agas a hocht.

McDomhnaill

a
Eoin × Mac Domhaill,
Chomhartha.

a
Pat × M'Abriuin,
Chomhartha.

Fercos MacBeth.

a
Aodh × M'Cei,
Chomhartha.

(W.J. Watson, ‘Còir-fhearainn Bhriain Mac Aoidh’, *Rosg Gàidhlig*, Inbhir Nis 1915: 182–83)

Tha mise, Mac Dhòmhnaill, a’ bronnadh¹ agus a’ tabhairt aon mharg² deug gu leth de dh’fhearrann uam fhùn agus om oighreachan do Bhrian Bhiocaire Mhac Aoidh agus do a oighreachan na dhèidh gu sìorraidh suthain airson a sheirbheise... dhomh fhùn agus dom athair romham, agus seo air chùnnradh agus air choingheall³ gun toir e fhèin agus iadsan dhomhsa agus dom oighreachan am dhèidh gu bliadhail ceithir bà ionmharbhite⁴ a chum mo thaighe, agus gun fhios nach bi na bà sin air faighinn, bheireadh am Brian shuas agus a oighreachan dhomhsa agus dom oighreachan am dhèidh dà mharg agus dà fhichead marg airson nam bò ceudna shuas.

Agus air na h-adhbharan ceudna, tha mise dham cheangal fhùn agus a’ ceangal m’ oighreachan am dhèidh gu deireadh a’ bheatha na fearainn sin maille ri an toraidhean mara agus tire a sheasamh agus a chumail don Bhrian Bhiocaire Mhac Aoidh shuas agus do a oighreachan gu sìorraidh na dhèidh mar an ceudna, agus is iad seo na fearainn a thug mi dha fhèin agus do a oighreachan gu bràth, eadhon Bail’ a’ Bhiocaire, Machaire Learga Riabhaige, Ceann Tràgha, Gràstal, Tòcamol, Ugasgog, dà Ghleann Astail, Cràgabus, Còrnabus agus Baile Neachdain.⁵

Agus ionnas gum bi brìgh, neart agus làidireachd aig a’ bhronntanas seo⁶ a bheirim uam, ceanglaim a-rìs mi fhùn agus m’ oighreachan gu sìorraidh fo chùnnradh, seo a sheasamh agus a chumail don Bhrian ro-ràidhete agus do a oighreachan na dhèidh gu deireadh a’ bheatha le cur mo làimhe agus mo sheula sìos an seo an làthair an luchd-fhianais seo, agus an sèathamh latha de mhìos na Bealltainne agus a’ bhliadhna seo de bhreith Chriosda,

¹ a’ buileachadh.

² tìr air luach maig (merk san Albais).

³ air chùmhnan.

⁴ ceithir mairt.

⁵ Ged nach eil lorg air Ugasgog an latha an-diugh, a rèir choltais, tha e uile choltach gur h-ann eadar Tòcamol agus Astal a bha e. Tha na fir-dheasachaidh an comain Hamish Mhic an t-Sagairt, Ceann Tràgha, a chuidich le na h-ainmean seo.

⁶ aig an tabhartas seo.

mile ceithir ceud agus a h-ochd.

Mac Dhòmhnaill

a

Eòin × Mac Dhòmhnaill

chomharra

a

Pat × Mac a' Bhriuthainn

chomharra

Fearghas Mac Bheatha

a

Aodh × Mac Aoidh

chomharra

*

7. RIAGHAILT NA SLÀINTE, c. 1500

[A]deirim mar in cétna don digh nach dlighind si beith an méidisin gombeith an biadh ar snámh sa ghaili mar bis ag lucht na meisgi ocus is uime sin aní adeir drong gurub maith beith ar meisgi uair sa mhí is brég e mar foillsighius auerois sa dara partegul dona cantichibh sa treas cantic dég ar fhithit mar an abair Assensus ebrietatis simel in mense est erroneus i.e. as seachrannach aontughadh na meisg aon uair is in mí oir ge do na neithibh is mó tarbhaighius don tes nadurra an fin arna gabhail go mesardha is do na neithibh is mó urcoidighius dó ocus don incind ocus dona cétfadhuibh é intan tosgaighius go himurcrach ocus is uime sin adeir annsin gurub ferr uisgi na meala don droing ag ambit feithi anmfhanda na e gidhegh fétar began d'fhín deghbalaidh dotabairt do na sen-daoinibh mar adeir annsin ...

(H. Cameron Gillies, *Regimen Sanitatis: The rule of health, A Gaelic Medical Manuscript of the Early Sixteenth Century or perhaps earlier, from the Vade Mecum of the famous MacBeaths, physicians to the Lords of the Isles and the Kings of Scotland for several centuries*, Glasgow 1911: 19)

Tha mi ag ràdh mar an ceudna mun deoch nach bu chòir dhi a bhith sa mheud sin gum bi am biadh air snàmh sa ghoile mar a bhitheas aig luchd na

misg; agus is ann uime sin, an nì a their droing¹ gur math a bhith air mhisg uair sa mhìos, is breug e, mar a dh'hoillsicheas Averrhoes² san dàrna pàirt de na rannan san treas rainn deug air fhichead far an abair e, Assensus ebrietatis simel in mense est erroneus, eadhon is seachranach aontachadh ris a' mhisg aon uair sa mhìos oir ged a tha am fion, air a ghabhail gu measarra, air fear de na nithean as mò a tharbhaicheas an teas nàdarra, tha e air fear de na nithean as mò a bhios nan urchaid³ dha agus don eanchainn agus do na ceudfadhan nuair a shiùblas e an iomarcaidh⁴; agus is ann uime sin a their e an sin gur feàrr uisge na meala don droing aig am bi feithean fann na e – gidheadh, faodar beagan de dh'fhòn deagh-bholaidh a thabhairt do na seann daoine mar a their e an sin.

*

8. CÙMHANT EADAR IARLA EARRA-GHAIDHEAL AGUS AN CALBHACH Ó DOMHNAILL, 1560

Is í so an contract 7 an coimhghceanngal do rínedh ar tus eddir Gillaescoib Iarrla Errghaochéal .i. Maccalin guna shliocht agas a oidhreacha 7 An Calbhach Ó Domhnaill do bi ann sin gan tigernas Tire Chonaill aige agas a shliocht 7 a oidhreacha na dhiaigh 7 an contract cédna ar na dáingníudh 7 ar na comhceangeal eddir Gille Escoib mac an Iarrla adubhrammar .i. Maccalin aga bhfuil Tigernus a athar le toil 7 le comharle cloinne Micguibhne agas dhaone maithe Errghaochéal don taobh sin agas An Calbhach Ó Domhnaill aga bhfuil tigernas Tire Conaill le toil agas le comharle Thigernadh agas dhaone maithe Conallach don taobh ele. An céd ní .i. an caimhnes agas an phairt do bhí eddir an daonibh rompo do bheth ar buil 7 gu haithridhe an t-Iarrla sin .i. Mac Cailin do chomhnamh agas do cuideachagh le On Domhnaill fa dhuthaig 7 fa thigernas athar 7 shenathar i Dhomhnaill do cur ar a laimh 7 fa smacht agas fa umhlacht do go fheadh nearta an iarrla sin fare gunna brioste balla do bhrissedh

¹ cuid.

² Ibn Rushd (1126–1198), feallsanach Ioslamach is lighiche mòr san Spàinn.

³ cron, dolaidh.

⁴ thar a chòir.

chaslen agas le neart daone gach uair imchubhaidh ricsas a leas iad ar chostus I Domhnaill fein acht cuntabhart an gunna do bheath ar Maccailin an fad do bhias se sa luíng imcharas e agas ar On Domhnaill an fad do bhias se ar tir an Erinn 7 costus na luinge 7 na marinell agas a tuarusdil do bheth ar On Domhnaill o do fhágfas cala no port an Albainn no go faghann cead trialla o Erinn AGAS fos Maccailin do dhenamh didín agas coimheda agas an accail do Dhomhnaill agas da mhuinnter agas da tigernas ar gach en duine ata fa smacht agas fana cumhachtaibh an Erinn agas an Albainn mar do dhenadh se da mhac na da bhrathair no do dhuine eile da dhísle dho AGAS da cheann sin ata An Calbhach .i. an tigerna O Domhnaill le toil thigerrnad agas uaisledha agas daóne maithe Conallacha aga cheangal ar fein 7 ar a oidhreachaibh agas ar a shliocht coidhce do gabhas trén no tigernas Tire Conaill céd marg Saxonach .i. ceithre ced marg Albanach do dhíol na do íocc gach en bliadhna do Maccailin agas da oidhreachaibh agas da shliocht do ghabhas uachtaranacht no tigernas Errghaotheal mur chomhtharrtha umhlacht agas ogláchais agas mur chís bhithbhuan coidhce o uan Domhnaill 7 ona shliocht do Mhaccailin agas da shliocht AGAS an cís sin do gherradh agas do thoghbhail an duthaig i Domhnaill uile sa cuigeadh Ulltach 7 na thimcheall fa thigernas agas fa dhuthchas i Dhomhnaill fein agas o Domhnaill da thóghbhail sin agas da íocc le neart Miccailin AGAS fós ata dfiachaibh ar ON Domhnaill agas ar a shliocht cùig céd buánna do chunnmhail gach en bliadhna na dhúthaign an Érinn don iarrla sin .i. do Mhaccailin agas da shliocht gách uair ricsas O Domhnaill a les búannada do bheth aige agus an uair nach ricsadh a leis buannadha do bheath aige sin do bheth fa thoil 7 fa mheacain (?) Mhiccaill faris gach en ní ele ata sa contracta no sa dentur so AGAS fos Maccailin do denamh neartaighe agas tresse le muinter I Domhnaill uile a fád uáidhe agas a fogas do mar do ní le On Domhnaill fein. Dorínedh agus do ceangladh an contracta so ar tus an tres lo dég do Julii am bliadhain an Tigerna mile 7 cuig céad agas a cuig deg thar dha fithceadh a fiadhaise Thigerna Lagharrna agas Gillaescoil

Micdubhghaill agas Chainlin Mic Eoin Riabuidh 7 Dhomhnaill
 Ghuirm Mic Suibhne agas Aodh Bhuidhe I Domhnaill agas
 do athnuadaighedh i aris an ... lo don mhi ... am bliadhain an
 Tigerna mile 7 cuig céad agas tri fithched agas do choimhlinadh
 na contracta so do cuiredh scribadh láimhe na tigerrnad sin 7
 an sélaidhe re agas asi so an fiadnais.

Misi Conn O Domnuill
 Mesi O Dochartuigh

Echdhonn mac Gille Eoin 7
 Con O Domhnuill 7
 maighestar Ersibel 7
 O Dochartaigh 7
 tigerna Cola 7
 Maic Seaain 7
 Mac Eoin Muidernach

(John Mackechnie, ‘Treaty between Argyll and O’Donnell’, *Scottish Gaelic Studies VII*, Earrann I, 1951, 94–102: 97–99)

Is e seo an cùmhnant agus an co-cheangal a rinneadh air thùs eadar Gilleasbaig Iarla Earra-Ghaidheal, eadhon MacCailein, le a shliochd agus a oighreathan agus an Calbhach Ó Domhnaill, a bha an uair sin gun tighearnas Tír Chonaill aige, agus a shliochd agus a oighreathan na dhèidh; agus an cùmhnant ceudna air a dhaingneachadh agus air a cho-cheangal eadar Gilleasbaig, mac an iarla ro-ràidhте, eadhon MacCailein, aig a bheil Tighearnas a athar le toil agus le comhairle Chloinn MhicDhuibhne agus dhaoine matha Earra-Ghaidheal don taobh sin, agus an Calbhach Ó Domhnaill aig a bheil tighearnas Tír Chonaill le toil agus le comhairle thighearnan agus dhaoine matha Conallach don taobh eile.

A’ chiad nì, eadhon an coibhneas agus an càirdeas a bha eadar an daoine romhpa a bhith air bhuil agus gu h-àraidh an t-iarla sin, eadhon MacCailein, a chobhair agus a chuideachadh le Ó Domhnaill mu dhùthach agus mu thighearnas athair agus seanathair Uí Dhomhnaill a chur air a làimh agus fo smachd agus fo ùmhlachd dha fhèin cho fad ’s as urrainn dhan

Iarla sin; agus, thuilleadh, gunna briste-balla a bhriseadh chaisteal agus le neart dhaoine gach uair iomchaidh a ruigeas e a leas iad, air chosgais Uí Dhomhnaill fhèin; ach cunnart a' għunna a bhith air MacCailein am fad 's a bhios e san luing a dh'iomchaireas¹ e, agus air Ó Domhnaill am fad 's a bhios e air tìr an Eirinn agus cosgais na linge agus nam maraichean agus an tuarastail a bhith air Ó Domhnaill o dh'jhàgas e cala no port an Albainn gum faigh e cead triall o Eirinn.

AGUS, thuilleadh, MacCailein a dhèanamh dòn agus coimhead agus anagaladh² do dh'Ó Domhnaill agus do a mhuinntr agus do a thighearnas air gach aon duine a tha fo a smachd agus fo a chumhachdan an Eirinn agus an Albainn mar a dhèanadh e do a mhac no do a bhràthair no do dhuine eile de a dhíslean.

AGUS, a chionn sin tha an Calbhach, eadhon an tighearna Ó Domhnaill, le toil thighearnan agus uaislean agus daoine matha Conallach, ga cheangal air fhèin agus air a oighreachan agus air a shliochd a-chaoidh a ghabhas treun no tighearnas Tìr Chonaill, ceud marg Sasannach, eadhon ceithir cheud marg Albannach, a dhìol agus ioc³ gach aon bhliadhna do MhacCailein agus do a oighreachan agus do a shliochd a ghabhas uachdaranaichd no tighearnas Earra-Ghaidheal mar chomharra ùmhlachd agus òglachais⁴ agus mar chìs bhithbhuaин a-chaoidh o Ó Domhnaill agus o a shliochd do MhacCailein agus do a shliochd.

AGUS an cùs sin a ghearradh agus a thogail an dùthaich Uí Dhomhnaill uile sa chòigeadh Ultach agus mu a thimcheall fo thighearnas agus fo dhùthchas Uí Dhomhnaill fhèin, agus Ó Domhnaill a thogail sin agus dha ioc le neart MhicCailein.

AGUS, thuilleadh, tha mar fhiachaibh air Ó Domhnaill agus air a shliochd còig cheud saighdear cairteil⁵ a chumail gach aon bhliadhna na dhùthaich an Eirinn don Iarla sin, eadhon do MhacCailein agus do a shliochd, gach uair a ruigeas Ó Domhnaill⁶ a leas saighdearan cairteil a bhith aige, agus an uair nach ruig e a leas saighdearan cairteil a bhith aige,

¹ a għiùlaineas.

² dòn, glèidheadh.

³ a liubhairt, a dhìol, a phàigheadh.

⁴ seirbheis.

⁵ cairteil 'fàrdach, àite-fuirich'.

⁶ Leugh MacCailein.

sin a bhith fo thoil agus fo thlachd Mhic Cailein thairis air gach aon nì eile a tha sa chùmhnant no sa chòrdadh seo.

AGUS, thuilleadh, Mac Cailein a dhèanamh neartachadh agus daingneachadh a thaobh muinnir Uí Dhomhnaill uile, fada uaithe agus faisg air, mar a nì e a thaobh Uí Dhomhnaill fhèin. Rinneadh agus cheangladh an cùmhnant seo air thùs an treas latha deug den Iuchar am bliadhna an Tighearna mile agus còig cheud agus a còig deug air dhà fhichead am fianais Thighearna Latharna agus Gilleanbaig Mhic Dhùghaill agus Chailein Mhic Eòin Riabhaich agus Dhòmhnaill Ghuirm Mhic Suibhne agus Aodh Bhuidhe Uí Dhomhnaill agus dh'ath-nuadhaicheadh e a-rithist an ... latha den mhìos ... am bliadhna an Tighearna mile agus còig cheud agus trì fishead, agus gus coileananadh a' chùmhnant seo chuireadh sgrìobhadh làimhe nan tighearna sin agus an seulachan ris, agus is i seo an fhanais.

Mise Conn Ó Domhnaill

Mise Ó Dochartaigh

Eachann mac Gille Eòin 7

Conn Ó Domhnaill 7

Maighstir Archibald 7

Ó Dochartaigh 7

Tighearna Chola 7

Mic Seathain 7

Mac Eòin Mùdeartach

*

9. FOIRM NAN URNAIGH, 1567¹

[I]s mor an leath-trom agas an uireasbhuidh ata riagh orainde, Gaoidhil Alban agas Eireand, tar an gcuid eile don domhan, gan ar gcanamhna Gaoidheilge do chur a gcló riagh mar ataid a gcanamhna agas a dteangtha féin a gcló ag gach uile chinel dhaoine oilé sa domhan; agas ata uireasbhuidh is mó iná gach

¹ Seo a' chiad chuid den ro-ràdh a sgrìobh Seon Carsuel ann am *Foirm na n-Urrnuidheadh*, an t-eadar-theangachadh a rinn e air *The Book of Common Order* aig John Knox; agus is e seo a' chiad leabhar a-riagh a chaidh a chlò-bhualadh sa Ghàidhlig.

uireasbhuidh oraind, gan an Biobla naomhtha do bheith a gcló Gaoidheilge againd, mar ta sé a gcló Laidne agus Bherla, agas in gach teangaidh eile o sin amach, agas fós gan seanchus ar sean no ar sindsear do bheith mar an gcedna a gcló againd riamh, acht ge tá cuid eigin do tseanchus Ghaoidheal Alban agas Eireand sgriobhtha a leabhruibh lámh, agas a dtamhlorgaibh fileadh agas ollamhan, agas a sleachtaibh suadh. Is mor-tsaothair sin re sgriobhadh do laimh, ag fechain an neithe buailtear sa chló ar aibrisge agas ar aithghiorra bhios gach én-ní dhá mhed da chriochnughadh leis.

Agas is mor an doille agas an dorchadas peacaidh agas aineolais agas indteachta do lucht deachtaidh agas sgriobhtha agus chumhdaigh na Gaoidheilge gurab mó is mian leó agas gurab mó ghnathuidheas siad eachtradha dimhaoineacha buaidheártha bregacha saoghalta, do cumadh ar Thuathaibh Dé Dhanond, agas ar Mhacaibh Mileadh, agas ar na curadhaibh, agas ar Fhind mhac Cumhaill gona Fhianaibh, agas ar mhórán eile nach airbhim agas nach indisim andso, do chumhdach agas do choimh-leasughagh, do chiond luachuidheachta dimhaoinigh an t-saoghail d'fhaghail doibh féin, iná briathra disle Dé agas slighthe foirfe na firinde do sgríobhadh agas do dheachtadh agas do chumhdach. Oir is andsa leis an t-saoghal an bhreg go mor iná an fhirinde.

(R.L. Thomson, *Foirm na n-Urrnuidheadh: John Carswell's Gaelic translation of the Book of Common Order*, Dùn Eideann 1970: 10–11)

Is mòr an leatrom¹ agus an uireasbhaidh a tha riamh oirnn, Gaidheil na h-Albann agus na h-Eireann, seach a' chuid eile den domhan, gun ar cànan Gàidhlig a chur an clò a-riamh mar a tha an cànanan agus an teangaidhean fhèin an clò aig gach uile cineal² dhaoine eile san domhan; agus tha uireasbhaidh nas mò na gach uireasbhaidh oirnn, gun am Bioball naomh a bhith an clò Gàidhlig againn, mar a tha e an clò Laidinn agus Beurla,

¹ an t-uallach.

² clann, sliochd.

agus anns gach teangaidh eile o sin a-mach, agus fhathast gun seanchas ar sean no ar sinn air a bhith mar an ceudna an clò agaínn a-riamh, ged a tha rudeigin de sheanchas Gaidheil na h-Albann agus na h-Eireann sgrìobhete ann an leabhraichean làimhe, agus ann an clàr-sgrìobhaidhean nam filidh is nan ollamh, agus ann an sgeulachdan nan suadh¹. Is mòr-shaothair sin ri sgrìobhadh de làimh, a' feuchainn² an nì a bhuailear sa chlò, cho luath agus cho aithghearr a bhios gach aon nì, air mheud is gu bheil e, air a chrìochnachadh leis.

Agus is mòr an doille agus an dorchadas peacaidh agus aineolaic agus inntinne do luchd cumaidh agus sgrìobhaidh agus glèidhidh na Gàidhlige gur mò as miann leotha agus gur mò a ghnàthraigheas iad eachdraidhean diomhain buaireasach breugach saoghalta, a chaidh a chumadh air Tuatha Dè Dhanann, agus air Clann Mileadh, agus air na curaidhean, agus air Fionn mac Cumhaill agus an Fheinn aige, agus air mòran eile nach airmhich is nach innis mi an seo, a ghlèidheadh agus a leasachadh, a chionn luaidheachd³ diomhain an t-saoghail fhaighinn dhaibh fèin, na briathran dìlse Dhè agus sligheachan fairse na firinn a sgrìobhadh agus a chumadh agus a ghlèidheadh. Oir is annsa leis an t-saoghal a' bhreug gu mòr na an fhìrinn ...

*

10. LITIR O LACHLANN MAC MHIC GILLE EÒIN GU A DHOTAIR, c. 1583–96⁴

Mile bennacht o Lochloinn Mac Mhic Giolla Eoin chum ollibh fein mar ata Giolla Colaim Maicbheath 7 ata se da iaraidh ort air shon fein 7 air son a mic, tigharna Colla, fregara fa dhul dach inghean inghine Meic Cailin 7 do dheinibh gach maithe d'fedfis tu di. Ni beg sin ach mo bennacht chum inghine Mhic Eoin Stiufart 7 a cloine uile.

Misi Lochloinn Mac Giolla Eoin

¹ saoi, saoidh.

² a' faicinn, a' meas.


³ duais.

⁴ Airson a' chinn-latha, faic Bannerman agus Black, 'A Sixteenth-century Gaelic Letter', agus Maclean-Bristol, 'Documentary Evidence and One Tradition in Coll in the late Sixteenth Century', *Notes and Queries of the Society for West Highland and Island Historical Research* XXIV, 1984, 7–19: 11.

(John M. Bannerman agus Ronald Black, 'A Sixteenth-century Gaelic Letter', *Scottish Gaelic Studies XIII*, Earrann I, 1978, 56–65: 56)

Mile beannachd o Lachlann¹ mac Mhic Gille Eòin a chum a ollaimh fhèin, mar a tha Gille Chaluim Mac Bheatha, agus tha e dha iarraidh ort air a shon fhèin agus airson a mic, Tighearna Chola², freagairt mu dhol do nighinn ighne Mhic Cailein, agus a dhèanamh gach math a dh'fhaodas tu dhi. Cha bheag sin³, ach mo bheannachd a chum ighne Mhic Eòin Stiùbhart agus a cloinne uile.

Mise Lachlann Mac Gille Eòin



*

¹ Sgrìobh Lachlann Mòr an litir seo gu a dhotair, Gille Chaluim Mac Bheatha (ris an canar cuideachd Malcolm Beaton), a dh'iarraidh air dhol a shealltainn air a phiuthar, Mòr. Is e Mac Eòin (Iain) Stiùbhart an stoidhle no tiotal a bha air ceannard Stiùbhartaich na h-Appan.

² Airson ceist litreachadh an aimm-àite, faic Colm Ó Baoill, *Duanaire Colach 1537–1757*, Obar Dheathain 1997: viii–xi.

³ is leòr sin.

11. LITIR ÀS A' PHRÌOSAN, 1604

[Le Sir Seumas mac Aonghais à Ile]

Beanacht cugaib a charde 7 a daoine muintire 7 do chuala me go ttainic sibh gos in Egluis Bhric: 7 biod fios aguibh go bfuilimse cumh buideach daoibh 7 mar go mbeiad feim agum oraib 7 do bhri gac sgeala do bfuir me ni bfuil run agum ni air biot do deanabh ach a bet mar ataim 7 air an abhar sin ataim da iaraidh oraibse tilead don bhaile gan muile air biot 7 na teigi ni bhus faicse don bhaile so no in fad do thainic sib: 7 deanaid run maith gan duine air bioth d'agail sgeala sibh do beth san tir so ni beg sin ach na teacaidh ana Sruibhle air air tteileadh egal go fuigeadh duine air biot sgeala sibh do bet san tir so abair le Domhnall techt an so anocht 7 cari... mo chuid edaid cugam air ais on Bhlacnes in la so fein san maidin

mise fur garaid diolas go bas fear mna in taoige

(Angus Matheson, ‘Documents connected with the trial of Sir James MacDonald of Islay’, *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow* 5, 1958, 207–22: 211–12)

Beannachd chugaibh a chàirdean agus a dhaoine muinntire. Agus chuala mi gun tàinig sibh gus an Eaglais Bhric: agus bitheadh fios agaibh gu bheil mise cho buidheach dhuibh agus mar gum biodh feum agam oirbh. Agus do bhrigh gach sgeòil a fhuair mi, chan eil rùn agam nì air bith a dhèanamh ach a bhith mar a tha mi. Agus air an adhbhar sin, tha mi ag iarraidh oirbhse tilleadh don bhaile gun mhaille air bith. Agus na tigibh nas fhaigse air a' bhaile seo na am fad a thàinig sibh; agus dèanaibh rùn math gun duine air bith fhaighinn sgeòil sibhse a bhith san tir seo. Cha bheag sin¹. Ach na tigibh ann an Sruighlea air ur tilleadh, eagal is gum faigheadh duine air bith sgeul sibhse a bhith san tir seo. Abair le Dòmhnull teachd an seo a-nochd, agus cuiribh mo chuid èididh² chugam air ais on Bhlackness an latha seo fhéin sa mhadainn.

Mise bhur caraid dìleas gu bàs, fear mnà-an-taighe

¹ is leòr sin.

² aodaich (gin.)

*

12. CÒIG OSNAIDHEAN A RINN DIA SAN T-SAOGHAL, 1636

Cùig osnadha do rinne Dia sa tsaodhal. An chéad osna dhíoph ar a dhíomhaoine chaithes an duine a aimsir. An dara h-osna .i. na tiодhluithe do bheir Dia don duine nach beirean a bhuidhechas ris an Tí tug dó iad. An treas osna nach caoine fear pecaidh a chomharsan mar a specaidh féin. An cheathramhadh osna míceineltacht an duine. An chúigmheadh osna .i. an anal tig tar an mbél amach nach ag moladh Dé bhíos do shíor. As móra na sgélasa fuaras ar ball 7 as cruaidh liom iad .i. bás Domhnuill Ghuirm mhic Aonghuis 7 bás Eoin mhic Ailín mhic Eoin Mhúideaphartaigh do theacht a n-én sheachtmhain 7 do sgríbhéobhuiinn tuilleadh annso muna bheadh iad 7ní fhéaduim anois a bheg do sgríobhadh ag lionn dugh 7ní h-iongnadh sin óir as mór fuaradar na daoine tánuig romhuinn ó na daoineadh dá rabhadar. Fuaramar féin mórán uatha féin 7ní as mó iná sin .i. grádh a bhfola 7 a n-eólasa aguinn ortha.

anno domini 1636 .15. march

(Ronald Black, ‘A Manuscript of Cathal Mac Muireadhaigh’, *Celtica* 10, 1973, 193–209: 201)

Còig osnaidhean a rinn Dia san t-saoghal: A’ chiad osna dhiubh: air a dhìomhanais¹ a chaitheas an duine a aimsir. An dara h-osna, eadhon na tiodhlaceaen a bheir Dia don duine nach beir a bhuidhechas ris an Tí a thug dha iad. An treas osna: nach caoin fear peacaidhean a choimhairsnaich mar a pheacaidhean fhéin. A’ cheathramh osna: mì-cheanaltachd² an duine. A’ chòigeamh osna, eadhon an anal a thig thar a’ bheòil a-mach nach ann a’ moladh Dhè a bhitheas i gu siòr³.

¹ gu diòmhain.

² neo-choibhneas.

³ gu siorraidh.

Is mòr na sgeòil sa a fhuaire mi air ball¹, agus is cruaidh leam iad, eadhon bàs Dhòmhnaill Ghuirm Mhic Aonghais agus bàs Eòin mhic Ailein mhic Eòin Mhùideartaich a theachd an aon sheachdain, agus sgrìobhainn tuilleadh an seo mura biodh iad, agus chan fhaod mi a-nise a bheag a sgrìobhadh aig lionn-dubh², agus chan iongnadh sin oir is mòr a fhuaire na daoine a thàinig romhainn o na daoine dhan robh iad³. Fhuair sinn fhìn mòran uatha⁴ fhèin, agus nì as mò na sin, eadhon tha gràdh am fol a gus an eòlais⁵ againn orra.

15 Màrt, 1636 AD

*

13. STIÙIREADH AITHGHEARR NAN CEIST, 1659⁶

A Leughthora

Mar a rinn a ngrádh do beith aguin do phobul an Tighearna, ata a gnathughadh na teanga gaoidhilg, sinn a bhrosnudhadh ar thus chum a Catachiosma aithghearr so do tharruing as a bhearla dhoibh; is amhluidh do bhrosnuigh an rúnn ceudna sinn anois, tuilleadh do na leabhraibh sin do bhualadh a gclo an dara huair, le claochladh beg ar cuid do na focla ata san cheud Translasiom. Oir ni amhain gu bfuil na leabhair anois ro ghann, achd mar a gceudna, dhaithnígh sinn le gnathughadh na nleabhar do bhith aguin, gu raibh an Translasiom sin cruaidh ar an phobul, agus do-thuicse, do bhríogh go do lean sinn ro theann ris an bhearla; achd anois ataid na so-thuicse gu mór le began claochlaidh. Uime sin, a Leughthora Chriosduidh, gabh misneach chum na leabhair so do thanig anois amach, do ghnathughadh le dithcheall, ann

¹ air a' mhionaid, an ceartuair.

² fo lionn-dubh, fo bhròn.

³ dham buineadh iad.

⁴ uapa.

⁵ An seo, cleachdar *fuil* agus *eòlas* san t-seagh *muinnir* agus *dachaigh* fa leth.

⁶ Nochd an dàrna deasachadh de Leabhar Aithghearr nan Ceist fon tiotal, *Foirceadul Aithghearr Cheasnughe* 'stiùireadh aithghearr nan ceist'. Chaidh e an clò airson na ciad uarach sa Ghàidhlig ann an 1653, ach chan eil lethbhreac dheth sin air mhaireann (Thomson, *Adtimchiol an Chreidimh*, xxxiv).

a bfuil cinn árid a Chreidimh Chriosduidh ar a ngcur sios go haithghearra ionlan, oir, Is í so a bheatha shuthain, eólus do bhith aguinn ar Dia, is ar a mhac Iosa Criod, Eoin.17.3. Agus guidh thusa ar an Tighearna, so a bheannachadh mar mheadhon árid chum coluis shoisgeil Chriod a chraobh-scaoiladh ann sna chriochaibh gaoidhlachsa. Grasa maille riot.

(R.L. Thomson, *Adtimchiol an Chreidimh: The Gaelic Version of John Calvin's Catechismus Ecclesiae Genevensis*, Dùn Eideann 1963: 232)

A Leughadair;

Mar a rinn an gràdh a bha againn do phoball an Tighearna, a tha a' gnàthachadh na teanga Gàidhlig, sinn a bhrosnachadh air thùs a chum an Leabhair-cheist Aithghearr seo a tharraing às a' Bheurla dhaibh; is amhlaidh¹ a bhrosnaich an rùn ceudna sinn, a-nis, tuilleadh de na leabhraicean sin a bhualadh an clò an dara h-uair, le caochladh beag air cuid de na facail a tha sa chiad eadar-theangachadh. Oir chan e a-mhàin gu bheil na leabhraicean a-nis ro ghann, ach mar an ceudna dh'aithnich sinn le gnàthachadh nan leabhar a bhith againn, gun robh an t-eadar-theangachadh ud cruaidh air a' phoball agus do-thuigsinn, do bhrìgh is gun do lean sinn ro theann ris a' Bheurla; ach a-nis tha iad nas so-thuigsinn gu mòr le beagan caochlaidh. Uime sin, a Leughadair Chriosdaidh, gabh misneach a chum na leabhraicean seo a thàinig a-nis a-mach a ghnàthachadh le dicheall, anns a bheil cinn àraidh a' Chreidimh Chriosdaidh air an cur sìos gu h-aithghearr ionlan; oir is i seo a' bheatha shuthain, eòlas a bhith againn air Dia is air a mhac, Iosa Criod (Eòin 17.3). Agus guidh thusa air an Tighearna seo a bheannachadh mar mheadhan àraidh a chum eòlais shoisgeil Chriod a chraobh-sgaoileadh anns na crìochan Gaidhealach sa. Gràs maille riut.

*

14. SOMHAIRLE MAC GILLE BHRÌDE AGUS NA LOCHLANNACH, c.1710
 [T]arrla don chuidecht bhig sin do bhí ag leanmuin Gille
 bride 7 Somuirle go rabhadar ar sleibhtibh 7 a coiltibh aird

¹ is ann mar sin.

gobhar 7 na morbhairne. 7 tanghas orrtha ansoin slúag mor do Lochlannachuibh 7 dfionnghallaibh, cruinighid an tiomchall Somuirle an rabha do shoighdeoruibh aige 7 muinntir na caoracht 7 curid túis 7 deireadh orrtha. Targes Somuirle anordughadh bláir íad 7 tug taisbenadh mor do naimhuid íonta. ionnus go ttug tri huairé na bfiaghnuis anen chuidecht gur shaoiladar gur ab tri cuidecht do bhí ann. Do ionnsuigh íar sin íad 7 brisder orrtha le Somuirle 7 le na muinntir, ionnus nar phill on rúaig gur chuir atúath tar abhan tsheile íad 7 an chuid fuair airdrigh dhiobh dona hoilenuibh, Nior sguir do nobuir sin no gur glan se an taobh síar dalban o Lochlannachuibh, acht oilein Fionn Loclann, re nabarthar Innsi Gall 7 búraig ar naimhdibh sgach áonlathair aig. Do chaith aimsir seal re cogadh 7 seal oilre re siocbtain go ndechuidh se re slúagh abfoghus do Ghlaschú, gur mhurt a pheidsi fein é, tug chenn dionnsuigh an ríogh anno domini 1180. adeir adhàoin fein nach do gheineamh coguidh anaghuidh an rí do chúaидh sé ar an siobhal sin acht dfhaghil siochan, oir is mo do cheannsuidh descardibh an rí na an derna sé do chogad air.

(A. Cameron, *Reliquiae Celticae II*, Inbhir Nis 1894: 154)

Thachair don chuideachd bhig sin a bha a' leanmhainn Ghille Bhrìde agus Shomhairle gun robh iad air sléibhteán agus ann an coilltean Aird Ghobhar agus na Morairne, agus thàinig orra an sin sluagh mòr de Lochlannaich agus de dh'Fhionnghaill; cruinichidh mu thimcheall Shomhairle na bha de shaighdearan aige agus de muinntir na creiche agus curridh e túis agus deireadh orra. Sheall Somhairle an òrdugh bláir iad agus thug e taisbeanadh mòr do a nàmhaid annta, ionnas gun tug e trì uairean nam fianais an aon chuideachd gun do shaoil iad gur h-e trì cuideachdan a bha ann. Rinn e ionnsaigh orra an dèidh sin agus brisear orra le Somhairle agus le a muinntir; ionnas nach do thill e on rúaig gus an do chuir e gu tuath thar Abhainn Sheile iad agus a' chuid a fhuaire àrdraich¹ dhiubh do na h-eileanan; cha do sguir e den obair sin gun do għlan e an taobh siar de dh'Albainn o

¹ birlinnean, bàtaichean.

Lochlannaich, ach eileanan Fhionn-Lochlann, ris an abrar Innse Gall, agus buaidh air nàimhdean anns gach àite aige. Chaith e a aimsir seal¹ ri cogadh agus seal eile ri siochaint gun deach e le sluagh a-null faisg air Glaschu, gun do mhurt a phèidse² fhèin e, a thug a cheann a dh'ionnsaigh an rìgh am bliadhna an Tighearna 1180. Their a dhaoine fhèin nach ann a dhèanamh cogaidh an aghaidh an rìgh a chaidh e air an t-siubhal sin ach a dh'fhaighinn siochaint, oir is mò a cheannsaich e de dh'eascairdean an rìgh na rinn e de chogadh air.

*

15. TIGHEARNAS NAN EILEAN AIR A CHUR AN SEILBH, C. 1710

[D]o bhí Ragnall mac Eóin na aird sdiubhor ar Innsibh Gall, anaimsir athar do bheth na aois ársuighe ⁷ ag riaghladh os a cionn dó ar neg da athair do chuir tionnol ar úaslibh Innsibh Gall ⁷ ar bhrathribh go haonionadh, ⁷ tug sé slat an tigernais da bhrathair accill Donnain a neige ⁷ do goiredh mac Domhnuill de ⁷ Domhnall ahile anaighuidh baramhla fher Innsi Gall, Do bhfer meduighe cheall ⁷ mainisdreach an Ragnalla mac Eoin mic Aongus óig ó na lenmhuid clann raghnaill do rágh re na shliochd Do bhronn sé thír umha dferann anuibhisd do mainisdir Íe siorruidh go brath anoir Dé ⁷ Choluim Chill. Do bhí sé na uachdaran ar anoirer athúath uile ⁷ ar na hoileanuibh no gur ég sé *anno domini* 1376 na mhainer féin san Chaislen tirim, ar fágbhail chuiger afer ann ara shliochd ...

(A. Cameron, *Reliquiae Celticae II*, Inbhir Nis 1894: 160)

Bha Raghall mac Eòin na àrd stiùbhard air Innse Gall, an aimsir a athar a bhith na aois àrsaидh, agus a' riaghladh os an cionn dha; air eug a athar chuir e tional air uaislean Innse Gall agus air a bhràithrean gu aon ionad, agus thug e slat an tighearnais do a bhràthair an Cill Donnain an Eige,

¹ üine, greis.

² òigear an seirbheis tighearna.

agus ghoireadh¹ MacDhòmhnaill dheth agus Dòmhnaill à Ile an aghaidh barail fir Innse Gall. Is e fear meudachaidh cheall² agus mhanachainnean a bha anns an Raghnall sa, mac Eòin mhic Aonghais Oig, on a leanas sinn Clann Raghnaill a ràdh ri a shliochd. Bhuilich e tìr-unga³ de dh'fhearrann an Uibhist do mhanachainn Idhe siorraidh gu bràth an onoir Dhe agus Chaluim Chille. Bha e na uachdaran air an oirear a tuath uile agus air na h-eileanan gun do dh'eug e sa bhliadhna 1376 san dùthchas aige fhèin sa Chaisteal Thioram, air dha coignear fhearr fhàgail ann de a shliochd.

*

16. ALASDAIR MAC COLLA, C. 1710

[I]s furusda dhuit as an tenguidh choitchinn ina bfuiler ag sgríobhadh san rioghacht fios ar thrioblloid na haimsire dfaghail. acht so amháin gurab cuimhnech liom gur ab íad na halbanuidh is taosga do thionnsgain cogadh sa na tri Rioghachtuibh 7 nar bhíad sagsanuigh no eireannaigh; oir tair eis coibhinent no comhchengal do ghenamh anaghaidh an ríogh 7 Shagsanach um na heasbaguibur do chur ar cùl 7 Presbetrí do chur na nionad gur chuireadar fios ar an rabh doifigechuibh albanach san rioghachtuibh oilé taóbh thall dairge 7 gó nde[r]nadar árd chommandair dalasduir Leislí .i. sensoigdeir do bhí fada accogadh ar choigcrich, do ghlúas an tarmsin ar anaghaidh go Sagsan ase sin an chét arm do cuiredh ar chois anaimsir rí Serlais 7 is na aghaidh do bhi se. Do cháigh na riogachta tre na chéile oshin amach san bliaghain do nannaladh tarlla sin 1639 7 an tes na ngnoidhig sin do chuir marcos aontrom .i. Ragnall óg m^c Ragnaill arannuidh páirtaigh aimh a heirinn le hordughadh an ríogh go halbain 7 daóine úasle do chinnedh leó .i. Alasdair mac colla m^c Giolla asbuig 7 coileneil Séamus mac Somuirle m^c Séamus nabanna 7 daóine uaisle oilé, do cuadar na loinges a mbaile hac amí julí 1644 n[í]or gabhadar cala no thír go rangadar caol múile 7

¹ dh'ainmicheadh.

² eaglaisean.

³ meud tìre air luach ùnnsa de dh'airgead.

do cuiredar leigeir ma caislén cheann Loch alann 7 do gabhadar é 7 do fágsad bárdagha air, do ghluaisedar asa sin go cáislen mhíogharí, do gabhadar é le mór saothair, do fagbhadh daóine air da mhuintir, do ghlúais Alasdair mac colla 7 an phártaigh do ccois go caol reithe, do seol an luinges go loch Eiseórd san strath go Sir Domnall, do bhi ordughadh an rí 7 an marcois antrom um chennus na ndaoine do gabhail chuige 7 deirghe leó 7 gach duine do eirghed leó. Leath bhliadhain roimhe sin fuair Sir Domnall bas, tairges alasdair mac cholla cennus na ndaoine do Sir Séamus mac Domnaill 7 diultais Sir Semus sin, oir budh beg leis an cuidechta 7 an ríoghacht uile na naghaidh 7 gan san chuideacht ach cúig cét dég fer, gur be comhairle do chuir Aluisdair roimhe filledh ar ais go heirinn o nar freagradh ordughadh an rí úatha. Fa nam sin tangadar trí longa móra do loinges choguidh na Parlameinte albanuidh timchell o líte gur sheóladar go rangadar bun locha heiseórd 7 luingeas alasdair astigh san loch, tugadar troid dóibh, gedheadh do gabhadh luinges alasdair, ionnus gur bheigen dalasdair anmhuijn san ríoghacht ina ttarla olc ar mhaith leis e.

Gluaisis roimhe tar chaol reithe, tar monadh chuaich, asa sin doibh go glenn garadh, go nernadar campa ann 7 fuaradar martacht go sáidhbhir da mhuinnitir 7 nior éiridh abheg do dhaónibh. asa sin doibh go Báidinech 7 do rinnedar campa an soin, do fhogradar do mhuinnitir na tíre sin techt astech anarm an ríogh no go loisgfedh 7 go creachfad an tír, do taisbenadh an tordughadh dhoibh 7 do thóghbadar leis anordughadh clann mhuirigh Bháideineach 7 caipdín 7 cennsedhna maith da fuil fein rompa .i. eogain óg m^c andra m^c eóghain tug tri chet fer da fhuil fein leis anarm an ri 7 do bhadar ro shesmach san narm an fedh do mhair an cogadh do eiridh clann Fhionnlraig Bhraighe mharr leo 7 cenn fedhna da fuil fein rompa .i. Domhnall óg m^c Domhnaill m^c Fionnláigh do gluaisadar asa sin dafall 7 tarrla Iarrla muntróas doibh amblar anafa afalla accruth ceannuidhe cláraige 7 máilín fa na bhrághúid ar ttecht o Sagsan 7 ordughadh an ríogh leís um ginleirecht na harmaraile do bheth aige 7

Alasdair mac colla na mháidseoir Sinirel aige 7 do ghlacadar go toilemhail chuca é, do gabh urmhór fer afall leó clann Donchaidh 7 Sdiubharduigh afall do bhi tosach an fhóghmhuir aca nunámsin, 7 do ghlúais do chum an mhachuir ghallda, Tug arm ail mor dona coibhinentairsi coinne dhoibh angar do Phert an roibh ocht míle fer 7 ni rangadar feíne da mhíle coisige do shlúagh acht gedhedh rugadar buaigh orrtha ni dhechaidh as díobh acht an rug luas each úatha. Do gabhadar Pert 7 do badh édalach ionmhussach íad tar éis an catha soin Phert. ni rabh acht cúig la dég eter an cath sin do thabhairt 7 cath oile do bhrisded ag Obuirdhegh ar na covinenter aite abfuaradar cumasg cruidh 7 troid thenn torannbhorb, do mhétuidh búaigh an da chatha sin misnech 7 menmna Ghaoidheal o sin amach, ionnus nach tuggis cùl do namhaid ar choram na ar anchoram ...

(A. Cameron, *Reliquiae Celticae* II, Inbhir Nis 1894: 176–79)

Is furasta dhuit às an teangaидh choitchinn anns a bheilear a' sgrìobhadh san Rìoghachd fios air trioblaid na h-aimsire fhaighinn, ach seo a-mhàin, gur cuimhne leam gum b' iad na h-Albannaich an toiseach a thòisich cogadh anns na trì Rìoghachdan agus nach b' iad Sasannaich no Eireannaich. Oir, an dèidh cùmhant no co-cheangal a dhèanamh an aghaidh an righ agus Shasanach mu na h-easbaigean a chur air chùl agus a' Chlèir a chur nan ionad, gun do chuir iad fios air na bha de dh'oifigich Albannach sna Rìoghachdan eile taobh thall d'shairge agus gun do rinn iad àrd cheannard de dh'Alasdair Leislidh, eadhon seann saighdear a bha fada an cogadh an dùthchannan cène. Għluais an t-arm sin air an aghaidh gu Sasainn. Is e sin a' chiad arm a chuireadh air chois an aimsir Righ Teàrlach agus is ann na aghaidh a bha e. Chaith na Rìoghachdan troimh-chèile o shin a-mach – sa bhliadhna, a rèir an ama, 1639, a thachair sin. Agus an teas nan gnothach sin, chuir Marcos Aontrom, eadhon Raghnall Og mac Raghnail Arannaich, buidheann aimr à Eirinn le òrdugh an righ gu Albainn, agus daoine uaisle de a chinneadh leotha, eadhon Alasdair mac Colla mhic Gilleasbaig agus an Còirnealair Seumas mac Shomhairle mhic Sheumais na Banna agus daoine uaisle eile. Chaith iad nan loingeas

am Baile Hac¹ am mìos an Iuchair, 1644. Cha do ghabh iad cala no tìr gun do ràinig iad Caol Muile; agus chuir iad lèigearl² mu Chaisteal Cheann Loch Alainn, agus ghabh iad e agus dh'fhàg iad gearastan air. Għluais iad às an sin gu Caisteal Mhiogħarraigħ; għabha iad e le mòr shaothair; dh'fhàgadha daoine air de a mħuinnit. Għluais Alasdair mac Colla agus a' bħuidheann den cois gu Caol Reithe; sheol an loingeas gu Loch Eiseord san t-Srath gu Sir Dòmhnaill. Bha òrdugh an rìgh agus a' Mharcais Aontrom [aige] mu cheannas nan daoine a għabha l-chuige agus ēirigh leotha, agus gach duine a dh'ēireadh leotha. Leth bhliadhna roimhe sin fħuair Sir Dòmhnaill bäs. Thairg Alasdair mac Colla ceannas nan daoine do Shir Seumas mac Dhòmhnaill agus dħiult Sir Seumas sin, oir bu bheag leis a' chuideachd agus an Rìoghachd uile nan aghaidh agus gun sa chuideachd ach còig cheud deug fear; gum b' e comhairle a chuir Alasdair roimhe tilleadh gu Eirinn o nach do jħreagrath òrdugh an rìgh uapa. Mun àm sin thàinig trì longan mōra de loingeas chogaidh na Pàrlamainte Albannaich timcheall o Lîte, gun do sheol iad gun do ràinig iad bun Loch Eiseord agus loingeas Alasdair a-staigh san loch; thug iad trod³ dhaibh, gidheadd ghabbadha loingeas Alasdair, ionnas gum b' ēigginn do dh'Alasdair fantainn san Rìoghachd san do thachair e, olc air mhath leis e.

Għluais e roimhe iħar Chaol Reithe, thar Mhonadh Chuaich; às an sin dhaibh gu Gleann Garadh, gun do rinn iad càmpa ann, agus fħuair iad mairfsheoil gu saidhbhir do a mħuinnit; agus cha do dh'ēirich a bheag de dhaoine. As an sin dhaibh gu Bäideanach agus rinn iad càmpa an sin. Dh'jhògħair iad⁴ do mħuinnit na tire sin teachd a-steach an arm an rìgh no gun loisgeadh agus gun creachadh iad an tir. Thaisbeanadh an t-òrdugh dhaibh agus thog iad leis an òrdugh Clann Mhuirich Bhäideanach agus caiptean agus ceann-feadhna math de am fuil fħein rompa, .i. Eòghan Og mac Anndra mhic Eòghainn a thug trì cheud fear de a fuil fħein leis an arm an rìgh, agus bha iad ro sheasmhach san arm am feadh 's a mhair an cogadh. Dh'ēirich Clann Fhionnlaiħ Bhràigh Mhàrr leotha agus ceann-feadhna de am fuil fħein rompa, .i. Dòmhnaill Og mac Dhòmhnaill mhic Fhionnlaiħ. Għluais iad às an sin do Athall agus thachair Iarla Mhontròis dhaibh

¹ Port an ear air Port Lāirge, ceann a deas na h-Eireann.

² sèist.

³ sabaid.

⁴ thug iad rabhadh.

am Blàr an Athaill an cruth ceannaiche fiodha agus màileid bheag mu a amhaich, air teachd o Shasainn agus òrdugh an rìgh leis mu sheanailearachd an armait a bhith aige agus Alasdair mac Colla na mhàidsear seanailear aige; agus ghlac iad gu toileach chuca e. Ghabh mòr-chuid fir Athaill leotha, Clann Donnchaidh agus Stiùbhartaich Athaill. Bha toiseach an fhoghair aca mun àm sin, agus ghluais e a chum a' Mhachair Ghallda. Thug armait mòr de na Cobhanantars coinneamh dhaibh an gar do Pheairt¹ san robh ochd mìle fear agus cha do ràinig iad fhèin dà mhile coisiche de shluagh; ach gidheadh rug iad buaidh orra – cha deach às ach na rug luaths each uapa. Ghabh iad Peairt agus bu eudaileach² ionmhasach iad an dèidh a' chatha sin Pheairt. Cha robh ach còig latha deug eadar an cath sin a thabhairt agus cath eile a bhriseadh aig Obar Dheathain air na Cobhanantars, àite an d'fhuair iad cumasg³ cruaidh agus todh theann thorannbhorb. Mheudaich buaidh an dà chatha sin misneach agus meanmna Ghaidheal o sin a-mach, ionnas nach toireadh iad cùl do nàmhaid air chothrom no air ana-cothrom.

*

17. CÒMHDACH LACHLAINN MHIC MHUIRICH, 1800

Ann an tigh Phadraig mhic Neacail in Torlum gairid o Chaisteal Bhuirghi ann an Sioramachd Ionbhairnis, a naoithe la d'an chiad mhios d'an fhomhar, anns an dà fhichead bliadhna agus naoideg d'a aois, thainig Lachlan mac Néil, mhic Lachlain, mhic Néil, mhic Dhōnail, mhic Lachlain, mhic Néil mhòir, mhic Lachlain, mhic Dhōnail, do shloinne chlann Mhuirich, ann an lathair Ruairi Mhic Néil tighearna Bhàra, thabhairt a chòdaich, mar is fiosrach eisean, gur e fein ant ochda glùn dèg o Mhuireach a bha leanamhain teaghlaich mhic 'ic Ailen, ceannard chlann Raonail, mar bhardaibh, agus o an àm sin gu robh fearan Staoiligairi agus ceithir peighinean do Dhrimasdal aca mar dhuais bardachd o linn gu linn feedh choig ghlun dèag: Gu do chaill an seatha glun dèag ceithir peighinean Dhrimasdail, ach gu do ghlèidh an seachda glùn dèag fearan Staoiligairi fad naoi bliadhna dèag dhe aimsir, agus gu robh a fearan sin ar a cheangal dhoibh ann an còir fhad

¹ Faisg air Peairt.

² beairteach.

³ iorghail, sabaid.

’s a bhiodh fear do chlann Mhuirich ann, a chumadh suas sloinne agus seanachas chlann Dònail; agus bha e mar fhiachaibh orra, nuair nach biodh mac ag a bhard, gu tugadh e fòghlam do mhac a bhrathar, no d’ a oighre, chum an còir ar an fhearan a ghleidhe, agus is ann areir a chleachdai so fhuair Nial, athair fein, iounsacha gu leugha agus scriobha ēachdrai agus bàrdachd, o Dhònail mac Nèil mhic Dhònal, brathair athar.

Tha cuimhne mhath aige gu robh saothair Oisein scriobht ar craicin ann an glèatanas athar o shinsearaibh; gu robh cuid do na craicin ar an deanamh suas mar leabhraichean, agus cuid eile fuasgait o chèile, anns an robh cuid do shaothair bhard eile, bhàrachd ar saothair Oisein.

Tha cuimhne aige gu robh leabhar ag athair ris an canadh iad an leabhar dearg, do phaiper, thainig o shinsearaibh, anns a robh mòran do shean eachdrai na fineachan Gaidhealach, agus cuid do shaothair Oisein mar bha athair ag innse dha. Chan eil a haon de na leabhraichean sa ar fhaotain an diu, thaobh is nuair a chaill iad a fearan, gu do chaill iad am misneach agus an dùrachd. Chan eil e cinnteach cid e thainig ris na craicin, ach gu bheil barail aige gu tug Alasdair mac Mhaighsdir Alasdair ’ic Dhònail ar falbh cuid diubh, agus Raonal a mhac cuid eile dhiubh; agus gu faca e dha na tri dhiubh ag tàileirean ga ’n gearra sios gu criosaibh tomhais: Agus tha cuimhne mhath aige gu tug mac ’ic Ailen ar athair an leabhar dearg a thabhairt seachad do Sheumas mac Mhuirich a Báidenach; gu robh e gairid o bhi cho tiugh re Biobal, ach gu robh e na b’ fhàide agus na bu leatha, ach nach robh ūrad thiughaid sa chòdach; gu robh na craicin agus an leabhar dearg ar an scriobha anns an làimh an robh Ghàidhlic ar a scriobha o shean ann Albain agus ann Eirin, mun do ghabh daoine cleachda ar scriobha Gàidhlic anns an làimh Shaghsanaich; gum b’ aithne d’ a athair ant shean làmh a leugha gu math; gu robh cuid de na craicin aige fein an dèigh bàis athar, ach thaobh is nach do ionnsaich e iad, agus nach robh adhbhar meas aig’ orra, gu deachai iad ar Chall. Tha e ag ràdh nach robh haon do shinsearaibh ar a robh Paul mar ainm, ach gu robh dithis dhiubh ris an canadh iad Cathal.

Tha e ag ràdh nach ann le haon duine scriobhadh an leabhar dearg, ach gu robh e ar a scriobha o linn gu linn le teaghlaich Chlann Mhuirich, bha ag cumail suas seanachais Chlainn Dò nail, agus cheannard na fineachan Gaidhealach eile.

An deigh so a scriobha, chaidh a leugha dha, agus dhaidich e gu robh e ceart ann an làthair Dhò nail mhic Dhò nail, fear Bhaile Ra'ail; Eoghain mhic Dhò nail, fear Gheara-sheilich; Eoghain mhic Dhò nail, fear Ghriminis; Alasdair mhic Ghilleain, fear Hoster, Alasdair mhic Neacail, minister Bheinn bhaoghla; agus Ailen mhic Chuinn, minister Uist Chinn a tua, a fear a scriobh a seanachas so.

comhar

Lachlan ✕ Mac Mhuirich.

a làimhe.

Ruairie Machd Neall, J.P.

(‘Declaration of Lachlan Mac Vuirich, in the Original, made at *Torlum in Barra* [leugh Beinn na Fadhla], 9th August 1800’, *Report of the Committee of the Highland Society of Scotland appointed to inquire into the Nature and Authenticity of the Poems of Ossian*, Dun Eideann 1805: 275-77¹)

Ann an taigh Phàdraig mhic Neacail an Torlum, goirid o Chaisteal Bhuirghe ann an Siorramachd Inbhir Nis, an naoidheamh latha den chiad mhìos den fhoghar, anns an dà fhichead bliadhna agus naoi deug de a aois, thàimig Lachlann mac Néill mhic Lachlainn mhic Néill mhic Dhòmhnaill mhic Lachlainn mhic Néill Mhòir mhic Lachlainn mhic Dhòmhnaill de shloinneadh² Chlann Mhuirich, ann an làthair Ruairidh Mhic Néill, Tighearna Bharrraig, a thabhairt a chòmhdaich, mar as fiosrach esan, gur h-e fhèin an t-ochdamh glùn deug o Mhuireach a bha a' leanmhainn teaghlaich Mhic 'ic Ailein, ceannard Chlann Raghnaill, mar bhàird, agus on àm sin gun robh fearann Stadhlaigearraidh agus ceithir peighinnean de Dhrèimeasdal

¹ Rinn W.J. Watson deasachadh le atharrachaidhean beaga air an seo ann an *Rosg Gàidhlig*, Inbhir Nis 1915: 139–41.

² sliochd.

aca mar dhuais bàrdachd o linn gu linn am feadh chòig ghlùn deug; gun do chaill an sèathamh glùn deug ceithir peighinnean Dhrèimeasdail, ach gun do ghléidh an seachdamh glùn deug fearann Stadhlaigearraidh fad naoi bliadhna deug de aimsir¹, agus gun robh am fearann sin air a cheangal dhaibh ann an còir fhad 's a bhiodh fear de Chlann Mhurich ann a chumadh suas sloinneadh agus seanchas Chlann Dhòmhnaill; agus bha e mar fhiachaibh orra, nuair nach biodh mac aig a' bhàrd, gun tugadh e fòghlam do mhac a bhràthar, no do a oighre, a chum an còir air an fhearrann a ghléidheadh, agus is ann a rèir a' chleachdaidh seo a shuair Niall, athair fhèin, ionnsachadh gu leughadh agus sgrìobhadh eachdraidh agus bàrdachd, o Dhòmhnull mac Nèill mhic Dhòmhnaill, bràthair athar.

Tha cuimhne mhath aige gun robh saothair Oisein sgrìobhte air craicinn ann an glèidhteanas² athar o a shinsearan; gun robh cuid de na craicinn air an dèanamh suas mar leabhraichean, agus cuid eile fuasgailte o cheile, anns an robh cuid de shaothair bhàrd eile, a bharrachd air saothair Oisein.

Tha cuimhne aige gun robh leabhar aig athair ris an canadh iad an Leabhar Dearg, de phàipear, a thàinig o a shinsearan, anns an robh mòran de shean eachdraidh nam fineachan Gaidhealach, agus cuid de shaothair Oisein mar a bha athair ag innse dha. Chan eil a h-aon de na leabhraichean sa air fhaotainn an-diugh, a thaobh is nuair a chaill iad am fearann, gun do chaill iad am misneach agus an dùrachd. Chan eil e cinnteach ciod e³ a thàinig ris na craicinn, ach gu bheil barail aige gun tug Alasdair mac Mhaighstir Alasdair 'ic Dhòmhnaill air falbh cuid dhiubh, agus Raghnall a mhac cuid eile dhiubh; agus gum faca e dha na trì dhiubh aig tàillearan gan gearradh sìos gu criosan tomhais. Agus tha cuimhne mhath aige gun tug Mac 'ic Ailein air athair an Leabhar Dearg a thabhairt seachad do Sheumas mac Mhurich à Báideanach; gun robh e goirid o bhith cho tiugh ri bioball, ach gun robh e na b' fhaide agus na bu leatha, agus nach robh uiread thiughaid sa chòmhach; gun robh na craicinn agus an Leabhar Dearg air an sgrìobhadh anns an làimh an robh a' Ghàidhlig air a sgrìobhadh o shean an Albainn agus an Eirinn, mun do ghabh daoine cleachdte air sgrìobhadh Gàidhlig anns an làimh Shasannaich; gum b' aithne do a athair an t-seann làmh a leughadh gu math; gun robh cuid de na craicinn aige fhèin an déidh bàis athar, ach

¹ No *de a aimsir*.

² air chùram.

³ gu dè, dè.

a thaobh is nach do dh'ionnsaich e iad, agus nach robh adhbhar meas aige orra, gun deachaidh iad air chall. Tha e ag ràdh nach robh a h-aon de a shinnsearan air an robh Paul mar ainm, ach gun robh dìthis dhiubh ris an canadh iad Cathal.

Tha e ag ràdh nach ann le h-aon duine a chaidh an Leabhar Dearg a sgriobhadh, ach gun robh e air a sgriobhadh o linn gu linn le teaghlaich Chlann Mhuirich, a bha a' cumail suas seanchais Chlainn Dhòmhnaill, agus cheannard nam fineachan Gaidhealach eile.

An dèidh seo a sgriobhadh, chaidh a leughadh dha, agus dh'aidich e gun robh e ceart ann an làthair Dhòmhnaill mhic Dhòmhnaill, fear Bhaile Raghnaill; Eòghainn mhic Dhòmhnaill, fear Ghearrá' Sheilich; Eòghainn mhic Dhòmhnaill, fear Ghùriminis; Alasdair mhic Ghill-eain, fear Hostar¹; Alasdair mhic Neacail, ministear Bheinn na Fadhla; agus Ailean mhic Chuinn, ministear Uibhist Chinn a Tuath, am fèar a sgriobh an seanchas seo.

comharra

Lachlann × Mac Mhuirich

a làimhe.

Ruairidh Mac Néill, J.P.

*

18. LITIR EÒGHAINN MHICLACHLAINN GU ATHAIR, 1811

O thaobh-deas Sraide Mhic Neachdainn,
'an Dunéideann, Diluain, an t-ochdamh la
do'n mhios mheadhoin Shamhraisdh 1811

A Ghaoil Athair,

Dh'fhang mi Obairreadhain 'sa mhadaidh Dimairt 'sa chaidh,
ann cuideachda ri Sir Gilleanbuig Grannd Mhonaidh-mhusga,
agus ri Dr MacDhàibhidh a tha gu bhi 'n àite Mhaighistir

¹ Is math dh'fhaodte gur h-e Homhsta an Uibhist a Tuath a tha an seo.

Beattie. Ghabh sinn ar 'n àiteachan suidhe ann 'sa charbad mu shia uairean 'sa mhaduinn, 's bha sinn 'an oidhche sin 'am baile Pheairt. Rainig sin Sràid a Phrionnsa ann an Dunéideann Diciaduin mu dha uair a latha. Chuir iad mo chisdeag a's tigh òsda, far an d rinn mi beagan feitheamh gu's 'n do ghlan iad mo bhòtainnean, 's an tugadh dhiomh¹ an fheusag. Rainig mi ann sin tigh an Olluidh Ghriogaraich, an t Aon duine is fearr ionnsachadh ann an Albainn. Cha robh e fein a's tigh, ach fhuair mi Mr Rae a tha 'g ionnsachadh cloinne an Dotair Ghriogaraich. Fhuair Mr Rae aite tàmha dhomh, far a bheil mi fathast. O 'nach eil agam ach tri seachdainean a dh'uine, tha mi fein a ceannach mo theachd an tir, agus bean an tighe d'a dheasachadh. Thig mo sheomar 10/6 'san t sheachdain – Cha n eil dith bidh no dighe orm; 's tha mi tric a muigh air chuireadh.

Cha ruig mi leas innse dhuibh, gun do chuir Comunn Gaidhealach Dhuneideann da leabhar an'-barrach duilich am' ionnsuidh gu h' Obar'readhain, a dh' fheuchainn an robh dh'innleachd a'm cheann na dheanadh amach iad – Rinn mi 'mach pairt dhiubh: 's bha mi 'n diugh fein air beul'aobh a chomuinn. 'Se Sir J. Sinclair a b'Fhear Riaghailt, agus bha cach na'n suidhe tim'chioll. Dh'iarr iad ormsa innse gach ni 'bh'agam ri thaisbeineadh mu na leabhraichean duiliche: Dh innis mi dhoibh gach ni a fhuair mi a mach mu na leabhraichibh. An deigh greis bruidhne 'nunn 's a nall, thuirt am Fear Riaghailte:– 'A dhaoin' Uaisle na Coinnimh! a bhrigh 's gu'n d'rinn MacLachuinn a dhleasannas, 's coir dhuinn mean-shealltainn ris a ghnothach. Si mo bheachdsa, gur còir leabhraichean laimh-sgriobhta a chomuinn a chur na laimh gus an dean e 'mach iad, 's gu'n cuir e am folluis eachdruidh is onoir na Gaeilige. Agus an uair a gheibh sinn an t-òrdugh o'n Righ 's on Pharlamaid, gun deantar Eobhon MLachainn na Ard-Mhaighistir air a Gaelic, ann an Collaisde Dhunéideann.' Thuirt na Daoin' Uaisle, gu'n seasadh iad uile le h ordugh an Fhir Riaghailte gun amharas.

¹ i.e. dhìom – is math dh'fhaodte gur h-e mearachd clòdha a tha seo.

‘Tha ’mhiann oirn, a Mhic Lachuinn (os iadsan riumsa) thusa ’bhi air a cheart ste, air a bheil do bhràithrean Ard-Mhaighistirean ionnsaiche¹ Dhun-eideann.’

Cha mhor tuillidh a ruigeas mi leas a chur ann am litir. Aig an Dia phriseil a tha brath ciod a thig ’na lorg so: ach ’s feudar dhomh aideach gu bheil gach cuis an diugh air deagh neòil. Theid a nise ’m àrdachadh ga rìreamh: ’s ma tha Dia fabhorach dhomhsa, cha d’theid sibhse isleachadh. – Leis an fhios seo ann am litir, ’s leis an t shòlas a th’ air m’ inntinn, cha’n urrainn duibhse gu’n phartachadh ann am sholas. Ann deigh ioma bliadhna do dh’fhanghas, do dh aithmheil, ’s do dh’ an’shocair, ’s eibhneach gu bheil onoir is cliù a crunadh gach ni – Olaibh air Glogan-bo-Saidh. A full glass to the Gaelic Professor of Edinburgh – Cha’n eil tuilleadh agam ri ghràthainn, ach mile-mhiltibh beannachd o’n Dia Uilechumhachdach air bhur ceann agus air bhur croidhe, gu saoghal nan saoghal – Cuiridh mi litir a h Obar-readhain a dh’iarraidh nan gilleann – Oir is beachd dhomh gu’m bi bliadhna no dhà mu’n d theid mi fathast ann an seilbh mo għrama – Slan léibh. Tha so ann laimh-sgriobhaidh bhur mic għradhaich.

Eobhon MLachainn

Maighistir na Gaeilge, ann Duncideann

(Derick S. Thomson, ‘Unpublished Letters by the Poet Ewen MacLachlan’, *Scottish Gaelic Studies XI*, Earrann II, 1968, 202–36: 210–12)

*O thaobh deas Sràide Mhic Neachdainn
ann an Dùn Eideann, Diluain, an t-ochdamh latha
den mhios mheadhain Shamhraidh, 1811*

A għaoil athair²,

Dh’jhàg mi Obar Dheathain sa mhadainn Dimàirt sa chaidh, ann

¹ i. ionnsaiche; mearachd clòdha, is math dh’fhaodte.

² Air ainmeachadh air a’ chòmhda, ‘Mr Donald McLachlan, Fortwilliam’.

an cuideachd ri Sir Gilleasbaig Grannd Mhonaidh Mhusga¹, agus ri Dr MacDhaibhidh a tha gu bhith an àite Mhaighstir Beattie. Ghabh sinn ar n-àiteachan-suidhe anns a' charbad mu shia uairean sa mhadainn, is bha sinn an oidhche sin am baile Pheairt. Ràinig sinn Sràid a' Phrionnsa ann an Dùn Eideann Diciadain mu dhà uair a latha. Chuir iad mo chisteag anns an taigh-òsta, far an do rinn mi beagan feitheimh gus an do ghlan iad mo bhòtainnean, is an tugadh dhòm an fheusag. Ràinig mi an sin taigh an Ollaimh Ghriogaraich, an t-aon duine as fheàrr ionnsachadh ann an Albainn. Cha robh e fhèin a-staigh, ach fhuair mi Mgr Rae a tha ag ionnsachadh cloinne an Dotair Ghriogaraich. Fhuair Mgr Rae àite-tàmha dhomh, far a bheil mi fhastast. O nach eil agam ach trì seachdainean a dh'ùine, tha mi fhìn a' ceannach mo theachd-an-tìr agus bean-an-taighe dha dheasachadh. Thig mo sheòmar gu 10/6² san t-seachdain. Chan eil dìth bìdh no dibhe orm; is tha mi tric a-muigh air chuireadh.

Cha ruig mi a leas innse dhuibh gun do chuir Comann Gaidhealach Dhùn Eideann dà leabhar anabarrach duilich dham ionnsaigh gu Obar Dheathain, a dh'fheuchainn an robh a dh'innleachd nam cheann na dhèanadh a-mach iad. Rinn mi a-mach pàirt dhiubh; is bha mi an-diugh fhèin air beulaibh a' chomainn. Is e Sir J. Sinclair³ a b'fhear-riaghailt, agus bha càch nan suidhe timcheall. Dh'iarr iad ormsa innse gach nì a bha agam ri thaisbeanadh mu na leabhraichean. An dèidh greis bruidhne a-nunn is a-nall, thuirt am fear-riaghailt, 'A dhaoine-uaisle na coinnimh, a bhrigh is gun do rinn MacLachlainn a dhleasnas, is còir dhuinn mion-shealltainn ris a' gnothach. Is i mo bheachd-sa gur còir leabhraichean làmh-sgrìobhte a' chomainn a chur na làimh gus an déan e a-mach iad, is gun cuir e am follais eachdraidh is onair na Gàidhlige. Agus an uair a gheibh sinn an t-òrdugh on Rìgh is on Phàrlamaid, gun dèantar Eòghann MacLachlainn na àrd mhaighstir air a' Ghaidhlig ann an Colaiste Dhùn Eideann.' Thuirt na daoine-uaisle gun seasadh iad uile le òrdugh an fhìr-riaghailt gun amharas. 'Tha a mhiann

¹ Mòine Muiseig (Iain Taylor, *Ainmean-Àiteachan*, an Teanga 1981: 34).

² deich tastain gu leth.

³ Sir John Sinclair (1754–1835), à Ulbster ann an Gallaibh, a bha na fhear mòr ri leasachadh an tuathanachais air a' Ghaidhealtachd agus na cheannard làdir aig Comann Gaidhealach na h-Albann (The Royal Highland and Agricultural Society of Scotland).

oирнн, a MhicLachlainn,’ arsa iadsan riumsa, ‘thusa a bhith air a’ cheart stéidh air a bheil do bhràithrean, àrd mhaighstirean ionnsachte Dhùn Eideann.’

Cha mhòr tuilleadh a ruigeas mi a leas a chur nam litir. Aig an Dia phrìseil a tha brath ciod a thig na lorg seo; ach ’s fheudar dhomh aideachadh gu bheil gach cùis an-diugh air deagh neòil. Thèid a-nise m’ àrdachadh dharribh; is ma tha Dia fàbharach dhomhsa, cha tèid sibhse isleachadh. Leis an fhiros seo nam litir, is leis an t-sòlas a tha air m’ inntinn, chan urrainn dhuibhse gun phàirteachadh nam shòlas. An dèidh iomadh bliadhna de dh’fhannlas¹, de dh’aithmheil², is de dh’anshocair, is aoibhneach gu bheil onair is cliù a’ crùnadadh gach nì – Ollamh air Glogan-bo-Saidh³. A full glass to the Gaelic Professor of Edinburgh. Chan eil tuilleadh agam ri ràdh, ach mile-mhiltibh beannachd on Dia uile-chumhachdach air bhur ceann agus air bhur cridhe, gu saoghal nan saoghal. Cuiridh mi litir à Obar Dheathain a dh’iarrайдh nan gillean; oir is beachd dhomh gum bi bliadhna no dhà mun tèid mi fhathast ann an seilbh mo ghrama⁴. Slàn leibh. Tha seo ann an làmh-sgriobhaidh bhur mic ghràdhraig.

Eòghan MacLachlainn

Maighistir na Gàidhlige ann an Dùn Eideann

*

19. LONG MHÒR NAN EILTHIREACH, 1828

Air pilleadh dhomh air m’ ais o I Chalum Chille, thainig sinn air an aon fheasgar shàmhruidh a b’ àillidh a chunnaic mi riabh, do àite tearuinte fasg’ach, a tha ann an ceann mu thuath dhe’n eilean Mhuileach! Air leam⁵, nach faca mi cala loingeas idir, a tha air a dhòn o éirigh fairge agus o chumhachd soirbheis mar tha e. Tha eilean fada caol ga chuaireachadh air an taobh a muigh, a’ sgaoileadh a sgiathan gu cairdeil, m’an cuairt air gach

¹ de sgìths, de chlaoidh.

² de dh’aimheal, de dhragh.

³ far-ainm air fhìn, is dòcha.

⁴ i. mo ghreime (gin.), an dòigh cosnaidh agam.

⁵ saoilidh mi.

soitheach beag agus long, a tha 'g iarruidh fasgaidh na thaic, o dhruim a chuain, no tha feitheamh ri sìde mara gus an rugha mòr a ghabhail. Air an laimh dheis mar chaidh sinn a stigh, tha'm fearann ag éiridh gu corrach cas; bha sinn a' seoladh ri bile nan creag, agus geuga nan craobh a' lùbadh dlù dhuinn, thainig fàileadh a bharraich oirn air oiteig an t-sàmhruidh, – agus bha mìl' eun beag le'n ceileiribh binn a' seinn air gach preas, a' cur fàilte oirn 'nuair a bha sinn a' seoladh seachad oirre gu réidh sàmhach. Cha robh taobh a thionndain mo shuil nach robh 'n sealladh taitneach, na beannta àrda Morchuanach¹ 's iad uaine gu'm mullach, Suaineart le chnoichd² 's le thulaichean boidheach – 's an leathar³-Morthairneach a' sineadh uainn, a' deanamh gairdeachas ann am blàs an fheasgair shàmhruidh. Aig ceann shuas a chaoil chi mi,

– Bheinn mhòr is àillidh sniamh,
Ceann-feadhna nam mìle beann;
Bha aisling nan damh na ciabh,
'S i leaba nan neul a ceann.

An uair a dhlùthaich sinn a stigh cha robh ri fhaicinn ach crainn nan loingeas, am brataichean a' snàmh gu fann ris an t-soirbheas, 's cha robh ri chluinntinn ach fathram⁴ ràmh, is torman nan alld agus nan eas, a bha tuiteam o iomad sgàirneach àrd de'n chaladh a bha nis a' fosgladh gu farsuing romhainn. O thaobh gu taobh de'n tràigh air an dara laimh, tha sràid de thighean mora, co geal ris an t-sneachd, 's gu grad air an cùl tha uchdach chorragh chas, far a' bheil an calltuinn, an caorrann agus an t-uinsean, a' fàs gu dosrach, co dlù dhìreach, os ceann nan tighean tha fòdhpa, 's gu bheil an geugan, air leat, a' lùbadh m' am mullach. Air bràighe a bhruthaich chi thu chuid eile de'n bhaile eadar thu 's faire, ionnas gur doilich dhuit àit' is bòidhiche

¹ Sgrìobhadh *Morchuanach*, a rèir choltais, gus ciall a dhèanamh (i.e. *mòr + chuan + -ach*) dhan ainm, *Aird nam Murchan*.

² i.e. le a chnuic.

³ cliathach, oirthir.

⁴ i.e. faram, fuaim.

agus is neo-chumanta fhaicinn. Ach 's ann a mach sa chaladh a bha 'n sealladh a b'fhiach fhaicinn, na ficheadan soitheach eadar mhòr is bheag, iomad eithear chaol, le'n ràimh uaine, a bhìorlainn riomhach le siùil gheala, 's an long-chogaidh le croinn àrda, 's le brataich rioghail; ach nam measg uile chomharraich mi aon long mhòr a thug barr orr' air fad; bha iomad bata beag a' gabhail da h-ionnsuidh, is mhothaich mi gun robh iad a'deanamh deas gu cur fa sgaoil. Bha aon duine leinn a thainig oirn aig culthaobh Mhuile, is gann a thog a cheann fad an latha, a bha nis a'g amharc gu h-iomaguineach air an luing mhòir so. An aithne dhuit, *thuirt mi ris*, ciod i an long mhòr so? Mo thruaighe, *a deir esan*, 's ann domh is aithne; 's duilich leam gu bheil barrachd 'sa b'àill leam de m' luchd-eolais innte. Innte tha mo bhràithrean agus mòran de m' chaomh chairdean, a' dol thairis air imirich fhada mhuladaich do America mu thuath; agus is bochd nach robh agams' na bheireadh air falbh mi cuideachd.

Tharruing sinn a nunn gan ionnsuidh, oir tha mi 'g aideachadh gun robh toil agam na daoine bla-chridheads' fhaicinn, a bha'n diugh a' dol a ghabhail an cead deireannach a dh' Albuinn, air toir dùchadh¹, far am faigheadh iad dachaidh bhunailteach dhoibh fein agus d'an teaghluichibh. Cha'n'eil e comasach a thoirt air aon duine nach robh a làthair, an sealladh a chunnaic mi'n so, a thuigsinn. – Cha dthig an là a théid e as mo chuimhne. Bha iad an so eadar bheag agus mhor, o'n naoidhein a bha seachduin aois a dh' ionnsuidh an t-seann duine a bha tri fichead bliadhna 'sa deich. Bu dèistinneach ri fhaicinn an trom-mhulad – an iarguin inntinn – an imcheist, 's am briste-cridhe a bha air a dheargadh gu domhain air aghaidh a chuid bu mhò dhiubh a bha 'n so cruinn, o iomad eilean agus earrann de'n Ghaeltachd.

Bheachdaich mi gu h-araid air aon duine dall aosmhòr, a bha na shuidhe air leth, is triùir no cheathrar de chloinn ghillean m'an cuairt da, a shean ghàirdeana thairis orra, iad a' feuchainn co bu dlùithe a gheibheadh a stigh r'a uchd – a cheann crom os an

¹i.e. dùthchadh (gin.).

cionn, fhalt liath agus an cuileana dualach donn-san ag amaladh na chéile, – a dheòir gu trom frasach a' tuiteam thairis orra. Dlù dhà aig a chosaibh bha bean thlachd-mhor na suidhe, ag osnaich gu trom ann an iomaguin bròin, agus thuig mi gum b'e a fear-pòsda a bha spaisdearachd air ais agus air adhart, le ceum goirid, le lamhaibh paisgte, sealladh a shùl luaineach neo-shuidhichte, agus aghaidh bhuaire ag innse gu soilleir nach robh sìth na inntinn. Tharruing mi dlù do'n t-seann-duine, agus dh'fheoraich mi dheth ann an caoimhneas cainnte, an robh esan ann am feasgar a làithean a' dol a dh'fhàgail a dhùthchadh? Mis, a deir esan, a' dol thairis! cha'n'eil, cha'n'eil! Air imirich cha dtheid mise gus an dthig an imirich a tha feitheamh oirn air fad; agus an uair a thig, cò an sin a theid fo m' cheann do'n Chill? Dh'fhalbh sibh! dh'fhalbh sibh! dh'fhàgadh mis am aonar an diugh, gu dall aosda, gun bhràthair, gun mhac, gun chul-taic; agus an diugh là mo dhunach, Dia thoirt maiteanas domh, tha thus' a Mhairi, mo nighean, m' aon duine cloinne, le m' òghaichean geala gaolach a' dol ga m' fhàgail. Tillidh mis an nochd do'n ghleann ud thall, ach cha'n aithnich mi an lamh a tha ga m' threorachadh; cha tig sibhse, a leanaba mo ghràidh, a mach an coinneamh an t-seann-duine; cha chluinn mi tuille briagail ur beoil ri taobh na h-aibhne, 's cha ghlaodh mi tuille, ge nach bu leir dhomh 'n cunnart, fuiribh air ur n-ais o'n t-sruth; 'nuair a chluinneas mi tabhunn nan con, cha leum mo chridhe ni's faide, 's cha'n abair mi, tha mo leanabain a'tighinn. Cò a nis a sdiùras mi gu fasga 'n tuim, 's a leughas dhomh an leabhar naomha – c'ait, an ath-oidhche, 'nuair a theid a ghrian fodha, am bi sibhse a chlann mo rùin, agus cò a thogas leamsa laoidh an anmoich? O! athair, *ars' an nighean*, 'si dlùthachadh ris, na bris mo chridhe. – A' bheil thu 'n so, a Mhàiri, a deir e, c'ait a' bheil do làmh? thig ni 's dlùithe dhomh, m'fheudail thu de mhnài an domhain, is sòlasach leam do ghuth. Tha thu dealachadh rium – cha'n'eil mi cur iomchair¹ ort, 's cha mhò tha mi 'gearan: falbh, tha mo làn chead agad, tha beannachd do Dhe agad. Bi thusa mar bha do mhàthair romhad,

¹ coire.

dleasnach; air mo shonsa, cha'n fhada bhitheas mi; chaill mi'n diugh mo gheugan àillidh, agus 's faoin an oiteag a leagas mo cheann; ach fhad 's is beo mi seasaidh Dia mi, bha e riamh leam anns gach cruidh-chas, 's cha treig e nis mi:— dall 's mar tha mi, tha e fein, buidheachas da ainm, a' toirt domh sealladh air mo charaid is fearr air a dheas-laimh, agus 'na ghnùis 's leur dhomh caomhalachd agus gràs ...

(Tormaid MacLeod, *Co'chruiinneachadh, air a chur r'a chéile air iarrtas Comuinn Ard-sheanadh Eagluis na h-Alba; arson an Sgoilean, air feadh Tìr-mòr agus Eileana na Gaeltachd*, Glaschu 1828: 79–82)

*

20. AN COGADH RUISEANACH-TURCACH, AGUS NA MORAIREAN DEARG, 1829

Cha'n-eil teagamh nach 'eil na Rusianaich air faotainn buaidh air na Turcaich; agus is doirbh a ràdh c'ait an stad iad; no ciod a tha nam beachd. Tha e air a ràdh gun do chaill iad cheana ceud gu leth mìle fear, agus gu bheil iad dol a thogail tri cheud mìle eile, chum am feachd fhàgail do-cheannsachaidh ...

Tha na Mor'earan dearg¹ 'an Glaschu san àm; chaidh mòran a dheuchainn, agus fluaradh dithis diubh toilltinneach² air bàs, agus tha iad ri bhi air an crochadh air an 29 là de'n mhoì so³: tha àireamh mhòr ri'm fògradh do dhùthaich chéin.

(*An Teachdaire Gàelach I*, 1829: 144)

*

21. AN COR SA BHEIL CEÀIRD AGUS COSNADH AIR A' GHALLDACHD, 1829

'S duilich leinn a ràdh nach 'eil mòran a tha ro thaitneach againn r'a innseadh ma'n chùis so. Is ainmig a bha cosnadh do gach

¹ na britheamhan.

² i.e. toillteanach, airidh.

³ den mhìos seo.

seorsa ann an staid is isle na anns a bheil e san àm; gu h-araidh an fhigheadaireachd. Cha choisinn am fear is fearr air an ealdhain sin, thairis air tastan san latha; tha mòran diubh nach urrainn a bheag fhaotainn r'a dheanamh, air chor sgu bheil iad fein agus an teaghluichean ann am fior bhochduinn. Tha gach gne oibre eile anabarrach iosal mar an ceudna; ionnas gur faoin do choigreach tighinn a mach a dh' iarruidh cosnaidh. Am beagan a th' ann, tha na h-Eirionnaich 'an sàs ann, air tuarasdal co beag 's gur iongantach mar tha e 'ga'n cumail suas. Tha dòchas againn m'am falbh an samhradh gun d'theid a chùis ni's fearr.

Do thaobh margaidhean chruidh, is chaorach, 's doirbh ri ràdh fhathast cionnas a bhios iad, ach mar d'theid cosnadhl ni's fearr, cha dùgh¹ dhoibh a bhi co math 's bu mhiann leis na Gaidheil.

Cha d'fhuair an siol riamh leabaidh a b'fhearr na fhuair e air an earrach so, agus tha'n cruthneachd ag amharc gu ciatach.

(*An Teachdaire Gàelach I*, 1829: 23)

*

22. EACHDRAIDH SGEIR NA BAN-TIGHEARNA, 1829

Cò chaidh riamh tre Chaol-muile, no tre'n Linne-sheilich, do nach do chomharaicheadh amach sgeir na Ban-tighearna. Sgeir a tha dlù do Mhùstal, ceann mu dheas Liosmòir, agus mu thimchioll mile dh'astar san airde-'n-ear do Dhubhirt. Be'n Leth-sgeir a b' ainm dhi gus an do thachair an eachdruidh air a bheil sinn a nis a' dol a'labhuit.

Bha aig Gilleanpuig ruagh, (an dàra Iarla a bh' air Earraghael, an t-ochdamh Mac Chailean mhòir, agus an seathamh triath deug do na Guinich,) ceathrar mhac, agus seisear nighean. Bha Ealasaid, an nighean a b'òige dhiubh, pòsda ri Lachlann Catanach, Triath Dhubhaint. Thainig connsachadh eadar e fein 'sa bhan-tighearna. Cha robh clann aca, agus tha beul-

¹ i.e. cha dùth, cha dual.

aithris ag ràdh, gun robh ise 'g eudach ris, agus gu'n robh esan toileach air a cur uaithe. 'S e'n ni a thachair gu'n d'fhàg e i air an sgeir air a'bheil sinn a' labhairt, mu dhورcha nan trà, chums gun rachadh a bàthadh, 'nuair a thilleadh air an t-sruth. Ach mar bha'm freasdal cairdeil d'ise chuala sgioba bàta a bha dol seachad i a'bas-bhualadh agus a' glaodhaich; agus theasraig iad i o'n bhàs eagallach a bha dlù oirre. Tha aobhar againn a bharalachadh, o'n eachdruidh a thainig a nuas oirnn o'n àm sin, gum b' e cuid de Chloinn Illeain fein, aig an robh amharus mar thachair, a shaor o'n ghàbhadh so i, agus a thug i ann an càirdeas gu Ionar-aoradh tigh a h-athar. Fhuair i litir-dhealachaidh o fear; phòs i an déigh sin, Triath Achnambreac, agus phòs Lachlann Catanach nighean fir Threisirnis, màthair Eachainn mhòir, agus Ailein nan sop. Fhuair e aois mhòr, agus mhortadh e ma dheire 'na leabuidh, ann an Dun-eidean, le Iain Caimbeul, Tighearna Chaladair, bràthair na ban-tighearn a dh'fhag e air an sgeir, ann an dioghaltas arson a ghiulain d'a phiuthair, agus droch oidheirp a thug e air mac a bhràthar, Iain gorm, ceud thighearna Lochnan-eala, 'nuair bha e na leanamh. 'S ann anns a bhliadhna 1490 a dh'fhàgadh Ealasaid nighean Ghilleaspug ruaidh air an sgeir. Ged a rinn Lachlann Catanach mar sin, cha do chuir so stad air a chàirdeas a bha eadar a chinne foghainteach treun, agus na Caimbeulaich. Phòs oghadh a cheart duine sin, Seonaid nighean Ghilleaspug Oig, an ceathramh Iarl Aorach, agus b'i so màthair an duine urramaich sin, Lachlann mòr Dhuairt, a thuit air tràigh Ghruinaird, anns a bhliadhna 1577.¹

Cha'n'eil teagamh ann an eachdruidh sgeir na ban-tighearna, mar dh'aithris sinn san àm i. Ach o cheann bheagan bhliadhnaichean, chaithd iomad seanachas mearachdach aithris m'an chùis so. Mas fior, gun do ghabh Mac'Illeain air gun do bhàsuich a bhean ann an Duairt; gu'n deach e fein agus a dhaoine, le ciste-mhairbh do Ionar-aoradh, gun do choinnich athair-céile agus a dhaoine e ann am braigh Ghlinn-aoraidh,

¹ Dh'fhaodadh seo a bhith na bu shoilleire: phòs an t-ogha ann an 1577, ach thuit Lachlann Mòr ann an 1598.

far an d'fhosgladh a chaisil-chrò¹ agus an do nàraicheadh Mac 'Illeain arson a chealgoireachd ...

(*An Teachdaire Gàelach I*, 1829: 85–86)

*

23. LITIR O FHIONNLAGH PIOMAIRE A CHUM A MHNATHA, 1829

A Mhàiri, éudail nam ban,

Gheall mi sgiobhadh ad' ionnsuidh, agus d'a rìreadh is faochadh do m' chridhe conaltradh beag a bhi agam riut. Cha'n'eil thu fein no na pàistean tiota as mo chuimhne. Am chodal no am fhaireach tha sibh fa chomhair mo shùl agus ann am beachd m'innntinn. Is taitneach leam uaigneas gu bhi smuainteach oirbh ...

Bha mi seachduin ann an Glaschu m'an d' fhuair mi cosnadh. Chunnaic mi Righ Uilleam, 's an t-each odhar – an Eagluis mhòr, an Tigh-eiridinn, 's am priosun. Chunnaic mi iad a' sniomh an Tombaca 'sa *Chotain* – a'deanamh na'n gloineachan; chunnaic mi beartan a' fidheadh leo fein, 's a' falbh co ciallach 's ged a bhiodh Iain figheadair e fein aig ceann gach snàthainn ...

'Smòr an cothrom a th'aig na Gaedhil anns a Bhaile mhòr so, thigeadh iad o'n ear no o'n iar gheibh iad Gaelic an dùthcha fein ann an eagluisibh a bhaile.

An saoil thu Mhàiri nach do h-eap² Pàra' mòr agus mis' a bhi sa phriosun an oïche roimhe. Bha sinn a dol dachaидh gu sàmhach, cialluch, gun fhocal as ar ceann, mise 'giulan bocsa na pioba fo m' bhreacan, 'nuair a thainig triùir no chearhar³ mu'n cuairt duinn, agus mu'n abradh tu seachd, spionar uam bocsa na pioba, agus glacar mi fhein air sgòrnán. Mar bha'n tubaist air Pàra' mòr, dh' éirich e air càch le bhàta daraich, agus rinn e pronnadh nam meanbh-chuileag orra. Bha clach-bhalg⁴ aig fear dhiu, 's cha luaithe thug e srann aisde, na thainig sgaoth

¹ a' chiste-laighe.

² .i. nach do theab.

³ .i. cheathrar.

⁴ ionnstramaid a nì gleadhraich, a bhiodh aig a' pholas uair.

dhiu mu'n cuairt duinn, agus giulainear air falbh sinn do àite ris an abrar am *Police Office*. Ait an uamhais! Tha oillt orm fhathast smuainteach air. Daoine nan sìneadh air dall na daoraich thall agus a bhos, a' call fola, is mallachadh 'nam beul; mnathan, (b'e sin an sealladh gràineil) air an dallanaich, cuid diu caoineadh 'sa rànaich; is cuid eile 'gabhlair òrain, agus, ni maith d'ar teasraignn, duine marbh 'na shìneadh air an ùlar. Dh'fheòraich mi fhein co modhail 's a b'urrainn domh, c'ar son a thugadh 'an so sinn? Chi thu sin a thiota, deir fear dhiu, 'se cur a làimhe ann am bocsa na pìoba: thug a phìob ràn brònach aiste, agus chlisg e mar gam biodh nathair innte. Feudaidh tus' 'Ille mhaith a ràdh, arsa Pàra' mòr, mar thuirt an sionnach a bha'g itheadh na pìoba. Is biadh agus ceòl so dhomhsa. Ciod a th'agad air, 'sann a shaoil iad gur corp leinibh a bh'againn, ach 'nuair a thug iad mar bha chùis leig iad as sinn ...

(*An Teachdaire Gàelach I*, 1829: 131–33)

*

24. MU CHARBAD NA SMÙIDE, 1829

Chuireadh iongantas mòr air an Dùthaich 'nuair a fhuaradh a mach an t-innleachd leis a' bheil Loinghis, agus sothichean a' gluasad fo chumhachd teine: agus an uair a thòisich iad ri màgaran eadar Glaschu agus Grianaig, is beag a shaoil sinn gu'n gabhadh iad de dhàandas, bliadhna no dha na dhéigh sin, an cuan mòr a thoirt fo'n ceann; agus seòladh gu neo-sgàthach eadar na rioghachdan is faide o chéile. 'Nuair a chuala sinn daoin' a' labhairt ma'n innleachd cheudna arson charbadan, agus Féunaidh¹ mhòr chuthromach, rinn sinn gàire fanoid uime, mar nach biodh ann ach spleadhraich, ach fhuaradh a nis a mach an dòigh chum so a dheanamh, ann an iomlaineachd ris nach robh fiughair againn fhaicinn anns an linn so. Tha innealan toit air na deanamh air an fhoghar' a dh'fhalbh de sheòrs' ùr, a

¹ cairt.

thàirngeas luchd mòr nan déigh, le luas anabarrach, agus leis an tearuinteachd is mò. Tha aon ri fhaicinn air an àm so ann an Sasunn, nach 'eil mòran os ceann leth tunna air cudthrom, a thàirneas dà-flhichead tunna na dhéigh, agus a shiubhlas leis a chudthrom so ceithir-mile-deug san uair. 'Nuair nach bi cudthrom co mòr na dhéigh falbhaidh e os ceann deich-mile-fichead san uair, air an t-seorsa rathaid a tha air uidheamachadh air a shon fein. Tha na h-inneil so co innleachdach 's nach 'eil e comasach gun sgàin an t-àit anns a bheil an t-uisge goileach, agus tha am barrachd cumhachd aig an flear a bhios air an stiùir air carbad na smùide, seach na th'aig fear-greasaidh na'n carbad eile leis na h-eich is ciallaiche. Is urrainn da stad a chur air ann am prioba na sùl, agus theid e m'an cuairt air rathad mòr a tha deich troighean air leud. 'S e'n connadh a th'aca air a shon gual air a losgadh ann an slochd fo thalamh, agus air a bhàthadh le uisge, connadh a tha eatrom ri ghiùlan air bheag tomaid, agus ro chumhachdach chum an deathach a thogail. Giulainidh carbad na smùide de'n chonnadh so na dh' fhòghnas da a dheanamh leth cheud mile, agus cha'n fheum e leasachadh uisge ach uair san flichead mile. Ma shoirbhicheas leis an innleachd so mar tha dùil aig daoine, cha'n fheumar each às a mhile de na tha'n greim san àm so; agus is soirbh fhaicinn na bhitheas de lòn ri sheachnad¹ do'n chinneadaonna, a bha dol a bheathachadh nan each.

Is iomchuidh dhuinn innse gu bheil na ràthaide-mòr air a' bheil na carbadan so a' gluasad air an uidheamachadh air mhodh àraidh air an son fein, agus gu bheil an t-slighe air an ruidh na rothan air a leagadh le h-iarrunn.

Tha na daoin' innleachdach a thùr na carbadan so a' feuchainn ris an achuinn so chàramh ri sothichean na smùide; agus 'se barail dhaoine gun soirbhich leo. Agus bithidh so na shochair mhòr a chionn gum bi i ni's cumhaichdiche agus ni's tearuinte, nach bi feum aig na sothichean air na h-uiread ghuail a chur a stigh, an ni bu mhò a bha nan aghaidh air turusaibh fada. A dh'innse na firinn cha'n fhios duinn c'ait an stad na

¹ ri shàbhaladh.

h-innleachdan so; ach thig atharrachadh air na rathaide-mòra anns a Ghael'tachd m'am bu mhiann leinn an tadhall ann an carbad na smùide.

(*An Teachdaire Gàelach I*, 1829: 176–77)

*

25. COMHARRAIDHEAN AIR CAOCHLAIDHEAN NA SÌDE, 1830

Cha'n'eil dùthaich air talamh anns nach faightear a measg a luchd-àiteachaidh, comharraighean sònruichte leis an tuigear roimh làimh, ann an càileigin, cuid de na h-atharraichean sin tha teachd air an t-sìd. Tha cuid de bheothaichean ann, aig am bheil mothachadh mòr air caochladh air bith a tha ri teachd air an t-sìd, o theas gu fuachd, no o thuradh gu uisge, no o aimsir chiùin gu stoirm. Tha cuid de lusan a's luibhean, agus de bhlàithean a thaisbeanas na h-atharraichean tha ri teachd air an t-sìd. Tha comharraighean àraigd ri fhaicinn air aogas nan speur agus ann an coslas nan neul, leis an tuig daoine fiosrach tha cleachdadhbh suim a ghabhail de na nithe so, ciod an t-atharachadh tha ri teachd ...

Chìtear coin no madaidhean a tha stigh ann an seòmar, a' cinntinn trom, codalach, neo-thogarrach agus leisg 'nuair tha'n t-uisge dlùth; caidlidh iad ré 'n latha fa chomhair a ghealbhain agus tha e doirbh air uairibh thoirt orra éiridh. Tha'n ni ceudna r'a fhaicinn an giùlan nan cat. Tha 'n dealal¹ gu h-àraigd mothachail air atharraichean na sìde. Tha i co maith chum eòlas thoirt dhuinn air caochlaidhean na sìde ri gloine-shìde. Ma chuirear ann an gloine shoilleir i, as nach faigh i teachd, agus trì cheathramh de 'n ghloine sin làn uisge a dh'atharraicheadh uair 'san t-seachduin ré'n t-Samhraidh, agus da uair 'san t-seachduin ré'gheamhraidh, leigidh i fhaicinn iomad caochladh tha teachd air an t-sìd. Ann an aimsir chiùin shamhraidh luidhidh i 'na cuairteig ann an ìochdar na gloine; ma tha 'n t-uisge ri teachd

¹ cnuimh a dheòghlas fuil.

roi'n fheasgar, snàigidh i suas gu uachdar an t-soithich, agus ann an sin fuir'ghidh i gus am bi 'n t-sìd socrachte; nuair tha stoirm no doinionn sìde dlùth, cha teid tàmh oirre ach air a h-ais 's air a h-aghart, a suas, 's a sìos; is ainmig leatha socrachadh gus an séid e gu cruaidh; ma tha stoirm mhòr de thàirneanaich agus de dh'uisge dlùth, gabhaidh i tàmh latha no dhà roi'n àm os cionn an uisge, agus tha i a'taisbeanadh co mi-shuaimhneach an-shocrach sa tha i; an àm reothaidh agus sìde shoilleir, luidhidh i air iochdar an t-soithich, agus ri sneachda no uisge togaidh i oirre gu mullach na gloine ...

Ma thuiteas dhuinn a bhi mach an déigh sìd thioram 'nuair tha uisge dlùth, feudaidh sinn mothachadh do spréidh a' sìneadh a mach an amhchannan, agus a' deoghal na gaoithe le'n cuinneinibh fosgailte, agus gu tric a' cruinneachadh ann an cùil no 'n oisinn achaidh le'n cùl ris an t-soirbheas.

Tha ròcail nan gilleacha-cràigean agus nan losgunn – sgreuchail na peucaige, liomhorachd nan damhan-alluidh a' streap ris na ballachan, na daolan, 's na durragan a' teachd a mach as am frògaibh 'na'n comharraighean gu 'bheil an t-uisge dlùth.

Ma mhoothaicheas sinn losgainn a' teachd a mach gu liomhor as an tuill; ma chì sinn na famhan a' tilgeadh barrachd ùrach os an ceann ni's bitheanta leo; ma chì sinn an ialtag a 'tighinn a stigh, agus ma chluinnear i a' bìdeil feadh an t-seòmair; ma mhoothaicheas sinn na mucan a ruith le cònlach 'na'm beul; an spréidh aig imlich an casan toisich, agus ma chluinnear na luchaidd ri ùpraid àraid 'na'm frògaibh, feudaidh sùil a bhi againn ris an uisge.

Tha caoirich a's gabhair ni's togarraiche gu ionaltradh, agus ni's duilghe'n toirt uaithe roimh uisge na air amannan eile.

Am measg gach comharradh eile, chìtear na seangain ni's dian shaothairiche a' giùlan an uibhean; cluinnear an fheannag 's am fidheach a' ròcail ni's àirde roi'n uisge na's àbhaist doibh.

'S bitheanta leis a' chomhachaig no a chailleach oidhche bhi gearan 's a' glaodhaich ni's tùirsiche roi'n uisge na àm sam bith eile.

’S àbhaist leis an smeoraidh òran binn a sheinn gu h-àrd ’s gu fada roi’n uisge agus roi’n stoirm.

Tha eòin bheaga dhubha¹ air a chuan leis an cleachdadadh fasgadh a ghabhail fo rota² nan luingeas ’nuair tha stoirm dlùth.

Ann an Irt tha seorsa de dh’eòin³ a tha ro fheumail ann an rabhadh a thoirt air atharrachadh gaoithe; nuair philleas na h-eòin sin a dh’ionnsuidh na tire ann an lionmhorachd, tuigidh muinnitir Irt nach bi gaoth ’n iar ann ré ùin ’fhada; agus air an làimh eile nuair a philleas iad chum a chuain, feudar sùil a bhi ri gaoth ’n iar gu grad ...

T. M^cL., *Campsie*⁴

(*An Teachdaire Gàelach* II, 1830: 182–84)

*

26. MU BHUAIDHEAN SÙGH FEÒIR ANN AM BEATHACHADH SPRÈIDHE, 1831

Nuair tha feur-saidhe⁵ agus fodar gann tuigear gu ’bheil sùgh an fheòir air ’uidheamachadh ’s an dòigh a leanas ro fheumail, agus ’na chaomhnadh mòr air an innlinn⁶ an droch earrach.

Gabh làn do ghlaice de dh’ fheur-saidhe agus dòirt thairis air tri ghalain do dh’ uisge goileach, cuir bòrd os ceann an t-soithich ’s am bheil e, gus an tarruing an t-uisge an sùgh no a bhrìgh as an fheur, ceart mar gum biodh tu deanamh *Tea* agus ’nuair bhios e

¹ Sgrìobhar ‘the stormy petrels’ (an amhlag-mhara no an luaireag) ann am fo-nota.

² a’ ghaoth no an t-uisge aig deireadh soithich a bhios air għluasad.

³ Sgrìobhar ‘Procellaria glaciaris’ ann am fo-nota. Is iongantach mura h-e seo *Fulmarus glacialis* (Procellariidae) ‘am fulmair’.

⁴ Tormod MacLeod (1783–1862), am fear-deasachaidh, a bha na mhiniestear ann an Campsie eadar 1825–1835. Dheigheadh Caraid nan Gaidheal a thoirt air mar fhàr-ainm a chionn a chuid obrach a rinn e air an fhoghlam agus ri cuideachadh leis a’ bhochdann air a’ Ghaidhealtachd ann an deich-air-fhicheadan agus dà-fhicheadan na naoidheamh linn deug.

⁵ tràthach.

⁶ biathadh, fodar.

fuar thoir do'n spréidh e, no do na h-eich r'a òl – agus ma thuiteas doibh a bhi gu h-euslan no fo fhasgadh tighe, feudar a thoirt doibh meagh-bhlàth. Cha 'n òl iad so a cheud uair a thairgear dhoibh e, ach na toir deoch dhoibh gus am bi pathadh orra, agus an déigh dhoibh òl aon uair cha'n iarr iad deoch eile ach so, 's cha ghabh iad deoch eile a roghainn air. Tha e anabarrach biadhar, fallain; air son crodh bainne cha'n'eil ni a dh' fheudar a chur mu 'n coinneamh 'sa gheimhradh is fèarr chum bainne maith a thoirt dhoibh! Tha e tarbhach mar an ceudna airson laoigh a bheathachadh agus ro mhaith airson each. Tha e 'na chaomhnadh mòr air innlinn; theid aon cheannag¹ fheòir cho fada 's an dòigh so 'sa ni deich air dhòigh eile. Tha'n dòigh so air a chleachdad 's an Fhraing agus ann an rioghachdan eile, agus shaoileamaid gum biodh e ro fhreagarrach ann an Gaeltachd na h-Alba. Ni 'm feur an dèigh a bhruiche biadh maith do na beathaichean, agus feudar beag no mòr dheth chleachdad a réir an fheum a th'air.

(*An Teachdaire Gàelach II*, 1831: 216)

*

27. LITIR À CANADA, 1834

[Air a sgrìobhadh ann am Megantic County, Quebec, air 15mh den Dàmhair, 1834, le Uilleam Hendry gu mhàthair, a bhràithrean agus a pheathraighean ann an Arainn]

october the fifteenth 1834

May dear mother brothers and sistes
a mathair greadhich tha me gabhail a cothrom-se air sgriobhadh
dar niunsuidh a ligal a chluintinn duibh gu eil sinn ule gu maith
sanamsa buidhachas do dhia airson a throcairen dhuinn agus a
mhianemig gu biodh e ni ceun agibhse ri ra agus bha duil agum
ri litir a chur dar nionsuid toisach en tamaridh ach gholabh
mi began uine en e steates tiomull da cheud mile on aite so

¹ sop.

deic agus tree fichead mile en taobh eile line agus be nobair a bha agam chuid do nuine bhi deanamh clacha craidha agus bha uilliam ruagh mo cusinn lam agus cuigear eile do mhuntir en atie agus thanig sien dhachie ach dhean Peter Hamilton cairid domh fein agus dhiar e ormsa na bighinn a chur in fhios dachie ruibhse dhinseadh da mhuintir gun robh e gu maith agus cha neil e teachd dachie gu cion blianadh ma soirbheas leis Agus tha agum ra innseadh dhuibh nach beo shoni chui a bha lochraoinsa gholabh e leis en tinnis ann e Quebec gu robh en tighearna uile gar nulamhachadh airson na uair sien. Agus tha nigean do uilleam kiliston a bha air sanagan a tha duil acha gu mheil i en tiniscatie agus nighean eile do bhaldy callum nach eil a faotinn a slainte idir Ach tha en eslaint an sgach atie Agus tha mo chairden leis e mheil mi a dol ma guairt gach laa. Agus tha bhrathair mo mhathair agus a theaghlach gu maith, a mheud dhiu sa tha aig an tigh, ach tha e fein a fainachadh gu mhor agus tha iad teachd air enaaidh gu maith on a tanik iad do duiche so tha achda da bo agus beathin bega tha achda air a blianadh so na deanadh chuidachadh maith do theaghlach na dha a bharrachd orra fein agus tha e agra nach measadh e bhi riamh na bu sona na tha e na biodh a clann leis en so cruinn. tha iad cur moran beannachdan dar nionsuidh agus tha goinag mo chiosin fastage se namsa aig e mhinisgair tha i cur moran beannachdan nionsuidh Agus tha ma cairdean leis em bheil mi cur moran beannachdan dar nionsuidh agus a ghiunsuidh mo shean-mhathair agus un Keggi puithar mathair agus tha mo chairid caoimh uilliam adhfurachi air teachd dachie agus tha e gu maith ca dan e ach ma aon seachduin agus gholabh e risg en de air slighe a dhol don atie n robh e roimh tiamball sae ceud mile se so ghabh iad sea mios teachd e nuas roimh leis an raft gu Qebec agus tha uilliam ruagh mo cusin caoimh gu maith tha e uairean ag obair air en taoirsneachd agus a chuid eile saoirachadh ferrain agus tha chuid a dhuil agie gun thig a chuid eile don theaghlach a mach ach cha neil fhios agie agus tha mi creudsinn gu maith gu biod iad na bhearr en so na tha iad agus moran a thullie orra ach cha neil

mi toirt misneach do dhuine air bith teachd air en uairs oir tha moran tigheachd nach eil toilite don atie so agus cha neil mi fein ra tholite don atie so fathest ach faodidh e bhi gle maith air a hon sin ach tha fhios agam gu biodh mi gu mor na bu tailiteacha na biodh sibh fein se chuid eile don theaghlach en so agus a chuid mor a thainig don atie so en toiseachd. thaink iad re iomad sarachadh ... Cha druin mise in e clearadh air mo lot ... tha e go fada o margadh snach biodh mor ... ann domh ach na biodh duil agum ri sibhse e teachd en so thoisachin air ulamhachadh air air son en so se gholabhair blianadh em o cosnadh a chuidachadh leibh teachd a mach cha neil fhios agum cocu a tha mi deanadh gu maith dar taoibhse a bhi fantuinn en so sna nach eil ach se bhi a bhear lam tha sibhse ligal fhacan air curam dhiomsa gach uair tha sibh faotnn cothrom air agus cha bo choir domhsa bhi ro churamach tiomull oirbhse tha fadail orm go fada se tha mi gun air facinn fein agus mo chairden caoimh uile tha en sin ach tha dochas agum gu faic mi sibh en so air no en sin en uine gun a bhi anabar fada ma se sin toil en tighearna tha en tatie so gu maith fadailach a bhi ann air uairen cha naik snn read se bith tiomull ach oirn ach e caoile agus ne speran os air cion tha en gheameradh enso dirach fada agus fuar tha sneachd aguin ma namse agus cha nainith domh aon do mo chairdean en sin le a chuidachadh nach feudeadh geainead gle maith en so na biodh iad aon uair bhos tha chuid don fearun dirach maith agus chuid gle surrach tha chuid dheagh swampach clachach creagach ach tha chuid mor dheagh maith airson feum dhaoine tha mi a cur moran beannachden dar nionsuidh fein agus thiunsuidh mo sheanmhathair agus un gach brathair athair se brathair mhathair tha agum agus un gach puthar mhathair es athair agum agus un gach chairid es banchairid tha agum gad nach urrad mi nainmsachadh en draist

Ulliam Hendry

Mrs Charls Henry
Penrioch
Island of Arran
Scotland

(Ronald I.M. Black, 'An Emigrant's Letter in Arran Gaelic, 1834', *Scottish Studies* 31, 1993, 61–87: 72–74)

My dear mother, brothers and sisters,

A mhàthair ghràdhach, tha mi gabhail a' chothruim-se air sgrìobhadh dur n-ionnsaigh a leigeil a chluinntinn duibh gum bheil sinn uile gu maith san àm sa, buidheachas do Dhia airson a thròcairean dhuinn, agus a mhiannamaid¹ gum biodh an nì ceun² agaibhse ri ràdh; agus bha dùil agam ri litir a chur dur n-ionnsaigh toiseach an t-samraidh³ ach dh'fholbh mi beagan iùine ann an States tiomall⁴ dà cheud mìle on àite seo, deich agus trì fichead mile an taobh eile an Line⁵. Agus b' e an obair a bha agam chuid don iùine bhith deanamh⁶ chlacha cràdha⁷, agus bha Uilleam Ruadh, mo chusainn, leam agus cùigear⁸ eile do mhuinntir an àite; agus thàinig sinn dhachaigh, ach dh'fhan Peter Hamilton, caraid domh fein, agus dh'iarr e ormsa, nam bithinn a' cur an fhios dachaigh ruibhse, a dh'innseadh da mhuinntir gun robh e gu maith agus chan eil e teachd dachaigh gu ceann bliadhnaidh ma shoirbheas leis.

Agus tha agam ri innseadh dhuibh nach beò Seonaidh Chuithe a bha an Loch Raonasa: dh'fholbh e leis an tinneas ann an Quebec – gun robh an Tighearna uile gar n-ullmhachadh airson na h-uair sin. Agus tha nighean do Uilleam Caolastan a bha air Sannagan a tha dùil aca gum bheil i an tinneas-caithte, agus nighean eile do Bhaldie Calum nach eil a' faotainn a slàinte idir. Ach tha an easlaint anns gach àite.

Agus tha mo chàirdean leis am bheil mi a' dol ma guairt⁹ gach latha, agus tha bràthair mo mhàthar agus a theaghlach gu maith – a mheud dhiubh 's a tha aig an taigh – ach tha e fein a' fannachadh gu mòr; agus tha iad

¹ Measgachadh de *tha sinn a mhiann agus gum miannamaid* 'gum miannaich sinn'.

² ceudna.

³ an t-samhraidh (gin.).

⁴ timcheall.

⁵ A' chrioch edar Canada is na Stàitean Aonaichte.

⁶ Bhiodh an lide cruaidh goirid ann an Arainn (Nils M. Holmer, *The Gaelic of Arran*, Baile Atha Cliath 1957: 62; Black, 'An Emigrant's Letter in Arran Gaelic', 82, Nota 18).

⁷ chlachan crèadha (gin.).

⁸ coignear.

⁹ mun cuairt.

teachd air an aghaidh gu maith on a thàinig iad don dùiche seo¹: tha aca dà bhò agus beatheidhean² beaga. Tha aca air a' bhliadhnaidh seo na dheanadh chuideachadh maith do theaghlaich no dhà a bharrachd orra fèin agus tha e ag ràdh nach measadh e bhith riamh na bu sona na tha e nam biodh a chlann leis an seo cruinn. Tha iad cur mòran bheannachdan dur n-ionnsaigh. Agus tha Deònaid³, mo chusainn, fastaid⁴ san àm sa aig a' mhiniestar – tha i cur mòran bheannachdan dur n-ionnsaigh. Agus tha mo chàirdean leis am bheil mi cur mòran bheannachdan dur n-ionnsaigh agus a dh'ionnsaigh mo sheanmhathar agus thun Keitidh, piuthar m' athar.

Agus tha mo charaid caoimh, Uilleam 'acMhurchaidh, air teachd dachaigh agus tha e gu maith. Cha d'fhan e ach mu aon seachdail agus dh'fholbh e rìst⁵ an-dè air slighe a dhol don àite an robh e roimhe, tiomall sè⁶ ceud mile às an seo. Ghabh iad sè mìos teachd a-nuas roimhe leis an raft gu Quebec.

Agus tha Uilleam Ruadh, mo chusainn caoimh, gu maith. Tha e uairean ag obair air an t-saoirsneachd agus a' chuid eile a' saothrachadh fearainn, agus tha chuid a dhùil aige gun tig a' chuid eile don teaghlaich a-mach ach chan eil fhios aige, agus tha mi creidsinn gu maith gum biodh iad na b' fheàrr an seo na tha iad – agus mòran a thuille orra – ach chan eil mi toirt misneachd do dhuine air bith teachd air an uair sa, oir tha mòran tigheachd⁷ nach eil toilichte don àite seo, agus chan eil mi fèin ro thoilichte don àite seo fathast ach faodaidh e bhith glè mhaith air a shon sin, ach tha fhios agam gum biodh mi gu mòr na bu toilichteacha nam biodh sibh fèin is a' chuid eile don teaghlaich an seo agus a' chuid mhòr a thàinig don àite seo an toiseachd. Thàinig iad ri iomad sàrachadh ...

Cha d'rinn mise aona chlearadh air mo lot ... Tha e co fada o mhargadh is nach biodh mòr ... ann domh. Ach nam biodh dùil agam ri sibhse a' teachd an seo thoisichinn air ullmhachadh air ur son an seo, is dh'fholbhainn bliadhnaidh am chosnadhl a chuideachadh leibh teachd a-mach. Chan eil fhios agam cò aca a tha mi deanamh gu maith dur taobh-se a bhith fantainn an seo no nach eil, ach 's e bhith a b' fheàrr leam. Tha sibhse leigeil fhaicinn

¹ don dùthaich seo.

² beathaichean.

³ Seònaid.

⁴ air fhastadh.

⁵ a-rithist.

⁶ sia.

⁷ tighinn, teachd.

ur càram dhòmsa gach uair tha sibh faotainn cothrom air agus cha bu chòir domhsa bhith ro chùramach tiomall oirbhse; tha fadail orm co fada is a tha mi gun ur faicinn fein agus mo chairdean caoimh uile tha an sin, ach tha dòchas agam gu faic mi sibh an seo air neo an sin an ùine gun a bhith anabarr fada – mas e sin toil an Tighearna. Tha an t-àite seo gu maith fadalach a bhith ann air uairean; chan fhaic sinn read¹ sa bith tiomall oirnn ach a' choille agus na speuran os ar cionn. Tha an geamaradh² an seo dìreach fada agus fuar – tha sneachd againn mun àm sa.

Agus chan aithne domh aon do mo chairdean an sin, le a chuideachadh, nach feudadh deanadh glè mhaith an seo nam biodh iad aon uair bhos. Tha chuid don fhearrann dìreach maith agus chuid glè shuarach; tha chuid dheth swampach chlachach chreagach, ach tha a' chuid mhòr dheth maith airson feum dhaoine.

Tha mi a' cur mòran bheannachdan dur n-ionnsaigh fein agus dh'ionnsaigh mo sheanmhathar agus thun gach bràthair athar is bràthair màthar tha agam, agus thun gach piuthar mhàthar is athar tha agam, agus thun gach caraid is bancharaid tha agam ged nach urrad³ mi an ainmsachadh⁴ an-dràst.

*

28. MU CHUIDEACHD NAN SGILEAN GÀIDHEALACH, 1834

Tha nis còrr agus seachd bliadhna deug o shocraicheadh an Comunn so. Mhotaich iad le mòr dhoilghios⁵, ged a rinneadh mòran airson nan Gàidheal leis gach cuideachd eile, gu'n robh anabharra fathast r'a dheanamh. Ged a bha 'm Biobull air 'eadar-theangachadh do'n Ghælic, saor r'a cheannach, agus soirbh r'a fhaotainn, cha robh mòr sheadh dhoibh ann, do bhrigh nach robh e 'nan comas a leughadh.

'S e 'n ni àraigdh a tha comharachadh a mach na cuideachd chàirdeil so, agus a chuir na Gàidheil co mòr 'nan comain, gum b'iad a' cheud Chomunn a thug fainear, gur i a' chainnt a tha

¹ rud.

² an geamhradh.

³ urrainn.

⁴ ainmeachadh.

⁵ le mòr dhragh.

daoine 'labhairt a's usadh¹ dhoibh fhòghlum; agus thionnsgainn² iad air na Gàidheil a theasgasg a réir na dòigh so. Ann an àite tòiseachadh anns na sgoilibh le leabhraichibh Beurla, mar a rinn a' Chuideachd urramach eile³, agus na sgoilean sgìreachd, thòisich iadsan sa' cheud dol a mach anns a' Gaelic; agus do thaobh so, ann an ùine ghoirid thug iad dearbhadh sòlasach seachad air a' ghliocas co math 's air a chaoimhneas leis an do thòisich iad air an obair so. Dh' ionnsuich na Gàidheil, mar dh'fheuidte smuaineachadh, ann an trian na h-ùine a ghabhadh iad anns an dòigh ghnàthaichte⁴. Thuig iad na bha iad a' leughadh, mar bha iad a' dol air an aghaidh. Bha'n inntinn san obair. Bha'n eòlas air a mheudachadh, agus bha iad air an deasachadh san àm cheudna air teachd gu dian air an aghaidh anns an oilean Bheurla⁵. Tha gach aon a tha mion-eòlach uime so, agus as am feudar earbs' a chàramh⁶, a dh' aon-inntinn sa' chùis so. Agus bhuiteadh do Ghàidheil a thoirt fainear, ge nach robh luach-saoithreach⁷ a b'airde 'an lorg na dòigh theagaig so na ruigheachd air a' Bheurla, ni gun teagamh a tha feumail, gum bu chòir dhoibh co-aontachadh leatha. Ach cha'n ann idir chum fòghlum saoghalta thoirt seachad, a chuireadh a' Chuideachd so air bonn: 'se cor spioradail nan Gàidheal a dhùisg bàigh a' Chomuinn. B'e 'm miann, gu h-àraidh, comas a thoirt do dhaoinibh focal Dé a leughadh anns a' chàinann anns an deachaidh an teanga an tùs

¹ i.e. as phasa.

² thòisich.

³ Is iongantach mura h-e seo an SSPCK (the Society in Scotland for Propagating Christian Knowledge) a bha a' ruith Sgoilean na Gaidhealtachd fo riaghait aca nach ionnsaicheadh na pàistean leughadh na Gàidhlig san sgoil mum faigheadh iad leughadh na Beurla. Bha an riaghait sin ann gu 1824, agus an uair sin ghèill iad, gu ire, do theagasg na Gàidhlig (faic Murdo MacLeod, 'Gaelic in Highland Education', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* XLIII, 1963, 305–34: 310–11).

⁴ anns an dòigh àbhaistich.

⁵ anns an fhòghlam Bheurla.

⁶ a chàradh.

⁷ dioladh, duais.

air chòmhradh. Mun do thòisich a' Chuideachd so, b'ainneamh an ni Biobull fhaotainn ann an tigh air bith sa' Ghàidhealtachd. Is mòr gu dearbh a rinn an Comunn Lunnuinneach chum an sgaoileadh, gidheadh, bha iad direach dhoibh mar leabhar glaiste do-thuigsinn; ach a nis anns a' bhothan a's aonaranache tha'n leabhar naomh so r'a fhaotainn; agus ma shoirbhicheas Dia leis gach saothair a th' air a chleachdad, cha bhi 'n leanabh a's bochda san dùthaich gun bhi 'na urrainn a leughadh.

Cha'n'eil na sgoilean Gaelic seasmhach, suidhichte ann an aon àite, mar sgoilean eile; ach o ghleann gu gleann, 's o eilean gu eilean, chum cothrom a thoirt dhoibhsan a bha ana-goireasach air ruigheachd air fòghlum air aon dòigh eile. 'Nuair a thòisich iad air tùs, bha iad mar thobair bheaga san fhàsach, ach tha iad a nis mar shruthaibh làidir leis am bheil tir nan gleann 's nam beann gu pailt air a h-uisgeachadh. 'S e'n dòigh għluasadach san robh iad a dh'fhàg iad co freagarach do chor na dùthcha, agus bu chòir da so a bhi 'na aobhar-brosnachaidh dhoibhsan a tha sealbhachadh sochairean nan sgoilean Gaelic, feum math a dheanamh dhiubh am feadh 's a tha iad aca. 'Se miann dùrachdach a' Chomuinn so gu'n deanadh na Gàidheil còmhnhadh ri càch a chéile chum am fòghlum a tha iad a' faotainn uathasan a cho-roinn ri muinntir eile aig nach 'eil an cothrom ceudna; agus cha b'ioghnadh ged a dheanadh iadsan sin, 'nuair a tha coigrich a' deanamh na h-uiread air an son féin.

Tha aon ni a thachair ann an lorg nan sgoilean so, nach feud gun sòlas a thoirt do'n chridhe cheart: 'se sin an tlachd, cha'n e 'mhàin a th'aig an òigridh, ach, mar an ceudna, aig a' mhuinntir a thàinig gu aois, ann am fòghlum na Gaelic, chum cothrom a bhi aca gu focal Dé a thuigsinn 'nan cainnt féin ...

(Tormod MacLeòid, *Leabhar nan Cnoc: comh-chruinneachadh do nthibh sean agus nuadh airson oilean agus leas nan Gàidheal*, Grianaig 1834: 180–82)

29. OIDHIRP AIR A' BHÀNRIGH A MHURTADH, 1840

Chaidh deuchainn a chur air *Oxford*, an duine thug oidhирp air a' bhan-righ a mhurtadh, o chionn ghoirid, agus an déigh a' chùis a sgrùdadh 's a rannsuchadh air gach dòigh bu chothromaiche air am b' urrainnear smuainteachadh, b' e barail na cùirte nach robh teagamh air bith mu'n droch rùn leis na loisg e na h-urchraichean, ged nach robh iad idir cinnteach an robh no nach robh peileirean anns na dagachan. Bha iad a dh' aon bharail gu 'n robh 'n duine truagh so thar a bheachd; agus, a réir cleachda na dùthcha, thug iad binn 'na aghaidh, gu 'n caitheadh e a' chuid tha ri teachd d' a làithean ann am priosan far nach urrainn e oidhирp sam bith do 'n t-seòrsa thoirt fhad 's is beò e. Nach h-anabharrach a' chneasdachd agus an tràcair tha ann an laghanna na duthcha so? Ann an duthchannan eile rachadh a chur gu bàs air an doigh bu phiantala air am b' urrainnear smuainteachadh. Bha mòran am barail an toiseach gu 'n robh companaich aige san oidhирp oillteil a thug e; ach tha nis am pobull uile a' smaointeachadh nach robh sin fior, agus gur h-oidhирp duine air a' chuthach a bh' ann; agus gu cinnteach 's ann mar sin a bhà, oir có air thalamh ach duine cuthaich a dheanadh a leithid, gun aobhar gun riasan?

(*Cuairtear nan Gleann I*, 1840: 143–44)

*

30. SGAOILEADH NA PÀRLAMAID, AGUS LOUIS BONAPARTE, 1840

Tha a' Phàrlamaid, ard-chomhairle na rioghachd, air sgaoileadh fad na bliadhna so; agus da rìribh, taobh mach do chonnsuchadh, agus do dheasboireachd, agus caint ard, 's beag a rinneadh o'n chruinnich i. Tha comhstiri làidir eadar an dà bhuidhinn mhór tha sa' Phàrlamaid, na *Whigs* agus na *Conservatives*, (mar theirear riù sa Bheurla,) có a bhios a stigh agus có a bhios a mach. Tha sporan mór na rioghachd an làimh na dara buidhne; agus, mar is nàdurra, rinn iad greim bàis air. Tha 'n fheadhain eile a' togairt¹

¹ a' togradh, a' miannachadh.

'fhaotainn 'nan cumhachd féin. Cha do labhradh barrachd riabh ann an Seisein Parlamaid, na air a' bhliadhna chaidh seachad; agus cha d' rinneadh riabh anns an ùine cheudna, nas lugha do mhaith. 'Móran sgalan 's beagan ollainn,' mar thuirt moisein¹ 's e 'lomairt na muice.

Thugadh oidhirp amaideach le *Louis Bonaparte*, mac bràthar *Napoleon* air rioghachd na Fraing a thogail as a leith fein, agus ceannairec a dhùsgadh an aghaidh an teaghlaich rioghail, tha air an àm, thairis orra. Bha 'm baothaire² gun chiall a thug an oidhirp so, ann an Glaschu, far am faca sinn e. 'Na dhealbh 's 'na dhreach tha e coslach ri bràthair 'athar. Chaidh an duine so, agus tri fichead do dhaoine cho bras, amaideach ris féin, thairis á Sasunn do bhaile-mór air leathar³ na Frainge, ris an canar *Boulogne*, (no Beul-na-h-aibhne). An déigh dhoibh dol air tìr, thog iad am bratach, agus dh'fheuch iad na saighdearan a mhealladh gu éiridh maille riutha; ach chaidh so 'nan aghaidh: bha 'n t-arm dileas do 'n rìgh agus cha d' fhuair an sgaomaire⁴ so a h-aon a sheas e. B' éiginn da teicheadh. Thug e an soitheach air, ach ghlacadh i. Thug e'n sin bàta air, e féin 's a luchd-leanmuinn. Chaidh am bàta thairis; ghabh iad gu snàmh, loisg na saighdearan orra, mharbhadh cuid diubh, bhàthadh cuid eile, agus ghlacadh càch.

Tha *Louis Bonaparte* a nis an gainntir, fo ghlais agus fo fhreiceadan; tha a' chùirt a tha r'a fheuchainn gu suidhe an ùine ghoirid; agus is dòcha 'n àite coron rìgh a bhi air a cheann, gur taod na croiche 'chuirear mu 'amhaich, no gur prìosan is dachaидh dha a' chuid is mò d'a làithean ...

(*Cuar tear nan Gleann* I, 1840: 167–68)

*

¹ muisean 'spioinaire'.

² an t-amadan.

³ oirthir.

⁴ gealtaire.

31. LITIR ON OLLAMH LEÒDACH ANN AN GLASCHU, 1841

D'a chairdean sa' Ghàidhealtachd, mu dhéibhinn na h-imrich air a bheil daoine 'labhairt a tha ri dol air aghart o eileanan na h-Alba do dh-America mu thuath.

Mo luchd-dùthcha ionmhuinn,

Chuala sibh gu'n robh cor nan Gàidheal bochda air a thoirt fo bheachd na Parlamaid le MR BAILLIE, duine fiachail tha 'suidhe ann an ard-chomhairle na rìoghachd air son siorramachd Inbhirnis. Thug e a leithid do chùnnatas air a' bhochduinn fo'n robh móran do na Gàidheil a' fulang 's gu 'n do chuireadh air leth, mar deirear sa' Bheurla, *committee*, 'se sin buidheann àraidih do mhuinntir na Parlamaid chum a' chuis so a rannsachadh, agus an comhairle thoirt ciod bu chòir a dheanamh. Ghairm a' bhuidheann thaghta so daoin' uaisle bha eòlach air staid na Gàidhealtachd, suas do Lunnuinn, gu bhi air an ceasnachadh 'nan làthair. Ghairmeadh deich no dusan fianuis suas, agus 'nam measg sin bha mise. Cha bhuin e dhòmhhsa a ràdh, ged robh fios agam air, gun tighin air nach 'eil làn fhios agam fhathasd air, ciod na nithe mu 'n do chruinnicheadh càch, ach feudaidh mi a ràdh gu 'n do cheasnaich iad mise fad trì làithean mu dhéibhinn gach nì air an robh fios agam mu chor nan Gàidheal, mu 'n bhochduinn anns an robh móran diubh – mu 'n anacothrom a bha iad a' fulang – an droch lòn a bha aca air uairibh r'a iteadh – an dith aodaich – an droch thighean – an dìth aodach-leapach a bha air anabharra dhiubh, gu h-àraidi sna h-eileanan tuathach – an droch cothrom a bha aig cuid do chroitearan beaga, agus aig coitearan bochda – mu gach seòrsa cosnaidh a bha iad a' faotainn, aig iasgach, aig buain, agus anns na bailtean margaidh – mu staid nan sgoilean agus gach ni eile bha feumail chum cor na Gàidhealtachd a leigeil ris doibh.

Dh' fheuch sinn so uile a dheanamh co soilleir dhoibh 's a b' urrainn duinn. Bha do litrichean againn air ar siubhal, a thainig d'ar n-ionnsuidh as na cearna sin 'nuair a bha sinn a' cur na mine agus a' bhuntàta d'an ionnsuidh anns a' bhliadhna 1836

agus 1837, 's gun robh e 'nar comas gach ceisd a fhreagairt. Dhearbh sinn doibh gun robh, a réir gach cùnnatais a b' urrainn duinn fhaotainn, fichead mile teaghlaich sa' Ghàidhealtachd ann am fior bhochduinn, a' tighin suas air dhòigh a bha truagh r'a thoirt fa' near, agus mur biodh ni-eiginn air a dheanamh air an son, nach robh fios againn ciod a dh' éireadh dhoibh, gu 'n robh iad, móran diubh, gun aodach gun chaiseart, leis am b' urrainn doibh dol gu fèill no gu clachan, gun chosnadh sam bith a b' fhiach ainmeachadh, gun chomas ceaird no ealaidh¹, no sgoil no foghlum a thoirt d'an teaghlaichean; agus gum b'i ar barail, nam b' urrainn doibh, gu 'n rachadh mòran diubh thairis do dh-America, ach nach robh so 'nan comas, nach robh aca air aghaidh an t-saoghal na dhìoladh an t-aiseag, gun tighin air aodach-cuirp no leapa leis am b' urrainn doibh imeachd; ach nam biodh doigh ann air am b' urrainnear an toirt thairis, agus fearann a thoirt doibh an déigh ruigheachd, agus pòr a' cheud bhliadhna, gu 'n robh sinn làn chinnteach gu 'n robh na miltean ann a ghabhdh an t-aiseag gu taingeil, gu h-àraid nam faigheadh iad féin agus an cairdean, sean agus òg falbh le chéile, agus socruchadh le chéile san aon àite ...

Ciod a thig á so 's duilich ìnnseadh; cha 'n fhaod mi a ràdh gu bheil mo dhòchais féin ard. Cheasnaicheadh mar an ceudna daoin'-uaisle o Chanada, a dhearbh gu soilleir gu 'n robh gu leòir do dh-fhearrann thall acasan r'a sheachnad, agus ged a rachadh na ficheadan mile a nùnn, gu 'n robh cosnadh agus obair, agus farsuingeachd na leòir ann air an son. Dhearbh iad so gur h-iad na Gàidheil an sluagh bu taitniche leò ann an Canada, gum b' fhèarr leo am faotainn nam measg na Eirionnaich, Sasunnaich no Goill; gu 'n robh iad na bu chruadalaiche na seòrsa eile, gu 'n robh iad teóm, iasgaidh lùthmhòr, làidir, gu'n seasadh iad fuachd agus iomadh anacothrom nach seasadh feadhain eile.

Cha 'n eil òr no airgiod, do réir coltais aig a' bhan-righ r'a sheachnad; tha iad ag ràdh gu bheil sporan mór na rioghachd

¹ calain, sgil.

an impis a bhi falamh; nach toir iad cuideachadh air bith dhuinn le airgiod, ach tha seòrsa do dh-aobhar dòchais gu'n toir iad luingis chum iadsan tha toileach falbh a ghiùlan thairis. Ma ni iad so féin, agus gu'n cuidich na h-uachdarain leò 's gu 'n gabh muinntir Chanada cùram dhiubh an déigh ruigheachd, mar tha aobhar-dhòchais gu 'n dean iad, bidh so féin 'na chothrom agus 'na chuideachadh mór: ach bheireamaid comhairle do'r luchd-dùthcha faighidinn a bhi aca, 's gun nì air bith a dheanamh gu h-obann no gu cabhagach. Chìtear an ùine ghoirid ciod thig as a so; bidh a' chùis an ceann mhìos air a' chuid a's faide, air a toirt fo bheachd na Parlamaid, agus an sin bidh fios againn ciod bu chòir dhoibh a dheanamh. Tha eagal oirnn nach faighear móran a dheanamh air an earrach so tuillidh; ach 's mór ma nitear uidheamachadh air son toiseach na h-ath bhliadhna.

Tha fios againn gu bheil móran a' faotainn coire dhuinn airson a bhi 'cuideachadh chum an imrich so a chur air aghaidh; tha fios againn mar tha cuid san àite so féin 'gar smàdadhl, mar gum bu mhiann leinne ar luchd-dùthcha fhògradh air falbh agus an saodachadh as an tìr. Tha móran nach dean dad iad féin, nach teid leud bonn am bròige nùnn no nall air son maith an lùchd-dùthcha, ach a tha ard-bhriathrach gu leòir ann an labhairt an aghaidh feadhna eile aig a' bheil miann math a dheanamh. Tha uiread ghràidh againne d' ar luchd-dùthcha ri duine air uachdar an t-saoghail, agus faodaidh sinn a ràdh gun do dhearbh sinn so an àm am feuma; agus ged is duilich leinn na daoine treuna teó-chridheach, dileas, rioghailean, fhaicinn a' fàgail na dùthcha, tìr an òige, 's duilghe leinn gu mór a bhi 'gam faicinn a' bàsachadh le gort, agus ann an cor co déisneach mhuladach 's a tha iad ...

Tormoid MacLeòid
Glaschu 30 là do'n Mhàirt, 1841

(*Cuairtear nan Gleann II*, 1841: 56–58)

32. MU DHÈANAMH AN T-SIÙCAIR, 1841

Se 'n Campa Siùcair a their muinntir America ris an àite 'sam bithear ris an obair iongantaich so, agus cha b' uilear do neach sam bith leis am bu mhiann am campa 'chur air dòigh mar a dh' fheumadh e, sealltuinn ri ghnothach, fada, fada roimh àm töiseachaidh air. 'Se sin, e 'chothrachadh a mach, cò an ceart bhall is iomchaidh' air a shon, a thaobh coille agus fearainn; agus an sin a choille-làir a ghearradh cho iosal ris an talamh 'sa ghabhas i agus a trusadh suas gu sgiobalt á's an rathad air duine agus ainmhidh. Dh' fheumadh so uile bhi deanta cho trà ri töiseach a gheamhraidh, mu 'n laidh an sneachda ro dhomhainn, oir an sin cha bhiodh dòigh idir air a gearradh mar bu chòir.

'Se 'n ath rud air an còir làmh a thoirt Coireachan freagarach fhaotuinn, agus amair a dheanamh a chumail an t-sùigh. Is ann de'n Uiseann-dubh is còir iad so a dheanamh, oir is fiodh e nach mill aon-chuid a bhlàs no a dhàth; agus is buaidh chotharaicht' eile air, nach eil e ullamh air sgoltadh leis a ghréin. Bhiodh e feumail, mar an ceudna, connadh n'is-leòir a bhi air an làraich' gearrta – spealgta – cruachta, ann an tràth. An sin, 'nuair a thig an t-Earrach, ma-dheire-thall, 'sa chithear fiamh an aiteimh air aghaidh an t-saoghal mhòir gu leir, thoir an 'Càmp' ort – gabh tuagh no tora – cuir beum, ann an taobh ma-dheas gach craoibh a shònruicheadh leat air-son a ghnothaich so – cuir sgòr le cruinn-gheilb fo 'n bheum – spàrr spealtag 'san sgòr, agus càirich amar gu h-iosal ri bun na craoibh, a ghreadhas an sùgh mar a ruitheas e sios air an spealtaig. Biodh na coireacha nis air ghleus, fadaidh fhèin an teine – càirich air, seas aige. Cuir na balachain air falbh le soithichibh a ghiùlan an t-sùigh thugad – dòirt 'sna coireachaibh e – cuir goil gharbh bhuaireasach air, agus chì thu, an ùine ghearr, gu' fas e troma-dhonn 'san dath, ged a bha e 'na staid nàdurraich, ceart co shoilleir, agus, gun teagamh, mòran na bu ghloine no Stòth-na-töiseachd¹ – leasaich ris: mar is mò 'n toit 'sè feothas na cùise – Blais, a nis, ma 'sè do thoil e, toradh do shaothrach. Feuch tha e milis! Ro-mhath, 'se'foighidinn 'ni

¹ uisge-beatha.

'n t-iасgach,' lean air – Blais a ris e. Tha e dorcha-ruadh agus ni's millse no dad idir a bhlais thu riamh roimhe, tha eadhoин do bhilean a leantuinn ri чéile leis – tha e nise air fàs gu math ni's tiuighe agus deatach anbarach ag éiridh as. Ma tha, lughdaich an teine, agus bi air t-fhaicill – gabh sleaghag¹ agus cuir m'a 'n cuairt e, a chum 'snach dòth e; agus co luath 'sa thig 'goil a bhrochain' air feumaидh tu 'bhi ro chùramach uime. Bithidh e freagarach mu'n àm so, searrag bhainne no meall fala 'chuir ann, 'ga ghlanadh. Cha luaithe ghoileas e'n deigh so a chuir ann, n'a dh' éireas gach grùid agus salchar a bhios ann air uachdar, air chòr is gu faodar an t-anabas² so 'thilgeadh dheth, gun a bheag de 'n t-Siùcar a chall. Beagan eile bruichidh agus faodar a thoirt bhàrr an teine ...

(Robert McDougall, *Ceann-iiùil an Fhir-imrich do dh'America mu-thuath*, Glaschu 1841: 96–98)

*

33. SGIORRADH MULADACH, 1841

Air an t-Slighe-Iaruinn eadar Glaschu agus Paisleig.

Bha aon do luchd-frithealaidh na slighe, da'm bu dréuchd seasamh aig an *Tunnel* – 'se sin, toll a chladhaich iad troimh theis-meadhoin cnuic, air ghaol³ an còmhnaid a gheildheadh do na carbadan. B'e dleasnas an duine so sanas a thoirt do gach carbad a thigeadh dlùth dha, a dh'innseadh c'iù bhà no nach robh an t-slighe réidh.

Bha'n duine mi-fhortanach so 'na shuidhe a' gabhail a dhìnnearach air bruaich na slighe, agus a bhean 's a nighean 'nan suidhe r'a thaobh. Chual' e carbad a' teachd dlùth orra, agus leum e suas a chrosgadh na slighe, oir 's ann air an taobh eile

¹ seòrsa biorain.

² cop, cobhar.

³ air tàillibh.

bu chòir dha bhi. Ghabh a bhean eagal, agus rug i air sgiort a chòta g'a chumail air ais. Chuir so grabadh air, ach le 'uile neart thug e oidheirp air an taobh eile ruigheachd; ach, mo thruaighe! chaidh an carbad thairis air. Bhristeadh a dhà shliasaid 's a dhà ghàirdean, agus sgaradh a cheann o'n chorp! Cha'n eil e coltach gu'n d'fhuiling esan mòran cràidh, ach bu truagh staid a mhathana 's a nighin. Bha e 'na dhuine riaghailteach, béusach, agus fo dheagh chliù.

Tha luathas nan carbadan so anbharrach mealltach. Ged nach 'eil leud na slighe thar trì no ceithir do cheumannan, dh'fhéumadh neach a bhi, air a' chuid bu lugha, leth-cheud slat o'n charbad mum biodh e sàbhailte oidheirp a thoirt air crosgadh.

(*Cuar tear nan Gleann* II, 1841: 238)

*

34. TECUMSHEH¹, 1841

Cha Neil rìgh no uachdaran am measg nan Innseanach, ach cinn-fheadhna, direach mar a bha na cinn-chinnidh 'aon uair am measg nan Gael. Bi'dh iad cho bidh² ris an luchaig an làthair a chinn-fheadhna so, agus b-olc an airidh mur bitheadh; oir bi'dh easan cheart co càramach mu dhillsean³ 'sa bhiodh athair mu aon duine cloinne. 'Stric a thaisbein iad an càram so, eadhoin ri uchd bàis, mar a thachair ann an cor fir dhiubh a bha le còmhlan de dhillsean a' cuideachadh nam Breatainnach, ma's math mo chuimhne, aig Brockville. Chunnaic *Tecumseh* (deadh-chuimse) gun robh a choslas air na *Yankaiach* buadhachadh, agus, air an aobhar sin, bhruidhinn e ri ceannard an airm-bhreatannaich.

¹ Rugadh Tecumseh, no Tecumseh, an 1768. Anns a' Chogadh 1812, rinn e càirdeas ri na Breatainnach gus an cuidicheadh iad ri dùthchas nan Innseanach a thilleadh thuca. Bhàsaich e ann am Blàr Mhoraviantown, no the Battle of the Thames, ann an Canada an iar air Detroit ann an 1813.

² bìth, sàmhach.

³ luchd-cinnidh.

‘Tha mi a’ faicinn,’ ars easan, ‘mar téid sinn ’nar n-earalas¹ gu’m faigh iad miann an cridhe oirnn, ni an sgiath ud thall a bhochduinn buileach mur cuirear grabadh oirr; ach leig thusa dhomhsa ’tarruinn air ais beagan le trí cheud de mo dhaoine agus gabhaidh mi lom gach ath-ghoirid² tre ’n choille; cha bhì mi fad air an rathad, agus theid mi ’n urras, ’nuair a ruigeas mi gu’m faigh an dromannan an tachas a chuir ast.’ ‘Cha neil mi ’tuigsinn ciamar ’dheanadh tu sin cho math ’sa tha thu ’n dùil,’ thuirt an Sasannach. ‘Coma leat-sa, leig thus’ an gnothach ’an earbsa’ rium, agus chì thu ciod a thachras.’ ‘Ta, ’s mise ’m fear nach dean sin,’ thuirt an Gall. ‘Mur dean lean do dhroch comhairle fhein, agus chì càch mar a bhios deireadh an latha, ach cha ’n fhaic mise e! tha beagan uair fhathast agam ri chaithidh, agus tha mi ’cuir romham nach dean mi droch bhuil diubh! cha ’n fhaic thusa no fear eile an ruaig air *Tecumseh*? Le so a ràdh thug e chùl da, las confhadh a chléibh³, thog e iolach⁴ le sgairteachd bhuaireasaich a chuireadh crith agus déistinn⁵ air ‘caogad⁶ mìlidh’, agus mar bheithir theinntich, bhuail e staigh am buillsgean⁷ a ànmh, a’ deanamh *deadh-chuimse*, gun ag⁸, air gach taobh dheth; oir bha e

‘Gan spadadh marbh a’s ’gan liodairt⁹,
A’s ’gam fàgail ’san ionad gun deò,’

gus na lom-sguab e a chearna de’n àrfhaich air an robh e. Ach, mo chreach! ‘se lionmhoireachd nan làmh a ni ’n obair,’ ged nach deanadh fear eile beud *do*, agus ged nach robh dol as aig fear eile *bho’ dheadh-chuimse* fein, ann an comhrag-deise; gidheadh, aig cho lionmhor ’sa bha ànmhdean mu’n cuairt da ’sa chath neo-chothromach so, fhuair iad fàth air a leònadh o chùl; bha e ’call fhala gu bras agus sior fhannachadh, ionnas gu’m b-fheudar dha tàirsinn air dheireadh agus aomadh ri maladh cnuic am

¹ nar faicill.

² uachdar gach fri-rathaid.

³ chaidh e air a chuthach.

⁴ èigh, glaodh.

⁵ eagal.

⁶ lethcheud.

⁷ meadhan.

⁸ sòradh, stad.

⁹ leadairt, lèirsgríos.

measg nan closach beubanaicht¹ a bha 'nan suain 'san raon. Cha b-fhada bha a làthaireachd gun ionndrainn le dhìslibh; phill fear no dhà g'u h-ealamh a dh' fhaicinn ciod è mar bhà. 'Nuair a thàinig iad dlù' na fhochair, leig gach fear a chudthrom air ceann a shleagha a' dùr amharcadh air, 'sna deòir, mar chuirneanan de dhealt a chéitein, a' cuir char dhiubh air leth-taobh an gruaidh. Mhòthaich iad togradh² bhi aige ni-éiginn a labhairt. Ghrad leum fear agus thog e a cheann gu fòil³, o'n lèr. 'Tha sinn, tha sinn, a' dealachadh fhearaibh,' ars' easan, 'taghaibhse ceann-fheadhna!' 'Thà sinn a' dealachadh, tha mo thruaigh! ars' iadsan, 'ach cha neil taghadh ri 'dheanamh air Ceann-feadhna, 'sgun agad ach an t-aon mhac, is gur e t-aon duine cloinne e.' 'Bha sibh 'nur sluagh dileas domh riamh, agus na curibh suarach m' athchuinge dheiireannach, guidheam oirbh! ars' easan, 'Guidheam oirbh! na biodh cuid no gnothach agaibh ris, ach taghaibh fear eile!' 'Cha chuir sinn suarach t-ath-chuingich, bu mhòr a ghabha-maid! ach nach leig thu leinn a thuigsinn carson nach gabhamaid do mhac!' 'Tha e co coltach ri *Saganash*⁴ 'na chruth, is gu bheil eagal orm gu'm bi e co coltach riu 'na inntinn is nach fhiù e sluagh earbsadh ris! Ma 'n gann a bha 'm falac ás a bheul; dh' iath suain a bhàis mu 'rosgaibh, bhuail na Breatannaich ratreut, thàir gach fear ás, agus dh' fhan *Tecumseh* 'san àrfhaich; ach, mar a thuirt e fein, cha'n fhac easan sin.

(Robert McDougall, *Ceann-iùil an Fhir-imrich do dh'America mu-thuath*, Glaschu 1841: 42–45)

*

35. AIR SEAN CHLEACHD SGATHANACH, 1842

Cha'n 'eil a mach air ceithir-fichead bliadhna o bha e na chleachd anns an Eilean Sgiathanach, an uair a bhàsaicheadh tuathanach, gu'n deanadh an t-uachdaran greim air an each-

¹ reubte.

² deuchainn.

³ socair, cùramach.

⁴ Sasannach.

ursainn – 'se sin, an t-each is feàrr ann an seilbh na bantraich – le bhi 'cur a mhaoir 'ga iarraidh gu h-ealamh an deigh an adhlaic! Bha'n sluagh a' strìochdadadh¹ do'n chleachd an-iochdmhor so, agus a' cur suas leis gu foighidinneach, gus an do chuireadh air chùl e air an dòigh so a leanas. Ann an sgìreachd an t-Sratha, air do thuathanach còir do Chloinn Ionmuinn bàsachadh, chaidh am maor mar a b'abhaist, an deigh an tiodhlaic, a dh'iarraidh an eich air a' bhantraich; ach chuir e an dleasnas a dh'èithneadh dha an gnìomh air mhodh co cruidh-chridheach, 's gu'n do chuir a' bhantrach bhochd gu dian na aghaidh. Dh'éirich connsachadh agus aimhreite co mòr eatorra, air achd², air do'n mhaor fearg a ghabhail, 's gu'n do bhuail agus gu'n do chiùrr e a' bhean bhochd agus mhuladach so, gus an robh a fuil, trid nam buillean a thug e dhi, a' taomadh gu frasach air an làr. Air d'i a bhi air a claoiadh³ leis an droch càramh a fhuair i, labhair i ris, ag ràdh, gu'n robh i an dòchas gu'n rachadh a mac a chaomhnadh, nach robh aig an àm sin ach bliadhna' a dh'aois, gu dioghaltais a dheanamh airson na dòigh air an do bhuineadh rithe air an là sin.

Ochd bliadhna deug an deigh sin, chaidh am maor ceudna do'n ath bhaile air a' ghnothuch cheudna, far an do nochd e mòran mi-mhodh do bhantraich thruaigh eile, le bhi 'toirt a h-eich air falbh gu tur an aghaidh a toile! Thainig na cùisean gu h-ealamh gu cluasaibh Mhic-Ionmuinn, mhic na ceud bhantraich a dh'ainmicheadh, a bha 'san àm sin na òganach sgiamhach flaitheil, aig nach robh coimeas anns an t-Sratha gu léir airson tàbhachd, neirt, agus tréubhantais! Ghrad lean e am maor. Rug e air mar astar thrì mìle o Chìllmari, àite-còmhnuindh an uachdarain. Dh'iarr e each a' bhantraich air, agus chuir e 'na chuimhne an droch càramh a rinn e air a mhàthair ochd bliadhna deug roimhe sin. Dhiùlt am maor an t-each a liubhairt, agus chuir e uile bhagraidhean an òganaich ann an suarachas! Chaidh na fir an sin an glacaibh a chéile; agus air doibh a bhi nan

¹ a' gèilleadh.

² air achd is gu 'a chum is gu, gus'.

³ air a sàrachadh, air a sgìtheachadh.

dithis nan curaidhibh calma, bha'n tuasaid¹ car tamuill dian agus garg: ach bhudadhaich Mac-Ionmhuinn; agus leis an sgian-duibh gheàrr e an ceann de'n mhaor, agus dh'ionnlaid 'se e ann an tobar a bha ri taobh an rathaid, deth an goirear 'Tobar a' Chinn' gu ruig an là an-diugh! An sin leum e air druim an eich, agus bha e gu h-ealamh aig dorus an uachdarain, a' giùlan a' chinn fhuiltich air bàrr na sgeine! Chòmhlaich seirbhiseach e, a ghabh eagal an uair a chunnaic e an sealladh sgreataidh so! Ghrad ruith e a steach, agus dh'innis e d'a mhaighstir gu'n robh Donnachadh Mòr aig an dorus, le ceann a' mhaoir air bàrr a bhiodaig, agus gu'n robh e 'g iarraidh 'fhaicinn. Cha chreideadh an t-uachdaran an toiseach gu'n d'rinneadh gniomh co déistinneach, air da a bhi aineolach air na nithe a b'aobhar da. Ach an uair a chaith e mach, chunnaic e gu'n robh na chual e fior; agus air da na cùisean a chluinntinn o Dhonnachadh Mòr, agus fios fhaotuinn air an laimhseachadh ghoirt a fhuair a mhàthair o'n mhaor, an uair a bha Donnachadh na leanabh, thug e maitheanas da gu saor – rinn e maor dheth an àite an fhir a mharbhadh; agus thug e òrdugh a mach nach rachadh each, na nì eile, a thoirt tuilleadh o bhantraich sam bith air 'oighreachd-san an deigh an latha sin!

(*Cuairtear nan Gleann III*, 1842: 156–57)

*

36. FACAL SAN DEALACHADH, 1842

Calum Dubh á Leóbas.— Tha thu ceart. Theid litir do cheàrn air bith de na trì rioghachdan airson sgillinn Albannach, ma theid an sgillinn a chuir leatha do'n *Post-Office*: mar teid, bithidh i dà sgillinn do'n neach gus am bheil i 'dol. Cha'n e so a mhàin, ach ged robh ceithir litrichean fo'n aon chleòca, mar cothromaich iad còrr a's *leth-unnsa*, cha bhi iad tuilleadh. 'S math leinn gu'n do chuir thu 'cheist oirnn, oir is tric a ghabh sinn näire de aineolas nan Gàidheal mu'n chùis so. An uair mu dheireadh a

¹ sabaid.

bha Eachann Chola 'mach, thug e deich litrichean 'na phòca do Ghlaschu, gu fear is aithne dhuinne. Chuir am fear so anns a' *Phost-Office* iad. Chosd iad dà sgillinn an t-aon do na càirdean; agus, o nach do liubhair e iad gus an là 'bha e fàgail a' bhaile, chaill iad cothrom an *smack*¹ dhiubh. Nan cuireadh iad 'sa' *Phost-Office* ann an Cola iad, agus sgillinn leo, bhiodh iad an so roimh Eachann, agus bhiodh an goireasan aig na càirdean dhachaidh leis an *smack*.

(*Cuairtear nan Gleann* III, 1842: 142)

*

37. MARGADH CLÒIMH IS CHAORACH INBHIR NIS, 1842

Sheas am margadh so air a mhìos a chaidh seachad. Cha deach mòran reiceadh a dheanamh; ach na chaidh 'reic, b'ann air prìsean ni b'ìle na bha 'dol air a' mhargadh cheudna an uiridh. Bha na h-uain o naoi sgillean gu dà thasdan an ceann ni b'ìle, agus muilt o leth-chrun gu cóig tasdain. A' chlòimh airson an d'fhuairear o chóig-tasdain-deug gu sèa-deug a's sèa-sgillinn an uiridh, cha d'ràinig i am bliadhna ach o dhà-dheug a's sèa-sgillinn gu ceithir-tasdain-deug.

Latha no dhà an deigh margadh Inbhirnis, bha margadh de'n t-seòrsa cheudna aig Peairt, far an robh prìsean ni b'fheàrr a' dol; ach dh'fhuirich mòran de gach seòrsa gun reiceadh. Cha'n eil teagamh nach éirich prìsean mu'n tig meadhon an fhogharaidh. Tha uile choltas gum bi am fogharadh tràth agus paitl – cha'n fhacar riamh sid is fàbharaire. Tha ath-bheothachadh a' tighinn air malairt an cumantas. Tha àrd mharsantan na rioghachd a' gabhail misnich, agus mòran gnothaich a' dol air aghart 'sna tighean-cuspuinn.

(*Cuairtear nan Gleann* III, 1843: 170)

*

¹ bàta.

38. NA H-EILEANAN FALCLAND, 1842

Am measg nan eileanan sin a bhuineas do Bhreatunn, agus gun duine cha mhór 'gan tuineachadh, tha Eileanan Falcland. Tha mu thimchioll cóig fichead do na h-eileanan a tha fo'n ainm so 'nan luidhe dlù d'a chéile, ann an cuan mór na h-àirde Deas, mu cheithir cheud agus ceithir fichead mìle an taobh so do dh-America na h-àirde Deas, agus mar astar trì cheud mìle o mhaol mhór deiseal America – 's e sin, *Cape Horn*. Tha'n t-aon a's mò do na h-eileanan so mu thuaiream sèa fichead mìle air fad, agus leth-ched mìl' air leud, air a chuartachadh le bàghan, agus calachan, agus ionadabh acarsaid co math, fhasgach, thèaruinte, 's a tha san t-saoghal uile. Cha'n eil air an àm duine beò a chòmhnuidh air an eilean so, an t-eilean a's mò dhiubh, a tha uiread ri Muile, Ìle, 's an t-Eilean Sgiathanach le chéile, agus gu mór na's tarbhaiche. Cha'n eil crodh, na caoraich, no eich, san eilean mhór so, ach am feur a' grodadhbh air an làr o bhliadhna gu bliadhna! Tha an dara h-eilean a's mò ceithir fichead mìle air fad, agus leth-cheud air leud. Tha caol eadar cóig 's a sèa mhìltean air leud eadar an dà eilean so – caol ro'm faodadh cabhlach Shasunn seòladh co glan, réidh, thèaruinte, 's a b'urrainn duine iarraidh, agus acarsaidean fasgach air gach taobh dhe. Tha seòrsa do bhaile beag air an eilean so, ris an can iad Port Leódhais. Tha ochd-pearsa-deug a chòmhnuidh air an eilean so, a mhuinnitir America mu Dheas; ach 's le Breatunn iad, agus tha còir Bhreatunn air a h-aideachadh a nis le gach rioghachd. Tha long-chogaidh a nis do ghnàth ann, chum còir Bhreatunn air an eilean so a dhion. Tha eileanan beag eile mu'n cuairt do'n dà eilean mhór so, mu mheudachd Chola, 's Chana, 's Eileannam-Muc, agus gun duine 'gan tuineachadh. Tha na h-eileanan so anabhairrach uile coslach ri h-Innse-Gall na h-Alba ...

(*Cuairtear nan Gleann II*, 1842: 302–03)

39. AISEAG AN-ASGAIDH DO ASTRÀILIA, 1848

Tha mòran de'r luchd-dùthcha eòlach, bho iomradh, air Australia – eilean ro mhòr, farsuing a tha aig taobh eile an t-saoghal – far am bheil daoine aig a' cheart àm so a'n toiseach a' gheamhraidh – far am bheil iad a' dol a luidhe 'nuair a tha sinne ag éiridh – agus am bi iad an dùdlachd a' gheamhraidh an uair a tha sinne an àin-teas an t-samhraidh. Ach ged a tha'n fheadhainn a tha fàgail na dùthcha so a' faghuinn a' h-uile gnothaich 'car mu chrios' marsud an uair a ruigeas iad thall, tha 'dol aca air cur a suas gu maith leo. Cuiridh, as buainidh iad – ithidh as coidlidh iad ann a cheart co maith 'sa dheanadh iad 'san t-seann Ghaedheatachd: agus tha mòran Ghaedheal a chaidh a sud bho cheann deich, no dusan bliadhna, nach tilleadh air an ais ged a gheibheadh iad deagh bhaile fo stoc mar cheannach¹. Tha aon bhuaidh shonruichte air an dùthaich ud, gu'm bheil an sìon, no'n t-sìd anabarrach ciùin, taitneach agus fallain. Cha'n 'eil a bheag de ghaillinn 'sa gheamhradh, no de theas loisgeach 'san t-samhradh; agus tha iomad aon a d'fhàg cladach Bhreatuinn gle bhreòite a tha nis làidir, fulangach². Tha aig an àm cheudna iomad mi-bhuaidh air. Tha gu sonruichte Eaglaisean, as Sgoilean ro ghann. Tha mòran de dhroch dhaoine a chaidh fhògradh as an dùthaich so ann – rag-mheirlich co olc 's a tha air aghaidh an t-saoghal mhòir – dearg-shloightearan co eucorach, aingidh air gach dòigh 's a sheas riamh air balt bròige! as tha buidhnean de dhaoine fiadhaich an àite fèin (gu bitheanta fo cheannas feadhainn de 'n ghràisg so) nach sòr³ creachadh, na mort – agus tha an duthaich air uairibh a' fulang mòran bho thiormachd, 's bho thart.

A nis cha'n 'eil sinn ga mheas mar ar gnothach-ne a ràdh ri'r luchd dùthcha co dhiu bu chòir dhoibh feuchainn ri dol do Australia 's nach bu chòir. Am fear a tha gu maith aig a' bhaile 's maирг e 'bhi ris an imrich; oir 'is beag an imrich nach dean

¹ *mar cheannach* 'air phrìs bhuannachdail'.

² cruaidh, calma.

³ seachain.

drughall¹.' Ach am fear nach urrainn a ghreim a ghleidheil 's a' chalamh 's am bheil e is buidhe leis cluinntinn mu chalamh tearuinte air bith eile 's am faigh e fasgadh. Thugadh gach duine breith air a shon féin; agus deanadh e mar a tha e am beachd is mò bhios chum a mhaith aimsireil agus spioradail.

Tha sinn aig an àm cheudna toilicht' innseadh gu'm feud *Oireanan* (*Sgalagan*) – se sin feadhainn a tha suas ri àiteachadh gruinnnd – *Cìobairean*, no *Buachaillean chaorach* – *Luchd ceaird* mar a tha *Goibhnean dùthcha* – *Saoir-chairtean*, agus *Saoir-thighean* – *Banaraichean*, agus *Searbhantan-tighe* aiseag fhaghluinn a nasgaidh do Australia ma thig iad fo na cunntais so a leanas:

1. Muinntir shingilte – se sin gun phòsadh – a tha eadar ochd-bliadhna-déug, agus cuig-bliadhna-déug thar fhichead.
2. Càraidean òga air ùr phòsadh aig nach 'eil clann.
3. Càraidean pòsda nach 'eil thar dà-fhichead-bliadhna – aig nach 'eil tuille na dithis chloinne fo sheachd, no triùir fo dheich bliadhna 'dh' aois.
4. Càraidean aig am bheil mòran de chloinn uirbhich – se sin air tighin gu neart – ged a bhitheas iad fén beagan thar an dà-fhichead bliadhna.

Gheibh an leithidean so, a tha fo dheagh theisteas agus a tha fallain, slàn, aiseag do Australia gun pheighinn airgid a dhìoladh ach Punnd Sasunnach arson gach pearsa os ceann aois cheithir bliadhna déug, agus deich tasdain airson gach duine cloinne fo 'n aois sin: agus ma ghnàthaicheas siad iad fén gu maith air an luing gheibh iad air ais fiach an airgid ann an aodach-leapach 's an goireasan eile co luath 's a ruigeas iad tir. Bithidh rogha, 's tagha càraighe² orra ré an turuis. Nithear gach còmhnuadh³ leo gu seirbhis fhaotainn 'nuair a ruigeas iad thall, agus bheirear lòn, as fasgadh dhoibh car cheithir-là-déug an deigh dhoibh ruigheachd. Cha 'n eil fasdad, no fang⁴ orra bho'n luchd-riaghlaidh a tha

¹ drùidheadh, buaidh.

² càradh 'suidheachadh, rèiteachadh'.

³ cuideachadh.

⁴ fasdad, no fang 'grabadh no bacadh'.

toirt an aisig dhoibh. Aon uair 's gu'm bheil an cas air tìr tha gach aon air urra' fèin – tha'n taod m'a chluasan agus feudaidh e aghaidh a thoirt air aon bhealach a thogras e ...

(*Fear Tathaich nam Beann* IV, 1848: 156–57)

*

40. MUN CHOLERA, 1848

Seòlaidhean arson a Sheachnaidh agus a Leigheas

Is ro dhuilich leinn a ràdh gu'm bheil a' phlàigh eagalach so air i fèin a nochdadh gu soilleir 'an ioma cearna feadh Albainn agus Shasuinn. Cha'n 'eil i fathasd co ro bhàsmhor 's a bha i air an turus roimhe; ach tha i a' gearradh as iomadai: agus tha e ro choltach gur e sgaoileadh a ni i. Gu cinnteach buinidh do shluagh smuaineachadh gu cùramach, agus gu sòileimte 'n uair a tha iad cheana a' fulang o ghort', agus a nis plàigh – 'a' phlàigh 'tha gràineil goirt,' le céumannan luatha, millteach a' tighin n'an caramh. Buinidh dhuinn uile bhi gar n-irisleachadh fèin fo laimh chumhachdaich an Dé mhòir a tha mar so 'g ar smachdachadh, agus a bhi 'g éigheach arson trócair'. Ach na mealladh duin' e fèin le shaoilsinn gu'm foghain dha ùrnuigh, no éigheach ma tha ghnàthachadh a' marsuinn mì-dhiadhaidh mar a b' àbhaist ...

Biodh gach duine air tùs matà a' rannsachadh a mach *plaigh* a chridhe fèin, agus a' feòraich c'arson a tha Dia a' buntainn mar so ris? a' feòraich mar an céudna 'a Thighearna ciod a b' àill leat mise a dheanamh?' Ach tha e dleasnach aig an àm chéudna gu'n cleachdtadh gach meadhon iomchuidh arson na pearsa ghleidheil o ghalar a tha co millteach, bhàsmhor; agus tha sinn ro thoilichte gu'm bheil aguinn seòlaidhean a thugadh seachad le ligheachan co ainmeil 's a tha 's an rioghachd gu léir: mar so seòlaidhean co maith 's is urrainnear fhaghuinn 'an àite air bith aig an àm. Tha ann an Lunnaid Comunn air an cur air leth le luchd-sdiùraidh na rioghachd chum nan nithean is feumaile arson slàinte 'n t-sluaigh a chomharrachadh a mach. *General Board*

of *Health* a theirear riuth. Tha iad so 'an déigh riaghailtean us seòlaidhean a thoirt seachad a thaobh a' *Cholera*; agus feuchaidh sinn ri suim agus brìgh nan nithean a tha iad ag ràdh a chur fa chomhair ar luchd-léughaidh 'am fad 's a ghabhas sin deanamh ann an Gàelic.

Tha iad so 'an toiseach a' cur an céill nach 'eil an *Cholera* GABHALTACH (*contagious*) ann an seadh coitchionn an fhocail sin. Cha'n 'eil iad a' ciallachadh nach feud duin' air bith a ghabhail bhàrr duin' eile. Ma tha duin' a' fantuinn ann an tigh cumhan, salach, far am bheil aon, no dhà gu tinn leis a *Cholera*, tha e uile choltach gu'n gabh e 'n galar – 'se sin gu'n dean cor mi-fhallainn truaillidh an àlidh m'a thimchioll esan a thoirt gus a cheart staid easlainte a chum an tug e an fheadhain eile. Ach aig an àm cheudna tha e làn dearbhta gu'm feud duine a tha slàn, fallainn frithealadh do dhuin' air am bheil an *Cholera*, ma tha'n àile car glan m'a thimchioll gun a' bheag air bith de chunnart dha féin. Tha sinn ag ràdh gu'm bheil so làn dearbhta, oir cha 'n e corra dhuine, ach na céudan, agus na miltean 'an *India*, 'an *Russia*, agus am Breatunn a bha 'frithealadh do luchd a' *Cholera* agus nach do ghabh riamh e iad féin – a mhair slàn fallain, agus e air gach làimh dhiubh. 'An uair matà nach gliocas do dhuin' air bith dol 'an luib a' ghalair so gun aobhar, cha ruig daoine leas a' gheilt, 's an oilt sin a bhi aca roimhe a tha aig mòran, gu sònruichte cha ruig iad leas smaoineachadh air teicheadh gu gealtach, 's gu mi-nàdurra o'n càirdean 's o'n teaghlaich mar a bha iomad aon gu tàmailteach a' deanamh 'n uair a bha'n galar so 'n ar measg roimhe.

(*Fear-Thathaich nam Beann XI*, 1848: 333–34)

*

41. LEIGHEAS AIR BOCHDAINN NA GAIDHEALTACHD, 1849

Fhir-Thathaich Runaich,

...Tha cor mòran de'n Ghàedhealtachd aig an àm ro bhochd, agus deuchaineach; 's cha'n 'eil cùisean a' fàs dad

nas gealltanaiche. Is goirt le'm chridhe gur ann glé dhorchá, bagarrach a tha n-iarmailt os ar ceann aig a' cheart àm. Tha iomad seòladh ga thoir seachad air son còmhnhadh a dheanamh leosan air a bheil an ganntar 's an dubh-bhochduinn a' deanamh greim. Tha mòran dhiubh sin maith annta fíein, ach tha na h-urrad dhiubh nach urrainn daoine bochd a leantuinn, agus feadhain eile nach lean iad ged a dh'fheudadh iad a dheanamh. Is aithne dhuibh gu maith an seanshocal a tha 'g ràdh, 'Saoilidh am fear a bhios 'na thàmh gur i 'làmh fíein is fhearr air an stiùir'; agus d'a réir so tha mis' 'am beachd gu'm bheil leigheas agam air bochduinn na Gàedhealtachd nas fearr agus nas 'usa na aon a thugadh seachad fathast. Tha fios agam ma ghabhas daoine ris gu'n dean e maith do na míltean, agus nach dean e cron do dhuine beò. Tha fios agam air aon ni sònruichte gu'm feud a h-uile duine 's an dùthaich ruigheachd air an leigheas so. Cha dean bochduinn an fhìr a's bochduinne a dhruideadh a mach uaithe.¹ Cha dean dlùth-shaothair an fhìr a's mò a tha 'na chabhaig le obair a ghleidheil uaithe; agus cha'n urrainn am fear a's leisge, 's a's lunndaiche² 's an tìr gearan gu'n cuir e dragh air. Air an làimh eile, meudaichidh e maoin an uireasbhaich. Bheir e an tuille ùine do'n t-shaothraiche, agus cuiridh e sgairet anns an t-slaodaire. Cha'n 'eil e ag iarraidh air daoine tuille a dheanamh na tha iad a' deanamh; ach a mhàin leigeil le ni a tha iad cleachdta r'a dheanamh. Tha e ag iarraidh orra dìreach sgur de aon cleachduinn a tha aca, agus ma ni iad so feudaidh am pailteas lòin 'us éididh a bhi aig gach Gàedheal uireasbh'each.

Agus ciod i a' cleachduinn a tha 'n so? Tha *òl an Uisge-bheatha*, 's gach deoch mhisgeach coltach ris ...

(*Fear-Tathaich nam Beann* XVII, 1849: 523)

*

¹ i.e. cha tèid an duine a chumail, a chionn na bochdaine, o bhith a' *ruigheachd air an leigheas so*.

² as diomhaine.

42. LITIR À NEW ZEALAND, 1871

Pàirt dheth litir a fhuaradh o cheann ghoirid ann a' Lochaills' á *New Zealand*.

Bàgh Hawkes, an New Zealand
an dara là deug deth cheud mhios a Gheamhraidh, 1871

A Shàir Ionmhuinn,

Tha mi 'sgriobhadh na litreach so gu innse dhut gum beil sinn uile slàn. Sgriobhainn do d' ionnsuidh ni bu luithe, ach bha mi 'fantuinn gus am faicinn cia mar a chòrdadh an dùthaich so rium. Faodaidh mi 'nis innseadh dhut gu-n thionndaidh mi mo chùl ris a' bhochduinn an là dh' fhàg mi L—. Cha robh euslainte sam bith 's an luing ré 'n turuis — gaoth fhàbharach fad an aiseig, ach ceithir no cuig a làithean nach do choisinn sinn a bheag le droch aimsir — ceithir fichead là 's a ceithir o fhearann gu fearann. Bha aon nighean deug thar fhichead air bòrd, 's cha luaithe 'ràinig sinn Napier na fhuair iad maighstirean, oir bha farraid¹ gu leòr orra. Phòs cuid dhiubh 'n ceann ceithir latha deug an deigh teachd air tir. Ghabh mi fèin muinntireas fad bliadhna' aig duin' uasad a tha mu leth-cheud mìle mach air an dùthaich. Tha mi 'faotainn leth-cheud punnd Sasunnach 's a dhà, le taigh 'us teine 's lòn; tha mo bhean a' faighinn fichead punnd Sasunnach air son nigheadaireachd, agus tha deich puinnd fhichead Shasunnach aig a ghiullan Uilleam mo mhac, air son a bhi 'n a charbadair: tha sin ceud punnd Sasunnach 's a dhà th' againn 's a bhliadhna, maille ri ar beathachadh; ach tha Uilleam a' fuireach 's an taigh mhòr. Fhuair Niall 'us Donnachadh àitean am muigh air an dùthaich. Tha na boirionnaich a thàinig á Lochaills' ann a' seirbhisean gle mhath. Tha cuig mìle deug caora, ceud mart bainne, ceud each, a thuilleadh air spréidh eil' air an fhearann air am beil mise. Tha i so 'n a dùthaich ro àillidh, thlusail agus bhlàth. Tha cothroman grinn' aig daoin' òg' air airgiod a dheanamh na 'n cumadh iad o dhibh làidir, a tha gle dhaor 'an so. Tha lòn m' an cuairt do 'n

¹ iarraidh.

aon phrìs 's a tha e aig an taigh, a mhàin gum faighean ceathramh muilt-fheola air son sea sgillinn air uairibh, no faodaidh e bhi sgillinn am punnd. Tha mi 'faighinn caora h-uile seachduin, dà chlach phluir, cuig unnsachan tì, trì puinnd shiùcair, agus pailteas buntàta 's bainne. Tha mi gle dhuilich nach tàinig mi 'n dùthaich seo 'n uair bha mi 'n am dhuin' òg, agus tha mi 'n dòchas gu-n comhairlich thu do chuid deth m' chàirdean a thiginn a nall gun dàil ...

(An t-Urr. P. Barclay, *Gearr-chunntasan air New Zealand airson Feuma Luchd-Imrich*, Dùn Eideann 1872: 31)

*

43. ADHBHARAN MISNICH DO LUCHD-IMRICH, 1872

... Cuirear a nis a sios earrann a litir a fhuair sgriobhadair an leabhrain so o chaileig a chaidh gu ruig *New Zealand* an uiridh, anns a luing *Halcione*:— ‘Bha turas-mara gle thaitneach againn a’ tigh’n a mach ... Bha pailteas a dh-aimsir ghairbh againn, ach cha robh gaillionn ann. Bha ’n caiptean gle chaoimhneil ruinn; cha-n e ’mhàin gu-n d’ rinn e na h-uile ni taitneach, ach rinn e na bha ’n a chomas gu ar toileachadh ... Ràinig sinn *Wellington* ann an ceithir fichead là ’s a cuig, agus bha sin air a mheas ’n a thurus a bha gle aithghearr ... ’N uair thàinig sinn air tir ann a’ Napier bha na h-uile ni goireasach romhainn; ’s ghabhadh ruinn gu caoimhneil le na h-uile neach a bhuiheadh do ’n Chomunn a chuir a-mach sinn ... Cha d’ fhuirich sinn ach aon oidhch’ ann am Bùthan an Luchd-imrich (*Immigration Barracks*) ’n uair ghabhadh sinn gu seirbhis, cuid anns a’ bhaile agus a chuid eil’ a mach air an dùthaich. Chunnaic mi ’chuid a ’s mò dheth na nigheanan uaithe sin, agus tha iad uile toilichte le ’n suidheachadh ... Tha mi ’smuaineachadh nach ’eil dad gu bacadh a chur air neach air bith, a ni ’chuid a tha ceart, o fhaighinn air aghart gu sàr mhath ann a’ so ... Faodaidh mi ràdh mu ’n dùin mi ’litir so, gum beil mi làn thoilicht’ ann a’ Napier. ’N uair ’thàinig mi air tir, chuir àilleachd

na dùthch' ioghnadh orm. Dh' iarrainn taing a thabhairt dhut air son mo chur gu ruige seo; agus tha dòchas agam gu-n cuidich Dia leam, gu mo dhleasannas a dheanamh, air chor 's nach bi aithreachas ort air son gu-n do chuidich thu mi.' Tha-n earrann a leanas o Iomradh Mhaighstir Cailean Allan, fear-ionaid Comuinn an luchd-oibre 'an Dunedin:— 'Chithear o 'n fhreagairt a sgriobh mi, gur iad sgalagan agus searbhantan theaghlaich seòrs' air am mò 'tha dh'iarraidh anns a' Mhòr-roinn ... Tha-n t-aslachadh¹ a 's maireannaich 's a 's déine a' tigh'n a steach o 'n dùthaich air son searbhantan theaghlaich agus banaraichean; agus shluigte suas àireamh air bith a bhoirionnaich a tha freagarrach airson seirbhis, aig tuarasdalan o Dheich puinnd fhichead Shasunnach, gu Dà fhichead punnd Sasunnach 's a cuig 's a' bhliadhna.' ...

(An t-Urr. P. Barclay, *Geàrr-chunntasan air New Zealand air son Feuma Luchd-Imrich*, Dùn Eideann 1872: 25–26)

*

44. MUN GHÀIDHLIG A BHITH AIR A TEAGASG SNA SGOLTEAN, 1875

Leis an Urr. an t-Olla MacLachlainn²

Tha ceisd air éirigh aig an àm, co dhiubh bhuiteadh do 'n Ghàilig bhi air a teagasg do chloinn 's na sgoilibh ùra 'tha air an cur suas 's an tìr a réir an Achd Phàrlamaid a thugadh a stigh o cheann ghoirid. Bha buidheann o Chomunn nan Sgoilean Gàidhealach ann an co-labhairt ris an 'Lord Advocate' air a' phuing so, ag agradh nach bitheadh dearmad air seana chàinain na dùthcha; ach tha cuid 'n a aghaidh, 'us tha cuid eile meagh-bhlàth.

Is fiù aire a thoirt do na their daoine an aghaidh na cùise. Their cuid, mar is luithe a theid a' Ghàilig ás gur h-ann is fèarr.

¹ guidhe.

² An t-Ollamh Tòmas MacLachlainn (1815–1886) às a' Mhòigh, Inbhir Nis, a bha na mhiniestear an Dùn Eideann.

Cha 'n urrainn do dhuine a bheul fhosgladh mu 'n phuing air a' Ghalldachd, nach fhaigh e sud 's an aghaidh. Their iad gu'm b' fhearr nach bitheadh ach aon chainnt 's an rioghachd, gur h-ann a tha a' Ghàilig a' cur bacaidh air maith na Gàidhealtachd, agus gu 'm buineadh a h-uile meadhon a chleachdadadh a chum a cur ás an tìr. Their cuid eile nach 'eil a' chainnt cho fiùghail, foghainteach, ris a' Bhéurla, nach 'eil focail innte air son iomadh ni a tha am measg dhaoine an diugh, agus mar sin nach airidh i air gu 'm bitheadh i air a teagasc ann; agus ma theid a teagasc anns na sgoilibh, nach 'eil sin ach 'g a cumail beò an uair a b' fhearr gu'm bàsaicheadh i.

Ach stadaradh iad sud orra tacan gus am faicear ciod a ghabhas a ràdh air an taobh eile. Cha 'n 'eil amharus air nach fheairridh na Gàidheil eòlas a bhi aca air a' Bhéurla. Duine gun Bhéurla 's an là 's am bheil sinne ann, is duine e air leth làimh. Agus ma's éigin doibhsan an dùthaich fhéin fhàgail, agus, mo chreach! cha mhòr caidreamh a gheibh iad innte (ged a b' e an aithrichean a choisinn, agus a ghleidh an cuid do shinnisribh nan daoine a tha nis 'g am fògradh aisde), agus ma bheir iad na bailtean mòra orra, no ma dh' iarras iad am beòshlainte ann an tìribh céin, mar a rinn mòran diubh, is anacothrom nach beag dhoibh a bhi gun Bhéurla. Bu cho maith dhoibh, air àmaibh, a bhi gun teangaidh. Faigheadh iad a' Bhéurla ma ta. Cha chuir an caraid an aghaidh sin. Ach an déigh sin uile cha 'n 'eil i aca fhathasd; 'us ged a bhitheadh, cha mhisd i a' Ghàilig a bhi 'n a cuideachd. Tha faisg air trì cheud mile de shluagh na h-Alba do 'n i a' Ghàilig fhathast an cainnt mhàthaireil. Cha 'n 'eil i aca ri fhoghlum – tha i aca mar thà; 'us tha sinne coma cho fada 's a bhitheas a' chùis mar sin. Ach is i a' cheisd, ma 's i a labhaireas iad, c'arson nach léughadh iad i. Tha sinn a' meas gu 'm buineadh do na h-uile duine a' chainnt a labhaireas e a léughadh, air neo is duine leth-ionnsachte e. Ciamar a fhreagradh e do 'n t-Sasunnach gur h-i a' Ghàilig a dh' fhéumadh e fhoghlum an toiseach. Is flurasd a thuigsinn nach ann le gean maith a dh'éisdeadh e ris an ni 'g a agairt. Agus ma 's fior sin carson a sparradh e a chainnt fhéin

sios an amhaichean nan Gàidheal, mar an t-aon nì a b' fhiù fhoghlum ...

(*An Gaidheal* IV, 1875: 16–17)

*

45. AM PIÖBAIR AOSDA AGUS A PHÌOB, 1876

... Cha'n 'eil teagamh nach robh càirdean Thearlaich lionmhor, dileas, agus cumhachdach. Am measg chàich bha am piobair aosda, air an toirear a nis gearr-iomradh. Bha e 'na charaid dian, agus dileas do'n Phrionnsa. Bha e 'na là agus 'na linn fein comharrachte, cha'n e mhàin air son a neart, agus a thréubhantais, ach mar an céudna air son an fheabhair leis an cluicheadh e a' phiob-mhòr. B' aon de chloinn Sgéulaich e, Iain MacGriogair, a rugadh 'sa bhliadhna 1720, ann an Fartrichill¹, ann an siorramachd Pheirt, far an robh a shinnsear cliùiteach rè iomadh linn, mar na piobairean a's fearr 'san dùthach air fad. Bha clann Sgeulaich ceart co iomraiteach 'sna linntibh a dh' fhalbh ri cloinn Mhic Criomain Dhùnbheagain, no ri cloinn Mhic Artair, piobairean Mhic Dhomhnuill nan Eilean. Bha Iain MacGriogair 'na dhuine tapaidh, tréun, agus bu tearc e r'a fhaotuinn a chuireadh a dhruim ri talamh. Bha spéis gun tomhas aige do'n Phrionnsa, agus ceart cho luath 'sa chàraich e a chos air mòr-thìr na h-Alba, ghrad thug Iain leis a' phiob-mhòir do Ghleann Fhionghain air agus chuir se e fein fo bhrataich Thearlaich Oig. Cha b' fhad air an laimh eile, gus an robh mòr-thlachd aig a' Phrionnsa dha, agus cha dealaicheadh e ris 'na chuairtibh anns gach àite. Chumadh e còmhchradh càirdel ris a' phiobair bhochd, agus dh' iarradh e a chomhairle anns gach cuìs. Cha robh, gidheadh, ach eòlas ro bheag aig Iain còir air a' Bhéurla, agus cha b' urrainn da comhradh freagarrach a dheanamh ris a' Phrionnsa. Ach cha b' fhad gu's an d' rinn

¹ Fartairchill ann an Siorrachd Pheairt.

Tearlach gréim air earrannaibh sònraichte dhe'n Ghàelig, agus an trà 'sa rìs, ghlaodhadh e ris a phiobair, – 'Séid suas do phiob, Iain.' An uair a chaidh Tearlach a steach do Dhùnedin, agus an uair a theich Cope agus a mharc-shluagh aig Prestonpans, ghlaodh am Prionnsa gu cruaidh, cabhagach, 'Séid suas, séid suas do phiob, Iain.' Chaidh am piobair bochd anns an ruraig gu Derbi, – bha e 'lathair 'san Eaglais-Bhric, agus aig séisd Chaisteil Shrìghlaidh, – agus mu dheireadh aig faiche mhi-shealbhaich Chùilfhodair, far an d'fhuair e an sealladh mu dheireadh de ghnùis thlà a' Phrionnsa. An deigh iomadh déuchainn agus cruaidh chàs, phill MacGriogair air ais gu sgìreachd a bhreith, far an robh e gu là a' bhàis. Bha ceathrar mhac aige, agus ochdnar oghaichean, agus bu phiobairean air fad iad. Ach dhe 'n àireamh so gu léir cha bheò an diugh ach a h-aon.

Bha 'phiob chéudna leis an do dheachd MacGriogair misneach agus spiorad a chuid companach anns a' chath, aig ogha dha, Iain MacGriogair eile, a chaochail ann an Druimcharaidh, ann an sgìreachd Fhartrichill o cheann beagan bhliadhnaichean air ais, mu cheithir fichead a dh'aois. Bha e 'na dhuine stuama, measail, agus clùiteach, d'on robh mòr speis aig a luchd-eòlais gu léir. Bha 'n t-seann phiob ann an deagh-ghléus agus òrdugh, an uair a chaochail MacGriogair, agus goirid o là a' bhàis, bha e 'na shòlas da' chridhe a bhi 'ga séideadh suas, an uair a bha eadhon an anail goirid. Ach tha i fathast a lathair aig Diùc Athol 'na chaisteal fein ann am Blàr. Cha robh aice riamh ach da dhos, de bhrigh nach robh an treas dos air a chleachdadhbh anns na h-amannaibh o shean. Bha'n sionnsair air a chòmhdaibh le bannaibh airgid, làn sgriobhaidh ann am Beurla 'san Gàelic. Chuir an Ridir Iain Athol MacGriogair nach maireann, clàr leathann airgid air, leis an sgriobhadh a leanas anns an dà chàinnt:– 'Bha 'phiob so, a bhuiteas do Iain MacGriogair, piobair Dhiùc Athoil, air a cluicheadh le shean athair Ian MacGriogair, ann an cogannaibh Phrionns' Tèàrlaich Stiùbhart 'sa bhliadhna 1745–6; agus chuireadh an sgriobhadh so oirre le 'Cheann-cinnidh fein, an Ridir Iain Athol MacGriogair,

'sa bhliadhna 1846, mar chùimhneachan air obair urramuich na pìoba.'

Bha Iain MacGriogair so mu dheireadh aig an robh a' phiob 'na fhear-cluiche ro eireachdail gu deireadh a làithean. Choisinn e a' phiob-mhòr mar dhuais-cluiche ann an Dùnedin, ann am mios mu dheireadh an t-sàmhraidh 1811. Bha e rè iomadh bliadhna 'na phiobair aig Diùc Athol, agus a rìs aig Mac Fhionnlaidh, Mhonaltri, agus an déigh sin aig Mac Fhionnlaidh, Finghein. Chluich e 's a bhliadhna 1813 aig co'-chruinneachadh nan uachdaran 'san Eilean Mhanainneach, aig Ceinn Thinbhait. Bha e a' cluicheadh air ceann nan Griogaireach ann an Dùnedin, an uair a thàinig an righ 'sa bhliadhna 1822. Bha e 'na phiobair aig Gaidheil Dhiuc Athol aig Faoin-chòmhrag Eglinton ann an 1839, agus chuireadh an t-urram air cluicheadh an làthair na Banrighinn aig Caisteal Bheallaich. Ach mu dheireadh luidh an aois gu tràm air Iain còir. Dh'fhàs e diblidh, fann le luchd nam bliadhnaichean a chaithdhairis air a cheann. Agus a thuilleadh air sin, dh' fhàs e glé ghann 'na chuid, 'na laithibh deireannach. Chuir e litir o làimh fein dh' ionnsuidh an Sgiathanaich, air da a bhi 'na fhear-cinnidh dha, dh' fhéchuinn an gabhadh duin-uasal éigin tlachd dhe'n t-seann phiob, chum gu'm biodh i air a gleidheadh re linntean ri teachd mar chuímhneachan air a seirbhis 's an àr-fhaich. Chuir an Sgiathanach eachdraidh Chloinn-sgéuluich agus na pìob anns na litrichibh naigheachd mar a rinneadh eadhon a nis, agus thàinig na h-uiread dhaoin-uailse¹ air an aghaidh a bha deònach gréim fhaotuinn air a' phiob, agus a bheireadh suim airgid do'n t-seann duine choir air a son, ach am measg chaich chuir Diùc Athol nach maireann fios gu'n suidhicheadh e uiread 'sa bhliadhna, fhad s' bu bheò e, air a' phiobair aosda air son na piob. Gheall e uiread 'sa dh' fhàgadh an seann duine còir soimeach², socaireach rè uile làithean a' bheatha. Rinn an Diùc mar a gheall, agus shìneadh laithean a' phiobaire gu beagan bhliadhnaichean an déigh sin,

¹ uaisle.

² cofhurtail.

a' sealbhachadh le taingealachd tairbheartais an Diùc. Ach mu dheireadh fhuair e am bàs, agus fhuair an Diùc a' phiob, – agus cha'n eagal nach gleidhear tearuinte i leis an teaghlach àrd-uasal sin re linnte ri teachd.

Sgiathanach¹

(*An Gaidheal* V, 1876: 19–21)

*

46. LEABAIDH AN EUSLAINTICH AGUS NÀDAR FIABHRAIS AN GEÀRROCH, 1877

[Le D. Mac'Ille-Dhuibh, Lighiche, Poll Iùbh]

Tha sean leaba do fhiodh le curteinibh mi-flallain do neach slàn no euslàn. 'Si leaba iarruinn is fearr, agus leab-iochdrach do ghaoisid. 'N uair a dh' fhaodas tu leig ris a ghaoith an t-aodach leapa. Gach trìd² a bhitheas timchioll air neach tinn a chumail tioram glan, an chur ris an teine m' am bean iad ri chraicionn. Ma ni thu dearmad bithidh e cunnartach an fallas a chuireas e dheth gun sùigh e stigh 'na chraicionn féin air ais e as an aodach leapa 's as an aodach eile a bhitheas timchioll air agus gun tog sin beagan fiabhruis dha. Cha-n iongantach sin 'nuair a tha neach air an leabaidh a leine 's aodach leapa o là gu là no o sheachduin gu seachduin a' sùghadh fhallaic 's gun an cur ri gaoith no ri teine ré na h-ùine. Ann an iomadh gnè thinnis tha e ro fheumail an craicionn a nighidh le uisge 's siabunn le spuing; mar 'eil e freagarrach a neach tinn a chur ann an àite failcidh, (tuba mhòr) ma tha 'se is fheàrr. Gu sònruichte ann an tinneas cloinne tha e feumail an craicionn a bhi glan; am fallas a thig as, tha e a' fuireach air, mar 'eil e air a ghlanadh dheth,

¹ B' e seo an t-Urr. Alasdair MacGriogair (1806–1881), à Inbhir Nis (faic *Scottish Gaelic Studies* XX, 2000: 79, 85).

² brèid, pòs aodaich.

agus 'na chulaidh bhacaidh air slainte. Tha tuillidh eagail aig luchd dùthcha roimh uisge, na tha aig luchd bhailte mòra; agus aig daoinibh bochda na tha aig daoinibh beartach. Tha neach tinn a faighinn comhfhurtachd mhòr an deigh a għlanadħ. 'S còir do'n bhanaltruim a bhi cuimhneach neach tinn a chumail glan. An deigh a nigheadh ma bhios e feumail an léine-oidhche cheudna a chur air a rithist, dean blath ris an teine i m' an cuir thu air i. Tha 'n leine a chur e dheth car tais, agus ni an teine tioram i 's bheir e fāileadh an fħallais aisde. Tha banaltrum glé chūramach mu thiormachadh aodaich o thaisaltachd¹ għlan, ach cha-n 'eil toirt fainear aice air aodach a chur ri teine ga thiormachadh o thaisaltachd shalaich. Tha e anabħarrach feumail aodach, agus seòmar tinnis a chumail tioram; fāileadh ûrail le gaoith agus teine. Tha ma thimchioll seachd ùnnsacha deug thar flħichead, ag éiridh na smùid, no na cheò o'n sgamhan agus o'n chraicionn aig neach slàn eadar an là agus an oidhche. Ann an euslainte tha ni 's mò na so ag éiridh o neach. Tha nàdur cronail anns a' cheò so, breun, ullamh gu grodadħ no malcadħ. C'aite a nis am bheil an ceò so a' dol? Tha cuid mhòr dheth dol feedħ an aodaich leapa, agus a chuid eile feedħ an t-seòmair. A thuilleadh air so tha droch ceò mi-fħallain ag éiridh o gach ni a théid troimh chom neach tinn. Tha h-uile ni 'g a chur, ré beagan ûine ann am poit fo 'n leabaidh, 's tha an ceò a tha ag éiridh as a' dol troimh taobh iochdair na leapa. Tha gach seòrsa dheth so cronail agus cunnartach. Tha leaba a tha 'n còmhnuidh air a lioniadħ le ceò mar so cha 'n e amhàin ullamh gu tuillidh trioblaide a thogail, ach tha i cunnartach air tinneas as ùr a thogail. Dh' òrduich nàdur na nithe so a dhol a mach as a choluinn, gun tilleadh air ais tuillidh.

Tha nàdur tinnis no fiabhruis ann an sgìreachdaibh Għeàrrloch agus Lochbhraoin 's theagamh ann an sgìreachdaibh eile feedħ na Gàidhealtachd a tha glé bhitheanta ag éiridh an déigh iomadh gnè do thinneas eile, mar tha fuachd agus tinneas a tha 'g éiridh le fuachd o'n sgamhan, agus ann an leabaidh

¹ *taisealtachd* 'taiseachd, fliche'.

shiùbhla. Tha broth mìn dearg, no sgàrlaid an lorg an tannis so; air uairibh tha e garbh ann am bàrr a chraicinn. Tha iad a' cur mòran fallas dhiu leis. 'N uair a théid am fallas salach sin a stigh, tha iad trom, tinn, neo-shunndach, 's pian 'n an cnàmhaibh aca; gus am brùchd am fallas salach a mach as an fheoil, 's tha iad an sin gu math gus an téid am fallas 's am broth a stigh air ais. Tha 'm broth 's am fallas a' dol a mach 's a stigh an déigh a chéile ré ùine, theagamh seachduinn an déigh seachduinn. Tha an seòrsa fiabhras so air leth o gach seòrsa eile feadh na dùthcha. Cha-n 'eil e aon chuid gabhaltach, no marbhtach. Cha-n fhiosrach mi ach aon neach a chaochail leis, agus b' ann an déigh tannis eile.

(D. Mac'Ille-Dhuibh, *Eòlas agus Seòladh air son Luchd-euslainte*, Glaschu 1877: 22–23)

*

47. AM MÒD GAIDHEALACH, 1892

Bha cruinneachadh mor aig na Gaidhil ann san Oban air an treas latha deug dhe'n mhios s'a dh'fhalbh. Chuir na Gaidhil an cinn cuideachd ann san earrach air a bhliadhna 'n uiridh agus shuidhich iad Comunn Gaidhealach aig am bheil 'san amharc math nan Gaidheal 'sna Gailig. Be aon de na nithean a chuir an Comunn so rompa gum biodh coinneamh no Mod aca 'h-uile bliadhna aig am biodh duaisean air an toirt seachad air son bardachd Ghailig na litreachas, ceol, seinn, agus nithean eile. Tha coinneamh dhe'n t-seorsa so aig na Welshich o chionn iomadh bliadhna 's tha soirbheachadh mor ri fhaicinn na lorg. Be 'n cruinneachadh so aig an Oban ma ta, a cheud Mhod a bh' aig a' chomunn Ghaidhealach, agus chaidh leotha gu math. Bha comhthional mor sluaigh cruinn, agus dhearbh iad mar a tha'n *t-Oban Times* ag radh, nach eil spiorad nan Gaidheal no a Ghailig idir marbh ...

(*Mac-Talla*, 5 Dàmhair 1892)

*

48. AN COGADH MÒR AIR FÀIRE, 1892

Tha rioghachdan na Ròinn Eorpa gle an-earbsach as a cheile. Tha eagal air an darna rioghachd gu'n tig an rioghachd eil' oirre gun fhios. Tha'n Fhraing a feitheamh ri cothrom math fhaotainn gu dioghaltais a dheanamh air a Ghearmailt air son cogadh 1870–71 ged is i fhein a thoisich an cogadh sin. Tha Ghearmailt ag ullachadh air son na Frainge. Tha Russia 'feuchainn ri cothrom fhaighinn air an Tuirc, agus mar sin sios. Tha iad uile air an lan armachadh agus a feitheamh ris a cheud bhuille. Tha e cho dochas nach bi cogadh gu ceann aireamh bhliadhnaichean fhathast, ach tha e tighinn, agus bi'dh e na chogadh eagallach. Cha'n eil teagamh nach biodh spog aig Breatuinn ann mu'm biodh e seachad, agus aig rioghachdan eile mar an ceudna. Tha Breatuinn na haonar a gabhail a ghnothuich air a socair 'sa feuchainn ri cuisean a cheartachadh aig an tigh.

(*Mac-Talla*, 11 Ogmhios 1892)

*

49. ANNASAN ANN AN NEW YORK, 1892

Tha duin og foghlumichte de dheagh theaghlaich ann an New York, a cuir fios ann am paipear, 's ag radh gu'm pos e te bheairteach sam bith a bheir airgiod dha a cheannicheas litirdhealich do'n bhean a tha aige, leis nach urrinn dha cuir suas!

Bha spioaire duine ann an New York, aig an robh moran de dh' airgiod paipear air fhalach ann am bocsa fiodha na thaigh. Air reir coltais cha robh tamhachd 'san taigh ach e fhein 's teaghlaich no dha de luchinn. Bha e cho gleidhteach air a storas 'sa b' urrinn dha, 's be'n fhior eigin a bheireadh air dolair a thoirt as. Chaidh e chunntas a chuid airgid an la roimhe 's fhuair e gu robh

na luchinn an deigh nead a dheanamh dheth, 's gu robh e air a ghearradh na phiosan cho beag 's nach robh feum sam bith ann!

(*Mac-Talla*, 10 Dùdlachd 1892)

*

50. FÈIN-RIAGHLADH NA H-EIREANN, 1893

Oidhche Dior-daoin air an t-seachdain s'a chaidh, bha 'm 'bill' a tha dol a thoirt fein-riaghlaadh do dh'Eirinn air a leughadh an darra uair. Tha'n darra leughadh a cuir aonta Tigh nan Cummantach ris, ach faodidh atharrachadh mor a bhi air a dheanamh air mu'n tig e gu bhi na lagh. Tha aireamh mhath dhe na fir-pharlamaid a tha air taobh a bhill deonach air Ulster fhagail fo riaghlaadh na Parlamaid Bhreatunnach mar a tha e'n drasda, o'n a tha sluagh na mor-roinn sin a nochdadhbh gu soilleir nach eil fein riaghlaadh a dhith orra. Ach ged a rachadh am bill troimh Thigh nan Cummantach gun atharrachadh sam bith a dheanamh air, is cinnteach an ni gum bi e air a dheagh chonablachadh mu'n teid e troimh Thigh nam Morairean; agus tha e cheana cho dochas nach fhaigh e troimhe idir, oir tha uaislean an taighe sin a leigeil ris cheana nach eil gradh sam bith aca dha. Ma thilgeas iad a mach am bill sgaoilidh Gladstone a pharlamaid agus bheir e a chuis aon uair eile fa chomhair sluagh na rioghachd. Ma bheir iad-san barrantas ur dha a dhol air adhart theid aig air buaidh a thoirt air na morairean agus bidh a dhoigh fhein aige gun taing dhaibh; ach ma's ann a bheir an sluagh a mach a bhinn na aghidh, bidh Eirinn cho fada bho fhein-riaghlaadh 'sa bha i riabh.

(*Mac-Talla*, 29 Giblin 1893)

*

51. RÒIDEAN URA DO LEÒDHAS, 1893

Tha luchd riaghlidh Bhreatuinn an deigh coig ceud deug punnd Sasunnach a thoirt do mhuinnitir Leodhis air son roidean ur a

fhosgladh ann an ceannan iomallach de'n eilean far nach robh roidein aca roimhe so idir. Bheir an t-airgiot a tha gu bhi mar so air a bhuleachadh ni do'n t-sluagh air am bheil iad ro-fheumach o chionn fhada, agus a thuilleadh air sin a toirt dhaibh-san a tha air dhroch caradh leis mar a chaidh am barr 'san t-iasgach nan aghidh, comas air cosnadh a dheanamh gus iad fein a chumail suas.

(*Mac-Talla*, 11 Gearran 1893)

*

52. SGEULACHD SGÌRE MA CHEALLAIG, 1898¹

Bha Gille òg ann uair 's chaidh e dh' iarraidh mnà do Sgire-ma-cheallaig, agus phòs e nighean tuathanaich, 's cha robh aig a h-athair ach i fhéin, agus 'n uair a thàinig àm buaine na móine, chaidh iad do 'n bhlàr mhòine 'nan ceathrar. Chuireadh a' bhean òg dhachaidh air thòir na diathad, agus air dol a staigh dhi chunnaic i srathair² na làrach brice fos a cionn, agus thòisich i air caoineadh 's air ràdh rithe féin, dé a dheanadh ise na'n tuiteadh an t-srathair, 's gu'm marbhadh i i féin 's na bha air a siubhal. 'N uair a b' fhada le luchd buain na móine a bha i gun tighinn chuir iad a màthair air falbh a shealltuinn dé bha 'ga cumail. 'N uair a ràinig a' chailleach fhuair i a' bhean òg a' caoineadh a steach, 'Air tighinn ormsa,' ars' ise, 'dé a thàinig riut?' 'O', ars' ise, "n uair a thàinig mi steach chunnaic mi srathair na làrach brice fos mo chionn, 's dé 'dheanainn-sa na 'n tuiteadh i 's gu 'm marbhadh i mi fhéin 's na tha air mo shiubhal!' Bhuaile an t-seana bhean a basan. 'Thàinig ormsa an diugh! na 'n tachradh sin, dé a dheanadh tu, no mise leat.' Bha na daoine a bha 'sa' bhlàr mhòin' a' gabhail fadail nach robh aon de na boireannaich a' tighinn, o 'n bhuaile an t-acras iad.

Dh' fhalbh an seann duine dhachaidh a dh' fhaicinn dé 'bha a' cumail nam boireannach, agus 'n uair a chaidh e steach, 's ann

¹ Chaidh seo fhoillseachadh airson na ciad uarach ann an *Gael I*, 1871.

² pillean, seòrsa diollaide do dh'each cartach.

a fhuair e 'n dithis a' caoineadh 's a' bas-bhualadh. 'Ochòn,' ars' esan, 'dé a thàinig oirbh!' 'O,' ars' an t-seana bhean, "n uair a thàinig do nighean dhachaidh, nach fac i srathair na làrach brice fos a cionn, 's dé a dheanadh ise na 'n tuiteadh i 's gu 'm marbhadh i i-féin 's na bha air a siubhal.' 'Thàinig orms,' ars' an seann duine 's e bualadh nam bas, 'na 'n tachradh sin.' Thàinig an duin' òg am beul na h-oidhche làn acrais, 's fhuair e 'n triùir a' comh-chaoineadh. 'Ubh ùbh,' ars' esan, 'gu dé a thàinig oirbh.' Dh' innis an seann duine dha. 'Ach,' ars' esan, 'cha do thuit an t-srathair.' 'N uair a ghabh e biadh chaidh e 'laidhe, agus anns a' mhaduinn thubhairt esan, 'Cha stad mo chas gus gu 'm faic mi triùir eile cho górrach ribh.' Dh' fhalbh e so air feedh Sgìre-ma-cheallaig, agus chaidh e steach do thaigh ann, agus cha robh duine a steach ach triùir bhan 's iad a' sniomh air còig cuigeilean. 'Cha chreid mi fhéin,' ars' esan, 'gur h-ann a mhuinnitir an àite so a tha sibh.' 'Ta,' ars' iadsan, 'cha'n ann; cha chreid sinn fhéin.' 'S cha 'n ann,' ars' esan. 'Mata,' ars' iadsan, 'tha na daoine a tha 'san àite so cho faoin, 's gu 'n toir sinn a chreidsinn orra a h-uile ni a thoileachas sinn féin.' 'Mata,' ars' esan, 'tha fainne òir agam an so agus bheir mi e do 'n té agaibh a's feàrr a bheir a chreidsinn air an duine.' A' cheud fhear a thàinig dhachaidh de na daoine thuirt a bhean ris, 'Tha thu tinn.' 'Am bheil?' ars' esan. 'O tha,' thuirt ise. 'Cuir dhiot do chuid aodaich 's bi a' dol a laidhe.' Rinn e so; agus 'n uair a bha e anns an leabaidh, thuirt i ris, 'Tha thu nise marbh.' 'O am bheil?' ars' esan. 'Tha,' thuirt ise, 'dùin do shùilean 's na gluais làmh no cas.' Agus bha e so marbh. Thàinig an so an dara fear dhachaidh, agus thubhairt a bhean ris, 'Cha tu a th' ann.' 'O nach mi?' ars' esan. 'O cha tu,' thuirt ise. 'S dh' fhalbh e 's thug e a' choille air. Thàinig an so an tritheamh fear a dh' ionnsuidh a thaighe fhéin, agus chaidh e fhéin 's a bhean a laidhe, 's chaidh gairm a mach am màireach chum an duine marbh a thiodhlacadh; ach cha robh a bhean-san a' leigeil leisan éiridh gu dhol ann. 'Nuair a chunnaic iad an giùlan a' dol seachad air an uinneig dh' iarr i air a bhi 'g éirigh. Dh' éirich e 'n so le cabhaig mhòir 's bha e 'g iarraidh a chuid aodaich 's

e air chall, 's thubhairt a bhean ris gu 'n robh a chuid aodaich uime. 'Am bheil?' ars' esan. 'Tha,' ars' ise. 'Greas thusa ort gus am beir thu orra.' Dh' fhalbh e'n so 'na chruaidh ruith, agus an uair a chunnaic cuideachd a' ghiùlain an duine lomnochd a' tighinn, smaoinich iad gur duine e a bha ás a chiall, 's theich iad féin air falbh, 's dh' fhàg iad an giùlan, agus sheas mhairbh, agus thàinig duine a nuas ás a' choille, agus thubhairt e ris an duine a bha lomnochd, 'Am bheil thu 'g am athnachadh?' 'Cha 'n 'eil mise,' ars' esan, "gad aithneachadh." 'O cha 'n 'eil; na 'm bu mhi Tòmas dh' aithnicheadh mo bhean féin mi.' 'Ach car son,' ars' esan, 'a tha thusa lomnochd?' 'Am bheil mi lomnochd? Ma ta, thubhairt mo bhean rium gu 'n robh m' aodach umam.' "S i mo bhean 'thubhairt riumsa gu 'n robh mi fhéin marbh,' ars' a' fear a bha 's a' chiste. Agus an uair a chuala na daoine am marbh a' bruidhinn thug iad na buinn asda 's thàinig na mnathan 's thug iad dhachaidh iad, agus 's i bean an duine a bha marbh a fhuair am fainne, agus chunnaic esan an sin triùir cho gòrach ris an triùir a dh' fhàg e aig an taigh, agus thill esan dhachaidh.

(*Leabhar na Céilidh*, Glaschu 1898: 78–80)

*

53. COR NA FEADHNACH A CHAIDH FHÀGAIL AIG AN TAIGH, 1904

Feumaidh sinn aideachadh, gu bheil a reir coltais, cor na feadhnach a chaidh fhuadach, moran na's fhéarr, mar a 's tric, na cor na feadhnach a chaidh fhagail aig an tigh. Ged a tha gu leoir de dh'fhearan anns an duthaich so, miltean acair-fearainn fo fheidh agus fo mheanbh-chrodh, tha'n sluagh dol bàs le bochdainn fearainn.

Gus o chionn beagan bhliadhna chan, 's gann gu'n robh tighinn-beo idir aig na croitairean anns a Ghaidhealtachd. Bha mal trom, agus na dianadh a h-aon 's am bith feasr-taighe air croit, agus na'n togadh tigh ùr dha fhein, bha e an dara cuid an

cunnart barlinn, no gu'n reachadh barrachd mail a chuir air. Ach a nis, taing do'n Fhreasdal, thainig atharrachadh mor air cuisean. Faodaidh iad fearas-taighe a thogaras iad a dhianamh air an criomag-fhearainn, faodaidh iad tighean ur a thogail dhaibh fhein, agus is ioma tigh grinn a chaidh a thogail o'n a fhuaras an t-shocair so, agus cho fad 's dhiolas iad a mal, cha'n eil comas aig uachdar an air thalamh aona chuid pris a mhail a thogail no barlinn a thoirt dhaibh.

Ach, mo thruaighe! Co a chunnaic riamh a leithid de dh'fhearann 's th'aca ri oibreachadh! mur a biodh iad dichioleach, trailleil, ga leasachadh le stamh, agus le rod is beag an toradh a bheireadh iad as an fhearan.

(*Guth na Bliadhna I*, Aireamh 3, 1904: 238–39)

*

54. AN T-ARM DEARG AGUS AN DEARG AMADAN, 1905

Labhair luchd-sgriobhaidh is luchd-comhairle na rioghachd mòran nithe as ùr 'thaobh daingneachaидh chum muinntir is dùthcha – ni ris an abrar 's a' Bheurla *national efficiency*: 'nis ciod e *national efficiency*? agus co iad 'tha labhairt mu dheidhinn aig an àm so? Tha *national efficiency* a' ciallachadh daingneachaидh, sabhailteachd agus dion air Sasunn a mhàin: agus tha an t-Iarla Rosebery agus Ioseph Chamberlain 'nan ard-fhaidhean dheth. 'Siad sin ris an canar *Missionaries of Empire* 's a' Bheurla, agus is mòr agus nimheil an spairn agus stri 'tha eadar an dà laoch sgaiteach so. Ach ciod so, no iadsan, dhuinn? Chunnaic sinn, mar chinneach air leth 'Sasunn laidir' iomadh uair, agus o chionn iomadh bliadhna, agus am bheil sinn ni 's fheàrr dheth a nis 'thaobh nan uile nithe 'tha feumail dhuinn mar mhuinntir air leth, na bha sinn anns na linnibh a dh'fhalbh? Ciod e 'Sasunn laidir' (no lag is faoin) dhuinn fein? Nach Sasunn a mhàin a th'ann? Gu dearbh, gu dearbh, cha'n 'e a' Ghàidhealtachd no Albainn a th'ann. Thuig ar sinnseara so gu math, agus, leis a sin,

chog iad ris na Sasunnaich uair is uair, cha' n' ann air an taobh mar a tha sinn a' deanamh, air an àm so. Agus ged a chaidh an ruaig a chur orra mu dheireadh mu'n àm ris an abrar 'Bliadhna Thearlaich' is dona a thig e dhuinn a' bhi daonnaan a' striochdadh ri agus (ni a 's miosa na sin) a' bhi' cuideachadh ar naimhdean, agus sinn anns na slabhraidhean a chuir sinn oirnn fein. *National efficiency* ciod e sin dhuinne? 'S e bheir freagairt gu ceart do na cheist sin, ar gleanntan fàsail neo-threabhta, gun mhuinnitir 's ar taighean briste, léir-sgriosta, 's ar cinneach is muinnitir ar gràidh air am fuadachadh a mach do gach cearn 's do gach aite de'n t-saoghail. Gu dearbh tha *national efficiency* cosmhuil ri deirceachd – 's e sin ri ràdh bu choir dha 'toiseachadh 'nar measg fhein, air neo tha è 'na sheorsa de dh'fhochaid 's de chealgaireachd a mhàin.

Tha e 'na amadan 'na aonar – gach neach 'tha 'dol a steach do'n Armailt Shasunnach, a chionn 's gur e an t-arm Sasunnach a th'ann. Tha Arm nam Breacan beagan ni 's fhearr na sin, chionn 's gur e seorsa de dh'armailt Gàidhealach a th'ann; ach co dhiùbh a 's fearr no a 's miosa e na sud, 's e so ar comhairle féin do na h-uile fear 'Cuimhnichibh na daoine o 'n d'thàinig sibh,' agus cumaibh bhur n' urchuir air a h-ais! Theagamh gu'n d'thig an làthà sin fhathast anns am faod sinn a ràdh a ris. Bithidh an oidhche na h-oidhche nam biodh na gillean 'nan gillean.

(*Guth na Bliadhna II*, Aireamh 4, 1905: 328–29)

*

55. CUID NAM FINEACHAN, 1906

Fada fa-dheireadh, agus an déigh mòran bhliadhnaichean tha againn a nis Bille ùr Fearainn – Bille, mar an ceudna, anns an urrainnear tlachd mhòr a ghabhail, agus as am bheil sinn a' tarruing earbsa mhòr air taobh Fineachan na h-Alba.

Cha 'n 'eil teagamh sam bith againn nach 'eil Bille Mhr. Sinclair 'na Bille anabarrach maith airson nithean na beatha-sa,

agus buileach feumail mar an ceudna; agus, mar tha cuid ag ràdh aig a' cheart àm so, is maith an comharradh oirre gu'm bheil an *Scotsman*, agus a luchd-leanmhuinn am measg uachdarain an fhearaninn, 'na h-aghaidh am muigh agus am mach. Ach, is éiginn duinn, roimh ar beannachadh a thoirt dhi, a cuid ponganan fhaighinn a mach, agus an cur mu choinneamh ar luchd-leughaidh; beachd curraramach¹, smiorail, a ghabhail air na stéidhean sin a tha aig bonn na Bille so. Agus gu sin a dheanamh air dhòigh agus nach leig sinn e fo amharus sam bith a thaobh nam bunailtean sin, as am bheil e 'toirt làn earbsa ruinn fhéin, is éiginn duinn dorus Eachdraidh na h-Alba fhosgladh car tamuill, agus suíl a thoirt ré ùine bhig air sean nithean na Gàidhealtachd

...

[F]ada mu dheireadh, thàinig (taing do Dhia), a' cheud chuideachadh a fhuair Fineachan na h-Alba o chionn iomadh bliadhna; agus chaidh Achd nan Croitearan air a shuidheachadh anns an dùthaich le cead na Pàrlamaide, anns a' bhliadhna 1886. Thug an Reachd sin cuideachadh mòr do na Croitearan; ach cha do fhreagair e a' chùis mar bu chòir. Ach is ann an sin a thoisich an obair fheumail, éiginneach, mhaith, ged nach robh e ach mar thoiseachadh a mhàin air a' ghnothach. Cha do bhean e ach ri oir a' ghnothaich. Cha robh e comasach do'n Achd sin an t-olc no an euail uile a thoirt air falbh uapa, ged nach robh e gun sochair gu léir. Mar sin, rinn na Croitearan, agus an cuid càirdean a bha air taobh a staigh, maille riusan a bha air taobh a muigh de na Pàrlamaide stri nach robh beag gu leasachadh is farsaingeachd a chur air an Achd; ach, fad mòran bhliadhnaichean, is ann mar dhaoine aig nach robh ach a' bheag de dhòchas a bha iad a' cumail suas aobhair nam Fineachan Albannach. Ach, a nis (taing do Dhia), tha gu bhith againn 'Reachd nan Gabhaltaichean Beaga'; agus a réir gach coltais, bitidh an Achd so mar chairtiùil ùr do na Croitearan, agus mar inneal shaorsa do'n dùthaich air fad.

¹ i.e. cùramach.

Tha sinn deas, mata, ar seul a chur ris a' Bhille so, agus na reusanán sin a thathas 'gan toirt oirnn sin a dheanamh, is iad mar so iad.

An toiseach, is e ar barail gu'm bi a' cheud bhuanachd a théid a mach o'n Reachd so is e so, Fineachan na h-Alba a chur air am bonn fhéin, a rìs agus a chaoidh. Anns an dara àite, is ro thaitneach leinn na cumhachdan eiginneach sin a tha e 'toirt a staigh leis. Anns an treas àite, tha a' Bhille so air a dealbhadh air dhòigh agus nach bi 'dol an aghaidh nòis is cleachdannan nan Gàidheal: air an làimh eile, tha e 'cordadh gu maith riutha. Anns a' cheathramh àite, tha a' Bhille so 'na gnìomh ceartais, agus bithidh sinn glé thoilichte nam biodh e comasach cuid de dh'fhearann a bha air a thoirt air falbh o'n t-sluagh anns na bliadhnaichean a chaidh seachad a thoirt air ais as ùr do na Fineachan Gàidhealach. Anns a' chuigeadh àite tha sinn a' faighinn tlachd mhòir as a' Bhille so, a chionn agus gu'm bheil i gu bhith air a cur ri'n dùthaich gu léir. Gu dearbh is e so comharradh anabarrach maith oirre; agus tha dòchas againn gur ann mar so a bhitheas e a ghnàth agus gu buileach anns na bliadhnaichean a tha ri teachd. Gu dearbh, is mithich do na Gàidheil a bhith ag iarraidh a' chiuil, gus an dean Albainn dannsa air sgath an lagha ùir so. Agus is e so an séathamh reuson airson gu'm bheil sinn a' cur ar taice ris a'Bhille, gur h-e, a nis, an Stàid a tha mar dhòn agus mar inneal-gléidhidh do'n t-sluagh gu léir ...

(*Guth na Bliadhna III*, Aireamh 4, 1906: 307, 314–15)

*

56. AM FEARANN, 1907

Faodar aideachadh nach do chaill Sir Eanruig Caimbeul Bannerman agus a chàirdean an taobh a staigh na Pàrlamaide Sasunnaich mòran de dhùine ann a bhi toirt a staigh Bille

an Fhearnainn as ùr do Thaigh nan Cumantan. Thàinig e air beulaobh an Taighe anns a' cheart chruth, ach beag, anns am facas an uiridh e. Tha aon ni a tha toirt mòr sholais dhuinn, agus is e sin gu'n deachaidh laghdachadh air an rùn leis an rachadh ceangaltais eadar Cùirt nan Croitearan agus Mòd nan Criochan Domhail. Cha robh e idir aona chuid iomchuidh no freagarrach gu'm biodh ceannachd an fhearnainn is toirt a mach binn air nithean an fhearnainn anns an aon làimh, mar gu'm b'eadh. A réir a' Bhille ùir, thugadh seachad an t-aon ni do Chùirt an Fhearnainn ùir, agus an ni eile do Chomhairle Aitich na h-Alba. Tha so ceart mar bu chòir. Tha sinn toilichte, mar an ceudna, nach 'eil am Bille idir toirt seachad do Chùirt an Fhearnainn am fearann a cheannach o na h-uachdarain, chum a bhi ga reic ris an t-sluagh. Is e cumhachd ciorramach a bhiodh an so; agus tha sinn a' cur làn aonta ris na tha aon de ar luchd-comh-aoiseach ag ràdh mu'n chùis so. Gu dearbh, 'tha am pailteas uachdarain againn, mar tha, agus r'a sheachdnadh, gun a bhi gan deanamh na's lionmhoire.'

Tha so 'toirt oirnn a radh gu'm b'e ar n-iarrtus féin, greim a thoirt do'n Stàid air an fhearnann agus an greim sin a mheudachadh is a dhaingneachadh cho mor sa ghabhas deanamh.

Gu dearbh 'tha am pailteas uachdarain againn' a cheana; ach se ar beachd nach biodh e chum saorsa no feum, gu'm biodh na h-uile fear 'na uachdaran air fhearnann fhéin.

Bu mhaithe leinn féin fhaicinn an Stàid an àite an uachdarain an iomadh cùisibh, agus sin airson iomadh reuson math. Chan 'eil sinn dol an aghaidh nan uachdaran *mar uachdarain*; ni mò a tha sinn dol a chur ar seul ri beachdan creachach is tur neònach nan Còmunnairean. Gidheadh, se ar barail féin gu'n deachaidh tuille sa chòir de fhearnann na dùthcha a thoirt seachad do na h-uachdarain anns na làithean a dh'aom; gu'm bheil am pailteas, agus r'a sheachdnadh, aca fathast; agus, gu h-àraidh, gur e dleasnas na Stàide a greim féin air an fhearnann a mheudachadh agus a dhaingneachadh anns a h-uile rathad a's urrainn i chleachdad, agus a tha ceart is freagarrach ...

(*Guth na Bliadhna IV*, Aireamh 2, 1907: 183–85)

*

57. CUID NAM FINEACHAN, 1907

Tha a' Phàrlamaid a nis 'na tàmh, agus Bille Mhr Sinclair gu tur air a dhi-chuimhne. Is glé bheag de dh'ùine na Pàrlamaide a chaidh bhualeachadh air, agus am measg an luchd-neo-chiontais, fhuaire i binn is ditidh a chuir as da. Chaidh de dh'ùine chaitheamh ri Bille nan Sgoilean Sasunnach is nach robh dòigh no rathad air buntuinn ris an fhearann; agus aon uair eile, dh'feumadh an Croiteir Gàidhealach sàr fhoighdinn a bhi aige.

An iomadh dòigh, nar beachd-ne, bu mhaith an airidh am Bille sin a bhi air a chàramh fa chomhair na Pàrlamaide, agus a bhi air a dheanamh 'na lagh do'n Rioghachd. Bha iomadh ni ann, mar a thuirt sinn fein aig an àm, 'a bha anabarrach maith airson nithean na beatha-sa, is buileach feumail, mar an ceudna.' Ach, an aghaidh sin, chaidh binn-ditidh thoirt a mach 'na aghaidh leis a' Phàrlamaid Shasunnaich, agus aig a' cheart àm, chan 'eil e ni 's mò air mhaireann ...

(*Guth na Bliadhna IV*, Aireamh 1, 1907: 86–87)

*

58. LAGH NAM BOCHD, 1910

Is ann 'nan dachaidhean fhéin is mò a tha de chuideachadh air a thoirt do na bochdan an Albainn. O cheann a suas ri deich bliadhna-fichead, bha glaodh mór ri chluinntinn o bhòrdaibh bhochd agus o Ard Bhòrd an Riaghlaidh an Dun-éideann air son tuillidh feum a bhi air an deanamh de na taighean-bhochd agus na's lugha de chuideachadh a bhi air a thoirt seachad anns na dachaidhean. Sguir an glaodh sin ri ùine, agus cha d' thàinig atharrachadh sam bith 'na lorg. Cha'n 'eil fuath chomharraichte

aig an t-Sasunnach ainniseach do thaigh-nam-bochd, ach tha gnè agus inntinn an Albannaich gu tur agus gu searbh 'na aghaidh. Uime sin, bu diòmhain do 'n luchd-ùghdarrais againne a bhi feuchainn ri bochdan na dùthcha a dhruideadh a staigh anns na taighean neo-chaoimhneil so ...

A thaobh lighichean a chumail air son feum an t-sluaigh, bha Lagh nam Bochd riamh failneach, araon anns na bailtean agus air an dùthaich. Annс na bailtean, cha'n 'eil taighean-eiridinn air son nan ainniseach ri 'm faighinn dealaichte o an taighean bhochd – ach an Glaschu a mhàin. Mur toirear dhaibh iad le lighiche nam bochd, cha'n urrainn aon sam bith aig nach 'eil dad 'na sporan cungaidhean-leighis fhaighinn. An neach a gheibh iad troimh lighiche nam bochd, caillidh e a ghuth-taghaidh. Air an dùthaich cha'n 'eil lighichean ach anabarrach tearc. Is aithne dhuinn móran sgìreachdan a tha bho 100 gu 300 mìle ceithir-chearnach am meud, ach a tha 'n earbsa gu buileach ri aon lighiche. A thaobh sgil-leighis, cha'n 'eil a' Ghàidhealtachd móran na 's fhearr an diugh na bha i o cheann cheud bliadhna. Tha i air a dearmad agus air a di-chuimhneachadh; agus tha miltean de a luchd-àiteachaidh a' dol gu bàs gach bliadhna a dh' easbhuidd cobhair o lighiche. Nan robh pàrlamaid an Dun-éideann air son cuisean na h-Alba a riaghlaadh, cha bhiodh clanna nan Gaidheal gun mheas, gun mhodh mar a tha iad. Is aithne dhomh cearnachan gun àireamh de Thìr nam Beann far am feum an sluagh 20s, 25s, 30s, 40s, no eadhoin cho àrd ri 50s a phàigheadh do 'n lighiche gach uair a thig e d' an coimhead. Cha'n 'eil mi 'g ràdh gur h-uilear do 'n lighiche an duais so nuair a th' aige ri dol astar fhada – fichead no dà-fhichead mìle – ach aig a' cheart àm, tha e glé dhuilich do 'n tuath suim cho mór so a chur am mach gach uair a thig tinneas do na teaghlaichean aca. Cha'n ioghnadh idir ged tha e tachairt gu minic nach cuirear fios air an lighiche gus am bi an duine tinn cho fada roimhe is nach dean sgil no aire feum dha.

(*Guth na Bliadhna VII*, Aireamh 2, 1910: 107–09)

*

59. AM FEARANN AGUS CÌSEAN, 1911

... Is e an deagh fhear gniomh a tha sinn a ghnàth a' luchdachadh le cìsean; agus, mar is mó a shaothraicheas agus a chothaicheas e, is ann is mó a bheir sinn uaithe. Chan eil ar dòigh eucolmach ri dòigh a' phrionnsa Innseanaich air am bheil iomradh. Bha esan a' cur chìsean air a chuid iochdaran a réir àireamh nan craobhan meas a bha cinntinn aca. Dé a thachair? Dé ach gu'n do sgur an sluagh de bhi a' cur chraobhan òga, agus gu'n do theann feadhainn ri cuid de'n t-seann choille a ghearradh a sìos. Nan robh am prionnsa ud glic, b'ann a chuireadh e cìsean air a chuid iochdaran a réir luach an cuid fearainn, agus bhiodh iad mar sin air an co-éiginneachadh gu uiread thoraidh is a bha comasach a thoirt ás a' ghrunnd, no a thoirt seachad do mhuinntir eile bhiodh deas agus foghainteach gu sin a dheanamh. Dh'fheumta airgead fhaighinn an àit-eiginn chum na cìsean a phàigheadh, agus cha ghabhadh e faighinn ach leis a' bhuil a b'fhearr a bhi air a dheanamh de'n fhearrann. Mar so, thigeadh craobhan meas gu bhi lionmhor, agus bhiodh doireachan boidheach, torach rí'm faicinn far nach robh roimhe ach fàsaichean.

Tha sinne leantainn gu dlùth an cois-cheum a' phrionnsa dhuibh. Tha sinn a' deanamh peanais air-san a tha saothrachadh – co-dhiùbh is fear-oibre e, no maighstir, no fear malairt, no cuideachd rathaid-iaruinn. Tha sinn a' buntainn riu uile mar a bhuineadh riusan aig an robh na craobhan meas. Chì an neach is doille gu'm bheil so anabarrach docharach do mhalairt agus do ghniomhachas. Cha d' thàimig sinn fhathasd dh' ionnsuidh an t-suidheachaидh sin sam bheil muinntir a' diultadh saothrachadh idir, mar a dhìult na h-Innseanaich bhochda tuillidh chraobhan a chur; ach ma théid sinn móran na's fhaide air ar n-aghaidh gheibh sinn a mach gu'n robh sinn pailt sanntach, agus nach cuirear móran ri ionmhas na rioghachd le ruith nan cìsean a bhi

air a h-àrdachadh. Bidh an t-eun air a mhilleadh do'm b'òbhuisit
a bhi breith an uibhe òir ...

(*Guth na Bliadhna VIII*, Aireamh 1, 1911: 15–16)

*

60. COR NA GÀIDHLIG, 1912

... Dé a cor anns a' Ghàidhealtachd, ma tà? Ann's a' cheud àite,
tha e ceart gu'm bheil an àireamh a tha 'ga labhairt a' dol na 's
lugh a gach bliadhna; oir cha'n e a mhàin gu'm bheil sluagh na
Gàidhealtachd a' dol na 's gainne; ach gu'm bheil a' chuid mhór
de na tha fathast ann glé choma a thaobh càin am màthar.
Bruidhnidh cuid diubh i ri chéile; ach ris a' choigreach, ged a
bhiodh a' Ghàidhlig aige, cha bhruidhinn iad i mur sfeudar
dhoibh; ni mò a bhruidhneas iad i ri an cloinn, am mòran de
àitean. Cha'n 'eil déidh aca gu'm biodh comas aig an cloinn
air a bruidhinn, gun ghuth air a leughadh 's a sgrìobhadh. Is e
a a their a' chuid mhòr de na pàrantan ribh: 'Ciod e am feum a
tha innte?' Cha'n 'eil e idir iongantach gu'n can iad sin; oir is
òg a chaidh oileanachadh dhoibh nach robh feum 'nan càin.
Cha'n e a mhàin gu'n deachaidh so oileanachadh dhoibh 'nan
sgoilean fèin; ach bha eisimpleir na feedhnach aig am bu chòir an
tuilleadh toinig a bhi, a' seòladh dhoibh nach robh 'nan cainnt
mhàthaireil ach cainnt nach bruidhneadh neach a b' fliach an
t-saothair.

Ann's na h-àtitibh anns am bheil coigrich a' taghal, no a'
tuineachadh ré cuid de'n bhliadhna – far am bheil rathaidean
iarainn is bàtaichean-smùid a' ruigheachd – an sin tha a'
Ghàidhlig, ach beag, air a cur air cùl na còmhla. Is glé bheag de
na marsantanán Gàidhealach nach anns a' Bheurla Shasunnach
a tha iad a' deanamh an gnothuich ris na Gàidheil mar ris na
Goill. Cha'n 'eil fear no té a tha 'gan smaointinn fèin na's
fèarr, no os ceann chàich, nach ann am Beurla Shasunnach a

bhruidhneas e no i, ris an fheadhainn a tha air an aon bhonn, no os an ceann fén.

Cha mhò a tha Gàidheil ullamh gu dol do 'n t-seirbhis Ghàidhlig 'nan eaglaisean, ma tha seirbhais Shasunnach air a gleidheadh annta. Gun teagamh, théid iadsan a tha chòmhnuidh anns na h-àitibh iomallach de'n dùthaich, do 'n t-seirbhais Ghàidhlig; ach is glé bheag dhiubh a chì sibh aig seirbhais Ghàidhlig far am bheil coigrich a' taghal.

Seallaibh thairis air paipear naidheachd a tha tabhairt cunnatais air tachartasan an clachain 's am bailtean beaga no móra anns a' Ghaidhealtachd. Tha gu tric an sin iomradh air cuirmean-ciùil a tha air an tabhairt seachad leis an luchd-àiteachaidh fén. An d' thug sibh aire riamh cho ainneamh is a chì sibh òran Ghàidhlig air a' chlàr-innsidh aig na cruinneachaidhean sin? Mo thruaighe! is feàrr leis a' Ghaidheal a bhi ag éisdeachd ri treamsgal tallachan-ciùil a' bhaile mhóir, na fuinn is òrain bhinn, għlan, mħilis a' chàin fén. Tha e tighinn gus an so, gu'm bheil cuid mhór de na Gaidheil glé choma mu'n càinain, agus gu tric is ann a ni iad tàir oirre.

Cha'n e mhàin sin; ach tha iad tàirmeasach air an fheadhainn a tha 'ga cleachdad. Nach tric a gheibh an coigreach gach uile urram agus ùmhlachd gus an labhair e r' a chomh-luchd-dùthcha anns a' Ghàidhlig. Nuair a ni e sin théid 'car eile an ruidhle a' bhodaich.' Cha'n e mhàin gu'm bheil e na's lugha meas na an Gall air son an do ghabh iad e, ach gur e glé bheag de mhodh no de chòmhnadhbh coimhearsnachail, ma tha sin a dhith air, a gheibh e.

Tha na Gaidheil air an là an diugh mar am ballach beag a bha anns a' Ghearrastan. Bha an t-Urramach nach maireann, Alasdair Stiubhart, Bun-loch-abar, a' dol troimh aon de shràidean a' bhaile air la àraidi, agus aig àm dol seachad air dithis bhallachan a bha a' cluich le buill bheaga cloiche, thubhairt e: 'Thoir an aire, a bhallaich, nach saltair mi air do làmhan.' 'Nach laghach an duin'-uasal ud, nuair a bhruidhinn e mar siud,' ars aon diubh. 'Cha'n e duin'-uasal a tha ann: tha a' Ghàidhlig aige,' fhreagair am fear eile.

Taing do Ni Maith, tha Gaidheil ann nach eil mar sin; ach, gu mi-fhortanach, tha iad tearc.

Mu'm fág mi a' Ghaidhealtachd, bheir mi eiseimpleir de Ghàidhlig mar a tha i air a labhairt le sean is òg aig an tigh.

Aig coinnimh Cléir, b' i a' cheist: Am biodh cead air a thabhairt do fhear de na buill, eaglais eile a ghabhail. Bha fairfeach an làthair a bha 'na bheachd féin, ro eudmhor air son na Gàidhlig, agus bho nach robh Gàidhlig aig a' mhiniestar a bha anns a' chathair, dh'iarr am fairfeach cead labhairt 'na chànanin féin. Fhuair e sin, agus b' e so òraid: 'Tha mise a' moveigeadh gu'm bi Mr. Smith air a thranslatigeadh.' An ionghnadh leibh gu'n d' thubhairt an ceann-suidhe, is e gàireachdaich an aodann a' Ghaidheil: 'If that is Gaelic, I understand it myself.'

Cha'n e coire na Gàidhlig a tha ann gu'm biodh a leithid sin de chomh-thlamadh a' dol air son ar cànanin. 'S e is coireach gu'm bheil Gaidheil cho leasg is nach feuch iad ri Gàidhlig cheart a labhairt. Cha'n fhada gus am bi e ri ràdh mu'n Ghaidhealtachd uile mar thubhairt fear mu Ghaidheil Chinn-tìre: 'Cha'n eil aca ach 'agus', is *Johnson's Dictionary*.' ...

(*Guth na Bliadhna IX*, Aireamh 1, 1912: 24–27)

*

61. A' GHÀIDHLIG AGUS NA PÀIPEARAN-NAIDHEACHD, 1913

Duisg suas, a Ghàidhlig! Tha'n fhàire briseadh, na neoil a' sgapadh, agus an dorchadas a' teicheadh. Is fhad a shuidh thu san duibhre agus an sgàil a' bhàis, fo tharcuis aig do naimhdean agus fo dhimeas agus fo spìd eadhoin aig do chàirdean. Ré ùine is aimsir, iadsan bu chòir a bhi mùirneach umad agus uaill a dheanamh asad, is ann a bha iad 'g ad chur air chùl agus a' gabhail näire dhìot – a' mionnachadh gus a' bòideachadh aig gach cuirm is còmhaghail nach b' aithne agus nach b'eol dhaibh thu. Gu minic, minic bha thu air do lot agus air do chiurradh an taighean do luchd-daimh. Ach, glac misneach! Tha'n àirde n-ear

a' fàs loinnearach, agus, a réir gach coltais, tha a' ghrian a' cur roimpe. Chan fhad an dàil gus an éirich i os ceann nan sléibhteann casa, ciara, le solus agus blàths. An sin, bheirear air t'ais thu chum na staid agus na h-inbhe a bhuineas dhuit, bidh tu air t' altrum le spéis agus meas, agus fuadaichead air falbh gu buileach breisleach na h-oidhche fhada, chianail.

Tha e furasd fhaicinn gu'm bheil adhart nach beag air a dheananamh leis a' Għluasad Ghàidhealach. An taobh am mach de'n għrāisg aineolach, cha mhór Ghàidheal a nis a għabhas tħamaltiż ás an t-seann chànan, agus cha mhór a dh' fheuchas ri àicheadħ gu'm bheil iad comasach air a labha. Chan eil clann cho tric no cho garg air an cronachadh air son tighinn am mach le facail Ghàidhlig aig an taigh-sgoil, agus għeibhear sgoiltean-oidhche air son teagasg na cainnt so an iomadh cearn. Is adhart nach beag na nithean so, agus chan eil teagamh nach eil a' Ghàidhlig air teannadh am mach a bhudhachadh agus a chum buaidh a chosnad - an taobh a staigh de a crìochan dligheach féin. Tha'n sruth an déiġi tionndadh leatha, agus cha chūram dhi a nis gu'n tilgear air a' chladach leis. Is ann na's braise bhios an sruth a' fàs gu ceann iomadh latha ...

Dé tha sinn a' deanamh a chum sinn féin a chomharrachadh am mach an sùilean an t-saoghail mar chinneach eadar-dhealaichte o chinnich eile - mar dhream air leth dhuinn féin? Dé tha Gàidheil na h-Alba a' deanamh a thaobh na cùise so? Am bheil sinn a' deanamh na dh' fhaodamaid? Dé tha paipearan-naigheachd na Gàidhealtachd a' deanamh? Cha deachaidh innleachd riamh a dheilbh cho tħabħachdach ri paipearan-naigheachd air son gluasa id mhóra a dhùsgadh, a bhrosnuchadh agus a chuideachadh. Tha'm pailteas dhiubh againn sa Ghàidhealtachd, agus is fhiach e fħarraid dé a tha iad a' deanamh air son na Gàidhlig, agus air son a' għluasa id dhùthħchail ris am bheil ar cànan an dlùth-dhaimh. Am bheil iad a' riochdachadh agus a' samhlachadh an spioraid dhùthħchail Cheiltich? Am measg gach rioghachd agus cinnich eile anns gach cearn de'n talamh tha na paipearan-naigheachd a' nochdadħ togħraidihean agus

aignidhean an t-sluaigh air son am bheil iad air an deasachadh. Am bheil paipearan na Gàidhealtachd a' deanamh so?

Air chinnt, chan eil. Tha iadsan Sasunnach – buileach Sasunnach – an smaoin cho math ri an cainnt agus an litir. Is iad briathran an t-Sasunnaich a tha iad a' cleachdad, agus is iad beachdan an t-Sasunnaich a tha iad a' toirt seachad. Ged a labhras iad mu chûisean a bhuineas d'an dùthaich fèin chan ann mar Ghàidheil a bheir iad seachad am barailean. Is furasd fhaicinn o na their iad gu'm bheil iad ag amharc air gach ceist troimh ghloineachan an t-Sasunnaich.

Gabhamaid, mar eisimpleir, an t-*Oban Times* agus an *Highland News* (ma tha ainmean Gàidhlig orra cha chluinnear iad uair sam bith). Is iad so na paipearan ris am mò am bheil an sluagh Gàidhealach a' sealltann air son cuideachaид agus comhairle a thaobh gach cùis a bhuineas dhaibh mar chinneach. Am bheil iad a' deanamh na dh' fhaodadh iad chum taice chumail ris a' Ghluasad Ghàidhealach? Chan eil, no dad coltach ris. Fóghnaidh dhuinn an leughadh car seachduin no dhà gu fhaicinn mar a tha iad a' deanamh dearmad air a' chûis so – mar a tha iad a' tighinn an déigh-làimhe air an dleasnas. Neo'r thaing nach eil gu leoир aca ri ràdh mu dhéighinn nan Gàidheal, agus an càinain; ach is anns a' Bheurla their iad e. Ann an cuid dheth, tha cuimse de phurp agus de thoinisg; ach tha chuid is mò dheth, ás is ás, gun sùgh, gun brìgh, gun bhun, gun bhàrr. Aig an fheadhainn a tha sgrìobhadh, chan eil beachd soillear mu na ceistean ris am bheil iad a' buntuinn, air neo ma tha tha eagal orra a chur an céill. Chan eil aca ach buille 's gach aon chraobh, agus chan iognadh nach eil aon chraobh a' tuiteam.

Is Beurla ach beag gach smid a gheibhear san *Oban Times* agus anns an *Highland News*. Air son na tha iad a' toirt seachad an Gàidhlig, cha mhór an rathad nach b'fhearr e asda. Chan eil e a' cur móran ri meas no cliu na cainnt san do labhair Oisean agus Fionn. Tha e air a dheanamh a suas mar is trice de naigheachdan beaga, aighearak, rannan de rabhtaireachd ris an can iad bàrdachd, seansfhacail air am bheil sinn sean eolach,

agus golamais eile nach eil aon chuid chum oilein no spreigidh. An uair a tha na paipearan a' toirt seachad am beachdan féin gu sgoinneil agus gu ceirdeil a thaobh ceist chudthromaich sam bith a th'air beulaobh na dùthcha, ni iad sin am Beurla, agus am Beurla a mhàin. Chan eil nìs è fhiach air innseadh an Gàidhlig. Chan fhaighear air a thoirt seachad inntse ach gearr-fhacail, mar a chleachdar air son a bhi breugadh chloinne bige. A réir nam paipearan so, chan eil inntinn fir na Gàidhlig comasach air nì a chnuasachadh is treise na iomradh air 'Turus Dhòmhnuill do'n Bhaile-mhór', 'Am Piobaire agus an Gunna-sgailc', 'An Gàidsear agus a' Mhulchag Chais', agus faoinceis de'n t-seorsa sin. Chan fhaodar ceist chudthromach sam bith a rannsachadh no a mhìneachadh anns a' chainnt is fhearr a thuigeas an sluagh. Air son iomraidih a thoirt an Gàidhlig air obair Pàrlamaid no air ceistean a bhuineas do shluagh-iuil, bheireadh iad iomradh cho luath orra an Laideann no'n Greugais (nam b' aithne dhaibh). Tha iad cho neo-chomasach air Gàidhlig a chur an clò gu cothromach is a tha iad air a cur gu feum chum am barailean a thoirt seachad, no naigheachdan an latha a chur an céill. Tha'n luchd-deasachaidh buileach aineolach, cho fad sa tha cainnt na dùthcha air a gabhail a staigh. Cha b'urrainn fear seach fear dhiubh na facail so – 'A suas leis a' Ghàidhlig' – a sgriobhadh gun mhearakhd na's mò na b'urrainn dha rann Calluinn aithris, no 'Bìrlinn Chloinn Raonaill' eadar-theangachadh. Agus, is iadsan na fir-dheasachaidh air na paipearan sin a tha gabhail orra bhi na's Gàidhealaiche na feadhainn sam bith eile. Nach ann an so a tha a' chulaidh-mhulaid! Nach ann an so a tha'n tàmait do'n Ghàidhealtachd! ...

(*Guth na Blàdhna*, X, Aireamh 2, 1913: 133–34, 136–39)

*

62. AN T-EACH AN ALBAINN, 1913

Bha mhòr dhaoine leis nach toil an t-each – an creutair eireachdail, lùthmhòr, meamnach a bha riamh a' saothrachadh

cho dileas air ar son, araon an cogadh san sìth. Ged is math na carabadan-ola, cha lòn iad gu bràth an t-àite sin 'n ar n-aignidhean a bha sinn riamh a' toirt do'n each. Cha bu mhath leam an latha sin fhaicinn sam biodh gach cairt is carbad air an cuir air għluasad le innealan marbha, agus anns am biodh mo charaid ceithir-chasach air fhògradh air falbh gu buileach.

Chan eil nì is luaithe a thogas sùil agus inntinn duine air sràid baile no air rathad dùthcha na deagh each le blàth deagh bhiadhaidh agus deagh aire. Chan urrainn sinn gun soin a għabbail dheth, co-dhiùbh bhios ann gearran mall no steud-each àluinn, astarach. Air son cabhaige, cha d'thig e air chor sam bith a suas ris a' charbad-ola, ach, air son bòidhchead agus toileachadh-sùla, tha e astar is cian air thoiseach ...

Bha a' cheud inbhe aig an each riamh am measg chreutairean ceithir-chasach. Bhuineadh sin dha o àm Phegasus nan sgiath a thugadh do Bhellerophon le Athena. O'n àm sin a nuas tha iomradh air an each an dàn san sgeul. Bha Oisean déigheil air a bhi deanamh luaidh air na treun-flir a' marcachd air steud-eich gheala. Is cuimhneach leis gach neach a leugh obair a' bháird aosda sin gu'm b'e ainm nan each aig Cu-chuilinn Dubh-shròn-gheal, agus Dubh-shrannal. Ainmean eile bh'air cuid de na h-eich a bhuineadh do'n Fheinn b'iad Dubh-shùilean, Liath-mara, Stuadh-mhór, agus mar sin air aghaidh. Bha fir na Féinne déigheil mu'n cuid each, agus, o àm gu àm, bha réisean ainmeil air an gleidheadh 'nam measg ...

Bha na h-eich Spàinndeach riamh ainmeil air son spionnaidh, astair agus bòidhcheid. Bha cuid dhiubh air an toirt a staigh do 'n eilean so cho tràth ri linn Righ Athelstan air son an t-silidh so a chur am feabhas. Bha'n nì ceudna air a dheananmh gu minic a nuas uaithe sin. An uair a chaidh a' chabhlach Spàinndeach a mhilleadh agus a bhriseadh air cladaichean na h-Alba, shnàmh móran each air tir asda, agus theann iad ri siolachadh am measg nan ainmhidhean a bha nàdurra do'n dùthaich. Thachair so an Ceann Deas na h-Alba, agus bu mhath a bhuidh anns na cearnachan sin. Thachair e mar an ceudna am Muile, an uair

a chaidh an long sin air am bheil uiread de fhorbhais a chur ás a chéile le fùdar an acarsaid Thobar-mhoire. Tha a bhlàth agus a bhuil ri fhaicinn san eilean, agus anns na h-eileanan a tha mu thimchioll, eadhoin gus an latha diugh. An nuas o'n t-sè-linn-deug, cha robh sìlidh each idir ri fhaighinn an airde n-Iar na Gàidhealtachd a b' fhiach a choimeas ris na h-eich 'Mhuileach'. Bha iad am meas agus am miadh le ceannachadairean o'n deas agus o'n tuath; agus, tha tomhas nach beag de a seann ghlòir fhathasd a' leantainn ris an Fhaidhir Mhuilich ...

(*Guth na Bliadhna X*, Aireamh 1, 1913: 27–33)

*

63. CLEACHDAIDHEAN NAN AIRIGHEAN GAIDHEALACH, 1914

[Le Alasdair Camshron (Bàrd Thùrnaig), Poll Iùbh]

Ged a tha còrr is trì fichead bliadhna bho na sguir iad de dhol gu Airigh 'san Sgìre so, tha deagh chuimhn' agam air na bothain a bhi suas. Dh'fheumadh na bothain an leasachadh na h-uile bliadhna; agus cha bhiodh caileagan latha 'n diugh ach diombach na'n canadh neach riutha gu'm feumadh iad leth na bliadhna chur seachad 'na leithid de dh' àite. Ach 's beag a tha de fhios aig sluagh an lath 'n diugh air na bha de fheala-dha 's de chridhealas agus de shùgradh neo-chiontach a' dol air aghaidh air an Airigh.

Ach còmhla ris na h-uile cridhealas a bh' ann, bha dragh is call mór aca leis cho olc dàna 's a bha na sìthicéan, mar a dhearbas mi dhuibh gu h-aithghearr. Bha móran seirbhis an lorg na h-Airigh. Bha 'n toiseach na bothain ri 'n togail agus na cròithean ri 'n deanamh air son a' bhainne, nan laogh 's nam meann. Rachadh prasgan dhaoine ri monadh le tuaghan is spaidean; is bhiodh gathan biorach eil aca gu stobadh nam blar mòintich gus amais air na craobhan giuthais a bha bho linn nan linntean am falach annta sin. Dh'fhaodadh gu 'm faigheadh iad aon chraobh a dheanadh a dhà no trì bhothain. Bha na

bothain tubhte le sgrath; is sguabach fhraoich no bharraich 's an doras. Bha na leapaichean deante de fhraoch 's de luachair, is na cluasagan de 'n chanaich, a bha cho pait ann an cuid de dh' àitean is gu'm faiceadh neach an talamh geal leatha. Bha na caileagan a' buain na luachair, 's a tional na canaich, 's 'ga cìreadh air son nan cluasag. Tha iomradh agaínn, cuid de na caileagan a bhi sniomh na canaich air a' chuigeil, agus a' deanamh léinteán d' an leannain dhi air son an seunadh bho chunnart an àm cogaidh no gnothaich chiogailtich¹ eile – Tha cuid fathast a' creidsinn gu'm beil buaidh làidir aig a' chanaich an aghaidh an uilc. Co luath 's a bha na bothain deante, bha na soithichean ri 'm faighinn an òrdugh. Cha robh aon soitheach readha air Ghaidhealtachd, ach iad deante de fhiodh. Cha robh fear-taighe 'sam bith air a chunntadh ealanta mur togadh is mur càradh e gach soitheach a rachadh as a chéile ...

B'iad na soithichean (a' töiseachadh leis an aon is lughá) Sùileag, Fiodian, Meadar, Cuman, Miosair, Cuinneag, Stòp, Muighe, Tuba, Cùdainn, Tunna, Baraille, Stannt no Stanna, Togsaid. Bheir e cus rùim uam feum gach soithich innseadh air leth. Cha robh a' dol gus an Airigh dhiubh ach an ciad seachd a dh'ainmich mi, agus bha 'n fheadhainn mhór dol gu feum an àm deanamh Uisge-bheatha.

'S mór an obair a bha aig na boirionnaich ri dheanamh air an Airigh. Bha 'n crodh ri bhleodhann 's ri shaodachadh² agus ri bhuachailleachd; an t-ìm ri dheanamh, 's an càis ri oibreachadh, 's an toirt dhachaидh air an druim. Na h-uile nì ghabhadh doirteadh, bha e air a chur ann am meadar le iomaidil air. 'S e sin craicionn ceangailte le sreing ghaosaid mu bhial a' mheadair, is air a ghiùlan air an druim ann an guailleachan. 'S e guailleachan mìr de chlò, ceithir chèarnach, no de phlangaid air a dath dubh no gorm.

'S ann a' falbh leis na h-eallaich a bha neach ann an cunnart e bhi air a thogail leis na sìthichean an àm leigeil an sgòs. B' aithne dhomh bean chòir, agus is minic a dh' innis i dhuinn

¹ dhiogailtich, eagalaich (gin.).

² iomain.

mar a chaidh a togail leis na sìthichean. Bha i féin is a piuthar air Airigh, fada bho chòmhnuidh dhaoine. Thàinig i dhachaidh le eallach annlainn, is a dh'iarraidh ‘Biadh Airigh’. An àm falbh thog i ri bruthaich gu math moch, oir bha asdar mór aice ri dhol. Bha ’n latha blàth ’s an aimsir teth, agus thainig i gu bruach shocraich is shuidh is sios a ghabhail beagan socair; ach cha b’i ’n t-socair a bha feitheamh oirre. Na ’n robh de thùr aice na shuidh air cloich, cha b’ urrainn Sithiche no Fuath buntainn rithe; ach ’s ann an uair a bha e tuillidh ’s anmoch a chaidh so innseadh dhith. Cha robh i fada ’na stad nuair a dh’fhairich i bhi ’ga togail suas ’san adhar. Cha b’urrainn i facal a ràdh no laic¹ fhaicinn, agus ge do bha i air leatha féin a’ coiseachd, ’s ann air a’ ghaoith. Dh’ fhàs i fior sgìth agus, gus a bhi aithghearr, fhuair i i féin ’na seasamh air bruach locha nach fac i riamh roimhe. Thuig i gu math mar a thachair, agus ge do bha i air seacharan, bha i taingeil nach do leig iad os cionn an loch i. Cha robh beud no dochann oirre; ach bha i sgith, sgith. (Agus cha robh sin iongantach oir ’s mór an t-asdar a rinn i ’s i ’na cadal, agus ’s iomadh lòn is boglach air an deach i thairis, oir tha mi math eòlach ’s an asdar.) Cha robh fios aice nis cia ’n taobh idir a bha i gu dol. Ach an uair a bheachdaich i air a’ bheinn, thuig i gur ann an taobh so bu chòir an Airigh bhi, ge do bha i fad air falbh. Shuidhich i a cursa do réir a beachd is bha i siubhal gu mall nuair thug i ’n aire do sholus. Ars ise ‘gu’n seal E orm-sa ma tha iad a’ dol a thoirt coinnimh a rithist dhomh.’ Chunnaic i ’n solus a’ dol mu ’n cuairt is thug i fainear gu ’n robh e dol deiseal – ni nach dean solus shìthichean. ’S i bha ann an so, a piuthar a’ cur mu ’n cuairt leus air mullach cnoic; oir bha dùil aice gu ’n tigeadh i; agus, air dhith bhi anmoch, bha i gu nàdurach fo eagal gu ’n togadh na sìthichean i. Ràinig i le éiginn; ach bha i lathaichean mu ’n d’fhuair i sgòs nan sìthichean as a cnàimhean. ’S e ’s coslaiche gu ’n d’ fhàs na sìthichean sgith de ’n eallach fior luath; oir fhuaireadh cuid de na rudan a bha ’m boirinnach a’ giùlan, gu math dlùth do ’n àite an deach a togail. Ach fhuaireadh cuid

¹ priobadh, scalladh.

eile dheth fada bho 'n àite thall 'sa bhos air feadh na mòintich. Cha 'n eil fios an do shanntaich na sìthichean an guailleachan 'san robh an t-eallach an ceangal gus am feum féin; ach 's e aon ni tha cinnteach nach facas luideag riamh dheth as deidhe sin ...

(*The Celtic Annual* 1914: 27–28)

*

64. TOGAIL SHAIGHDEARAN AIR A' GHайдHEALTACHD, 1914

A réir àireamh a luchd-àiteachaidh thug a' Ghaidhealtachd cheana do'n arm na's mothà de dhaoine na cèarn eile de 'n rioghachd. Cha 'n 'eil sin 'na chuis-ioghnaidh, an uair a bheirear fainear an spiorad a tha dual do'n Ghaidheal, mar gu'm biodh e toinnte 'na inneach 's 'na dhlùth¹. Chual e a' ghairm an diugh aig àm a' chunnairt 's na deuchainn mar a chual a shinnisir e iomadh uair, agus cha d' fhuairear diùltadh àite 'na smuain. Abradh daoine mar a thogras iad mu'n Ghaidheal, ach, ann an aon seadh, mar a bhà e 's ann a thà e, agus, math dh'fhaoidte, 's ann a bhitheas e gus an traoidh am boinne-cinneadail as a chuislean; agus an caill e a bhith-air-leth, ma's e sin a dhàn. Cha bhiodh e idir taitneach gu 'n tachradh a bhàthadh ann an sruth càllachaidh an là an diugh, mór mar a tha sin air a mheas. A réir teagasc nam feallsanach, cha ghabh e ghné a' sgrios. Cha 'n 'eil cleamhns aig a' bhoinne dhiomhair ud ri ful choimheach.

Rinn a' Ghaidhealtachd gu duineil aig àm a' chàis seo, ach cha 'n urrainnear sin a radh mu chuid de na bailtean móra far am faicear gach feasgar lasgairean a sràidimeachd, agus piobag phaipear 'nan gob. Cò ach iadsan! Air son na sliomairean, agus na sgimilearan eile tha 'cumail air ais, cha 'n abair sinn ach gu'r bochd nach robh lagh air chois a chum greim a dheanamh orra, agus an cur gus a' champ ud far am bithear a' cur cumadh air an leithid, agus an deanamh deiseil airson an àite a ghabhail ri taobh nan laoch a tha 'dion dùthcha air a son-san.

¹ *toinnte 'na inneach 's 'na dhlùth* 'air fhilleadh na nàdar'.

Tha aon chèarn de 'n dùthaich a thug bàrr air na h-uile àite 'san rioghachd airson an àireamh a dh'fhàg i chun a chath; agus 's e sin 'Leòdhas bheag riabhach'. Cha 'n 'eil paraiste bho 'n Bhuta Leòdhasach gu croich na h-Earradh nach d' thug do'n arm duine as gach tigh. Tha 'n cunntas sgrìobhte an dubh 's an geal anns a phaipear Shasunnach ris an abrar, *The Times*; agus na'n deanadh bailtean móra is beaga na rioghachd cho math, bhiodh aig Breatunn aig a cheart àm seo, suas ri ochd mullean saighdear airson sgiùrsadh nan Gearmailteach! Bha na Leòdhasaich riamh calma – bu choingeis¹ leo muir seach tìr.

(*An Deo-gréine X*, Aireamh 3, 1914: 33)

*

65. CÀIRDEAN SLEAMHAINN, 1919

O cheann còrr is fichead bliadhna thuirt Mgr. Cunningham-Greumach nach b'aithne dha ach aon sa' Phàrlamaid de chàirdean na luchd-oibre nach gabhadh, a réir a bheachdsan, milleadh agus ceannach. B'e an t-aon sin Mgr. Keir Hardie. Tha sinn an diugh a' faicinn gu'n robh Mgr. Cunningham-Greumach ceart. Am measg mhealltairean lionmhòr, bha am fear ud a mhàin tréibhdhireach agus dileas. Cha ghabhadh e ceannach. Am bheil aon neach an diugh a' seasamh gu follaiseach mu choinneamh nan Gàidheal do'n gabh an cliù ceudna toirt? Ma tha a leithid so de dhream 'nar measg, tha an àireamh anabarrach beag. Air an làimh eile, tha e furasd amas air na h-uiread de chàirdean sleamhuinn sodalach a tha daonnaн ullamh gus am pobull a thréigsinn agus réite dheanamh ri Belial² ...

An aon de Eileanan na h-Airde n-Iar tha neach a sheas gu fearail gaisgeil ás leth nan croitearan o cheann còrr is dheich bliadhna fichead, an uair a bha cath dòn dìorrasach a' dol air aghaidh eadar tuath is tighearn. An uair a chuir

¹ bu choma.

² i.e. ris an diabhal.

Ard-uachdranachd Shasuinn luingis-chogaidh do'n Eilean Sgitheanach a chum mài ana-cuibheasach a thrusadh ás leth nan uachdaran, thuirt am fear so gu daingeann dàna nach robh e ceart feachdan na bàn-righ a chur an sàs 'na leithid de obair. Thug na briathran so oilbheum do bhòrd-uaine Lunnainn, agus chaidh ar caraid a ghlacadh agus a sparradh am prìosan. An uair a fhuair e ma sgaoil, dé a thachair? Gun mhóran moille, cheangail e e féin ris a' Bhuidhinn ud a chuir na luingis gu tuath an aghaidh an t-sluaign - a' Bhuidhinn Adhartach. Fhuair e mar dhréuchd a bhi 'na fhear-riochdachaidh aig na h-Adhartaich anns an Eilein, agus eadar sin is so chan eil nì air aire ach an dreuchd so a choimhlionadh gu dicheallach agus gu h-oidhirpeach. Chan eil neach anns na h-Eileanan is dealasaiche na e a chum Adhartaich a chur a staigh do'n Phàrlamaid, agus is gràineach leis iomradh a chluinntinn air còirichean nan croitearan. O cheann iomadh latha chaidh e thairis o thaobh a' phobuill gu taobh nan uachdaran. Dh' aidich e so gu saor soillear aig coinneamh a bh' air a gleidheadh an Dun-éideann air an 17mh de'n Chéitein so chaidh. So mar thugadh a chuid bhriathran a sìos le *Herald* Għlaschu: 'I am as good a Radical as any, and I am sitting here beside Lord Lovat.' Bha'n fhìrinn aig an fhad so¹ - gu'm bheil e cho math ri 'Radicals' eile, oir tha iad uile air an tearradh leis an aon mhaide. Tha iad uile air an *ceannach* - nì nach gabhadh deanadh air Mgr. Keir Hardie. Cha toireamaid uiread bheum do'n eileanach gleusda so nan d'innis e do'n phobull gu'n robh e dol 'gan tréigsinn agus dol 'ga liubhairt féin do na nàimhdean. Ach so nì nach d'rinn e. Tha e a' gabhail air fhathasd a bhi air an taobhsan, gun chaochladh, gun atharrachadh. Air a' mhodh so, chaidh aige air am mealladh ré còrr is fichead bliadhna. Ré na h-ùine sin, bha e 'gam breugadh le geallaidhean pailte. Ré na h-uine sin, cha d'rinn e fiach tasdain a chum an cor a chur am feabhas no cumhachd nan uachdaran a chur an lughad. Reic e e féin ris na h-Adhartaich air shaor chùnnradh, agus, gu firinneach, tha a thuarasdal aige. Air son aon nì, ma chaill e meas

¹ bha an fhìrinn aige an uair seo.

agus deagh-ghean an t-sluaigh, fhuair e cead suidhe air uairibh le ‘Lord Lovat’ agus cead nan litrichean luachmhor, O.B.E., a chur sios an déigh a shloinnidh ...

(*Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 3, 1919: 302–03)

*

66. CÒ A THOGAS NA TAIGHEAN URA? 1919

Anns an àireamh ma dheireadh thuirt sinn nach robh am beachd na h-Ard-uachdaranaichd aon pheighinn a thoirt seachad a chum taighean luchd-oibre ùra a chur suas. Thuirt sinn gu’n deachaidh geallaidean pailte a thoirt seachad aig an Taghadh Choitcheann, ach nach robh dòigh no rathad air an coimhlionadh. Thuirt sinn gu’m bu chainnt mheallta a bhi ag ràdh gu’n toireadh Mgr. Lloyd-George agus a chàirdean anabarr airgid seachad do bailtean air son fàrdaichean ùra a sholar do’n phobull.

Tha an fhiosachd a rinn sinn o cheann thrì mìosan a’ tighinn cheana air a cois. Tha geallaidean somalta na h-Ard-uachdaranaichd a’ teannadh ri tuiteam gu neo-bhrìgh. Tha e soillear gu’n robh iad air an stéidheachadh air a’ ghainneamh, agus nach b’ann air a’ charraig. Do na bailtean is lugh a tha e ro dhuilich no mì-chomasach taighean a thogail le airgead réidh. Tha e duilich dhaibh suimeanan freagarrach a fhaighinn an iasad, agus cha chomasach do’n Stàid an cuideachadh. Tha an Ard-uachdaranaichd a nis a’ tighinn air a h-aghaidh agus ag ràdh nach gabb an obair deanamh air an dòigh a chomharraich i am mach, agus gu’m feum i socrachadh air rian eile. Tha i nis a’ cur roimhpe dol an ceann-còrdaidh ris an luchd-togail, agus misneach a thoirt dhaibh gu dol air an aghaidh mar a chleachd iad a dheanamh san àm a chaidh seachad. Tha iadsan ris na taighean a chur a suas, agus, an uair a bhios iad ullamh, théid an ceannach uatha le comhairlean nam bailtean. Tha’n so againn aon eile de gheallaidean an Taghaidh Choitchinn air a thilgeadh thar na cliathach. Bha e air iarraidh oirnn a chreidsinn, mar an ceudna,

gu'n rachadh an Kaiser a chrochadh agus gu'n rachadh a thoirt air a' Ghearmailt agus air an Ostair gach sgillinn de chosdais a' chogaidh a dhìoladh.

Co aige a tha a' choire taighean a bhi cho ro ghann agus cho duilich a thogail? Tha gun teagamh aig Mgr. Lloyd George. Deich bliadhna roimh'n chogadh spàrr e cisean troma air taighean an àite an cur, mar bu chòir dha, air an talamh air am bheil iad a' seasamh. Is e a thachair sa mhionaid gu'n deachaidh sgur de thaighean a thogail, agus eadar sin is so bha an luchd-ceird leth-dhiomhanach.

(*Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 4, 1919: 392)

*

67. FORTAIN À FARAILHEAN, 1919

Ma bha'n cogadh a bh'ann 'na chall do chuid, bha e 'na bhuannachd nach bu bheag do chuid eile. Am measg na feadhna a bhuidhinn gu h-anabarrach tha iadsan a tha'n seilbh air luingis agus bàtaichean. Ged a ghabh an Stàid da h-ionnsuigh féin riaghladh nan rathaidean-iaruinn cha do ghabh i gnothach ris na luingis.

Dé a thachair an lorg na clearbachd so? Phàigh i do luchd-nam-bàtaichean ré a' chogaidh uiread airgid is a cheannachadh gach long bheag agus mhór san rioghachd iomadh uair thairis, 'nan robh iad air am meas aig prìsean reusanta. Cha deachaidh riamh barrachd de struidheas agus de ana-caitheamh a dheanamh 'na rinneadh sa' char so.

Ré na ceud dhà bhliadhna de'n chogadh thàinig probhaid luchd-nam-bàtaichean gu £300,000,000, an déidh gach cìs agus gach sgillinn cosdais eile a bhi air an coinneachadh. Anns an ùine cheudna, chaidh £300,000,000 a chuir ri earras na muinntir so. An lorg na h-ìre gun choimeas gus an do dhìrich faraidhean, dh'fhàs gach bathar agus goireas cho cosdail is gur gann a ghabhadh iad ceannach. Bha aig an t-sluagh ri muillionan a

phàigheadh thar a chòir a chum is gu'n rachadh pòcanna luchd-nam-bàtaichean a lìonadh. Fad 1917 agus 1918, am feadh sa bha na Gearmaillich a' cur fodha ar cuid luingis agus a bha sinn a' fàs gann de bhiadh, bha ar n-Ard-uachdaranaichd a' pàigheadh do luchd-nam-bàtaichean ás leth gach luing a bh' air a cur fodha a deich luachan, agus sin saor o chìs no càin. Thàinig an Stàid, mar so, gu bhi a' ceannach, cha b'e na longan fèin, ach a mhàin an tanaisg. Cheannaich i iad an déidh iad a bhi air an call. Bha sinn gu minic a' cur am mach £2,000,000 gach seachdain anns an rathad so. Rinn luchd-nam-bàtaichean fortain – fortain ris nach robh dùil no fiughair aca riámh roimhe – ach chaidh gach sgillinn a fhuair iadsan a tharruing á sporain a' phobuill.

Tha an Stàid miodhar gnù gu leoir ma shirear oirre beagan mhiltean a chur am mach a chum cobhair a dheanamh air muinntir bhochd no air luchd-oibre. Tha i fialuidh, aoidheil, an uair a gheibh i cothrom air muillionan agus ficheadan muillion a shìneadh thairis do luchd-an-earrais. An iongantach buaireas a bhi air feadh na dùthcha?

(*Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 1, 1919: 104–05)

*

68. NA CROITEARAN AGUS AN TAIGHEAN, 1919

Ma tha e a' fairtleachadh air an Ard-uachdaranaichd taighean ùra a chur suas air son a' phobuill, tha aon dream 'n ar measg a tha glé choma. Is iad so croitearan na Gàidhealtachd. Fo'n rian a chaidh a tharruing am mach, bhiodh acasan ri an cuid a phàigheadh de chosdais nam fàrdaichean a rachadh a thogail, ach a thaobh taigheadais bha iad fèin ri mairsinn ceart mar a bha iad. Chan eil so duilich a mhìneachadh.

Air feadh na Gàidhealtachd chosdadh taigh de'n t-seorsa th' air an sònruachadh mu thimcheall £1000. Tha'n t-airgead so ri fhaighinn air riadh aig $5\frac{1}{2}$ per cent. Bidh ri a phàigheadh gach bliadhna ás leth riadh agus calpa £55. Thig cosdais càraighean

agus riaghlaidh gu 2 *per cent.*, no £20 sa bhliadhna, agus, le so a chur ri £55, tha againn £75. Théid an taigh a shuidheachadh air fear-oibre aig ruith nam mèl is coitcheann sa chearna sam bheil e – their sin £13. Ris a so cuirear £1 7s a théid a dhìoladh a cìsean na sgìreachd. Tha £60 13s air a fhàgail gu bhi air a choinneachadh á sporan mórr nan rioghachdan. Tha so gasda do'n flear-oibre, ach chan eil an croitear air a chunntas am measg na dream sin. Shaoileamaid gu'n robh e cho airidh ri càch air cothrom agus deagh ghiollachd fhaighinn o'n Stàid, ach chan i so barail Mhgr. Lloyd-George agus a luchd-leanmhainn. Ann� a' char so tha an Ard-uachdarachd ag amharc air an tuath Ghàidhealaich mar chloinn dhìolain, agus chan ann mar chloinn dhliglich. Cosdaidh taigh a' chroitear a' cheart uiread ri taighean eile, agus bidh £75 ri a phàigheadh ás a leth gach bliadhna an aghaidh riadh, calpa agus cosdais, nach gabh seachnad. De'n t-suim so, cha téid a dhìoladh aon chuid á cìsean na sgìreachd no ás an Ionmhas Choitcheann ach a mhàin £15. Is e am mèl a bhios aig a' chroitear ri phàigheadh gach bliadhna £60, ach cha phàigh am fear-oibre air son a cheart leithid de fhàrdaich ach a mhain £13.

Tha againn an so an samhladh ceartais a tha air a thuigsinn agus air a chleachdad le càirdean a' phobuill an Ard-uachdarachd Shasuinn. An iongantach ged a tha na croitearan glé thoilichte an uair a tha iad a' faicinn oidhirpean nan 'Adhartach' a thaobh togail thaighean a tighinn gu neo-bhrigh agus culaidh-fhanaid.

(*Guth na Bliadhna XVI*, Aireamh 4, 1919: 392–93)

*

69. CLADH BHAILE NA CILLE, 1923

[Leis an Urr. Ailean MacCoinnich, Raoghaird]

Rinneadh Cladh Bhaile-na-cile, an Uig, Leodhas, iomraiteach leis an sgeulachd a tha air aithris mu Choinneach Odhar am

Fiosaire. Bha màthair Choinnich a' buachailleachd feadh oidhche air bruaich os ceann a chlaidh, agus anns an dubh-thràth thug i an aire do na h-uaighean a bhi fosgalte, agus na spioradan a' pilleadh do'n uaighean fa leth. Bha i cho dàna 's gun do ruith i sìos do'n chladh, ach an uair a rainig i na h-uaighean cha robh fosgalte dhiubh ach aon. Leag i an cuigeal a bha 'na làimh tarsainn air an uaigh, agus dh'fheith i gus am faiceadh i ciod a thachradh. Ma dheireadh chunnaic i spiorad a' deanamh direach air an uaigh, ach dhruid an cuigeal an rathad.

'Leig a-steach mi,' ars an spiorad.

'Cha leig,' ars a' bhan-bhuachaille, 'gus an innis thu dhomh ciod e a chum thu cho fad air dheireadh air càch.'

'Is mi,' ars an spiorad, 'nighean rìgh Lochlann. Bhàthadh mi agus thìodhlacadh mi an so, agus o'n bha agam ri dhol na b'fhaid as dhachaидh, bha mi air dheireadh a tighinn air ais. Agus a nis, o'n bha thu cho neo-sgàthach, so dhuit clach gheal, agus beiridh tu mac, agus bheir thu dhà a' chlach, agus leis a' chloich so chì e seallaidhean air nithibh a thig gu teachd as déidh so.'

Cha toil leam a bhi milleadh sgeulachdan gasda dheth an t-seòrsa so, ach 's fhearr an fhìrinn innseadh! Chan eil e sgriobtuirail a bhi smuaineachadh gu bheil spioradan nan daoine marbha a gabhail còmhnuidh maille ri cnàmhan marbha ann an duslach na talmhainn! Feumaidh gu robh na h-Iudhaich ceàrr ann a bhi smuaineachadh gu robh spioradan nan daoine marbha a' fuireach ceithir làithean còmhla ri'n cuirp as déidh am bàis.

Tha cladh Bhaile-na-cile comharrachte air son beagan de rudan eile cuideachd. Bha beagan shlatan dheth air a choisreagadh le Clann Mhic Amhlaidh – sìnsre Mhorair Mhic Amhlaidh¹ – air son àite dion, cho math ri àite adhlaicidh. Bha neach sam bith tearuinte an so a ruigeadh e mum beireadh a naimhdean air. Bha uiread do mhór-chuis ann an Clann Mhic Amhlaidh so agus nach feudadh duine a bhean fhéin adhlaicadh

¹ Thomas Babington Macaulay (1800–1859), duine mòr cudthromach san riaghaltas, a sgrìobh *The History of England* (1848–1855). Rinneadh Baron Macaulay of Rothley dheth an 1857.

anns an ionad naomha so, mur robh i de'n aon sloinneadh ri a fear! Ach dh'éirich fear là dheth na làithean aig an robh gràdh do bhean na bu treise no gélleadh gun bhrigh, agus dh'adhlaic e a bhean 'sa mhìr so de'n chladh gun taing do neach air talamh; agus riamh o'n là sin fhuair na mnathan an còraichean anns an uaigh!

Ach tha freumhag bheag de'n t-seann spiorad beò shathast. Thachair ann a bhi cladhach uaigh 's an àite so, air là àraidh, gu'm b'éigin clachan a thoirt as agus an tilgeadh air taobh a muigh gàradh a chlaidh. Luidh iad an sin gun fheum ùine fhada ri taobh gàradh lios a mhinisteir. 'S e Mac Amhlaiddh a bha na ghille-ministeir, agus a nuair a thuirt am ministeur ri Murachadh, 'A Mhurachaiddh, am bi thu cho math agus gu'n càirich thu an gàradh leis na clachan sin a tha nan luidhe gun fheum sam bith?' cha dubhaint Murachadh diog! Nuair a chaidh am ministear an rathad a rithisd bha an gàradh air a chàradh le clachan eile, ach bha na clachan coisrigte far an robh iad!

Bho chionn beagan bhliadhnaeachan bha seirbhisich ministear Bhaile-na-cile a' cumail a mach gu'n robh taibhseachan anns a chladh. Cha do chreid am ministear gu'n robh smid firinn aca. Ach aon oidhche gheal ghealaich bha e na sheasamh aig taobh a muigh an doruis, agus air dha sùil a thoirt air a' chladh chunnaic e bean na suidhe 'na mheadhon agus muidse¹ geal mu 'ceann. Cha robh an nì glé chneasda, ach cha do leig e dad air, air eagal gu'n rachadh na seirbhisich 'nam breislich. An ath oidhche bha a' chailleach anns an chladh! Lean i mar so fad na gealaich, ach an uair a d'fhàs an oidhche dorcha, cha robh robhas² oirre! Dh'fheith am ministear gus an d'thàinig a' ghealach ùr, agus an uair a thàinig co bha na suidhe mar a b'àbhaist ach cailleach a mhuidse?

'Ma tha,' ars am ministear, 'cha bhi mi nis faide eadar dha bharail.'

Ghabh e misneach agus theann e dlùth air a chladh, agus, an

¹ seòrsa de bhall-aodaich airson a' chinn, bonaid.

² brath, sgeul.

uair a theann, ciod e chunnaic e ach clach-chinn a chuir duine còir anns an sgìr suas mar chuimhneachan air a phàrantan da mhìos roimh an àm ud, a bha deanamh dealbh caillich ri solus na gealaich! ...

(*An Gaidheal* XIX, Aireamh 3, 1923: 38–39)

*

70. A' GHÀIDHLIG ANNS A' CHÙBAID, 1924

Is minic a chuala mi feadhainn ag ràdh, ‘Ged a thuigeas mi còmhradh Gàidhlig math gu leòr chan urrainn mi searmon Gàidhlig a thuigsinn.’ Agus tha sin fior. Tha iad pailt a labhras is a leughas a’ chainnt cho fad is a tha na facail cumanta. Bruidhnidh is leughaidh iad an càinain ma tha an còmhradh no an sgrìobhadh mu dhéidhinn gnothuichean coitchionn. Ach ann an searmon feumar gu tric cuid de bhriathran a chleachdadh nach eileas ag ùisneachadh an diugh an còmhradh. Is e so an t-aobhar nach tuigear searmon Gàidhlig leothonasan aig nach eil fathast ach beagan eòlais air a’ chainnt. Tha e soilleir uime sin gu bheil a’ chùbaid ’n a meadhon air iomadh facial a chumail beò nach biodh idir ri chluinntinn mur biodh iad air an cur gu feum anns a’ chrannaig. Is riatanach gu nochdamaid cho luachmhor is a tha alt an t-searmonaiche ann a bhi a’ teasairginn fhacal o bhi a’ dol air dì-chuimhne. Tuigear nach e so an t-àite airson leudachadh air brìgh an t-searmon eadardhealaichte o na briathran. Ach aig an am cheudna tha e ceart gun gabhamaid beachd air a’ chùbaid Ghàidhlig mar sheirbhiseach is mar chùltaince ann a bhi a’ cumail suas na càinain ’n a lànachd is ’n a fallaineachd ...

Rinneadh rosg Gàidhlig àiteachadh fada mun cualas mu rosg rinneil an cainntean ùra mar a’ Bheurla is a’ Fhrangais. Bha an seann rosg Gàidhealach ’g a shaothrachadh anns na sgeulachdan le filidhean is ollamhan. Ghabh luchd teagaisg an t-soisgeil an rosg rinneil sin mar bhonn is eisimpleir an cuid òraid. Chithear

so anns na searmoin Ghàidhlig a tha còrr is ochd ceud bliadhna de dh'aois, agus a tha air an clò-bhualadh anns an leabhar ris an canar *Passions and Homilies*¹. Riamh o linn Chaluim Chille bha searmonaichean Gàidhealach a' leasachadh na càinain, agus 'g a h-àrdachadh an loinn is an cumhachd. Cluinnear gu tric geairean² mu dhorchadas nan Linntean Meadhonach; ach anns na linntean sin cha robh a' chùbaid Ghàidhlig air a dearmad. Chum Eaglais an Ath-Leasaichidh ri deadh fhòghlum a cuid mhiniesteirean; agus bha a' Ghàidhlig anns a' chrannaig mar thobar fiosrachaидh a bha fosgailte a ghnàth do na h-aineolaich. B'àbhaist do ar càinain a bhi 'g a cleachdad le searmonaichean fòghlumaichte. Agus tha an t-iarratus sin fathast beò an inntinn an t-sluaigh. Chan éisd coimhthional Gàidhealach le foghaidinn no tlachd ri droch Ghàidhlig. Tha e mar fhiachaibh air gach neach leis an caomh a' chainnt gu 'n dean iad na dh' fhaodas iad le dùrachd is earail, a chum gum bi sgìrean na Gàidhealtachd anns a bheil Gàidhlig air a h-òrduchadh le lagh na h-Eaglais – gum bi na sgìrean sin a' faotainn luchd-teagaisg a chumas suas neart is maise na Gàidhlig anns a' chùbaid.

(*An Gaidheal* XIX, Aireamh 6, 1924: 81–82)

*

71. AN CEANN AG ITHE NA MARAIG, 1925

Uair de robh an saoghal bha sud ann ceistear fileanta, aig a robh sruth bhriathran a bha anabarrach. Cha robh neach a dh'éisdeadh ris nach biodh làn iongantais ciamar a b'urrainn e leantainn gun tàmh fad uair an uaireadair is còrr. Mur tugadh an luchd-éisdeachd deagh aire do na theireadh e cha bhiodh an ceistear ach diombach; agus cha cheileadh e idir a dhiomb, oir dh'innseadh e dhaibh an làrach nam bonn ciod e bha e a'

¹ Robert Atkinson, *The passions and homilies from Leabhar Breac*, Baile Atha Cliath 1887.

² i.e. gearan.

saoilsinn dhiubh. Cha chualas riagh searmon cho annasach; oir dheanadh e iomradh le aon rot air gach nì bha tachairt o cheann gu ceann de'n dùthaich. Is iomadh cuspair air am buaileadh e mun sguireadh e. Cha robh fhios ciod an gnothuch air an toireadh e tarruinn leis an ath anail; agus mar sin bha déidh aig móran air a bhi ag éisdeachd ris a' cheistear, co dhiubh bha iad dùrachdach mu'n aobhar no nach robh.

Thàinig an duine comasach so gu gleann àraidh far an robh e gu coinneamh a chumail air an fheasgar. Chuireadh sanas a mach an deagh am, agus rinn gach creutair inbheach oidheirp air dol do'n éisdeachd. Bha bean anns an àite aig a robh teaghlach de bhrogaich¹ bheaga a' dol do'n sgoil. Dh'fhàg a' bhean chòir poit eanraich air teine, air chùram Dhòmhnuill bhig. Ciod a bha anns a' phoit ach ceann is casan caorach, agus marag mhór anns a robh toirt is taisealadh². Bu mhinic a chuir a leithid sin de bhiadh feòil òg mu chnaimh do ar n-aithrichean. Tha òigridh an latha an diugh a' tighinn beò air biadhannan air nach robh ar sinnis eòlach. Bha uair ann agus bha toradh nàdurrach na dùthcha a' cumail lòin ris an t-sluagh; agus an uair sin bha iad paitl cho fallain, cho sona, cho saibhir agus cho liòn-mhor is a tha iad a nis. Ach co dhiubh fhuair Dòmhnull beag òrdugh teamn, cho luath is a ghoileadh a' phoit, gun tugadh e faothachadh do'n mharaig, le bhi a' stobadh bir caol cruadhach innte an dràsda is a rithist air eagal mu spreadhadh i leis an teas. Bha teine mònadh air ùr fhadadh. Cha tug an teine fada air gabhail gu sunndach, agus chuir sud a' phoit air ghoil. Thòisich a' mharag is an ceann air ruith a chéile. Cho luath is a thigeadh an ceann an uachdar air an dala taobh, rachadh a' mharag an iochdar air an taobh eile.

Cha ruigear a leas a bhi ag ràdh gu robh so'n a aobhar gàire do'n chloinn. Thòisich iadsan air leumraig agus air glaodhaich mu thimchioll na cagailte – fear a' tabhairt misneach is moladh do'n cheann, agus fear eile a' sior bhrosnuchadh na maraig. B'e Dòmhnull beag bu righ air a' chluich. Ach cuairt a bha sud cha

¹ balaich thapaidh.

² brìgh is susbaint.

tàinig an ceann no a' mharaig an sealladh car greise. Is ann a dhearmaid Dòmhnull an earail a chaidh fhàgail aige, bir a chur anns a' mharaig gus an toit theith a leigeil mu sgaoil. Gu mi-fhortunach le dian theas an teine spreadh a' mharag air grunnd na poite. Dh'fhuirich an ceann gu h-iosal car tiota; ach mu dheireadh thàinig e nìos is làn a bheòil aige de'n mharaig. Bha na balaich bheaga an dùil gur ann le fuath a rinn an ceann gnìomh cho dona. Ghabh iad a nis fearg ris a' cheann; agus chan fhaca Dòmhnull beairt a b'fheàrr no ruith mar a bheatha far a robh a mhàthair anns an tigh leughaidh. Is minic a bheachdaich sinn an uair a tha aireamh sluaigh an suidheachadh sòlumta gur beag an nì neònach a thogas an aire gu sùil a thabhairt air an dorus. Tha so fior gu sònruichte ma tha fear labhairt ann cho mór as fhéin ris a' cheistear. Bha an duine sin cho goirid anns an nàdur is nach seasadh e drabadh¹ sam bith; agus faodar a bhi cinnteach nach b'i an fhàilte a b'fheàrr a thug e do Dhòmhnull beag aig an am. Cha robh Dòmhnull fada a' ruigheachd an àite anns a robh an ceistear; agus ged a bha an cainntear deas bhriathrach sin cho àrd labhrach ri beul uisge air aonach cas, cha do chuir sud eagal no tilleadh air Dòmhnull. Is ann a ghabh mo laochan a steach am meadhon a choimhthionail ag éigeach le guth àrd cabhagach, 'A mhathair, a mhathair, thigibh dhachaидh gu luath. Tha an ceann ag ithe na maraig – thigibh dhachaïdh gun dàil ar neo cha bhi greim air fhàgail de'n mharaig – tha'n ceann ag ithe na maraig.'

Leis an ùpraid is an othail a bha ann chaidh an coimhthional gu aighir is mi-riaghait. Cha robh comas aig a' cheistear, a dh'aindeoin a chuid càinidh, air rian a ghleidheadh ni b'fhaide. Bha buaidh an latha gu tur aig Dòmhnull beag; oir bha dùrachd is dànaichd air leth anns a' ghuth àrd ghlan leis an do ghlaodh e a rithist agus a rithist – 'tha an ceann ag ithe na maraig, tha an ceann ag ithe na maraig.'

(*An Gaidheal* XX, Aireamh 11, 1925: 161–62)

¹ grabadh, bacadh.

*

72. AN CEÀRD AGUS AN TUIL, RO 1926

[Le Sèine Fhriseal (1830–1926), bean Aili MhicCoinnich à Tomaich, Giùthsachan, Srath Glais; air a sgrìobhadh le Seòras Coinnich, Baile Lùib, Dabhach iar Cheasaig, Eilean Dubh Rois]

Air là modarra gnùgach¹, thàinic ceard no ràideach² tre Bhail Inbhir Fharrair, agus ghabh e slighe Shrath-glais. A réir gach uile choltais, bha sileadh trom ann gu siar fad an là, agus e sin a sìor-thighinn gu sear. Tra³ thàinic ciaradh an fheasgair, thàinic an t-uisge. Rinn an duine air sobhal croite, ach mhothaich an croitear dha, agus cha leigeadh e a steach e, air eagal gun cuireadh e an sobhal na theine. Ghabh an duine roimhe, ach mhothaich e mulanan⁴ feòir, an achadh beag, eadar an rathad agus an abhainn, agus mulan a bu mhó na càch fagus do⁵ bhruach na h-aibhne. Air dha seolltainn⁶ nach robh e an radharc⁷ a chroiteir, thàr e⁸ bhàn⁹ da ionnsaigh. Thog e leth uachdarach a mhulain, agus phut e e fèin, casan air thoiseach, am meadhon a mhulain. Le cudrom an fheòir os a chionn, bha e blàth agus tioram, agus chaidil e fad na h-oidhche mar sin.

Re na h-oidhche sin, leis an trom-shileadh roi-ràite, gu siar, thàinic a nuas nan dìlinn, Aifric, Deathag, Canaich, Glas, Farrar, agus gach allt agus caochan a rinn comar riù. Dh'éirich abhainn na Manachainn da réir, gu airde neo-abhaisteach. Thàinic Abhainn na Manachainn thar a bruaichean, agus thug i leithe, a measg ioma nì eile, am mulan feòir sin, agus an duine na bhroinn, agus sios gu Poll an Ròid leo. Siar, gu beag, o an chroit, far a robh an duine sin bha, agus tha, eas agus creagan agus cunglach

¹ dorcha gruamach.

² fear-fuadain, fear-siubhail.

³ nuair a.

⁴ mulan ‘cruach bheag, goc’.

⁵ faisg air.

⁶ sealltainn.

⁷ am fradharc.

⁸ ghabh e roimhe.

⁹ sìos.

stainnte¹. Cha rachadh mulan feòir troimh sin. Ach gu sear, cha robh a leithid ann idir.

Dhùisg an ràideach sa mhaduinn, agus dh'amhairc e a mach, gu tòidheach², fheuch am faigheadh e as gun dul³ an radharc a chroiteir. Chunnaic e sàil⁴ aig gach taobh, agus dh'aithnich e an Caisteal Ruadh air an dara taobh, agus Leantran air an taobh eile. Dh'aithnich e cuideachd, gu robh e seoladh a mach le traghadh na mara, agus leis a mhulan a sgaradh o cheile, gu mall ach gu cinnteach, cha ruigeadh e Ceasog, gun tighinn air Lochlann, no fiù Geob Moraibh. Thòisich e ri glaodhaich, agus fa dheire 's fa dheòidh, thàinic coit, no eathar, a mach o Bhaile Lùib, agus thugadh gu tìr e.

Agus thog e aghaidh ri Srath-glais a rìs.

(*Tocher* 33, 1980: 206)

*

73. NA B' AITHNE DHA, 1928

An am ceasnachadh na cloinne ann an sgoil araid, o chionn ghoirid, bha am fear-ceasnachaidh ag cur nan ceist air thuaimse, mar a thachradh dhaibh tighinn gu inntinn. Dh'fhaighnich e de dh'aon ghille ruadh a bha ann, cia meud latha bha ann am bliadhna, agus fhreagair an gille ruadh gu'n robh a seachd.

Cho luath sa fhuair fear nan ceist casg a chur air gaireachdaich nan sgoilearan eile, thuirt e ris a' ghille: 'Bliadhna a thuirt mise, 's cha b'e seachduin. Cia meud latha tha ann am bliadhna?'

Thainig coltas ionghnaidh air aodann a' bhallaich agus fhreagair e: 'Tha, Di-luain, Di-mairt, Di-ciaduin, Dior-daoin, Di-haoine, Di-sathuirne, 's Di-Domhnaich, direach a seachd. Ma tha an corr ann, cha chuala mise iomradh riamh orra.'

(*Fear na Céilidh* 1, Aireamh 1, 1928: 7)

¹ caolas cumhang.

² gu furachail, gu faiceallach.

³ dol.

⁴ sàl, am muir.

*

74. ADHARTAS NAN INNSEANACH AN CEAP BHREATAINN, 1928

Chaochail Innseanach aig bun na h-Aibhne Meadhonaich air an 6mh la de'n Mhart, fear d'am b'ainm Joe Paul, a bha air aois mhor a ruigheachd, ceud us da bhliadhna deug. An uair a bha am fear sin 'na phaisde, bha an t-eilean so an tomhas mor aig na h-Innseanaich dhaibh fhein. Cha robh imrich nan Gaidheal do Cheap Breatunn ach air toiseachadh gann fichead bliadhna roimhe sin, agus cha robh aca-san a bha air tighinn ach bearman beaga air an deanamh anns a choille an cois nan cladaichean. Thainig atharrachadh mor air cor nan daoine geala bhuaithe sin, ach tha na h-Innseanaich bhochda teann air bhi cho fad air ais sa bha iad riamh. Cha d'rinn adhartas na duthcha moran a chur na'n rathad-san idir.

(*Fear na Céilidh* 1, Aireamh 2, 1928: 10–11)

*

75. BUAIDH LEIS A' CHOMUNN, 1929

Chuireadh An Comun Gaidhealach air chois ann an Alba air a' bhliadhna 1891. Tha e mar run dha a bhi ag cumail suas 'ar canain 's ar ceol', agus tha cruinneachadh bliadhnaile aige ris an canar Am Mod. Chaidh beagan bhliadhnachan seachad gun am Mod a bhi air a chumail, ach b'e Mod na bliadhna so an treas fear deug a bha aca. Bha e ann am baile Pheairt a' cheud seachduin de dh'October, maduin Di-mairt gu oidhche Di-haoine. Bha sluagh mor cruinn, agus bha moran dhuaisean air an toirt seachad air son sgiobhadh, leughadh, labhairt us seinn Gailig, gu sonruichte air son seinn.

Bho'n thoisich na Moid so ri bhi 'cruinneachadh, rinneadh adhartas mor ann an seinn nan oran Gailig, air dhoigh ionnsaichte. Rinn an Comunn, mar an ceudna, obair mhor,

mhath ann a bhi 'faighinn na Gailig air a teagastg anns na sgoilean, air sailibh am bi an oigridh a' fas suas comasach air an canain fein a leughadh 's a sgriobhadh. Chuir An Comunn a mach aireamh de leabhraichean a tha an da chuid taitneach agus feumail. Tha e moran na's usa do neach foghlum Gailig a thoirt a mach an diugh na bha sin mu'n do shuidhicheadh An Comunn.

Ma tha coire ri fhaotainn do'n Chomunn, is e gu'n robh e bho thoiseach a' leigeil a thaic gu mor air luchd na Beurla; agus gu'm bheil a gnothuichean fhathast air an cur air adhart ann an doigh a tha tuilleadh us Gallda. Tha gearain air sin ri fhaicinn, uair us uair, anns a' phaipeir a tha an Comunn fhein ag cur a mach; agus is math gu'm bheil. Chan eil moladh a's fhearr air a' Ghailig na a bhi 'ga cleachdad. Gheibh i barrachd cuideachaidh bho aon duine a bhruidhneas i gach uair a gheibh e cothrom na gheibh i bho dha dheug a bhios daonnan 'ga moladh ann am Beurla, no an cainnt eile. Buaidh leis An Chomunn!

(*Fear na Céilidh 2*, Aireamh 4, 1929: 26)

*

76. NA H-ORDUIGHEAN, 1944

Thug mo charaid, ministear Eaglais Mhór a' Chealla, cuireadh dhomh mi thighinn 'ga chuideachadh aig na h-Orduighean air an treas seachdain de 'n Og-mhios so chaidh. Ghabh mise ris a' chuireadh sin, agus bha mi glé thoilichte sin a dheanamh, chan ann a mhàin air son mo charaid Mgr. Moireasdan, Ministear na sgìre, ach air son mo chairdean is mo luchd-dàimh, on is e so sgìre mo bhreith is m' àraich.

Tha mi ag creidsinn nach 'eil na h-Orduighean air an cumail an àite sam bith eile a nis cho eudmhor, agus cho seasmhach ris an t-seann dòigh 's a tha iad an Leodhas agus feadh nan Eileana Siar eile, mura h-eil fior chorr àite. Is e sin a tha toirt orm innse an so dìreach mar a thachair air an turus so a bha mi an Uig, sgìre mo cheud eòlais. Tha e ceart agus iomchuidh gum biodh fios agus iomradh cinnteach againn air mar a bha na Gaidheil o

chionn iomadh linn ag cumail na cuirme sòluimte so, agus mar a tha iad fhathast 'ga cumail an corr àite.

Bha ceathrar mhiniștearan againn ann – ministear a' Chealla fhéin, agus ministear Cheann Langabhat, ceann eile na sgìre, ministear Eilean Bheàrnaraidh, agus mi fhein. Bhatar 'ga mo chunntadh-sa mar choigreach, no mar strainnsear mar a their iad fhéin, seach gum bu mhi a b' annasaiche do 'n t-sluagh, agus mar sin bha cudthrom na h-obrach air a leagail orm.

Tha na seirbhisean a' tòiseachadh air Di-ardaoin, ach tha iomadach ullachadh 'ga dheanamh air Di-ciadaoin, agus toiseach na seachdain, fa chomhair chairdean a dh' fhaodas a bhith tighinn á sgìreachdan is á bailtean eile. Chan 'eilear ag cur làmh an obair sam bith fad an Orduigh ach banas-tighe, mura h-eil obair a dh' fheumas a bhith air a deanamh, mar a tha sealltainn an deidh spréidh, agus crodh a bhleogha agus eadradh¹, 's a leithid sin. Tha seachdain an Orduigh – 'se sin bho Dhi-ardaoin gu Di-luain – air a toirt seachad a mhàin chum nithean cràbhaidh is spioradail.

Tha dà shearmonian san Eaglais air Di-ardaoin. Shearmonaich mi fhein air meadhon-là innte, agus bha an coimhthional an lathair as gach ceàrnaidh de 'n sgìre, cuid dhiubh cho fad as ri naoi mìle bho 'n Eaglais. Bha am ministear eile nach buineadh do'n sgìre air ceann na seirbhisean san Eaglais air an fleasgar, agus chaidh mise agus bha coinneamh agam ann am bailtean a bha eadar naoi agus deich mìle air falbh bho 'n Eaglais. Bha mór shluagh a muigh aig gach seirbhise ged is e so toiseach an Orduigh, agus gur h-ann nas mothà a bhios an coimhthional a' fàs.

Is e Di-ardaoin, ma tha, Latha Traisg, no latha irioslachaidh, agus tha seirbhisean an latha air an òrdachadh a chum agus gum bi an sluagh 'gan irioslachadh fhein an lathair Dhé, agus fa chomhair sàbaid Comanachaidh. Tha ainnm fa leth aca air gach latha de 'n Orduigh, a reir is mar a tha gach latha a' freagairt ri feum is suidheachadh spioradail an t-sluaign. Tha Di-ardaoin mar a dh'ainmich mi 'na latha irioslachaidh; agus is e Di-haoine

¹ a chur dhan bhuaile.

Latha na Ceist, no latha ceasnachaidh, no rannsachaidh, nuair a tha cothrom aig an t-sluagh air iad fhéin a cheasnachadh, no a rannsachadh fa chomhair Bord an Tighearna. Is e Di-sathurna Latha Ullachaidh fa chomhair sàbaid Comanachaidh. Agus is e latha na sàbaid Latha Comanachaidh, agus Di-luain Latha Taingealachd.

Tha aoradh is seirbhisean gach latha de 'n Ordugh chum a bhith neartachadh creideamh, agus ag ùrachadh gràidh, agus a' meudachadh eòlais an t-sluagh air am Fear Saoraidh. Is e féisd spioradail a tha so os cionn gach nì. Tha an cois sin ann, gun teagamh, ùrachadh cairdeis, agus ath-aithne air eòlach am measg feadhainn á sgìreachdan eile. Tha rithist tadhail eòlach is chairdean anns na bailtean as fhaisge air an Eaglais far am fuirichear eadar dà shearmon. Chan 'eil gainne air coibhneas is fialaidheachd; an dubhaint seana bhean chòir, 's i 'na seasamh aig dorus na h-eaglaise: 'Thigibh còmhla riumsa, tha tigh agam a ghabhas a' fichead, agus tha cridhe agam a ghabhas ceud.' Tha naidheachdan chairdean is nan eòlach ann, agus gach ùrachadh a tha an cois sin, agus eadhon naidheachdan an t-saoghal mhóir; ach os cionn gach nì eile is e tha so féisd naomh, agus tha aoibhneas sonraichte, aoibhneas eadar-dhealaichte bho aoibhneas eile an cois an Orduigh. Chithear sin gu soilleir an gnuisean is an giùlan an t-sluagh, do neach a thuigeas e. Tha sin 'ga fhàgail furasda do 'n Mhinistear a theachdaireachd a liubhairt, agus aoradh a chuairteachadh, aig ám Orduigh.

(*An Gaidheal* XXXIX, Aireamh 12, 1944: 133–34)

*

77. FÈILL CHEANN A' GHIÙTHSAICH, 1952

[Air aithris leis a' Bhean-phòsta NicGriogair, Tromie Mill, An Innis, Siorrhachd Inbhir Nis, an 1952]

Oich! bha mi ann tric. Bha mi ann dar a bha mi òg is bha mi ann gus na stad iad. O! 'se latha mór a bhiodh ann sin. Bha stallachan

sios o Drochaid Ghuibhneag sìos go móran thairis air teis miadhoin a' bhail'. Well bhiodh... feirmeirean a' tighinn is bhiodh caileagan is proitsich ann. Bhiodh iad a' tighinn a Blàr Athal 'gan còrdadh¹ is ó! bha iad uamhaidh déidheil air na proitsich air son a bhith a' buachailleachd is na caileagan air son searbhanan. Is bhiodh na feirmeirean feadh seo fhéin ann. Chan fhaigheadh bànn-searbanta ach trì nòtachan no theagamh dà nòt anns an leath-bhliadh agus theagamh nach fhaigheadh na buachaillean thar nòt.

Aig na féilltean bhiodh iad a' toirt *fairings* dha na caileagan, *sweeties*. Bhiodh na *sweeties* air stangachan² a mach. Bhiodh bascaidean aca cho mór is bhiodh iad a' fàgail nam bascaidean aca am bùth dar a gheibheadh iad gràinn³ de na *fairings* a staigh, gan cur 'sa 'bhascaid. Och, mo chreach! feedhainn bheag' mar a bha mise, cha robh sinn a' faighinn aon. Dar a bha sinn a' fàs suas bha sinn 'ga faighinn an uair sin.

Na cailleachan adag, bhiodh iad ann sin is stangachan aca. Bhiodh iad a' tighinn a Nairn. Adagan aca – chan fhaca mi riagh nì aca ach adagan. Bha bùrn an uair sin air an t-sràid am *pumps*. Bha móran taighean is tugadh fraoch orra. Bha dà fhéill ann 'sa' bhliadh, féill ann a *May* agus féill ann a *November*, féill Màrtainn.

(*Tocher* 40, 1986: 246, 233)

*

78. MANA AN NISICH, 1953

Le Iain Moireasdan

Bha e 'na chleachdadhdh aig na Nisich o linn Oisein a bhith dol a dh'eilean Shùlaisgeir, le sgothan fosgailte, a dh'iarraidh

¹ gam fastadh.

² stàilichean.

³ meud.

ghugannan. Tha Sùlaisgeir suas ri dà fhichead mìle tuath is an ear-thuath air Rubha Robhanais. Chan eil an t-eilean ach leth-mhìle bho cheann gu ceann, agus tha e dà cheud troigh os cionn na mara. Chan eil bàgh ann anns an gabh eathar tìr, agus is ann suas aodann na creige aig iochdar geodhaidh a tha na h-eathraichean air an tarruing ...

Is tric a ruith sgoth gu math caol ag iarraidh nan gugannan. Chaidh an dàrna té de na h-eathraichean am bliadhna a chall aig an eilean, agus an ceathrar Mhoireasdanaich a bha innse fhàgail am measg nan sùlairean gus an tug eathar-sàbhalaidh Steòrnabhaigh cobhair dhaibh an ceann ceithir latha. Chothaich an t-éile – Mairi Dhonn a Beàrnaraidh – troimh fhairge air leth le ochd ceud guga gus an tug i mach Steòrnabhagh. Mus do chuir i Abhainn Ocaisgeir as a déidh, is iongantach mur robh Niseach agus Uigeach ag aontachadh le facail Mhic an t-Srònach ‘Nan gleidheadh tusa beanntan Uige, ghleidheadh beanntan Uige thusa.’

Cha robh eathar Shùlaisgeir ann an 1912 fada air fágail an uair a thainig stoirm neo-chumanta. Bha an sgìre ann an teagamh an do ràinig iad sàbhailte. An uair bu choir dhaibh tilleadh, cha do thill. Chaidh am bàta-freiceadain (am fishery-cruiser) a chur chun an eilein ach chan fhaca i sgoth no duine. Ann an ceann mìos, thill na Nisich gu am ‘bantraichean’ le sgoth mhath ghugannan, agus na bailtean an déidh an tighean-faire a chur seachad.

Chaidh dhà no trì chuairean a bhriseadh ann an sgoth eile ri fasgadh Eilean Shanndaidh agus a’ ghaillionn air breith oirre anns an Stac.

Cha tainig call air muinntir Shùlaisgeir riamh ach aon bhliadhna agus tinneas aithghearr air fear aca thoirt a mach – Alasdair Moireasdan a Dail fo Thuath.

A dh’aindeoin gach gàbhaidh anns an robh an Niseach, cha tainig air riamh an rud a rinn an Hiortach a dhèanamh an uair a għlas droch shide e ann an Stac an Armuinn; rinn e dubhanan de na sginean airson breith air iasg a chumadh beò e ...

Cha bu rud annasach uaireigin do dhà no trì mhìltean guga bhith tighinn do'n sgìre a h-uile bliadhna. Thug am 'Pride of Lionel' 'na h-aonar dhachaidh bliadhna dà mhìle is seachd ceud guga. Is iongantach gum bheil uibhir de chluasagan glasa ann an sgìre 'san domhain is a tha ann an sgìre Nis.

A rèir coltais, bha na Hiortaich a' dol na bu neimheile chun a' ghuga na bha an Niseach fhéin. An uair a bha Màrtainn Màrtainn ann an Hiort, bho chionn còrr is dà cheud bliadhna gu leth, bha na naoi fichead duine bha 'san eilean ag ithe sia ceud is dà mhìle fhichead sùlaire 's a' bhliadhna. Nach ann aca a bha an latha dheth!

Tha cuid a' faighinn coire dhuinne an diugh airson gu bheil sinn ag ithe eun blasda. Chan eil sinne ag ithe an diugh ach am biadh a bha air bòrd an rìgh an dé. B'e sia sùlairean anns a' bhliadhna am mèl a bha air a phàidheadh do'n rìgh airson a' Bhass Rock.

Tha an guga measail fhathast. Cha chanainn nach eil cuid aca air an èàrrlaiseachadh¹ mus tig iad as an ugh. Có-dhiùbh, tha earrainn mhath aca air an èàrrlaiseachadh mus tig iad as a' chreig. Cha luaithe thig eathar Shùlaisgeir dhachaidh na chithear Nisich as gach ceàrnaidh a' falbh bho tighinn an sgioba le drannag². Mios as déidh sin, cha cheannaicheadh òr na h-Ophir³ spòg ann an sgìre Nis.

Tha an guga a' dol nas fhaide air falbh air a' phost na tha an sùlaire air an sgéith. Chan ann a mhàin eadar Tigh nan Cailleachan Dubha an Uig agus Tigh Mhic Dhùghaill an Nis a tha iad air an ithe, ach ann an tìrean céine anns am bheil Nisich a' gabhail còmhnaidh. Is minig a dh'fhairich cailleach uasal ann an Glaschu, fàileadh 'na tigh fhéin air nach robh i eòlach!

Tha càil an Nisich cho fosgalte do'n ghuga 's a tha càil an Hiortaich do'n eun-chrom. Canadh coigrich na thogras iad, ach is e an guga annlan a' bhuntàta. Chan fhaca an Niseach a' chearc

¹ tòoradh, tiormachadh san àdh.

² ultach.

³ Faic, mar eisimpleir, I Rìghrean 9: 28.

sin air truinnsear a b' fheàrr leis na guga air asaid¹. Cha bhiodh féidh Dhiùra, càis Cholla, tonnagan an Rubha, no bughaidean Tholastaiddh ach mar shealbhag² ann an sùilean an Nisich taca ris a' ghuga għlas.

(*Gairm* 2, an t-Earrach 1953: 15–18)

*

79. AN DUINE AGUS NA CREUTAIREAN, 1954

Le Domhnall MacLaomainn³

Uaireigin an uiridh bha mi a' bruidhinn ri ban-choimh hearsnach a bha a' biathadh cearc-ghuir air an robh naoi no deich de bhigeanan. Bha sinn 'nar seasamh air réidhlean gorm aig ceann an tighe, agus anns a' bhruidhinn a bha againn, an deidh dhi am biathadh, thàinig faoileann agus beiridh i air fear de na bigeanan, is falbhar leis. Thachair an rud cho grad, is bha an fhaoleann air falbh cho clis 's gun deachaidh sinn le chéile 'n ar breathall⁴, agus leis an aimlisg⁵ a thàinig orm, cha do rinn mi uiread agus am bata a thilgeadh oirre. Ach nan cluinneadh sibhse an càineadh agus am mallachadh a rinn am boireannach ud agus mi-flhéin air an fhaoilinn! Thuirt sinn ri chéile gum b' uamhasach an rud a rinn i; nach robh innte ach creutair mosach an-iocdhdmhor, agus nach b' fheàrr i dad na na daoine dubha a bhios ag itheadh nan soisgeulaichean a chuirear thuca.

An sin thug mo bhan-charaid a stigh mi a ghabhail greim suipearach còmhla riutha, mun rachamaid suas do 'n choinnimh-ùrnuigh, ach, an uair a shuidh sinn aig a' bhòrd, agus sinn fhastadh a' cur sìos air an fhaoilinn, thàinig an smuain so 'nam

¹ mias, truinnsear.

² priobadh, faoineas.

³ Domhnall MacLaomainn (1874–1958) à Tiriodh, a bha na mhinistear an Gleann Urchadain agus am Blàr an Athaill, agus a bha air fear de na sgrìobhadaircean roisg Ghàidhlig a b' fheàrr.

⁴ nar tuineal.

⁵ leis a' bhreislich.

inntinn, nach robh annainn ach Phairisich a bha 'gar mealladh fhéin, a' sioladh na meanbh-chuileig agus a' sluigeadh càmhail, *oir ciod a bha air a' bhòrd ach coileach mór reamhar a mharbh a' bhean chòir air ar son, le a dà làimh fhéin, direach mar a mharbh an fhaoileann am bigean le a gob fhéin!*

Ghabh mise mo chuid fhéin de 'n choileach, agus dh' ith ise crioman dheth cuideachd, ach, cha d' aidich aon seach aon againn nach b' fheàrr sinn dad na'n fhaoileann, oir bha seòrsa de chàirdeas eadar am boireannach agus an coileach, no co-dhiùbh, bha eòlas maith aca air a chéile, oir is e a làimh a bheathaich e o bha e 'na bhigean. Cha robh aice ach *Diug*, *Diug* a ghlaodhach, agus ruitheadh e 'na còmhdhail gu toilichte, ach latha de na làithean a ruith e 'g a h-ionnsaigh, gun eagal, gun amharus, rug i air is chuir i car 'na amhaich, is ithear e.

Sin agaibh lagh na machrach, agus lagh na coille, agus lagh na mara – 'a' bhéist as mothà ag itheadh na béisête as lugha' ach, ged nach toigh leinn aideachadh tha an lagh ceudna so a' riaghadh beatha chloinn-daoine. Agus rud glé neònach, chan eil an lagh no an seana-chleachdad so, a réir choslais, a' toirt oilbheum do reusan no do choguis mhic an duine. Tha ar reusan agus ar coguis air an teagastg air a' leithid de dhòigh 's gun toirmisg iad dhuinn nithean sònraichte a dheanamh nach eil idir nàrach no brùideil annta fhéin, ach, cha toirmisg iad dhuinn lamhachaslàdir eagallach a dheanamh air creatairean laghach neo-chiontach nach do rinn cron oirnn riamh.

Nam biodh coinneamh mhór air a gairm agus cuireadh air a thoirt do na creatairean uile a dhol innte, clearcan is crodh, is eòin is caoraich, agus nan cuireadh iad aon dhiubh fhéin anns a' chathair, abair seana choileach glic, agus nan iarradh iad air a bheachdan air clann-daoine a thoirt do dh' òigridh na coille agus na machrach, theagamh gu labhradh e mar so: 'O, a chlann ghaolach na machrach, na cuiribh ur n-earbsa ann am mac an duine oir tha a chridhe fuar agus cealgach, agus tha e cho seòltaris an nathair. Bruidhnidh e ruibh le briathran mìne, sliogaidh e sibh agus cnìodaichidh e sibh mar gum biodh gaol aige oirbh,

ach an uair nach saoil sibh, leumaidh e oirbh mar an tìgear, agus marbhaidh e is ithidh e sibh.'

Nam biodh agam-sa ri argumaid no òraid de 'n t-seòrsa sin a fhreagairt air beulaibh nan creutairean, chan eil fhios agam ciod a theorinn. Chan eil teagamh nach feuch clann-daoine ri iad fhéin fhìreanachadh le bhith ag radh gun tug Dia uachdaranachd dhaibh os cionn gach nì beò a ghluaiseas air an talamh. Ach chan eil anns an 'teachdaireanachd' so ach ainm bòidheach air an duais shaoghalta a choisinn clann-daoine dhoibh fhéin am measg chreutairean eile le 'n seòltachd agus le 'n innleachdas fhéin.

Dh' ionnsaich sinn anns an sgoil, an fhreagairt do 'n cheist so, 'Ciod i crìoch àraidh an duine?' ach nan robh e air fhaighneachd dhiot 'Ciod i crìoch àraidh daimh?' ciod a theireadh tu? An abradh tu gur e crìoch àraidh daimh a bhith air a reamhrachadh, air a mharbhadh, agus air itheadh; gur e crìoch àraidh na seice aige brògan a dheanamh dhut-se; crìoch àraidh na h-adhairc aige bocsa-snaoisean no còrn-oil a bhith air an deanamh leotha. Cha robh an damh riamh air a chunntas am measg nam beathaichean eile mar bheathach anns a bheil móran tùir, air chor agus nach b' urrainn dha labhairt air a shon fhéin, ach nan robh mise a' labhairt as a leth, dh' fhaodainn a ràdh gun do rug a mhàthair e le saothair, agus gu robh gaol agus ionndrainn aice air, mar tha gaol aig ar màthraighean fhéin oirnne. Ré a chùrsa anns an t-saoghal, dh' fhuling e fuachd agus acras agus pathadh; b' aithne dha gaol is fearg is ionndrainn air comunn a cho-chreutairean, agus, air cho maol 's gun robh a thugse, agus fhaireachdaiinn, b' aithne dha có a bha ciùin agus coibhneil ris. Bha e fallain agus làidir; rachadh aige air crann no cliath a tharruing nan toilicheadh a mhaighstir, agus bha e cho òg 's gum faodadh e bhith beò iomadh bliadhna, ach an sin gun rabhadh a thoirt dha, bhuil maighstir a bheathaich tuagh air ann an clàr an aodann, agus mharbh e e, agus an oidhche sin fhéin dh' ith e marag dhubb a rinneadh d' a fhuil ...

(*Gairm* 9, am Foghar 1954: 17–18)

*

80. AIR AN SPIRIS, 1955

Tha na trì coinnlean a' dol air bonnach bangaid *Gairm* ann am bliadhna cho cudthromach 's a bhual a' Ghaidhealtachd bhon a loth am buntàta. Air aon duilleig de phaipear naidheachd an latha, chì sinn sgeul aoibhneis mu Choimisean nan Croitearan. Air duilleig eile, chì sinn straighlich mu rocaidean ann an Uibhist-a-Deas. Air an treas duilleig, chì sinn gu bheil An Comunn Gaidhealach, gun chùram fo'n ghréin, a' dol air aghaidh air a shlighe chiùin, shiobhalta, fhéin, le a chuid mhòdan 's le a chuid chéilidhean. Facal le gach spéis is coibhneas, ann an cluas a' Chomuinn an ath bhliadhna. Feuchadh e nach cuir e seachad an latha a' fidhleireachd, mar a rinn Nero, is an Ròimh a' dol 'na teine!

Chan ann tric a bhios *Gairm* a' dol an comhair a chinn an connspaid. Ach tha rudan ann mu nach h-urrainn dhuinn cumail sàmhach. Tha sinn toilichte, làn thoilichte, le Coimisean nan Croitearan. Ma ni e dhleasdanas, agus leis na daoine a tha an urra ris tha sinn cinnteach gun dèan, cha dean e dad ach feum do'n Ghàidhlig ged nach eil cànan, mar chànan, fo ùighdarris. Ma ni e feum do'n chroitear – ma dh'aotromaicheas e 'uallach agus ma chuidicheas e a theachd-an-tìr, cumaidh e a' Ghaidhealtachd fo shluagh aig a bheil a' Ghàidhlig bho'n chìch. Agus fòghnaidh sin.

Ach, ceart mar a tha an reul dòchais sin a' priobadh air faire na Gaidhealtachd, tha neul, nach eil fhathast ach mar làimh duine, a' nochdadhbh os cionn beannan Uibhist. Tha sinne sealichte gur e obair nan rocaidean ann an Uibhist cunnart cho teann 's a bhagair air a' Ghàidhlig bho am Chuil-lodair. Ann an eilean a tha loma làn de na nòsan 's de na gnàthasan as fheàrr a tha againn – ann an eilean far a bheil a' Ghàidhlig beò, fallain – bithidh, ann am bliadhna no dhà, na ceudan de Ghoill 's de luchd Beurla de gach seòrsa, a chuireas an t-àite fòdhpa fhéin

agus a bhàthas cànanis gnàthasanis nòsanis eile! Chan eil dà theagamh sin. Tachraidh e. Agus ann am bliadhna eile bithidh sinn ro fhadalach gu dad a dheanamh mu dheighinn. Their cuid gu bheil dà thaobh air a' mhaoil – gun toir so beairteas agus obair dh'Uibhist. Bheir! Ach an ann do na h-Uibhistich?

Eadar obair fearainn is obair mara – eadar uibhean is feamainn – tha na h-Uibhistich riatanach math dheth taca ri cuid de na h-eileanan eile. Mar sin, cha leigear leas a ràdha gur ann air sgàth nan Uibhisteach a tha an obair 'ga stéidheachadh. Na bitheamaid 'gar mealladh fhéin. Cha toir an fheadhainn a tha air ceann so, hóró air Uibhist no air Uibhistich fhad 's a theid an cuid oibreach fhéin air adhart.

Càite a bheil An Comunn Gaidhealach 's nach eil e ri trod 's ri ùpraid? Tha sinn a' cur na ceisde, agus ma bheir An Comunn freagairt dhuinn, clò-bhualaidh sinn an fhreagairt anns an ath àireamh. Faodaidh e bhith, gu bheil iad an dùil gu faigh iad 'Whist Drive' no dhà ann am Mars airson Mòd 1992¹, agus gu bheil iad coma co-dhiùbh a bhios Gàidhlig an Uibhist an uair sin no nach bì. Chluinn sinn ...

(*Gairm* 13, am Foghar 1955: 11)

*

81. NA ROCAIDEAN, 1955

[Le Alasdair Mac Dhomhnaill, à Bòrnais, Uibhist a Deas]

A rèir mo bheachd-sa, ma bheir iad leotha an talamh àitich is ionaltraidh as fheàrr nì an ionad-rocaidean call air na croitearan an Uibhist. Air an làimh eile is dòcha gum bi a' bhuannachd nas mothà na bhios an call. Tha còir gum bi margaid nas fheàrr aig na croitearan anns an eilean airson bàrr na talmhainn. Gheibh sinn rathaidean nas fheàrr, cidheachan is drochaidean. Tha droch fheum aig fheadhainn de ar bailtean air rathaidean gu h-àraigdh,

¹ Chaidh a' chiad Mhòd a chumail ann an 1892.

oir chaidh feadhainn de na th' ann an dèanamh do chairtean, o chionn iomadh bliadhna, agus chan eil seasamh aca ri innealan troma an là-an-diugh. Ach anns na bliadhnaagan ri tighinn, is sinn an crochadh ri daoine-uaisle Westminster, bidh dòchas againn gum bi cùisean nas fheàrr.

Tha gu leòir a' smaoineachadh nach fheàirrde a' Ghàidhlig uiread de Ghoill a thiginn do'n àite. A rèir mo bheachd-sa tha a' Ghàidhlig 'na cnap-starraidh dhuinn nuair a thig oirnn a dhol amach air crìochan nan eileanan, mar a thig oirnn a dhèanamh o àm gu àm. Mar sin, ma bhios a' Bheurla timcheall orra, bithidh e 'na buannachd do'n fheadhainn òga, ma thig orra siubhal fada amach air na crìochan.

Tha mise trì fichead bliadhna 's a h-ochd, ach tha mi an dòchas gum faic mi an t-ionad-rocaidean fo ghleus, agus bithidh e 'na thoileachas dhomhsa agus do dh'iomadh croitear eile gun do chuidich Uibhist-a-Deas gu mór le bhith dòn ar rioghachd.

(*Gairm* 14, an Geamhradh 1955: 125)

*

82. EACHDRAIDH CHREAG GORAIDH, 1956

Air taobh a deas Bheinn-nam-Fadhla tha cirb bheag de bhaile ris an abrar Creag Gorraidh. Tha e a' cur móran iongantais air luchd turuis cionnas a fhuair am baile beag so an t-ainm, is bithidh iad a' faighneachd gu tric, 'Càite a bheil a' chreag a tha air a h-ainmeachadh air Gorraidh?' Is dòcha nach eil móran an diugh ann am Beinn-nam-Fadhla a tha comasach air a' cheist so fhuasgladh.

O chionn fhada, bha banntrach bhochd agus aon mhac aice d'am b'ainm Gorraidh a' tàmh ann am bothan beag faisg air far an robh Tigh-òsda nan Camshronach. Bha tigh aon chroiteir faisg air a' bhothan, agus 's ann ag obair astigh 's amach mu thigh is fearann an duine so a bha a' bhanntrach a' deanamh a beò-shlaint. Bha am mac aice aig an àm so mu chuairt air deich

bliadhna a dh'aois, agus bha e air a dheagh thogail ann an eagal an Tighearna, firinneach agus beusach. Bha an croitear agus a' bhean aige a' cuideachadh na banntraich ann an togail a' bhalaich bhig.

Thainig madainn fhuar mu chuairt, agus cha b'urrainn do'n bhanntreicheadh éirigh air a' mhadainn sud, oir bha i ro thinn le fuachd agus le fiabhras, agus mo thruaighe cha robh gréim bidhe anns a' bhothan bheag air a son féin no airson a' bhalaich. Dh'innis i do Ghorraidh an staid anns an robh i, agus nach b'urrainn dhi nì a thoirt dhà ri itheadh. Dh'iarr i air a dhol annull gu tigh na bana-mhaighisteir agus a cor innse dhi.

Bha mulad mór air Gorraidh nuair a chuala e nach robh nì ann dh'a mhàthair, oir bha e ro mhiosail oirre. Is ann a smaoinich e gu rachadh e a thràigheach, fiach a faigheadh e portain anns an tràigh a bhruidheadh e ann an teine ri cois a' chladaich.

Mar a bhios tubaist a' tachairt, ciod e ach aig an àm so chuir bean a' chroiteir amach mulchagan càise air bhàrr tobhta na h-àthadh¹ airson an tiormachadh. An ceann ùine bhig, dh'ionndrainn bean an tighe tè de na mulchagan, agus is ann a smaointich i gur h-e Gorraidh a thug air falbh i, agus chuir sin móran feirge oirre. Is ann a leum i null gu bothan na banntraich agus thuirt i rithe nach robh i a' togail Gorraidh mar bu choir dhi nuair a ghoid e a càise oirre.

Cha duirt a' bhanntrech facal, ach dh'éirich i a leaba an fhiabhras, agus thog i oirre amach fiach a faiceadh i Gorraidh. Bha am balach a' direadh an cois a' chladaich nuair a chunnaic e a mhàthair a' tighinn fagus dha. Chuir e failte choibhneil air a mhàthair, a' glaodhaich aig an aon àm, 'Cha bhi an t-acras fada oirbhse; tha rud math agamsa dhuibh.' 'A dhroch phreasain,' orsa a mhàthair, 'cha do ghabh mise gnothach riamh ri meirle, agus cha ghabh.'

Aig an àm sin bha Gorraidh a' dol seachad ri taobh creige, agus gun fhios aige ciod a bha a mhàthair a' ciallachadh. Ann an dol seachad na creige phut a mhàthair e le a h-uile neairt an

¹ àth 'àmhainn tiormachaidh'.

aghaidh na creige, agus bhual a cheann ris a' chloich. Thuit e sìos chùm an talamh agus 's ann an uair sin a thuit ceig¹ phortain amach o'n chòta aige, agus iad air am bruich, agus dà iongna mhór air fhàgail orra. Cha do dh'éirich Gorraidh riamh. Thog bean a bha dol seachad e, ri taobh na creige. An ceann ùine bhig thòisich e ri diobhairt², ach cha robh nì air a stamaig ach iongnan caola nam portan, agus tha fios aig gach neach nach eil móran susbaind ann an iongnan caola portain. Shàbhail an truaghan na h-iongnan móra gu a mhàthair.

Bhàsaich an gille bochd agus chaidh a thiodhlacadh ri taobh athar ann an cladh beag Lìnicleit, oir bha so mun do thòisich tiodhlacadh ann an Cladh Mhoire.

'S e rud bu chruaidhe de'n tubaist gun do ghabh fear de na seirbhisich aig a' chroitear ris gur esan a ghoid an càise, agus nach robh gnothach fo'n ghréin aig Gorraidh ris a' mheirle.

Nuair a thainig a' bhanstrach dhachaidh feasgar an tiodhlacaiddh dh'fhuirich banacharaid dhi còmhla rithe anns a' bhothan, ach nuair a thainig glasadh an latha cha robh sgeul air a' bhanstrach: bha i air falbh agus thug i leatha trì gobhair a bhuineadh dhi féin. Cha robh fios càite an deachaidh i. Sheall iad air a son, ach cha robh i ri a faotainn an àite air bith.

Air an ath bhliadhna chunnaic ciobair a bha a' siubhal ann an gleann uaigneach sa' Bheinn Mhóir ann an Uibhist-a-Deas i. Aig an àm sin bha i 'na cadal ri taobh creige agus na gobhair 'nan sineadh mun cuairt oirre.

An ceann ùine mhóir, air do chroitear Chreag Gorraidh éirigh tràth aon mhadainn ciod a chunnaic e ach na gobhair aig bun na creige far an do thachair an gnothach muladach. Chaidh e chùm nan gobhar, agus is ann an uair sin a chunnaic e a' bhanstrach 'na suidhe, agus coltas a' bhàis oirre. Bha i comasach air labhairt, agus thuirt i ris, 'Tha mise air a dhol roimh mhóran o'n là anns an d' éirich an cruidh fhortan dhòmhsha, agus tha fios agam nach eil am bàs fada bhuam. Cha do dh'éirich a leithid riamh do bhoireannach 's a thachair dhòmhsha. Thill mi

¹ grunnan.

² cur a-mach.

a bhàsachadh an so. Tiodhlaigte mi ri taobh mo mhic, a fhuair am bàs neochiontach. Tha mi a' fágail nan gobhar aig an neach a ghabhas dragh mo thiodhlacaidh. Fiach gum bi e coibhneil riutha.'

Cha robh a' chreag ro mhór; bha i 'na stob ri taobh na Fadhlach a Deas, agus bha i ann gus an do chuir sgiobadh an rathaid mhóir as a chéile i leis na *bulldozers*. Sin agaibh eachdraidh Chreig Gorraidh.

(*Gairm* 18, an Geamhradh 1956: 132–33)

*

83. A' TOGAIL UISGE-BHEATHA, 1963

[Air aithris le Angus MacLellan, Fròbost, Uibhist a Deas]

Bha Pàdruig Mac a' Phearsain, bràthair seannmhair dhomh a bh'ann, agus bha e 'fuireach ann a' Loch a' Chàrnain shìos. Bha e 'g obair air togail uisce-bheatha, agus gu mi-flhortanach dh'halbh a nàbuidh agus bhrath e e. Chaidh e far a robh a' gèidsear. Agus thàinig a' gèidsear 's e fhéin chon a' taighe aig Pàdruig. Bha Pàdruig gun éirigh. Agus dh'eubh a' gèidsear dha, 'Bheil thu sa' leabaiddh fhathast, a Phàdruig?'

'Well, tha,' arsa Pàdruig ris. 'Tha mi 'tuigsinn g'eil an t-àm agam éirigh nuair tha sibhse air tighinn cho tràth seo.'

Dh'éirich Pàdruig 's thàinig e nuas. Thuig Pàdruig taghta gur ann air a bhrath a bha e agus... 'Dèanaibh suidhe ann a shin mionaid bheag,' arsa Pàdruig. Bha a' buideal aig Pàdruig a's an àthaidh¹ làn uisce-bheatha. Dh'halbh e agus thug e leis siuga agus ghabh e mach, agus thòisich e air toir rud as a' bhuideal ga chur a's a' t-siuga. Ach thuig a' fear eile gur ann air àrainn air a' bhuideal² a dh'halbh Pàdruig, 's dh'halbh e mach as a dheoghaidh. Bha Pàdruig a's an àthaidh 's an doras dùinte aige 's thàinig a' gèidsear chon an doruis.

¹ anns an t-sabhal.

² air àrainn air a' bhuideal 'a fhrithhealadh a' bhuideil'.

‘Fosgail a’ dorus, a Phàdruig,’

‘Ó dèanaibh dàil bheag,’ arsa Pàdruig.

‘Fosgail a’ dorus air neo bhristidh mi e.’

Agus ‘Ó bhobh, bhobh! Nach dèan sibh air ur socair?’

Dh’fhalbh a’ gèidsear ’s chuir e dìreach a ghualainn ris ’s chuir e staigh a’ dorus. Dh’fhalbh Pàdruig ’s thilg e rud air muin a’ bhuideil. Agus bha tonn mhath aige a’s a’ t-siuga.

‘Dèanaibh suidhe air a siod,’ arsa Pàdruig.

Dh’fhalbh a’ gèidsear ’s shuidh e air a’ bhuideal, ’s ... [N]uair a riaraich Pàdruig dram no dhà dhaibh thuirt a’ gèidsear, ‘Ó tha mi ’tuigsinn, a Phàdruig, gur h-e na breugan a bha iad a’ cur ort, a’ smaointinn gu robh thu a’ togail uisge-bheatha.’

‘Ó ’s e gu dearbh,’ arsa Pàdruig. ‘Chan eil mise ’togail uisge-bheatha, ach ’s math leam dileag a bhith agam a staigh daonnan air mo chon fhìn.’

‘Ó well, tha sin ceart gu leòr, ma tha.’ ... Dh’fhalbh a’ gèidsear. Agus a’ ceann seachduin as a dheoghaidh sin thachair a’ gèidsear air Pàdruig.

‘Seadh, a Phàdruig,’ ars esan. ‘Dé mar tha thu ’faighinn air aghaidh?’

‘Ó tha math gu leòr,’ arsa Pàdruig.

‘Ó well,’ ars esan, ‘ged a bha mise air mo mhionnachadh air son gu dé chithinn,’ ars esan, ‘cha robh mi air mo mhionnachadh co air a shuidhinn,’ ars esan. ‘Ach feuch an toir thu ’n aire.’

(*Tocher* 48/49, 1994: 427–29)

*

84. AIG AN UISGE-BHEATHA, 1967

[Air a h-innseadh le Ailig Breac (Alec MacDougall) à Treisinis, Muile]

Mo shinnseanair agus a dhà bhràthar, ’s ann a Éirinn a thainig ad a’ seo an toiseach, suas do Lagan-Ulbha, agus bha ad a’

deanamh uisge-bheatha a' sin. Bha dòrlach aca do'n uisge-beatha agus chan fhaigheadh ad a reic a' seo ann: b'fheudar dhaibh dol do dh'Éirinn. Dh'fhàg ad a' Lagan shuas bial na h-oidhcheadh, 's chaich ad amach thro' Chaol Idhe, gus a' robh ad as a' fhradharc air a h-uile h-àite mun dainig a' latha, agus ràinig ad Bealbaist. Reic ad an t-uisge-beatha – 's e tasdan am botull a bha ad a' faotuinn air – agus bhiodh ad a' faotuinn flùr 's rud mar sin cuideachd. Co-dhiù, bha ad air ais a' mhaduinn an treasamh latha, air ais ann a' Lagan-Ulba – triùir aca, bàta ràmh.

Thainig ad an sin anuas do Threisinis, 's thòisich na mic aig an uisge-bheatha a dheanamh – mo sheanair 's a bhràthair. Bha iadsan ag obair treis mhór air, agus chan fhaigheadh ad a reic. Bha fear ann an Colla, 's e bha 'ga cheannach, ga brith e an dòigh a bha esan 'ga fhaotuinn air folbh do dh'Éirinn. Bha dòrlach uisge-bheatha aca 'latha seo, 's chaich innseadh oirbh gu robh e aca. Ach thagh ad latha fiadhaich dhol dha Cholla leis, gur ann a bu dòcha nach biodh bàta no nì mun cuairt a chitheadh ad.

Dé ach, dar¹ bha ad amach leitheach gu Colla, nochd i air a' Chailllich², an *cutter*, as an deidhich. Loisg ad urchar fiach a' stadadh i. Cha b'urrainn daibh a tionndadh leis an fhairrge cho mór, agus cha do rinn ad, ach a ligeil air falbh air Tiriodh, 'gan cur as an othail. Ràinig ad Tiriodh, lig ad astoigh do gheodha sin i, 's bha na Tiristich anuas, uamhas dhiubh, far a' robh ad. Thuig ad 's a' mhionaid gu dé a bh'ann. Thog ad leotha an t-uisge-beatha 's dh'fholbh ad, is chuir ad a' falach an àiteiginn e. Thainig a' sin *squad* eile 's thog ad am bàta as an uisg, 's chuir ad e suas ri cùl nam bàtaichean eile. Thainig an *cutter* co-dhiù, 's chuir i bàt' air tir: ruamhlaich³ i h-uile h-àite, ach cha d'fhuair i 'n t-uisge-beatha.

(*Tocher* 2, 1971: 62)

*

¹ nuair.

² Rubha air ceann an iar-thuath Mhuile.

³ ruamhraich.

85. AN DÀ SHEALLADH, 1968

[Air aithris le Raghnall Ailig (Ronald Macdonald), Uibhist a Tuath]

Cha robh mi ach glé òg aig an am, agus bha duin' àraid a's an àite, cha leig mi leas ainmeachadh an dràsda có-dhiubh, agus bha e air a ràitinn gu faiceadh e seallaidhean agus rudan a bhiodh go tachairt ma'n tigeadh iad go teachd idir.

Agus, bha 'n duine sen a' tighinn a nuas còmhla rinn feasgar briagha samhraidh an déis dhuinn a bhith 'coimhead air crodh agus 'n uair a bha sinn a' tighinn a nuas rathad ònanach, sinn 'nar streathan tarsuinn a' rothaid, sheas esan 's thug e dheth a bhoineid 's thuirt e,

'Seasaibh,' ars' esan, 'as a' rathad 'illean,' ars' esan. 'Tha giùlan¹ a nuas ann a sheo.'

Agus sheas sinne null ri taobh... fàil a' rothaid có-dhiubh, agus dh'faighneachd e dhuinn a robh duin' againn deònach a' sealladh a bh'ann fhaicinn; agus cha do leig an t-eagal leinne dad a ràitinn có-dhiubh, ach bha aona bhalach ann a bha na bu tapaidhe na càch, có-dhiubh, agus thuirt e,

'Chì mis' e,' ars' esan, agus,

'Trobhad, ma tha,' ars' esan, 'agus cuir do làmh air mo ghualainn,' ars' esan, 'chearr, agus coimhead a mach air mo ghualainn dheas,' ars' esan. Agus, 'Ach tha mi 'ràitinn seo,' ars' esan, 'ma chì thu 'n dràsd' e,' ars' esan, 'chì thu rithist iad.'

Ach cha do chuir sen bacadh air a' bhalach, có-dhiubh, agus sheall e agus,

'O,' ars' esan, 'tha gu dearbha,' ars' esan. 'Tha e seachad ann a shen.'

Agus, chuir esan an ceann tiotan air a bhoineid an uair-sen 's,

'Tha e ceart gu leòr,' ars' esan, 'a neist. Tha h-uile dad air a dhol seachad.'

Agus dh'fhalbh sinne suas dhachaидh mar a b'abhaist, agus beagan sheachdainean an déidh sen thainig giùlan a nall far²

¹ i.e. giùlan tiodhlacaidh.

² bhàrr.

taobh eile na dùthchadh agus 's ann a' dol a dh'aite ris an can iad Aird a' Mhorrain... tha e coltach a bha iad a' tiodhlagadh, agus sen a' rathad a ghabh iad leis a' ghiùlan. Agus, 's e cairtean is each a bh'ann an uair-sen – cha robh càraichean, mar a th'ann an diugh, ann – agus sheas iad dìreach aig an dearbh àite bh'ann a sheo agus sheinns iad am beatbach each as a' chairt agus chuir iad beatbach eil' ann. Agus bha sen dhòmh-sa 'na chuimhneachan, agus tha fhathast, cho soilleir agus bha e, a' rud a bh'ann – gur h-ann dìreach aig an dearbh àit' a's an duirt esan gu robh e 'dol seachad, gur h-ann a stad an tiodhlagadh a bha seo, a' dol sìos.

Well, tha 'n duine sen, a bha 'na ghille 'n uair-sen, a chunnaic a' sealladh a bha seo, tha e beò fhathast ach cha robh dhànanachd agam riamh na dh'haighneachd dheth ciamar a chaidh dhà an déidh an am a bha siod.

(*Tocher* 6, 1972: 192, 194)

*

86. PATHADH AN TREABHAICHE, 1968

[Air aithris le Kate Dix à Beàrnaraigh na Hearadh]

Bha, dithis a mhuinnitir Bhrùsda, ma tha, 's iad a bha sen. Bha 'ad a' ... sìos a' treabhadh ann a' Siabaidh latha teith, teith agus 'ad air 'n casa' ris. Agus 'nuair a chaidh 'ad suas an cnoc 's ann a chual 'ad boireannach agus smùid aice air mastradh. Agus thuirt a' fear air a robh Eoghainn ris a' fear air a robh Dòmhnaill:

‘Ò Dhòmhnaill,’ as eisin, ‘nam biodh mo phaghadh air a' bhanachag nach ì dh'òladh 'n deoch bhlàthchadh.’

Thuirt Domhnall ris: ‘Ò bhithinn fhèin coma dhi.’

Thill 'ad sios 's 'nuair a thàinig 'ad a nuas leis an ath sgrìob bha boireannach briagha is aparan geal orra¹ 'na seasamh agus siuga blàthchadh aice. Agus thabhairn i e dhan an fhear a dh'iarr

¹ Leugh *oirre*.

e agus cha do ghabh e idir e: 's ann a ghabh e eagal. Agus a' fear a bhiodh coma dhe 's ann a dh'òl e a' bhlàthach agus bha e ràdh nach do dh'òl e fhéin aonan riamh cho math rithe.

'Ò,' as eisin¹. 'Fhir a dh'iarr 'n deoch,' as ise, "s nach do ghabh i, saoghal goirid air dhroch bheatha dhut. 'S a' fear nach do dh'iarr 'n deoch agus a ghabh i, saoghal fada is deagh bheatha dhut.'

Th'e colach 'nuair a chaidh Eoghainn bochd dhachaidh gu do laigh e ris a' leabaidh is nach do dh'éirich e riamh leis 'n dragh a chuir a' bhana-bhusdrach as a' chnoc air – na sìtheanach na ga brith dé a bh'ann.

Agus 's ann am Beàrn'raigh fhéin a thachair sen.

(*Tocher* 20, 1975: 132, 134)

*

87. NA TRAINNSICHEAN (1915), 1970

14.4.15 Ràinig sinn K2A a raoir sunndach suigearartach – sinn a bha aoibhneach a' lionadh phocannan ùrach, 's fead nam peilear m'ar cluasan. Sguir sinn an càileanachadh an latha – sgiamhach le grian làn, an saoghal uile fo aoibhneas. Ceilear nan eun, pong shiùblach milis. Ach fhuair sinn aobhar bròin. Chaidh James Orr Cruickshank a leòn troimh 'n cheann – a bhathais chaidh a sgealbhadh; a dh'aindeoin oidhirp thaom fhuil gu làr is shìoladh sìos a bheò. Shìn sinn e air an ùrlar sàmhach socair, Isaac is mi fhìn a' suathadh a chasan is a làmhan gu cumail buille a' chridhe dol. Dh'aithnich e sinn. Dh'fhalbhadh leis 'san inneal giùlain ach cha do rinn cobhair feum, oir fhuair e bàs troimh'n oidhche.

15.4.15 Latha eile tha cur ceilear 'nam chré. Gach duine am mullach a shòlais. Cho luath 's a chuir an oidhche sgàil oirnn thòisich an obair. Co leis tha 'm balach tha dèanamh a' bhalla-phoc? An cuala tu riamh mu Mhurchadh Mac Alasdair

¹ Leugh *ise*.

Mhurchaidh Bhàin? Murchadh ac! Is có na gillean grinn tha lìonadh nam poc – có tha ach sàr ghillean Leódhais – Aonghas Chalum Dhòmhnaill 'Ic Urchaidh. Aonghas ac is Isaac Bàn Mac Iain an Tàileir, An Gille Dubh. Shuas Seoc Beag Mac Iain Duinn is Iain Ardthunga is Alasdair Bhruncha.

Chluinnt ar gàireachdainn a' lìonadh na h-oidhche a dh'aindeoin fead a' pheileir chaoil. Cinn sìos aig Seon Angus: 'S mise a chumas sin. Brag! Dh'fhalbh mo ghloineachan is dhàt an ùire m'aghaidh. Bhuail e am poc air mo bheulaibh. Ach b'e mo laochan Murdie a bhual am peilear caol leis an spaid 'ga shadadh gu taobh. Ach gu mi-shealbhach chaidh e gu Isaac Iain an Tàileir. A mach a so gu Lieut. Watson. Isaac air a dhà ghlùin 's mi-fhìn a' sadadh a léine m' a cheann. Ged a bha, chan fhaighear toll a' pheileir. Ach so thàinig sinn gu builgean beag dearg mar bhìdeadh deargain – 'se sin leòn Isaac. Thòisich a rithist an obair.

- 16.4.15 Latha eile 'nan cois. 'Drum up' is cadal, is cadal is 'drum up.' Dol a dh'fhàgail na trainns a nochd. Na gunnachan móra a' dol.
- 17.4.15 Latha dhuinn fhìn. Iain Gobha air falbh uainn do'n tigh-eiridinn. Sealladh math air aeroplane a' tighinn a nuas 's a beart-iomraighe air bristeadh.
- 18.4.15 Latha na Sàbaid – searmon 'san raon – route march 'san fheasgar.
- 19.4.15 An t-salm a bh'againn a roimhe. H— fogsait air an làimh dheis – am feasgar 's an oidhche 'na h-aon fhuam gu léir. Lasadh nan gunnachan a' taomadh bàis.
- 20.4.15 Obair Dhi-luain a rithist. J. Aonghais air fatigue 'san oidhche. Chuala e 'san t-sabhal gun deach Victor Charles Macrae, Plockton, a mharbhadh, a' toirt a steach leòinteach. Geo. Reid air a leòn 'san obair cheudna. Sergeant Robertson air a mharbhadh 'san aon àite.
- 21.4.15 An obair àbhaisteach.
- 22.4.15 Latha briagha. Nuair a bha sinn a' tighinn bho *rapid fire* chunnaic sinn an *stretcher* le Macaulay 's e air a leòn. Dh'fhalbh

sinn do'n trainns feasgar. Fhuair sinn sìos sàbhailt – ach cha robh sinn deich mionaidean 'san trainns nuair a chaidh Munro (G. Comp.) a leòn, agus Serg. Alex. Skinner, Dingwall, a bha còmhla ruinn 'san Oil-thigh, a mharbhadh.

23.4.15 Maduinn fhuar. Chaidh J.M. Stewart Paterson a mharbhadh troimh'n oidhche raoir. Na gunnachan a' dol taobh Ypres le fuam eagallach o thàinig sinn – *rapid fire* dol 'na aon fhuam. Garbh 'san fheasgar.

24.4.15 Cha robh 'n Artillery eagallach gus an diugh. H— da rìribh taobh St. Elois agus Ypres – a' feuchainn ri glacadh na trainns a chaill sinn shuas air taobh —. Troimh 'n latha thàinig *Grenade* dha'n trainns againn 's chaidh leòn Isaac le gearraidhean beaga. Triùir eile, Johnston, Banon, —, air an aon dòigh. Calum leis a' bheart-ghiùlain air a chumail a' dol. Na gunnachan taobh na làimhe clìthe a' dol le turrabaich eagallach. Baile a chor-eigin 'na theine – an t-adhar 'na aon rughadh dearg. Sùil ri attack oirnn fhìn – ammunition gu leòr 'san trainns, bucais ùra – na grenades deiseil ri mo thaobh gu smùid a chur asda. J.A. is Seòras 's mi fhìn 'san aon *traverse*.

(Murchadh Moireach, *Luach na Saorsa*, Glaschu 1970: 17–18)

*

88 STRUAN MHÌCHEIL, 1970

[Air aithris le Catriona NicNèill, Bruairnis, Barraigh]

Well, a' chiad mhin a bha iad a' deanamh o'n eòrna ... a' chiad eòrna de'n bhliadhna ... bhiodh iad 'ga dheanamh 'na bhonnach mór cruinn. Bhiodh iad a' cur sòda 'us bainne ann 's 'ga bhruich air greideil. Agus bhiodh iad a' deanamh taois de thrèiceil, min flùir agus beirm, 's a' chiad charbhaidh cuideachd ... bhiodh iad a' cur a' chiad charbhaidh a fhuair iad a' bhliadhna sin a's an taois. Bhiodh iad a' deanamh na taoise mar gum biodh iad a' deanamh panceic. Nuair a bha'm bonnach bruich air a'

ghreideil shuaineadh iad an dara taobh dheth leis an taois agus chuireadh iad ris an teine e 's bhruicheadh e an sin, 's bhiodh iad ag uisneachadh sgian mhór airson na taois a chumail air a' bhonnach gus am biodh an taobh sin deiseil gus a thionndadh. An uair sin chuireadh iad an taois air an taobh eile dhe'n bhonnach a's an aon dòigh 's chuireadh iad ris an teine e... agus 's e teine mòna bhiodh ann... 's bhiodh e bruich cho briagha leis an taois 'ga cumail air a' bhonnach leis a' sginn. Chan fhaigh thu strùan mar sin a nis ... Cha robh 'n trèiceil cho ruithteach an uair sin – a' chiad bhiadh de'n bhuain – a' mhin-eòrna 's an trèiceil fhein – *molasses* – 's e sin a' chiad bhuain ... a' charbhaidh 's a h-uile rud a bh'ann.

Bha iad 'ga dhèanamh air an oidhche daonnan, gus a bhith deiseil airson La Fhéill Mhicheil.

(*Tocher* 7, 1972: 232)

*

89. DAOINE EIBHINN SAN SGÌRE, 1973

Bha Murchadh 'na bhall-eaglais agus, ag ùrnaigh, chleachdadadh e aig amaibh cainnt air leth annasach. Thug e luaidh san ùrnaigh uair air Crìosd air a bhuaireadh san fhàsach agus nuair a dh'aithris e mar gheall Sàtan uile rioghachdan an domhain dha, seo mar a thubhairt e: 'Esan braidean¹', 's gun fhios agam an robh aige fhéin na cheannailleadh bap a' bhonn-a-sia².'

Thubhairt am ministear ris uair mur an sguireadh e radh cainnt mar sud san ùrnaigh nach robh e idir gu bhi 'ga chur an ceann dleasnais. 'Matà, mhinisteir,' arsa Murchadh, 'cha bhac sin mise bho bhi 'g ùrnaigh.'

Bha e uair a' labhairt air ceist air Di-haoine òrduighean agus thug e ionnsaidh air irioslachd agus am prìomh eisimpleir, Iosa Crìosd. Nuair a dh'aithris e mar a dh'ullaich E iasg ròsd do

¹ *braidean* 'cùbaire, an donas'.

² a bu luach leth sgillinn.

dheisciobuil air tràigh Thiberiais, thug e sùil suas air a' chùbaid, far an robh triùir mhinistearan agus thubhairt e, 'Obh, óbh! Mas dèanadh sibhse sud. Nach ann oirbh a bhiodh an t-eagal gu salaicheadh sibh ur còtaichean.'

'Se dà uair a chronaich m'athair mi gu ìre toirt dhiom na briogais agus 'se Murchadh Siar ag ùrnaigh a b'aobhar air aon dhiu sin. Bha iad a' cumail coinneamh-taighe do bhoireannach a bha tinn agus 'sann 'nar suidhe air an ùrlar a bha mise agus triùir bhalaich eile. Thòisich Murchadh ag ùrnaigh faisg oirnn le seirm chianail, àrd 'na ghuth, is e dabhdail a-null 's a-nall. Thàinig e seo gu leagail a ghuth agus thòisich e ag innse mu chonaltradh a bha eadar e fhéin agus cailleach co-cheangailte ri éifeachd fuil an t-slànaigheir, agus nuair a chrìochnaich e an còmhradh, dh'fhalbh e gu h-obann suas air ais le glaodh àrd agus na facail, 'O! An fhuil, an fhuil!' Chaidh sinn gu gàireachdaich is cha b'urrainn stad gus am b'éiginn ar cur a-mach ás an taigh.

(Aonghas Caimbeul, *A' Suathadh ri Iomadh Rubha*, Glaschu 1973: 71–72)

*

90. LATHA BÀTHADH BHAILE PHUILL, 1974

[Air innse le Eachann Ceanadach (1899–c. 1985) às a' Chruairean, Tiriodh]

Latha bàthadh Bhaile Phuill, bha Gilleasbuig bràthair mo sheanamhar, bha e 'g iasgach cuideachd, agus *share aig'* ann an geòlaidh le Mac Néill, làmh ris ann an Goirtean Dòmhnaill. Agus 'nuair a dh'éirich e a's a' mhaduinn, bha maduinn bhreagha ann, agus thuirt e ri athair – bha athair a' fàs sean – gu robh e 'dol a-mach a dh'iasgach. Bha athair air a chois cuideachd, còmhla ris.

Thuirt athair ris, 'Chan eil thu dol a mach a dh'iasgach an diugh.'

'Carson?' ors esan. 'Latha math ann an diugh.'

‘Thà, latha math ann an dràsd’, ach cha bhi e mar sin,’ ors esan, ‘mun tig a’ feasgar. An fhaca tu an fhadag-ruadh¹,’ ors esan, ‘a bha ’s an àird an iar-thuath?’

‘Chunnaig, ach dé’n deifir a tha sin?’

‘Well, bidh fios agad air a sin,’ ors esan, ‘mun tig a’ feasgar.’

Agus cha robh Gilleasbuig, cha robh e toilichte da athair; bha e fiadhaich diombach gun robh e ’ga ghleidheil a-staigh. Agus cha deach na feadhainn eile a-mach, bho nach do ràinig Gilleasbuig a-null iad, còmhla riutha. Agus bha iad fhéin a-staigh; agus bha Gilleasbuig a’ cur dheth ri athair gum biodh clann an tuathanaich a-staigh, cheart cho math ris fhéin.

‘Bithidh sibh *lucky* ma bhios sibh a-staigh, ’nuair a thig a’ feasgar.’

Agus an déidh mheadhon-latha, shioft a’ ghaoth ris an iar-thuath – stoirm – agus thuirt athair ri Gilleasbuig, ‘Dé do bharail air an t-side nis?’ ors esan. ‘Nach eil thu *lucky*,’ ors esan, ‘gu bheil thu air tìr,’ ors esan, ‘nach eil thu mach eadar seo agus a’ Sgeir Mhór? Nam bitheadh,’ ors esan, ‘cha tigeadh tu staigh!’

Sin latha bàthadh Bhaile Phuill. Cha tigeadh na geòlachan a-staigh don Phort Mhór ’s na Cùiltean ann am Baile Phuill a’ latha sin. Bha iad air a fuadach air falbh on eilein. Cha tigeadh esan a-staigh ann na bu mhò. Chaidh pairt dhiubh do Cholbhasa. Cha deach an call air fad, ach chaidh caigearn dhiubh a chall, latha bàthadh Bhaile Phuill. ’S iomadh uair a’ chuala mise Gilleasbuig ’ga innse dom mhàthair ’s dom athair mun cuairt, cho *lucky* ’s a bha e, a’ rud a mhòthaich e, agus gun do ghabh e ’chomhairle.

(*Tocher* 32, 1979/80: 90)

*

91. MAR PHRÌOSANACH AIG DEIREADH AN DÀRNA COGAIDH, 1974

Cha robh fuaim is turtar nan gunnachean a stad a nis a dh’ oidhche no latha. Bha na rathaidean-iaruinn uile nan iallan, ’s

¹ No *fàdag chruidh* ‘cuibhreann de bhogha-frois mar mhanadh air doininn’.

cha robh an salunn a fàgail na Factoridh, le cion innealean-aiseig. Bha na tuathanaich mun cuairt a deanamh latha math dheth 'n t-suidheachadh so, a toirt air falbh na thogradh iad do shalunn leis na cairtean.

Chaidh a mheinn 's a Factoridh a ghearradh sios gu ochd uairean oibreach anns gach ceithir uairean fichead le cion cumhachd-dealain. Thainig pléin tarsuinn aon latha gu math iosal, 's leum sinn uile mach a sméideadh le searbhadairean 's le leintean. Chuir i trì cuairtean os ar cionn a leigeil fhaicinn gu fac' iad sinn, s' thug i as dha'n àird-an-iar a rithist.

'Deutschland Kaputt!' Cha chuireadh iad an aghaidh so a nis idir, ach 's gann gu robh iad a creidsinn a ghnothuich a bha tachairt. Cha robh cogadh ga chur air fonn an dùthchadh fhein o àm Napoleon, 's 's e suidheachadh buileach ur dhaibh a bh'ann. Cheasnaicheadh a luchd-oibreach sinne mu dheidhinn na Yanks. De dheanadh iad, 's dé seòrsa dhaoine bh'annta? 's a fàgadh iad beò iad.

Mu dheireadh dh'inns na geàird dhuinn gu robh sinn gus falbh maduinn a màireach. 'Cà'il sinn a dol?'

'Tha 'n t-òrdan againn. Feumar na priosanaich aiseag gu àite sàbhailte caoiteas throm-theine nan gunnachean.'

'Chan eil sinne g'iarraidh falbh.'

'Feumaidh sinn ar toirt air falbh.'

Maduinn an ath latha, chaidh triùir againn am falach fon ular am beachd gum falbhadh càch gun sinn idir. Ach rannsaich na geàird an t-àite bho bhun gu bàrr, 's cha robh againn ach càch a leantail. Bha na h'ameriganaich mu choig mile deug an iar oirnn, 's a sior dhlùthachadh 's se gnothach bochd a bh'ann leinne bhi teannadh na b' fhaide bhuapa. Ach bha sinn a reusanachadh nach b'urrainn dhaibh ar toirt ro fhad' an ear, no thachradh na Ruiseinaich oirnn 's bha cho math leis na geàird a bhi 'n ìongnan an donais 's a bhi'n iongnan nan 'Ruskies'.

Bha na geàird so fior mhath ruinn. Dh'fhàg an t-oifigeach dha'n tug mis' an teistaneas 's a' litir mios roimhe so; tha mi

creidsinn gu robh eagal fhein air. Cha robh fear 's a champa nach cuireadh an gunna ris a cheud chothrom.

An ceann trì latha coiseachd, thainig sinn gu baile, 's dh'fhan sinn an oidhche sin 's a làire-mhàireach ann a Factoridh na iomall. Feasgar chaidh innse dhuinn nach robh sinn a dol na b'fhaide; nach robh an t-arm 's a bhaile gus cath a chur suas idir, 's bha na Yanks mu mhile muigh. Ach goirid na dhéidh so, thainig feachd mòr S.S. a stigh, 's thòisich deisalachadh gus am baile dhion.

Thuirt na geaird – 's e deichnar dhiubh bha còmh ruinn – gu feumamaid falbh; nach robh cinnt 's am bith dè dheanadh an S.S. Agus bha sinne air a rathad a rithist. Bha an còmhlan a sior fhàs mó, baidean is baidean a tachairt oirnn 's a fuireach còmhla ruinn. Bha gach seorsa nàsain ann, Frangaich, Belgianaich, Polaich, Eadailtich is Ruiseanaich; priosanaich uile roimhe so, ach a nis a ruith leis an t-sruth, gach aon a leantail a chéile. Bha criochan dhùthchannan air am putadh an dàrna taobh 's bha gach pearsa mar aon teaghlaich, Ruiseanach, Breatannach, no Eadailteach. Cha robh anns gach fear ach ball dheth 'n chinne-daonnda, a cò-phàirteachadh anns an aon driadh-fhortan. 'Se eadhon an aon chànan a bh' againn ri cheile ged be a Ghearmailt[is] fhein i.

Bha sinn an oidhche sin ann an tigh tuathanachais mu chòig mile 'n ear air a bhaile as na dh'fhalbh sinn. Bha tancaichean is carbadean-iaruinn a tighinn seachad air a fuadach air ais aig an arm a bha brùchdadhbh air a muin. Cha robh 's a chuid mhòr dhiubh ach balaich òga mu sheachd-bliadhna' deug, 's bha iad claoidhte le sgios is cion cadail. Ged bu Ghearmailtich fhein iad bha truas againn riutha, ach aig an aon àm nuair a smaointichmaid air Poland, air a Fhraing 's air an Olaind, 's gach dùthaich Eòrpach eile a stamp iad fhein fon casan, theoramaid "s math an airidh."

Mun tainig a mhaduinn bha sligean na Yanks a spreadhadh air gach taobh dhinn.

Thainig rèisamaid thancaichean Gearmailteach a stigh far an robh sinn 's b'fheudar sinne thoirt air falbh a rithist. Dà mhile eile

coiseachd 's chan fhaighamaid na b'fhaide. Bha sinn cuairtichte. Tigh tuathanachais eile, ach an gluasad mu dheireadh.

(Domhnall Iain MacDhomhnaill, *Fo Sgàil a' Swastika 1940-45*, Glaschu 1974: 60-62)

*

92. AM MÙN IS AN T-IONNSACHADH, 1976

[Air aithris leis a' Bhean-phòsta D. Brown¹ à Port an Sgioba, Ile]

Chual mi mu dhuine a bha aon uair aig banais ann am Port Askaig, agus nur a sgaoil a' chuideach, bha'n duine so agus feadhainn eile air an rathaid dhachaidh 'sa mhadainn mhoich. Stad esan mionaid air dheireadh a mhùin, dìreach fo cnoc a tha'n sin far an robh sithrichean² a' fuireachd. Dìreach nur a bha e dol a dheanadh 'uisge, chruinnich dorlach de dhaoine beaga mu thimchioll. 'Se rinn e, ghabh e ceann a bhreacain, agus rinn e 'uisge ann a lùib, agus thilg e 'nam measg e. Cho luath 's a rinneadh so leis, ghabh na daoine beaga air falbh, a' glaodh 'nan deigh gum bu mhath dha-san gun robh an ionnsuchadh aige air ciod a' chuireadh air falbh iad; oir mur b'e air son an rud a' rinn e, bhiodh e air falbh leo.

(*Tòcher* 22, 1976: 242)

*

93. CLEACHDADH NA GÀIDHLIG, 1976

Bha a' Ghàidhlig ... air a cleachdadh anns na meadhonan (no *domains*) 'iosal' agus a' Bheurla anns an fheadhainn 'àrda' (ach a-mhàin an Eaglais). Canar *diglossia* ris an t-seòrsa suidheachadh seo far a bheil àite is inbhe air leth aig gach cànan, agus tha sgoilearan cànan air a shealltainn gu faod seo mairsinn fad linnteann gun aon chànan buaidh a thoirt air an t'éile.

¹ Ann MacEachern, is dòcha, a bha pòsta ri Duncan Brown an 1871.

² i. sìbhreachan, sìthichean.

Ach chan *eil* an *diglossia* Gàidhealach suidhichte – agus sin air adhbhar no dhà: chan eil a' Ghàidhlig, do'n mhór-chuid, 'na suaicheantas air nàisean no pobull: tha aig móran de Ghàidheil ri dol chun na Galldachd airson foghlum agus cosnadh; tha àireamh mhór de Ghaill a' tighinn a-staigh do'n Ghàidhealtachd, agus tha a' Bheurla a' sioladh a-steach do dhachaighean nan Gàidheal fhéin a-nise troimh bhuaidh telebhisean agus na cloinne. Bha a' Ghàidhlig aon uair feumail airson conaltradh anns an dachaigh agus a' choimhairsnachd: chan eil sin fhéin cho fior a-nise is a bha e.

Tha an *diglossia* mar sin a' briseadh sìos, agus tha sgoilearan air sealltainn nuair a tha seo a' tachairt 'gur e a' chànan leis an neart eaconamach air a cùlaibh an còmhnaidh a gheibh làmh-an-uachdair.'

Ma ghabhas stad cur air an seo idir, 'sann le feuchainn ris a' chànan 'iosal' obrachadh suas do bharrachd de na meadhanan 'àrda'.

'Tha e duilich cus luach a chur air inbhe oifigeil ann a bhith cumail cànan beò,' tha an sgoilear-chànanan, Nathan Glazer, air a sgrìobhadh. Tha na Cuimrich mothachail air a seo, mar tha Comunn na Càinain Chuimrich a' sealltainn sa' bhonn-stéidh aca: "Se a' phuing as cudthromaiche gum biodh an aon inbhe aig a' Chuimris ris a' Bheurla ann an sùilean a' lagha agus an gnothaichean oifigeil'. Tha seo fior a thaobh na Gàidhlig cuideachd.

An dràsda, gach taobh a thionndaidheas duine air a' Ghàidhealtachd, tha Beurla f'a chomhair – air clàir-rathaid, sanasan, clàir-bùthà, gu ruigeas còmhdach phacaidean is thunaichean¹. Agus, a h-uile staid is cudthromaiche 'na bheatha – déiligeadh ris a' Riaghaltas, a' lionadh Leabhar-cunntais Breith, Báis no Pòsaidh, ga dhòn fhéin no a' toirt fianuis an cùirt-lagha – 'sann troimh 'n Bheurla a dh'fheumas e a choimhlionadh.

Tha droch bhuaidh aig an seo, chan e mhàin air a' Ghàidhlig

¹ chanastairean (gin.).

ach air a' Ghàidheal fhéin cuideachd. Oir, nam biodh barrachd misnich aig a' Ghàidheal anns a' chànan agus an dualchas leis an do rugadh e, bhiodh barrachd misnich aige ann fhéin agus 'na dhòigh-bheatha – agus cha bu mhisde cor na Gàidhealtachd sin idir. A-rithist, nam biodh cuirtean, polasmain agus gach meur de'n Riaghaltas a' cleachdadadh na Gàidhlig, bhiodh Gàidheil na bu deiseile gabhail riutha chan ann mar rud coimheach a bha air a sparradh orra o muigh ach mar rud a bhuiteadh dhaibh. 'Se seo, 's dòcha, an argamaid as treasa airson a bhith cleachdadadh na Gàidhlig an gnothaichean oifigeil an Alba ...

(Dòmhnall Iain MacLeod, 'A' Ghàidhlig am Beatha Fhollaiseach an t-Sluaigh', *Gàidhlig ann an Albainn*, air a dheasachadh le Ruaraidh MacThòmais, Glaschu 1976, 12–27: 13–14)

*

94. AR-A-MACH AM BEÀRNARAIGH (1874), 1980

'Se an ath rud a thachair gun chuir an siamarlan air a' 24mh dhen Mhàirt 1874 earraid, Cailean MacGillFhinnein, agus Seumas MacRath, am maor-fearainn, le pàipearan bàirlingidh chun an 56 croitear a bha am Beàrnaraigh gan cur a mach as an taighean is as an croitean agus as an còraichean mòintich an ath latha Bealltainn.

Thàinig an dithis, agus maor-cìse, no gèidsear, a bha 'nan cois air ceann a ghnothaich fhéin, air tir faisg air a' chrìch eadar baile Bhriathcleit agus Circeabost (a bha, mar a bha Tàcleit, an uair sin na thuathanas), agus ghabh iad romhpa gu ceann a tuath an eilein far an robh tromlach an t-sluaign a' fuireach aig an am sin am baile Bhòsta agus am baile Thòpsann. Bha iad a' cur gille-turais romhpa gu àite mu seach ag iarraidh air daoine a thighinn cruinn air an coinneimh, agus a' toirt seachad nam pàipearan dha na croitearean nuair a ruigeadh iad. Cha b' fhada gus an robh fhios aig a h-uile duine am Beàrnaraigh air fàth an turais,

agus tha e soilleir nach robhas moltach orra. Cha do rinn iad fhéin an gnothach na b'fheàrr leis an dòigh a ghabh iad ris na daoine.

Chuir iad fios gu muinnir Thòpsann an coinneachadh faisg air taigh-sgoile a' Chnuic eadar Tòpsann agus Crothair – agus sin a' dol a ghiorrhachadh an turais dhaibh. Ach cha tug iadsan feart orra. 'S ann a chruinnich iad am baile Thòpsann fhéin gus beachdachadh air dé bha dol a thachairt. Chuir sin fearg air a' mhaor-fearainn agus nuair a ràinig e fhéin agus càch am baile shuidh iad air cnoc air cùl nan taighean agus dhiùlt iad a dhol far an robh na daoine cruinn. Chronaich MacRath na croitearan bhon nach do choinnich iad e far an deach iarraidh orra. Dh'èigh e riutha am briathran gu math tàireil nach robh esan a' dol ceum an taobh a bha iad, agus gur h-iadsan a dh'fheumadh a thighinn far an robh esan. Mu dheireadh an déidh móran còmhraidh 'nam measg fhéin, agus feedhainn ann nach robh air son géilleadh dha chuid àrdain, dh'aontaich iad a dhol far an robh e, agus chaidh fear mu seach air adhart mar a chaidh éigeach air ainm gus an sumanadh a ghabhail.

Bha còmhradh an sin cuideachd eadar fir Thòpsann agus MacRath mu dheidhinn möinteach Iariseadair, agus thog iad an cùmhant a chaidh a stéidheachadh mu a timcheall. Is esan a bha an sàs anns a' ghnothaich dhan t-siamarlan agus 's ann 'na làmhan a bhathas air am pàipear aonta a chaidh a sheulachadh eatarra fhàgail. Fhuair e ceasnachadh nach robh soitheamh, agus thubhairt iad gu robh e as-onarach a bhith a nise a' feuchainn ris an cùmhant a rinneadh a bhriseadh. Ach cha d'fhuair iad éisdeachd sam bith. Dhealaich an dà bhuidheann ri chéile glé mhì-riaraichte. Bha fir Thòpsann a' faicinn gun robh iad a' dol a chall a h-uile càil a bhuiteadh dhaibh le làmhachas-làidir, agus a rèir collais bha MacGillFhinnein agus MacRath diumbach nach d'fhuair iad am modh ris an robh dùil aca.

Nuair a dh'fhalbh iad á Tòpsann, is an gèidsear agus conastabal a' bhaile 'nan cois, bha e fàs dorcha. Bha oigridh a' bhaile air a thighinn cruinn aig a' choinneimh a dh'èisteachd

ris na bha tachairt agus lean buidheann aca iad air an t-slighe. Thoïsich iad ag éigheach as an déidh, agus an sin a' sadail chaoranan agus phloc orra. Bhuail ploc air MacGillFhinnein agus chuir seo cuthaich air. Dh'iarr e air a' chonastabal na ciontaich a chomharrachadh ach thuirt esan gun robh e ro dhorcha. Thuirt MacGillFhinnein an sin nam biodh a dhaga aigesan 'na chois gum biodh màthraighean am Beàrnaraigh a' gul an cuid mhac! Nuair a ràinig e Tàcleit, far na chuir iad seachad an oidhche an taigh an tuathanaich, thuirt e, a réir cunntais, an dearbh chòmhradh a rithist; a' cur ris nach biodh gunna as aonais an ath uair a thigeadh e; agus an ath latha, nuair a bha e a' toirt seachad nan sumanaidhean nach robh thìde aca an toirt seachad an latha roimhe sin, rinn e maoidheadh dhen aon seòrsa uair no dhà.

Chuir seo am fuaim air feadh na fidhle. An ùine ghoirid bha fhios aig a h-uile duine anns an àite air na thubhairt e, agus, an ceann na bha air tachairt mu thràth, chuir e mórmhonaidh orra. Bha na fir a bha an sàs anns an iasgach a' dèanamh deiseil gus falbh gu muir, ach leig iad as. Thàinig iad cruinn agus thog feadhainn aca gum bu choir a dhol an dàil MhicGillFhinnein agus iarraidh air mìneachadh dhaibh dé bu chiall dhan mhaoisheadh a rinn e; agus, 's dòcha, gealltanас fhaighinn bhuaidhe nach tilleadh e a Bheàrnaraigh a chur a' chuid fhacal an céill. Bha deasbad eatarra mu dheidhinn seo, is feadhainn ag ràdh gur ann bu dòcha e a' chùis a chur na bu mhiosa. Ach mu dheireadh chuir buidheann dhe na fir òga, trì duine deug aca, romhpa gun dèanadh iad e co-dhiù. 'Nam beachd san cha b'urrainn do chùisean a bhith móran na bu mhiosa na bha iad mu thràth.

Ghabh iad taobh far an robh na teachdairean air an t-eathar fhàgail nuair a thàinig iad dhan eilean, gus a dhol romhpa mus ruigeadh iad i. Chaidh aca air an sin a dhèanamh agus chuir iad stad orra air cùl Bhriathcleit. Nuair a chunnaic e iad a' tighinn 'nan dàil, chomhairlich Murchadh Domhnallach, constabhal Bhriathcleit, a bha dol leis na teachdairean chun an aisig, dhaibh a dhol dhachaidh agus gun rud góirach sam bith a dhèanamh.

Thubhairt iad ris nach robh dùil aca olc sam bith a dhèanamh air duine, agus thuirt Aonghas Domhnallach, Aonghas Thormoid, ris gum faodadh esan a dhol dhachaigh nan togradh e, bhon nach b'ann ris a bha an gnothach!

Dh'fhaighnich iad de MhacGillFhinnein an tubhairt e na facail a bhathas a' cur as a leth, agus ma thubhairt dé bu chiall dha, agus an ann dharìribh a bha e. Cha fhreagradh e an toiseach, agus an uair sin thubhairt e nach ann riuthasan a thubhairt e rud sam bith a thubhairt e, ach ris an fheadhainn a bha a' sadail chlachan air. Agus rinn e an uair sin air son falbh. Cha robh iad riaraichte leis an sin agus rug Iain MacLeod, Iain Chaluim Mhurchaidh 'c Thormoid, air còta-uachdair a bha aige fo achlais, gus gréim a chumail air. Anns an tarraing a bha aca air a' chòta bho chèile chaidh a reubadh. Chaidh beulabh a sheacaид a reubadh cuideachd is gréim aca air. Nuair a fhuair iad air stad a chur air thug iad rabhadh dha gun a leithid de mhaoidhinn a thighinn as a bhial tuilleadh air neo gum biodh ceannach aige air. Chaidh a chomhairleachadh dha gun e thighinn a Bheàrnaraigh le sumanadh a rithist – nan tigeadh gur ann lomnochd a dheidheadh e dhachaidh. Agus rinn iad soilleir dha nan gabhadh e gnothach ri duine a bha anns an àite, le gunna no gun ghunna, gum biodh e searbh dha dharìribh ...

(Dòmhnull MacAmhlaigh, “Aramach am Beàrnaraigh ... ” 1874, *Oighreachd agus Gabhaltas*, air a dheasachadh le Dòmhnull MacAmhlaigh, Obar Dheathain 1980: 3–5)

*

95. BOTH MHURCHAIÐH, 1985

[Air aithris le Murchadh Gobha (Murdo Murray) à Siabost a Tuath, Leòdhas]

Air taobh an iar na beinne tha àite ris an can 'ad Both Mhurchaidh – cha chreid mi nach e Murchadh MacLeod a bh'

air. Bha daoine ann an uair sin, ris an canadh iad am *press-gang*, a bha ga iarraigdhan *Navy*. Agus bha e 'g àiteachadh an fhearrainn anns a' Phàirc air an oidhch' agus a' dol a-mach chun a' bhoth air an latha. Ach an latha seo bha e muigh ag iasgach bhon eathar, is nuair a thàinig e chun a' chladaich, bha am *press-gang* reimhe ann an shiud. Agus nuair a chunnaic e iad – 's e bàtaichean mòr tapaidh a bh' aca an uair sin, agus bha ràimh mhòr fhad' orr – nuair a chunnaic e iad shuas reimhe air a' chladach, fhuair e ràmh anns gach dòrn agus ghabh e suas nan coinneimh. Agus nuair a chunnaic iad cho calma 's a bha e, cha do chuir iad dragh air; is cha tàinig iad an taobh a bha e riagh tuilleadh.

(Richard A.V. Cox, *The Gaelic Place-names of Carlisle: Their Structure and Significance*, Baile Atha Cliath 2002: 187–88)

*

96. AIG AN SGOIIL, 1987

Chaidh mi dhan sgoil – Sgoil a' Mhorghain – nuair a bha mi còig bliadhna. 'S beag an t-ioghnadh ged nach rachadh diochuimhn' agamsa air an dearbh latha. Nuair a fhuair sinn a-mach as an sgoil thuirt balach beag coibhneil rium fhìn, 's e breith air làimh orm, 'Fàgaidh mi fhìn a-staigh thu.' Mar nach do dh'iarr am Freasdal, có a bha shuas air a' chnoc os cionn an taigh' againn ach ban-eucorach chòir choibhneil a bha 'nar nàbachd. Cha robh fainear dhise ach spòrs is gàireachdaich. Mhotaich i dhuinn a' tighinn, agus ma mhotaich, bha ceannach agamsa air a' chùis. Riamh bhon latha sin, bha i a' sìor tharraing asam mun bhalach, ach 'se a' chuid bu duilge dhen chùis gun gabhadh i dhachaigh gus a bhith staigh romham, agus bheireadh i duiseal air an aon iorram sin a h-uile latha mu choinneamh m'athar 's mo mhàthar – 'An tàinig e dhachaigh leat an diugh?' Bha ceannach agamsa air coibhneas a' bhalaich, agus air fealla-dhà mo bhanacharaid – ach cha robh fainear dhi ach spòrs is chan e an t-olcas.

Nis, bha fiughair mhór ormsa a' càradh orm dhan sgoil a' cheud latha. Bha fadachd air a bhith orm gus am fàsinnean mór, los gu faighinn dhan sgoil, ùine mhór roimhe seo. Mo thruaighe bhochd, mun do ruith an t-seachdain a-mach, thuit mo ghudan 's mo ghadan orm¹. Thar leam gu robh gach neach eile cho math san sgoil. Cha robh a' bhan-sgoilear againne, a bha mion-eolach air Gàidhlig Bharraigh, a' cleachdadh rinne ach a' Bheurla chruaidh Shasannach a' chuid mhór dhen ùine. Cha robh agamsa dhith sin ach dà fhacal – ‘*Yes*’ agus ‘*No*’ – agus bha mi ann an ceò. Chan fhóghnadh a' Bheurla fhéin, ach bha fuaim neònach aig a' chainnt mar gun tigeadh i a Lunnaidh neo Aimeireaga. Nuair a bu shine a dh'fhàs mi, thuig mi gum b'i a' Ghàidhlig cainnt nan truaghan bochda; agus nam biodh bloigheachas idir agad dhen Bheurla, gu feumadh tu a cur an céill cho luath 's a b'urrainn dhuit los gum biodh tu cho math ri càch ...

Bha mi fhìn a-nis air fàs searbh a bhith gun sgoil 's gun labhairt. Chuala mi té ag éigheach dhan tidsear aon latha, ‘*Please telling lies.*’ Trì latha as déidh sin, chuir mi suas mo làmh is dh'èigh mi fhìn na dearbh bhriathran, ged nach robh fhios agam bho thalamh gu dé bu chiall dhaibh. 'S fheàrr a bhith a dhìth a' chinna na a bhith a dhìth an fhasain!

(Ealasaid Chaimbeul, *Air mo Chuairt*, Steòrnabhagh 1987: 4–5)

*

97. CLANN-NIGHEAN AN SGADAIN, 1987

Nuair a thigeadh ciùrair ghar h-iarraidh bhiodh sinn ri faighinn an àirleis². Fhuair mise trì notaichean a' chiad bhliadhna de dh'èairleas. Agus bha ochd tasdain gu bhith againn san t-seachdain agus sia sgillinn sa bharail. Agus trì sgillinn san uair a thìde ri 'g ath-lionadh. Ach mus do sguir mise dhol ann chaidh beagan àrdachaidh a dhèanamh air a' phàigheadh.

Bhiodh feedhainn ri tighinn dhachaigh – clàrcan – agus bha boireannach à seo fhèin agus bhiodh iad ri sgrìobhadh thuic', agus bhiodh ise ri gabhail nan criuthaichean³. Gheibheadh

¹ bhris mo dhùil.

² *airleas* ‘airgead mar gheall air obair’.

³ *criutha* ‘sgioba’.

ise rud math airson a bhith ghan gabhail. Uaireannan còrr air fichead criuth.

Phàigheadh iad ar pasaids cuideachd, agus chuireadh iad not thugainn mus fhálbhadh sinn de dh'adbhans airson rud sam bith a bha sinn ri feumachadh. Bhiodh sinn ri toirt leinn tòrr stuth; bhiodh feedhainn dha na ciùrairean ann an Steòrnabhagh ri toirt dhuinn baraill falamh is bhiodh sinn gha lionadh làn bhriosgaidean agus ìm. Nuair a bha thu dol a Shealtainn bha e mar gum biodh tu dol eadar Col 's am Bac. Bhiodh e tighinn oirnn tòrr dhan bhiadh a thoirt leinn. 'S dòcha gur e mìos a bheireadh sinn an Sealainn, is thigeadh sinn a-rithist do Fraserburgh neo Ceann Phàdraig. Bliadhnaagan eile, bheireadh sinn an seusan ann – ann an Lerwick.

Bhiodh sinn ri fuireachd ann a hutaichean math – hutaichean ùra ann an Sealainn a' chiad bhliadhna – am poll mònach air ar cùlaibh às an robh sia foid ri tighinn. Bha Sealainn fèar mar a bha sinn flìn ann an seo, ach nach robh Gàidhlig ac'.

Cha robh oidhche ann an Sealainn ann, agus bhiodh sinn ag obair uaireannan fad na h-oidhche. 'S e bh'ann na bàtaichean-seòlaidh, agus bhiodh iad fada gun thighinn a-steach. Thigeadh iad uaireannan le *overdays*. Bhiodh sinn ri cumail air gu 'n crìochnaicheadh sinn na thigeadh a-steach. Bha e a rèir gu dè mar a bha an tìde dha na bàtaichean-seòlaidh. Bha na samhraidhean cho math an uair ud.

An cùbair na sheasamh ri toightigeadh nam baraillean, agus bhiodh tè na ruith às a dhèidh le clobhd agus peile bùirn ri nighe a' chinn agus tèile le teip agus steansail ri cur ainm a' chiùrair air a' bharail.

Bhiodh sinn ri dèanamh trì taghaidh air an sgadan, agus uaireannan barrachd air a sin. Bha còir againn dà stab a thoirt air a h-uile sgadan gha chutadh, ged nach biodh a h-uile fear ri faighinn sin.

Bhiodh uaireannan ann a Fraserburgh agus bhiodh tòrr taghaidh ann. Bha *big fulls, second fulls, mattie* is *mattie fulls*, agus feedhainn bheaga. Còig taghaidhean. Agus deireadh an t-seusain bhiodh *spent* ann cuideachd. Bhiodh uaireannan leis na *Stornoway*

matjes mealg agus iuchair annta, agus bhite ri toirt oirnn a bhualadh agus an iuchair agus a' mhealga a thoirt asd', agus bha sin ri dol a dh'Aimeireagaidh. Bha iad uabhasach *particular* mu dheidhinn nan *Stornoway matjes*. Cha chreid mi nach biodh *Stornoway matjes* ri dol air an teip a bhiodh a' dol air an sgadan sin, agus chan fhaodadh sinn tòrr salainn a chur orra a bharrachd. Sgadan Steòrnabhagh agus Bhàgh a' Chaisteil a b'fheàrr, tha e coltach. Bha iad mòr.

Ann an Sealainn bha boireannach agus bhiodh sinn ri dol thuice le *fry*, agus bhiodh i toirt dhuinn bainne. Ach bha àiteachan eile agus cha robh càil ann. Bha mi am Bressay cuideachd.

Ach ann am Fraserburgh bha sinn anns a' bhaile agus bha e tòrr na b'fhasa bhith beò, seach gu robh sinn am measg nam bùithtean. Bhiodh ministear agus eaglais againn ann an sin.

Bha gu leòr de chlann-nighean an sgadain ri pòsadh iasgairean. Bhiodh iad ri pòsadh ann an siud fhèin cuideachd. Bha Ceann Phàdraig fada na bu *homely* na Fraserburgh ...

(Tormod Calum Domhnallach, *Clann-nighean an Sgadain*, Steòrnabhagh 1987: 103–04)

*

98. ANNS AN TAIGH THUGHAIDH, 1992

Bha meudachd ann ach cha robh ann ach an dà sheòmar agus àite eatorra anns am biodhte gleidheil a h-uile seòrsa – bho sguab an ùrlair gu putaichean lion. Ann an uachdar an taighe bha leapa mhòr agus mullach oirre, a ghabhadh gu leòr a ghleidheadh air mar bha lìn 's a leithid sin. Bha i làidir air a dèanamh airson seo agus bha cùrtairean ris an aghaidh aice. Bhiodh cuibhrige brèagha do dh' iomadh dath oirre a fhuaras às a' mhuileann. Bha ceann na leapa ri cùl an taighe agus an cùlaibh aice an tacsa a' chailbhe bha eadar an cidsean agus a' chùil a bha sa' mheadhain.

Bha bòrd beag ri taobh na leapa agus bha 'n sin an dreasair le soithichean snoga flùrach – gu h-àraigd sreach de bhòbhlaichean

beaga nach eil idir ri fhaighinn a-nis. Bha dà dhrabhair agus dà phreas air. Air taobh eile 'n dreasair bha bocsa, neo furm, air an robh na bucaidean de dh' uisge glan às an tobair, le mullach fiodha air gach aon. Bha uinneag bheag air cùl an taighe. Ri taobh an uisge – ri ceann an taighe bha am bàrd bidhe agus furm mòr ri taobh an teine. Bha àite teine mòr an ceann an taighe le teine àlainn mòna agus slabhraids os a chionn air am biodh an coire no poit thrì-chasach mu seach. Is iomadh buntàta agus brisgean a chaidh a ròstadh anns a' ghriosaich aige rim chiad chuimhne. Bhiodh sinn a' faighinn nam brisgeanan aig àm cur a' bhuntàta agus bha iad blasda cuideachd.

'S e poitean iarainn is friochdan¹ agus greideil thiugh iarainn a dh' fheumte airson an teine fhosgalte gus am biadh a chumail gun losgadh. Cha dèanadh na poitean tha againn an-diugh feum. Cha robh àmhainn idir againn ach bhite dèanamh breacagan de dh' aran-flùir, coirce agus innseanach air a' ghreideil – an coirce air a dhèanamh tana agus ga chur ri aghaidh an teine airson crìochnachadh na bruich – agus dhèanadh mo sheanmhair bonnaich mhòra mhath le uighean is siùcar annta air an fhriochdan agus duff (ann a sgòd²) 's e làn rèasaidean anns a' phoit thrì-chasach.

Ri aghaidh an taighe bha beinge fiodha fon uinneig agus aig taobh an teine dhi bha na bollachan mine, gan cumail tioram is brat aodaich thairis orra. Cha b'ann am pacайдean beaga a gheobhte a' mhin aig an àm ud idir ach ann a leth-bholla, bolla neo air a thomhas 'na chlachan neo leth-chlachan. Mas cuimhneach leam bhiodh bolla flùir, leth-bholla coirce agus clach innseanach ga cheannach. Cha robh leithid de rud ann ri flùr le rud a dh'atadh i innte, dh'fheumte sòda-arain is cream a' tartair a chur innte ga fuine.

Aig ceann eile na beinge bha ciste mhòr le seotal innte airson phàipearan sònraichte is bha fios againn nach robh againn ri dhol 'na còir. Bhiodh an t-aodach math aig an teaghlaich innte

¹ aghann.

² brèid, clòbhd.

cuideachd ach bha dà chiste eile sa' cheann shìos anns an robh na plaideachan is an t-aodach eile nach robh cho cùramach. Cha robh preasaichean aodaich idir sna taighean tughaidh is 's e na cisteachan a bha gabhail an àite. Co-dhiù cha robh torran aodaich aig na daoine cumanta aig an àm ud mar tha againn an-diugh.

(Catriona NicNèill, *Mo Bhrògan Ura*, Glaschu 1992: 30–31)

*

99. A' BHREAC ANN AN HIORT (1730), 1995

'S iongantach gu robh bliadhna riamh ann an eachdraidh Hiort nach robh air a comharrachadh le a h-uirsgeul dhubhach fhèin. Ach anns gach greadanadh agus tabhoin a thàinig air an t-sluagh, tha e iongantach gun tainig sgrìob a-riamh cho dòrainneach orra 's a thàinig anns a' bhliadhna 1730. Tha toiseach na sgeòil anns an Fhoghar, 1729, nuair a bha sluagh tapaith fallain anns an eilean, agus aimsir bhòidheach chiùin aca airson obair fuinn agus eunachd. Anns an Dàmhair, a chionn 's gu robh dìth ghnothaichean-taighe air na mnathan, agus seach gu robh an aimsir cho math, dh'fhalbh seachdnar fhireannach leis an sgoth – an aon eathar a bh' anns an eilean – agus ghabh iad iùil air làimhrig an t-Oib anns na Hearadh.

Thàinig iad dlùth air fearann na Hearadh aig Horgabost. Lean iad gu deas le pilleag siùil ris a' chrann agus muir-tràghaidh an reothairt gan giùlain air an slighe. Bha na Hiortaich a' fiughair ri an ceann-uidhe a ruighinn mus tigeadh an oidhche, agus shaoil iad gu robh a h-uile rud air an seilbhe. Ach seo, 's ann a mhothaich iad fad astair mhiltean ri cladaichean na Hearadh gu robh faloisgean aig a h-uile baile. An siud 's an seo, bha an deathach cho dùmhail a' taomadh chun na mara 's nach mòr gum faiceadh na maraichean na comharraidh air tir. Thog sin deasbad nam measg, is iad a' ceasnachadh leotha fhèin carson a bha na Hearaich a' losgadh an cuid arbhair.

Thuirt fear aca gur ann a bha na Hearaich a' losgadh fodartughaidh, an àite dhaibh a bhith ga chur gu math na talmhainn. Ach 's ann a thuirt fear eile nach robh iad a' losgadh ach connlach leapannan. Co-dhiù, chaidh an deasbad a bha sin air adhart, ach nuair a rainig iad an t-Ob chual' iad an sin an fhìrinn. Bha na teinicheadan gan lasadh air feadh na Hearadh aig na dachaighean a bha gam fàsachadh leis a' bhreac ...

Nis, cha robh a' bhreac a-riamh air eilean Hiort a ruighinn agus cha robh càil a dh'fhiös aig na Hiortaich a bha air a thighinn gu làimhrig an t-Oib mun chunnart anns an robh iad. Bhruidhinn iad ri cailleach a bha air an tràigh a' tional maoraich. Thug ise a' chomhairle orra gun iad cas a chur air tìr, ach tilleadh dhachaigh.

Bha aona Hiortach air bòrd ris an abradh iad Dòmhnull Dòmhnullach, agus b' esan fear aig an robh làn-dhùil tè de chlann-nighean na Hearadh a phòsadh. Nuair a chual' esan an cunnart anns an robh a leannan, nach ann a leum e gu tìr. Dh'èigh e thar a ghuailne ri càch iad tilleadh air ais dhachaigh. Thill an sgoth gu Hiort agus dhùin dùblachd a' gheamhraidh mu na h-eileanan.

Air an ath shamhradh thill na h-eòin agus thòisich na Hiortaich, mar bu nòs, a' cruinneachadh uighean agus eunlaith; agus chaidh an sgoth le ceathrar fhireannach agus ochdnar chloinne gu eilean Bhoraraigh a ghlacadh nam buthaidean. Bha dùil gum biodh iad an sin airson trì seachdainean mus tigeadh an eathar air ais gan iarraigdh. Co-dhiù, air an ath latha an dèidh dha na seòid a dhol air tìr air Boraraigh, nach ann a thàinig bàta às na Hearadh gu Bàgh a' Bhaile leis an naidheachd gu robh Dòmhnull Dòmhnullach, a bha air a dhol air tìr anns an t-Ob a' bhliadhna roimhe, air a bheatha a chall leis a' bhreac. Chuir na Hearaich ciste bheag air tìr air a' chladach. Innte bha a h-uile stiall aodaich is eile a bhuineadh do Dhòmhnull. Ach gu mì-shealbhach, cha b' e tiomnad a' mhairbh an aon rud a bh' anns a' chiste. Nuair a chaidh an t-aodach a sgaoileadh aig an taigh-aire, bha mnathan an eilein gu lèir cruinn; 's beag a bha dh'fhiös aca, fhad 's a bha

iad a' làimhseachadh an aodaich agus a' caoidh Dhòmhnaill, gu robh iad a' sgaoileadh an-lochdan na brice nam measg fhèin.

Mar a dh'ainmicheadh a cheana, cha robh galair na brice riamh roimhe air Hiort a ruigheachd. Co-dhiù, thàinig rotach an ceann dhà no trì làithean, 's le sin cha robh càil a dhùil aig an sgiobadh a chaidh air tìr ann am Boraraigh gun tigeadh an sgoth thuca à Hiort. Ann an lùib na stóirm shocraich an aimsir, agus nuair nach do nochd an eathar dh'aithnich na fir gu robh rudeigin fada ceàrr air eilean Hiort. Bha na fir agus a' chlann a bha air Boraraigh cleachdte gu leòr ri allabanachd nan eilean. Bha pailteas bìdh aca am measg nan eun. Bha fasgadh aca, agus cha robh an aimsir an dàrna cuid fuar no fliuch. Ach a dh'aindeoin sin bha uallach orra gu robh creach uabhasach air choreigin air grèim a ghabhail air an càirdean.

